H.M. 193.



NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

H.M. 193.

# COMH-CHRUINNEACHADH

# ORAIN

# GHAIDHEALACH,

LE

RAONULL MACDHOMHNUILL,

ANN AN EILEIN EIGG.

ATH-LEASAICHTE

LE PARUIG TUAIRNEIR.

GLASGOW:
PRINTED AND SOLD BY JAMES DUNCAN, JUNR. BOOKSELLER, NO. 13, SALTMARKET.
*D. M'Kenzie, Printer.*
1809.

NATIONAL LIBRARY
B
26 MR
1935
OF SCOTLAND

LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

# PREFACE.

THE Gælic Language, now struggling for existence in a narrow corner, was once the mother tongue of the principal states of Europe. It was, in particular, and for a considerable length of time, the only language spoken by our ancestors, the ancient Caledonians.

The concise and nervous expression of this language; its passionate and elevated tone; display, in lively colours, the national spirit of Caledonia; that spirit which had effectually repelled the invasions of those who had torn the rest of Europe to pieces.

The intrinsic excellence of the language itself, added to that love of ancient customs so prevalent among mankind, and so conspicuous among the Caledonians, might seem, at first view, to give immortality to the Gælic tongue: But many political causes, which it is not my present purpose to enumerate, concurred to introduce the English language into this country, and to render it fashionable at Court.—From this period we date the decay of the

Gælic language. The English, which paved the way to honour and preferment, was naturally cultivated with care; while the Gælic, the knowledge or study of which could not then be attended with any emolument, and the speaking of which became even unpolite, was as naturally neglected, and often treated with contempt. The influence of these causes became the more obvious, and operated the more powerfully, the nearer they approached to our times; so that the very remembrance of a language, which had once been general over almost all Europe, was in danger of being entirely obliterated.

At this critical period a fortunate event happened. Some individuals, animated with the love of their native language, regretted the danger to which they saw it exposed. Compositions of great merit in the language were known to exist. Inquiry was made after these, with a view to publish them; and this was esteemed the best method of preserving the language itself. The inquiry was attended with considerable success; and a few years ago, some fragments of the best and most ancient Gælic Poetry were offered to the public in an English translation, inspired with a considerable share of the majesty, simplicity, and elegance of the original composition.

The appearance of these Poems excited universal attention. The Highlanders, perhaps, were the only people in Europe whom they

did not astonish. Independent of the beauty of their composition, they served to exhibit a picture of human manners so exalted and refined, that some persons, judging from their own depravity, could not believe the existence of the state it described. The general voice, however, declared in favour of the authenticity of the Poems; and the general voice has been supported by the opinions of men of genius and extensive learning*.—The delineation of Caledonian manners, exhibited in these poems, while it gratified the curiosity, commanded likewise the admiration of Europe. Men of taste and genius, in all parts, have coveted an acquaintance with a language which could boast of the name of OSSIAN; and could triumph, almost unrivalled, in the exalted character of FINGAL. Thus the love of the Gælic has been revived; and a taste for Gælic compositions has become general.

The Editor, moved by these considerations, and desirous to preserve his mother tongue, has bestowed much labour and expence, during the course of two years, in collecting the poems now offered to the public.

Most of the pieces in this volume have been composed within the last two hundred years; and hence some English words have been adopted in the Gælic compositions: Since the commencement of this period, the intercourse between the Highlands and the low country

* Lord Kaimes. Dr Blair.

has been considerable. The progress of society has given rise to new ideas, and occasioned the introduction of many arts, to which the Highlanders, in their state of ancient simplicity, were entire strangers, and for which, therefore, they could have no language. In this situation, it was but natural to expect, that the Gælic Poets of latter days, in alluding to those ideas and arts, should be reduced to the necessity of adopting, upon such occasions, the English idiom and the English term of expression. Excepting words introduced in this manner, and which could not be altered without doing violence to the meaning of the author, no expression has been admitted into the present Collection but what is pure Gælic, and no pieces have been received but those of approved merit.

All the songs are set to music. The nature of the language is such, that the words properly support the sound; the tunes are well adapted to the subject, and commonly known and sung by every person in the Highlands. The music is not of that light kind that can only tickle the ear; it has power to interest the passions and touch the heart. It has commanded the attention of a Sovereign, who is no less celebrated as a judge of the fine arts, than for his abilities in the cabinet, and his conduct in the field. This illustrious personage has procured, from a gentleman of North Britain, a collection of Highland tunes, and

he esteems them extremely valuable. Is it possible not to admire the music that can give pleasure to the King of Prussia?

The elegies on the death of some eminent men in the Highlands are not the composition of venal poets, straining to express sentiments they never felt; but the genuine effusions of the heart on the loss of a friend and protector; for such to them was the chief of their tribe. They looked on him as a father, whose commands they were bound to obey; he in return protected them from injuries, relieved their necessities, and supplied their wants; and the very lowest of his dependants were admitted to his hospitable board, and rejoiced with him in the hall. Expressive of this is a saying now grown proverbial in the Highlands: *Suidhe thuairn-fhear; suidhe thail fhear; suidhe gach duine mar as deise, agus suidhe usa leisd-fhear:* "Sit down, turner; sit down, taylor; sit down every man as is convenient, and sit down, thou arrow-maker."

The second volume* will consist of Poems of a much older date than those of the first, some being as far back as the third and fourth centuries. As our ancestors were then surrounded with enemies on all sides, their military exploits will employ the greatest part of the book. If we live in happier times, when we can have leisure to apply to the soft arts of peace, let us pay at least a tribute of gratitude to the me-

* The second volume was never published.

mory of those heroes of ancient days, to whose valour it is owing that we are yet a people. They fought for us before we had any existence, and their breasts once glowed with the love of fame. In Greece or in Rome, statues and altars would have marked the scene of every glorious deed; all that is asked of us is, That we should not let their names and their language entirely perish.

——*Egregias animas quæ, sanguine, nobis*
*Hanc patriam peperere, suo, decorate supremis*
*Muneribus.*

# INSTRUCTIONS

## FOR READING THE

# GÆLIC LANGUAGE.

FOR the more easy perusal of this work to those who are not expert in reading the language, though perhaps their mother tongue, the following general rules are laid down, called by our grammarians the pronounciation of the *secondary mutes*. *bh* is always sounded as a *v* consonant; as, from *Bru* (a belly), *Do bhru* (thy belly), must be read as if written *Do vru*. *ch* as the Greek χ, or as the Scots pronounce the *ch* in the words *character* and *chaos*: as, *Mo chlann* (my children), must be read as if written *Mo χlann*. *dh* before a vowel, whether in the beginning or middle of a word, has the same pronounciation with *y* So; *Dhosan* (unto him), and *Cradhach* (tormenting), must be read as if written *Yosan Crayaχ*· *f h* is never at all pronounced. So, *O f hir!* (O man!), *Fhuil fein* (his own blood), must be read *O 'ir! 'uil fein*. *gh* is commonly pronounced as *dh*; so that these two letters are often used indifferently. *mh* is pronounced as a *v* consonant. So, *Mo mhallachd dhosan* (my curse unto him), must be read, *Mo vallaχd yosan*. *ph* is always pronounced as in the English. *sh* is pronounced as *h* alone, though *s* be commonly equal to the English *sh*. So

*Sean* (old), is to be read, *Shean:* but when the sense is changed, as if one was saying, *O a shean duine!* (O old man!), the *s* is not to be pronounced, but read as if written *O a hean duine!* But being (as we call it) the possessive letter, it must always be used. *th* has the like pronounciation. So, *A theine loisgich!* (O burning fire!) must be read, *A heine loisgix*.

It is likewise to be observed, that *s* loses its sound after *t*. So, *Feadh an tsaoghail* (through the world), is to be read, *Feay an taoyail.* And also all the vowels that have this accent (') above them are to be pronounced long, in whatever part of a word it may occur.

# AN CLAR-INNISEACH.


| | Taobh. |
|---|---|
| MIANN a Bhaird a fhuair aois | 15 |
| Prosnuchadh Càtha Dhomhnuill à 'h Iola | 19 |
| Oràn na comhachaig | 21 |
| Oran cùmhadh choire 'n easa | 30 |
| Marbh-rann do Shir Seumas Domhnullach | 35 |
| Marbh-rann Dhomhnuill ghuirm oig | 37 |
| Marbh-rann do mhac Dhùghail Dhùnolladh | 40 |
| Fuàim a 'n taif le Inghinn Alastair ruaidh | 41 |
| Oràn le Inghinn Alastair ruaidh do Shir Tormaid | 45 |
| Oràn le Pol crubach do Iain màc Shir Ruairidh | 48 |
| 'N crònan le Inghinn Alastair ruàidh | 51 |
| Oràn le Uilliam Mac Coinnich | 56 |
| Oràn le Alastair Mac Coinnich | 59 |
| Oran le Iain Bèton | 60 |
| Oran do mhac Shimidh | 63 |
| Cùmhadh do mhac Leod | 66 |
| Oran le Ruairidh Mac Mhuirich | 72 |
| Oran do mhac mhic Aillein | 78 |
| Marbh-rann do mhac mhic Aillein | 81 |
| Cùmhadh chlann Domhnuill | 84 |
| Oran le Nial Mac Mhuirich | 87 |
| Marbh-rann do mhac mhic Aillein | 89 |
| Moladh an leoghuinn | 92 |
| Oran do Shir Lachuinn Mac Gilleain | 99 |
| Oran do Lachunn Mor Màc Ghilleain | 103 |
| Oran do dhaoine uaisle 'n Ealain sgiathanaich | 107 |
| Oran do 'dh Aonghas bhaile fhiunlaidh | 111 |
| Oran do dh' Alastair dugh Ghlinne-garaidh | 113 |
| Oran do mhac Ionmhuinn an 't shratha | 114 |
| Oran do dh' Eoin breac Mac Leod | 117 |

| | Taobh. |
|---|---|
| Lùinneag mhic Leod | 121 |
| Lùinneag le Callum a Ghlinne | 125 |
| Lùinneag le Iain Mac Dhubhail mhic Lachuinn | 127 |
| Bhanarach dhonn le Alastair Mac Dhomhnuill | 129 |
| Failt na Mor-thìr leis an aon cheudna | 132 |
| Iorram leis an aon cheudna | 135 |
| Oran do Shir Iain Mac Ghilleian | 139 |
| Rainn le Domhnull Friosal | 146 |
| Marbh-rann Alastair uaibhrich | 147 |
| Cumhadh Alastair dhoinn | 149 |
| Cùmhadh do dh' Iarla Earraghaidhail | 152 |
| Imirich Alastair a Eignaig | 157 |
| Beannachadh luinge chlann Raonuill | 160 |
| Oran do Dhomhnull gorm | 180 |
| Oran do thriath Dhùbhairt | 182 |
| Oran le Iain Mantach do Dhomhnuill gorm òg | 184 |
| Oran do 'n teasaich | 187 |
| Oran do dhìas Inghin mhic Dhomhnuill dùibh | 189 |
| Oran do dh Eachunn ruadh na 'n càth | 192 |
| Oran do Thighearna Ghranta | 196 |
| Oran le fear Aichealdi | 199 |
| Oran Roinruairidh | 202 |
| Cuir a chinn dileas tharum do lamh | 208 |
| 'N ceann dileas air dhoigh eile | 209 |
| Oran le Iain lòm do Shir Seumas | 211 |
| Oran an 't shamhraidh | 214 |
| Ault an 't siùcair | 219 |
| Carraid is namhaid a 'n uisge bheatha | 227 |
| Oran le Issachari Mac Aulay | 234 |
| Marbh-rann le mac fir ard na bidhe | 237 |
| Oran nam Finneacha gaidhleach | 241 |
| Oran do dh Eachann Mac Ghilleain | 247 |
| Oran do mhac Leod | 249 |
| Oran do Inghin fir Gheamboill | 253 |
| Murt Ghlinne Comhann | 255 |

| | Taobh. |
|---|---|
| Marbh-rann ùisdain Bhaile shear | 259 |
| Smeoràch Chlann-Raonuill | 260 |
| Ioram na truaighe | 265 |
| An duanag ùllamh | 267 |
| Smeorach Chlann Domhnuill | 271 |
| Oran le Iain lom, do Ghlean-garradh | 274 |
| An gilleadh dùth ciar dhùth | 278 |
| Oran le mac mhic Raonail | 280 |
| Oran le Alastair ardna bidhe | 283 |
| Oran Shir Eoghan Camron | 287 |
| Oran le te ga leannan | 292 |
| Oran do dh'Alastair mac Colla | 295 |
| Oran le Fòrsair choiranti | 298 |
| Oran dh'Alastair Ghlean-garradh | 300 |
| Mac Grigoir a Ruarudh | 302 |
| Oran le ———— ga leannan | 305 |
| Oran do thròd na m'ban eiggach | 307 |
| Oran le Iain mac Ailein | 309 |
| Oran dò Lachluinn Triath Chola | 311 |
| Oran le Àndra mac an Easbùig | 314 |
| Oran le mac Iain mhic Eoghan | 317 |
| Oran do dh'fhear Thaillaisgair | 319 |
| Oran do dh'Iain mac Shir Tormaid | 321 |
| Laoidh air a bhàs | 324 |
| Oran do dh'Uilliam mac Leod | 329 |
| Oran do n' olladh shasgunnach | 332 |
| Oran do dh'Alastair mac Dhomhnuill | 336 |
| Ioram | 339 |
| Oran le Iain lom do Shir Domhnùl | 341 |
| Oran do Inghinn fir thir na drise | 345 |
| Oran a gheamhraidh | 348 |
| Oran le duine uasal arait | 353 |
| Oran leis an duine uasal cheudna | 355 |
| Oran le fear Bhatarsa | 357 |
| Oran eile leis an aon cheudna | 250 |

| | Taobh. |
|---|---|
| Oran gaoil le mac Cailein | 361 |
| Marbh-ran Ach-nabreac | 362 |
| Oran rinn m bard mac Mhathain do Triath Clann-Choinnich | 363 |
| Ioram rinn te ga leannan | 365 |
| Oran do mhac Dhonchaidh Ineraugh | 368 |
| Oran do Shir Eoghan Camron | 371 |

## TRANSLATIONS.

| | Page. |
|---|---|
| The aged Bard's wish, introduction to | 373 |
| ———— translation | 377 |
| An Ode to May | 381 |
| M'Leod's Lament | 384 |
| A Dream | 386 |
| Description of Cuthullin's Sword | 387 |

# CO-CHRUINNEACHADH

DO

# DH'ORAIN

# GAIDHEALACH.

---

## Miann a Bhaird a fhuair Aois.

I.

O! Càiribh mi re toabh na'n allt,
A shiubhlas mali le cèimibh ciuin;
Fuidh sgàil a bharaich leag mo cheann
'S bi' thusa, a Ghrian, ro chàirdeil rium.

II.

Gu socair sìn san fhèur mo thaobh
Air bruaich na'n dìothan 's na'n gaoth tlà
Mo chos ga sliobadh sa bhraon mhaoth
'Se lubadh thaireis caoin tre'n bhlàr.

III.

Bioidh sobhrach bhàn 's àilidh snuagh
Mu'n cuairt do m' thûlaich 's uain' foi dhruchd,
S a neoinein beg 's mo làmh foidh chluain
'S an ealabhuidh ri m' chluais gu cur'.

IV.

Innsibh, o thrèig mo shuil, a ghaoth,
C'àite bheil a chuilc aig gabhail tàmh,
Le glaoghain broin, 's na bric ri taobh
Le sciath gun deo aig cunbhail blàir.

V.

Mu'n cuairt do bhruachabh àrd mo Ghlinn,
Biodh lubadh ghèug a's orra blàth,
'S clann bheag na 'm preas aig tabhairt seinn
Air creagabh aosd' le h orain gràidh:

VI.

Biodh thusa ri dosan na'n Tom
Le cumha do ghaoil ann ad Bheul,
Eala; a thriall o thir na'n tonn,
'S tu seinn dhomh ciuil ann àird na'n spèur.

VII.

Briseadh tre chreig na'n eithean dlu,
M' fuaran ùr le torraghan trom,
A's freagradh mac Talla gach ciuil,
Ri strann-fhuaim srutha' dlu na'n Tonn.

VIII.

Freagradh guth gach cnuic a's gach slèibh,
Ri binn-fhuaim ghèur na'n aighean mear
'N sin cluinnidh mise mile gèum,
Aig rith mu'n cuairt domh 'n'iar san ear.

IX.

Sruthadh air sgèith na h osaig mhin,
Glaoghan mhaoth na'n Cro gu m' chluais,
'N sin freagraidh a mheanbh sprèidh 'n 'ar chluinn
An gineil 's iad a rith a nuas.

X.

Mu'n cuairt domh bioidh luth-chleas laoigh
Re taobh na'n sruth no air an leirg,
S an minnein beag do'n chomhrag sgith
Am achlais aig codal gun chèilg.

XI.

O! manam faic an Righin og,
Fo 'sgeith na daraig Riogh na'm blàth
'Lamh-shneachd fo 'ceann, measg chiabhan oir
Sa meall-shuil chiuin air og a gràidh.

XII.

Easan a seinn re 'taobh, 's i balbh,
Le croidhe 'lèum 's a snamh na cheol,
An gaol o shuil gu suil a falbh,
'Cur stad air feigh air sleibhte mor.

XIII.

Nois thrèig an fhuaim 's tha 'cliabh mìn-gheal·
Ri uchd 's ri croidh a gaoil a fàs,
'Sa bilibh ur mar ros gun smal
'M bilibh a gaoil gu dluth ann sàs.

XIV.

Solas gun chrioch do'n chomunn chiuin
'Dhuisg dhomh an t aoibhneas àit nach pill,
'S beannachd do t anamsa a ruin
A nighin chaoin na'n cuach-chiabh grinn.

XV.

O! ceum an t shealgair ri mo chluais.
Le strannadh ghath a's chon feadh slèibh,
'N sin dearrsaidh an oig air mo ghruaidh
'N uair 'dhèireis toirm air sealg an fhèigh.

XVI.

Duisgidh an smior a'm' chnaimh n'ar chluinn
Mi tailmrich Dhos a's chon a's shreang,
'Nuair ghlaodhar, " thuit an Damh" ta m' bhuinn
Aig lèum gu beo re ard na'm Beann.

XVII.

Sin chi mi arleom an gadhar,
A leanadh mi anmoch a's moch,
S na sleibh ba mhiannach leam bhi taghal,
'S na creagan a fhreagradh do'n Dos.

XVIII.

Chi mi an uamh a ghabh gu fial
'S gu tric ar cèimibh o'n oiche,
Dhuisgeadh ar sunnt ri blas a crann,
'S 'n a solas chuach ba mhor aoibhneas.

XIX.

Biodh ceo ar fleagh bhar an fheigh,
Ar deoch a Trèig 's an tonn ar ceol,
Ge d' sheinneadh Tathaisg 's ge d' ranadh slèibh,
Sint 's an uamh ba sheamh ar neoil.

XX.

Chi mi scur-eilt air bruaich a ghlinn,
An gair a chuach gu binn an tos,
A's gorm mheall ailt na milè giubhas,
Na'n luibhean na'n earba 's na'n lon.

XXI.

Chi mi loch ealain na'n craobh,
'S an caorann air lubadh thar Tuinn,
* * * * * * *
* * * * * * *

XXII.

Chi mi beinn aird is ailidh snuamh,
Ceann-feaghnadh na milè Beann
Biodh aisling na'n Damh na ciabh,
'Si leaba na' nial a ceann.

XXIII.

'N do threig u mi aisling na'm buagh,
Pill fathast, aon sealan beag, pill;
Cha chluinn u mi ochoin 's mi truagh!
O! a bheannabh mo ghraigh slan libh.

XXIV.

Slan le comunn caomh na h oige
A's oigheanan boidheach slan libh,
Cha leir dhomh sibh, dhuibhse ta solas
'N t shamhraidh 's è mo gheamhra's e chaoidh.

XXV.

O! cuiribh mi re grèin tra noin
Fo 'n bharach aig siubhal an loin,
'S air an t sheamraig 's ann san neoineim,
'N tig aisling na h oige am choir.

XXVI.

Biodh cruit a's slige lan ri m' thaobh,
'S an sgiath dhion mo shinsear sa chath.
Fosglabh 'n Tall' beil Oisian a's Daol,
Thig 'm feasgar 's cha bhi 'm Bard air bhrath.

XXVII.

Ach o! mas tig è, seal ma'n triall mo cheò,
Gu teach na'm Bard air ard-bheinn as nach pill,
Thugabh dhomh chruit 's ant shlige dh' iunsaidh
'n ròid
An sin mo chruit 's mo shlige graidh, slàn libh.

---

Prosnuchadh-catha *roineadh le* Lachun-Mor-Macmhuireach-Albainnich, *do* Dhomhnuil *a Iola, Riogh* Inshagaill, *agus Iarla* Rois; *la Machrich Cathgariach, Thugadh* è *June* 11. 1411.

A Chlannibh ciuin, cuimhnichibh
Cruas an am na hiorghacle,
Ga arnich, ga arronta,
Ga athlif, ga allonta,
Ga beodha, ga baramhil,
Ga brioghor, ga buan-fhergach,
Ga calama, ga curonda,
Ga crodha, ga cath-buaghach,
Ga duir, 's ga daisunnach,
Ga dion, 's ga deugh-fhuillin,
Ga êidi 's ga èicoil,
Ga tortail, ga furichair,
Ga frithair, 's ga forniata.

Ga gruamich, ga grainemhol,
Ga gleusda, ga gaisgemhol,
Ga hinnil, ga hintinach
Ga hiolichdich, ga huima-ghonach,
Ga laomsgir, ga lain-athlif,
Ga laidir, ga luabhuillach,
Ga hullimh, ga herighilach,
Ga holl-bhorb, ga hathisach,
Ga merragha, ga moirchriadhach,
Ga menimnach, ga miolanta,
Ga nimhnich, ga naimhdemhol,
Ga niata, ga naimheglach,
Ga obbinn, ga olla-ghniomhich,
Ga prap, 's ga priom-hurlambh,
Ga proishoil, ga pruinsamhol,
Ga ruaimnich, ga rodhana,
Ga ro-bhorib, ga riodhamhol,
Ga santach, ga seanamhol,
Ga socair, 's ga sarbhuailta,
Ga tenti, ga toggirrach,
Ga talcarra, ga froigheasgi,
Ga urlabhach, ga urmhaishaol,
Ga cosnidh na cath-larach,
Ri bruinnidh, air buidhidhi,
A clanna chuin-ched chathach,
A nios uair air naithinicha,
A chiulenin conifidhach,
A bheirichin bunonta,
A leoghinin lainghasta,
Aonchonibh Irighilach,
Do chaoiribh crodha, curonta,
Do clannimh chuinn, cheid-chathuch,
Clanibh cuin cuimhnichimh,
Cruais an am no hirighila.

## ORAN *na Comhachaig.*

I.

A Chomhachag bhochd na sroine,
A nochd is bronach do leabadh,
Ma bha u ann re linn Donnaghail,
Cho n iunadh ge trom leat t aigne.

II.

'S co-aoise mise do'n daraig,
Bha na fhaillein ann sa choinnich,
'S ioma linn a chuir mi romham,
'S gur mi comhachag bhochd na stròine.

III.

Nois o'n a thà u aosda,
Deansa t aoisid ris an t sagairt,
Agus innis dhà gun èaradh,
Gach aon sgèula ga bheil agad.

IV.

Cho d' roinn mise braid no brèugan,
Claon na tearmad a bhriste,
Air m fhear fèin cha d' roinn mi iumluas,
Gur cailleach bhochd iùnraig mise.

V.

Chonnacas mac a Bhrithe chalma,
Agus Feargus mor an gaisgeach,
Agus Torradan liath na sroine,
Sin na laoich bha domhail taicail.

VI.

O'n a' thòisich u re seanachas,
A's èigin do leanmhuinn nas faide,
Gu 'n ro 'n triur bha sin air foghnadh,
Ma 'n raibh Donnaghail ann san Fhearsaid.

VII.

Chonnaic mi Alastair carrach,
An Duie is alloile bha 'n Albainn,
'S minig a bha mi ga èisteachd,
'S e aig reiteach na'n tom sealga.

VIII.

Chonnaic mi Aonghus na dheaghaidh,
Cho b' e sin raghuinn ba tàire,
'S ann san Fhearsaid a bha thuineadh,
'Sroinn e muileann air allt Larach.

IX.

Ba lìonar cogadh a's creachadh,
Bha 'n Lochabar ann san uair sin,
Ca te am boidh tusa gad' fhalach,
Eoin bhig na mala gruamaich.

X.

A's ann a bha cuid do m' shinsreadh,
Eadar an Innse 's an Fhearsaid,
Bha cuid eile dhiu' ma'n deathagh;
Bhiodh iad aig èabhach fa'n fheasgar.

XI.

'N uair a chithinnse dol seachad,
Na creachan agus am fuathas,
Bheirinn car beag fàr an rathaid,
'S bhi' inn grathunn sa chreig ghuanaich.

XII.

Creag mo croidh-se a chreag ghuanach,
Chreag an d' fhuair mi greis do m' àrach,
Creag na'n aighean 's na'n damh siùbhlach,
A chreag aidhireach urail ianach.

XIII.

Chreag ma'n iathadh an fhàoghait,
Ba mhiann leam a bhi ga taoghal,
'N uair ba bhinn guth gallain gaodhair,
A cur graigh gu gabhail chumhainn.

XIV.

'S binn na h iolarain ma bruachabh,
'S binn a cuachan 's binn a h eala,
A's binne no sin am blaoghan,
Ni an laoighein mean-bhreac ballach.

XV.

A's binn leam toraman na'n dos,
Re uilinn na'n corri-bheann cas,
'San eilid bhiorach is caol cos,
Ni foise fuidh dhuilleach ri-teas.

XVI.

Gun do chèil aic ach an damh,
'S e 's muime dhi feur a's cneamh,
Mathair an laoigh mhean'-bhric mhir,
Bean an f hir mhal-rosgaich ghlain.

XVII.

'Siubhlach a dh' f halbhas e raon,
Codal cha dean ann sa'n smur,
B' f heair leis no plaide fui' thaobh,
Bàr an f hraoich bhadanaich ùir.

XVIII.

Gur h aluinn sgiamh an Daimh dhuinn,
Thearnas o shireadh na m beann,
Mac na h eilte ris an t shonn,
Nach no chrom le spid a cheann.

XIX.

Eilid bhinneach, mheargannt, bhallach,
Odhar eangach uchd re h àrd,
Damh togbhalach croic-cheannach sgiamhach,
Chronanach ceann-riadhach dearg.

XX.

Gur gasda a rithe tu suas,
Re leachduinn chruaigh a's i cas,
Moladh gach aon neach an cù,
Ach molams 'n tru tha dol as.

XXI.

Creag mo chroidh-se a chreag mhoir,
'S ionmhuinn an lòn tha fuidh ceann,
'S annsa an lag tha air a cul,
Na machthir a's * mùr na'n gall.

XXII.

M, annsachd beinn sheasgach nam fuaran,
'N riasgach o'n dean an damh rànan,
Chuireadh gadhar is glan nuallan,
Feigh na'n ruaig gu h inbhir-mheorain.

XXIII.

B' annsa leam na dùrdan bodaich,
Os ceann lic aig eararadh sìl,
Bùirein an daimh 'm bi ghne dhuinnid,
Air leacainn beinne 's e ri sin.

XXIV.

'N uair bhùiris damh beinne bige,
'S a bhèicis damh beinn na craige,
Freagraidh na daimh ud da cheile
'S thig feigh a' coire na snaige.

XXV.

Bha mi o'n rugadh mi riabh,
Ann an caidribh f hiagh a's earb',
Cha n f hachda mi dath air bian,
Ach buidhe, riadhach, a's dearg.

XXVI.

Cha mhi f hin a sgaoil an comunn,
A bha eadar mi 'san chreag ghuanach,
Ach an aois ga'r to'irt o cheile,
Gur grathunn an f heil a f huaras.

XXVII.

Si creag mo chroidhe-se chreag ghuanach,
A chreag dhuilleach, bhiolaireach, bhraonach,
Na 'n tulach àrd, aluinn, fiarach,
Gur cian a ghabh i o'n mhaorach.

* *Daingneach.*

XXVIII.

Cha mhinig a bha mi'g eisteachd,
Ri seitrich na muice mara,
Ach 's tric a chuala mi moran,
Do chrònanaich an Daimh allaidh.

XXIX.

Cha do chuir mi duil san iasgach,
Bhi ga iaraidh leis a mhadhar,
'S mor gu'm b' annsa leam am fiaghach,
'S bhi air falbh na'n sliabh is t fhaghar.

XXX.

'S eibhinn an obair an t sealg,
'S àit a cuairt ann airde beachd,
Gur binne a h, aidhir 's à fonn
Na long a's i dol fuidh beairt.

XXXI

Fhad sa bhithinu beo na mairiunn,
Deoth dheth 'n anam ann mo chorp,
Dh' fhanainn am fochar an fheigh,
Sin an spreidh an robh mo thoirt.

XXXII.

C'àit an cualas ceol bu bhinne,
Na mothar gadhair mhoir a' teachd,
Daimh sheanga na'n rith le gleann,
Miolchoin a' dol annta 's ast'.

XXXIII.

'N uair a bha mi air an da chois,
'S moch a shiubhlain bhos a's thall,
Ach anois on fhuair mi tri,
Cha ghluais mi ach gu mìn mall.

XXXIV.

Tha blath mo bhogh' ann am uchd,
Le agh maol odhar is ait,
Ise geanail 's mise gruamach,
'S cruaidh an diu nach buan an t slat.

XXXV.

'S trragh an diu nach beò an f heoghain,
Gun ann ach an ceo do'n bhûidhinn,
Leis 'm bu mhiannach gloir na'n gadhar,
Gun mheoghail gun òl gun bhruithinn.

XXXVI.

Bratach Alastair na'n Gleann,
A srol faramach ri crann,
Suaitheantas soilleir siol Chuinn,
Nach do chuir suìm an clannabh gall.

XXXVII.

'S ann an Cinn-ghiubhsaich na luidhe,
Tha namhaid na graighe deirge,
Lamh dheas a mharbhadh a bhradain,
Bu mhath e 'n tabaid na feirge.

XXXVIII.

Dh, f hag mi san ruidhe so shios,
Am fear a b' olc dhomhsa bhas,
'S tric a chuir e a thagradh an cruas,
An cluais an Daimh chabraich an sas.

XXXIX.

Raonull Macdhomhnuill ghlais,
Fear a f huair fòghlum gu deas,
Deagh Mhac Dhonuill a chùil chais,
Ni'm beo neach a charaig leis.

XL.

Alastair croidhe na'n gleann,
Gun e bhi ann smor a chreach,
'S tric a leag u air an tom,
'N damh donn leis a choin ghlais.

XLI.

Alastair Mac Ailain mhoir,
'S tric a mharbh sa bheinn na feigh,
'Sa leanadh fad air an toir,
Mo dhoigh gur Domhnullach treun.

XLII.

A's Dòmhnullach u gun mhearachd,
Gur tu buinne geal na cruaghach,
Gur càirdeach u do Chlannchattain,
'S gur dallt u do 'n chreig ghuanaich.

XLIII.

Ma dh' fhàgadh Domhnull a muigh,
Na aònar a' tigh na fleagh,
'S gearr a bhios gucag air bhuil,
Luchd a chruibh bithidh iad a stigh.

XLIV.

Mi'm shuidh air sìoth bhruth na m beann,
A coimhead air ceànn locha treìg,
Creag ghuanach am biodh an t seàlg,
Grianan àrd am biodh na fèigh.

XLV.

Chi mi na dubh-lochain uam,
Chi mi chruach sa bheinn bhreàc,
Chi mi strath Oisian na m Fiann,
Chi mi ghrian air meall nan leàc.

XLVI.

Chi mi Beinniobhais gu àrd,
Agus an càrn dearg ra bun,
A's coire beag eile ra taobh,
Chìt a's munadh faoin 'us muir.

XLVII.

Gur rìomhach an coire dearg,
Far 'm bu mhiannach leinn bhi sealg,
Coir' na'n tulachanan fraoich,
Innis na'n laogh 's na'n Damh garbh.

XLVIII.

Chi mi braidh bhidein nan dòs,
'N taobh so bhos don sgura lìth,
Sgura chòinnich na'n Damh seang,
Ionmhuiun leam an diu na chi.

XLIX.

Chi mi strath farsaing a chruibh.
Far an labhair guth na'n sònn,
A's coire creagach a Mhaim,
A' minig an tug mo làmh toll.

L.

Chi mi garbh bheinn na'n damh donn,
Agus slat bheinn na'n tom sìth,
Mar sin agus an leitir dhubh,
'S tric a rinn mi fuil na' frì.

LI.

Soraidh gu beinn allta uam,
O'n 's ì fhuair urram na'm beann,
Gu slios Loch-eireachd an fheigh,
Gu'm b' ionmhuinn leam fèin bhi ann.

LII.

Thòir soraidh uam thun an Loch,
Far am faicte 'bhos a's thall,
Go uisge Leamhna na'n lach,
Muime na'n laogh breac's na meann.

LIII.

S' è Loch mo chroidhse an Loch,
An Loch air am biodh 'n Lach,
Agus iomad eala bhàn,
'S bhiodh iad a snàmh ma seach.

LIV.

Olaidh mi a Trèig mo theann-shath,
Na dhèidh chabhi mi fu' mhulad,
Uisge glan na m fuaran fallain,
O'n seang am fiagh a nì 'n langan.

LV.

'S buan an comunn gun bhristeadh;
Bha eatar mise 's an t uisge,
Sùgh na mor bheann gun mhisge,
Mise ga òl gun trasgadh.

LVI.

'S ann a bha an communn bristeach,
Eadar mise 's a chreag sheilich,
Mise gu bràth cha dìrich,
Ise go dìlinn cha teirinn.

LVII.

O labhair mi sibh gu lèir,
Gabhaidh mi fhein dibh mo chead,
Dearmad cha dean mi san àm,
Air fiaghach ghleann na m beann beag.

LVIII.

Cead is truaighe ghabhas riàmh,
Do 'n f hiaghach ba mhòr mo thoil,
Cha 'n fhalbh le bogha fui' m' sgèith,
'S gu la bhràth cha leig mi coin.

LIX.

Mise a's tusa ghadhair bhàin,
'S tursach air turas do 'n ealain,
Chaill sinn an tathunn a's an dàn,
Ge d' bha sinn grathunn ri ceanal.

LX.

Thug a choille dhìotsa an earb',
'S thug an t àrd dhìomsa na fèigh,
Cha n eil nàire dhùinn a Laoich,
O'n luidh an aois òirnn le chèil'.

LXI.

Aois cha n'eil u meachair,
Ge nach fèador leinn do sheachnadh,
Cromaidh tu 'n duine direach,
A dh' fhàs gu mìleanta gàsda.

LXII.

Gearraichidh tu a shaoghal,
A's caolaichidh tu a chasan,
Fagaidh tu cheann gun deudach,
'S ni u eadunn a chasadh.

LXIII.

Aois chasaodunach, pheallach,
A shream-shuileach, odhar, èididh,
Cia ma 'n leiginn leat a lòbhair,
Mo bhogha thòirt dhiom airèiginn.

LXIV.

O'n 's mi fhin ab' fhearr an airidh,
Air mo bhogha ro-mhath iubhair,
Na thusa aois bhothar sgallach,
Bhios aig an teallach ad shuidhe.

LXV.

Labhair an aois a rithis,
'S mo 's righinn tha thu leantail.
Ris a bhogha sin a ghiùlan,
'S gur mò ba chuibhe dhuit bata.

LXVI.

Gabh thusa uamsa 'm bàta.
Aois ghrànda chairtidh na plèide,
Cha leiginn mo bhogh' leatsa,
Do mhathas na d'ar, eiginn.

LXVII.

'S iomadh laoch ab' fhearr na thusa,
Dh' fhàg mise gu tuisleach an-fhann,
'N dèigh fhaobhachadh as a sheasamh,
Bha roimhe na fhleasgach meamnach.

---

ORAN *cumhadh* Choire-'n easda *leis a* Phiobaire *dhall.*

I.

MI 'N diu a' fàg'ail na tìre,
'Siubhal na frìgh air a leath-taobh,
'S è dh' fhàg gun airgiod mo phòca.
Ceann mo stòir bhi fuidh na leacabh.

II.

'S mi ag bràighe 'n alltain riabhaich,
Aig iaraidh gu beallach na fèatha,
Far am bi Damh dearg na cròichde,
Mu fhèill-cain-roid dol san dàmhair.

III.

'S mi 'g iaraidh gu Coire an easa,
Far a minig 'n do sgapadh fùdor,
Far am biodh miol-choin ga 'n teirbeirt*,
Cur mac na h èilte da dhùbhlan.

IV.

Coire gun easbhuidh gun iomrall,
'S tric a bha Reabard ma d' chomraich,
Cha n'eil uair a ni mi t iumradh,
Nach tuit mo chroidhe gu trom-chràdh.

V.

'S è sin mise coire an easa,
Tha mi m sheasabh mar a b' àbhaist,
Ma thà thusa t fhear ealain,
Cluinnemid annas do làimhe.

VI.

An aill leat mise a rusgadh ceoil duit,
'S mi am shuidhe mar cheò air bealach,
Gun speis aig duine tha beò dhiom,
O'n chuaidh an Còirneal fuidh thalamh.

VII.

Mo chreach mo thùrsa 's mo thruaighe,
Ga chuir san uair so dhomh san fhìre,
Mhuinntir a chumanh rium uaisle,
Bhi 'n diu sand san uaidh ga m dhì-se.

VIII.

Na'n creide tu uam a choire,
Gur a doran sud air m' inntinn,
'S cuid mhoir e dh' abhar mo lei-fgeoil,
Nach urrainn mi seasa ri seinn duit.

* *Claoidh*

IX.

Measar dhomh gur tu mac Ruairidh,
Chunnaic mi marris a Chòirneal,
'N uair a bha è beo na bheatha
Bu mhiann leis do leathaid na sheòmar.

X.

Ba lion'ar do mhaithean na h Eirionn,
Thigeadh gu m' rèlien le h eälaidh,
Shienneadh Ruairidh dall dhomh fàilte,
Bhiodh mac Aoidh 's a chairdean mar ris.

XI.

O'n tha thusd a' caoih na'n àrmunn,
Leis am b' abhaist bhi ga d' thaghal,
Gu 'n seinneams' eälain gun duais duit,
Ge fada uam 's mi gun fhradharc,

XII.

'S lionar caochladh teachd san t saoghal,
Agus aobhar gu bhi dubhach,
Ma sheinneadh san uair sin duit fàilte,
Seinnear an tra so dhuit cumha.

XIII.

'S è sin ceòl is binne thruaighe,
Chualas o linn mhic Aoidh Dhòmhnnuill,
'S fada mhaireas è am chluasabh,
An fhuaim a bh' aig tathunn do mheòirean.

XIV.

Beannachd dhuit agus buaidh làrach,
Ann 's gach aite 'n dean u seasabh,
Air son do phuirt bhlasda dhionach,
Sa ghrian aig teannadh ri feasgar.

XV.

'S grianach t uirsinn fèin a Choire,
'S gun fhèigh a' tearnadh gu d' Bhaile,
'S iomad neach da m b' fhiach do mholadh,
Do chliath chorrach, bhia'char, bhainneach.

XVI.

Do chìob do bhorran do mhìlteach,
Do shlios a choire gur lionach,
Lubach, luibheach, daite dìonach,
'S fasgach do chuilidh 's gur fiarach.

XVII.

Tha t èideadh uil air dhreach a chanaich,
Cìrein do mhullaich cha chreanaich,
Far 'm bi' na fèigh gu torach,
'G èiridh farumach ma d' fhireach.

XVIII.

Sleamhuinn slios fhad do shliochd àraich,
Gun an gart na'n cal mu t ìosail,
Mangach, maghach, aghach, tearnach,
Graigheach craiceach fradharcach frìthe.

XIX.

Neòineineach, gucagach, mealach,
Lòineineach, luiseanach, imeach,
'S bòrcach do ghorm luachair bh'ealaich,
Gun fhuachd re doinshin ach cireach.

XX.

Siamragach, sealbhagach, duilleach,
Mìn-leachdach gorm-shlèiteach gleannach,
Biadhchar, riabhach, riasgach, luideach,
Le 'n dìlti cuideachd gun cheannach.

XXI.

'S cruiteil leam gabhail do bhraighe,
Biolaire 't uisge ma t innsibh,
Mìodar maghach, cnochdach cathair,
Gu breac blathmhor ann uchd mìn fheoir.

XXII.

Gu gormanach, tolmanach, àluinn,
Lochach, lachach, dosach, crai-ghia'ch,
Gadharach, faghaideach, braidheach,
'G iomain na h eilid ga namhaid.

XXIII.

Buireineach, dubharach, bruachach,
Fradharcach, cròichd-cheannach, uallach,
Feoirneineach uisg na 'm fuaran,
Grad ghaisgeant' air ghasgan crua'laich.

XXIV.

Balg-shuileach fàileantadh, biorach,
Sbangshronach, eangladhrach, corrach,
'S an anmoch is meanbh-luath sireadh,
Air mhire a' dìreadh sa chòire.

XXV.

'Sa mhaduinn aig èiridh le'r miolchoin,
Gu muirneach, maiseach, gasda, gniomhach,
Lubach, leacach, glacach sgiamhach,
Carach, cabrach, cnagach, fiamhach.

XXVI.

'Nam da'n Ghrèin dol air a h-uilinn,
Gu fuilteach, rèubach, gleusda, gunnach,
Snapach, armach, calgach, ullamh,
Riachach, marbhach, tarbhach, giulach.

XXVII.

'Nam dhuinn bhi' tearna gu d' rethlein,
Teinnteach, cainteach, coinnleach, ceireach,
Fìonach, cornach, ceòlar, teudach,
Ordail, eòlach, 'g òl le'r reite.

XXVIII.

Sguiridh mi nois dhiot a choire,
O'n tha mi toilicht do d' sheanchas,
Sguiridh mise shiubhal t aonaich,
Gu's an tig mac Aoidh do dh Albainn.

XXIX.

Ach 's e mo dhùrachd dhuit a Choire,
O'n 's mor mo dhùil ri dol tharad,
O'n tha sinn tuisleach sa mhunadh,
Biodh-mid a' triall thun a Bhaile.

Marbhrann *do Shir* Sèumas *mor* Mac Dhòmhnuill Triath Shlèibht', *le* Gilleasbaig *dubh* Màc Mhic Dhomhnuill.

I.

AN Nollaig air m ba ghreadhnach fion,
Ormsa rug an dìth san call,
Tha m' iulchairt sa chrann fui dhion,
Ceann sìthe fear Innse-gall.

II.

Gun fath tòireached air an Tì,
Chuaidh dhìnn am feasda nan tràth,
Ann Gòrm-thulaich eadar dhà thìr,
Thà paillte gun chrìne 'n tàmh.

III.

'S mor mo smuaintidh: chàch cha lèir,
Leam fhèin; 's mi gabhuil mu thàmh,
Dheth an t shaoghal so 's beag mo spèis,
Thigeadh an t èug n'ar is àill.

IV.

Gho 'n iarainn là gu bràth,
Do leasacha thràth theachd orm;
Na 'm b' è go'n deònaicheadh Dia,
Mi dhol gu dian air do lorg.

V.

Cho'n iarainn tuillidh dheth 'n t saoghal,
Luidhinn le daolabh an fhiòd,
Ann an Leabaidh chumhaing, chaoil,
Sìnnte ri taobh do chuid bòrd.

VI.

Chuaidh mi iumaral air an aòis,
A' muinghin na nàmhaid thà mi,
'S beag mo dhòchas a bhi' ard,
'S tu'n clàrabh druite da m' dhìth.

VII.

Ormsa rug an t àn-rath cuain;
Chuaidh mo * riagailt uam air chall,
Mo sgeul duilich 's mo chàs cruaidh,
'S nì buan gun bhuinnig tha ann.

VIII.

Dhìomsa thog an t eug a chìs',
'S lèir dhuit a Riogh mar athà,
Ormsa rug gàir-thonn na'n siòn,
Gun sìth ach dorainn gu bàs.

IX.

Cho raibh stiùir na seòl na slat,
No ball beairte a bhà re crann,
Nach do thrus an aon uair uainn:
Mo thruaighse an fhras a bh' ann.

X.

Tigh mor a thathaicheadh na slòigh,
Gun òl gun aidhear gun mhiagh,
Gun chuirm ga chaitheamh air bòrd,
Mo dhòlas.—Athair na siòn.

XI.

Gun chaismeachd gun chòimh-stri thèud,
Gun dàn ga lèabhadh air clàr,
Gun fhilidh ri cuír an cèill,
Euchd do chinnidh-sa gu bràth.

XII.

Gun trèun fhir ri dol an òrdagh,
Gun taileasg gun chòrn gun chuach,
Mo bhèud dhuilich 's mo chreach mhor,
Fuidh 'n fhòid thuinich an duais.

* *Compas.*

XIII.

Gun èiridh moch thun na'n stùchd,
Gun chù ga ghlacadh am làimh,
Gun mheanmnadh re claistinn ciuil,
Gun mhùirn gun mhacnas re mnàidh.

XIV.

Gun òigridh ri siubhal shliabh,
Gun mhiagh air iaraidh an ròin,
Gun mhial-choin a' teannadh iall,
Sàmhach an nochd fiagh an stòir.

XV.

'S ioma beann a's gleann a's cnochd,
Ceann òbain * loch agus tràigh,
Shiubhail mise leat fui' mhùirn;
'S luchd ciùil ri h aidhear gun phràmh.

---

MARBHRANN Dhòmhnuill *ghuirm oig* mhic Dhomhnuill Shlèibhte, *le* Murcha *mor* mac mhicMhurcha, *fear* Eichildi.

I.

*HO o hom bo,*
'Sgèula leat a ghaoth deas,
*Ho o hom bo,*
Seirbhe do ghàir na'n dom-blas,
Gun fhuaim sithe leat a steach
Air chuan sgìth, mo leir chreach!

II.

*Ho o hom bo,*
An sgèula thainig air tuinn, *Ho o,* &c.
A Dhé nach ba dàil do'n aiseag,
Gu'n d' èug an Triath ùr-glan,
Righ-chrann-sìthe na'n eilein

* A small bag.

III.

*Ho o hom bo,*
Ursainn- chatha Innse-gall, *Ho o*, &c.
Iuchair flatha na'm fìor rann,
A Chraobh sin a theasd do shiol Chuinn,
Milidh gasta an Comhlan.

IV.

*Ho o hom bo,*
Fìor Leòghann re huchd catha, *Ho o*, &c.
Craobh a dhruideadh o'n àrd Fhlatha,
Bu sheamhaidh, meanmnach, an ceol,
'S do ghnìomh leanabai an comh-òl.

V.

*Ho o hom bo,*
Co o'm faigh'mid macnus no mùirn; *Ho o*, &c.
Co ni aitis ri mor chuirm?
Co philleas na cèuda creach?
O'n dh' im'ich a ghèug ghorm-shuileach?

VI.

*Ho o hom bo,*
O dh' iomaich seanchaidh na'n Riogh, *Ho o*, &c.
Dh' iomaich oircheas na coigridh,
O dh' èug an àrd chraobh chosgair,
Chuaidh an sgèula fo fhìor chlosta.

VII.

*Ho o hom bo,*
Ni 'm fèadar mhola 'leinn, *Ho o*, &c.
A Ghèug shòlais na glòir-bhinn,
Leòghunn, leanabh, agus Riogh,
Ga 'n robh aithne gach aon nì.

VIII.

*Ho o hom bo,*
'S tursach leam do chuir fu'n ùir, *Ho o*, &c.
A bhi dunadh do ghorm shùl;
'S è dh' fhàg mo chroidhse tais
Do lorg-shlighe ga h' airthis.

IX.

*Ho o hom bo,*
'S tursach do theaghlach fa dheòidh, *Ho*, &c.
Do threun chinn-feadhnai fui dhubh-bhròn,
Mar choille gun chnuasachd gun mheas,
Tha t fhonn sgireachd as t eagmhais.

X.

*Ho o hom bo,*
'S tursach do phannal 's ni h ait *Ho*, &c.
Ach 's i mo nuar do leannan leap':
Bu chrann ceill thu agus neart,
An am an fheum bu righ airc.

XI.

*Ho o hom bo,*
Ni 'n còir dhuinn cumhadh ad dheigh, *Ho*, &c.
O'n 's e uidhe gach aon chre,
O nach bas ach beatha dhuit,
Ni 'n leigeam ar ti ar dearmud.

XII.

*Ho o hom bo,*
Ge deireadh cha dearmud dhuinn, *Ho*, &c.
Treigea'maid farmad 'us mio-run,
Mar ghadaich an teug gu 'n tig;
B' fhada leinn an sgeul a thainig.

An ceathramh-rann.

Thainig plaigh air dairmh na 'n clarsach binn,
Tha gair-bhaite 'n aite siol-chuinn,
Tha mnai craiteach mu t' fhag' ail 's a chill,
'S i mo ghradh do lamh laidir leis am b' abhaist
bhi-leinn.

MARBH-RANN *do* Mhac Dhùghaill Dhunnolladh, Jain Ciar, *le* Donull Mac An-t-Saoir

I.

'S Mor easbhuidh Lathurn' am bliadhna,
A' caoi mu'n sgial air nach tig mùtha,
Jain Ciar 's a cheann gu h iosal,
'S leir do 'n tir ga 'n dìth Mhac Dhùghaill.

II.

Tha smal air uaislibh do thaighe,
Gun luaigh air aidhear no sùgradh,
O'n dh' fhagadh thu 'n Cille-bhride,
'S nach dean sgal pìoba do dhùsgadh.

III.

Fhuair maithaen na 'n Gaidheal bristeadh,
O'n a chuaidh tu'n cisde dhùinte,
'S lughad a chearna so uile,
Nach faicear tuille san Dun thu.

IV.

'Siomad mac a chaochail neul,
Re am do'n triath dol fo lic,
Ge minic a ghineadh a chlann,
B' annamh do shamla' na'm measg.

V.

Chaochail na soìntain 'n tra dh' eug,
Bha 'n speur a' sileadh gu tric,
Chaidh toradh na coille air chall,
A cruasachd a blath 'sa mios.

VI.

Bha thu truacanta ri bochd,
Bha thu gu fuasgailteach glic
Tuigse naduir le sar bheachd,
Fhuair thu gu saibhir mar ghibht.

VII.

Bha thu treunmhor le deagh choltas,
Mar bha Osgar san Fheinn,
Fear fial, gun f hiaradh, gun mheatachd,
Cha leir dhomh neach mar thu fein.

VIII.

Bha thu siobhalta re mnai,
Bha thu dana dhol an trod,
Ba thu gu misreachail garg,
'Nuair a ghluaiseadh fearg ad chorp.

IX.

Bha thu math a dhìoladh duais,
Bha thu cruaidh 'n am dol an strì;
Seirc, a's oineach, * buirb a's buaidh,
Do chliù buan an iomadh tir.

X.

Ach thugamaid ùmhlachd do'n ard-righ,
Nach d' f hag an larach gun siol,
'S math Alastair a bhi lathair,
Ge craiteach na bheil 'gar dith.

XI.

Bitheamaid subhaltach ait,
A chlann mhac sin am blagh sa'm pris,
'Beannachd leis an t shaoi rinn triall uainn,
'S ann o Dhia thig gach mor-chis.
'S mor easbuidh Lathurna 'm bliadhna.

FUAIM *an* Taimh † *le* Nighean Alastair *ruaidh.*

I.

RI fuaim an Taimh 's uaigneach mo ghean,
Bha 'nis uair nach b' e sud m' abhaist.
Ri fuaim an Taimh, &c.

* *Liberality.* † *Ocean.*

II.

Ach piob Nuallanach mhòr,
Bheireadh buaidh air gach ceol,
Nuair ghluaist i le Meoir Phadruig.

III.

Gur mairg a bheir gèill do'n t saoghal gu lèir,
S' tric a chaochail e chèum gàbhaidh,
'S tric a chaochail e, &c.

IV.

Gur lionaire a chùrs na'n dealt air an drùchd,
Ann a maduinn an tùs màighe.
Ann a maduinn, &c.

V.

Cha n fhachdas ri m' rè, aon duine fuidh'n ghrèin,
Nach tug e ghreis fèin dhà sin.
Mach d' thug e, &c.

VI.

Thoir an t soraidh so uam, ga talla na'n cuach,
Far 'm bi tathaich nan trùagh daimhail.
Far 'm biodh, &c.

VII.

Thun an tighe nach gann, fuidh 'n leathad ud thàll,
Far bheil aidhear us ceann mo mhànrain.
Far bheil aidhear, &c.

VIII.

Sir Toramaid mo rùin Ollaghaireach thu,
Foirmeil o thùs t àbhaist.
Formeil o thùs, &c.

IX.

A thasgaidh 's a chiall, 's è bu chleachdadh duit riamh,
Teach farsaing 's e fiàl failteach.
Teach farsaing, &c.

X.

Bhiodh teanal na'n Cliar rè tamuill is cìan,
Dh' fhios a bhaile 'm biodh triall chairdean.
Dh' fhios a bhaile, &c.

XI.

'N àile chunnaic mi uàir, 's glan an lasadh bhà ad ghruaidh,
Fuidh ghruaig chleachdaich na'n dual ar-bhuidh.
Fuidh ghruaig, &c.

XII.

Fear direach deas trèun bu ro-fhirinneach bèus,
'S e gun mhi-ghean gun chèum trailleil.
'S e gun mhi ghean &c.

XIII.

Do'n lìnnidh b' fhearr buaidh tha 's na criochabh ma'n cuairt,
Clann fhirinneach Ruairidh làn-mhoir.
Clann fhirinneach, &c.

XIV.

Cha n 'eil cleachduinn mhic Righ, na gaisge na gniomh,
Nach 'eil pearsa mo ghaoil làn deth,
Nach 'eil pearsa, &c.

XV.

Ann an trèine sa 'n luth ann an cèadfaidh 's an cliú,
Ann am fèile 's an gnùis nàire.
Ann am fèile, &c.

XVI.

Ann an gaisge 's an gniomh, 's ann am pailteas neochrion,
Ann a' maise 's am miann àillteachd.
Ann a maise, &c.

XVII.

Ann an cruadal 's an toil, ann am buaidh tho'irt air sgoil,
Ann an uaisle gun chron càileachd.
Ann an uaisle, &c.

XVIII.

Tuigs-fhear na n tèud purpais gach sgèul,
Susbaint gach cèill ràduir.
Susbaint gach, &c.

XIX.

Gum bu chuibhidh dhuit sud mar a thubhairt iad ris,
Ba tu 'n t ubhal thair mios àrd-chraobh.
Ba tu 'n t ubhal, &c.

XX.

Leodaich mo rùin seorsa fhuair cliù
Cha bu thòiseachadh, ùr dhòibh sin.
Cha ba thòiseachadh, &c.

XXI.

Bha fios co sibh ann iomartas Riogh,
'N uair bu mhuladach stri Thearrlaich *.
'N uair ba, &c.

XXII.

Slan † Ghàidhil no ghaill cha d' fhuaras oirbh foill,
Dh' aon bhuaireadh ga 'n d' rinn bhur namhaid,
Dh' aon bhuaireadh, &c.

XXIII.

Lochlunnaich thréun toiseach bhur sgeul,
Sliochd solta, bh' air freamh Mhànuis,
Sliochd solta, &c.

* King Charles II.
† Defiance.

XXIV.

Thug Dia dhuit mar ghiblıt bhi' gu mordhalach glic,
Criosd deonaich dha d' shiochd bhi, àghmor,
Criosd deonaich, &c.

XXV.

Fhuair thu fortan o Dhia bean bu shochdraiche ciall,
'S i gu foistinneach, fial nàrach,
'S i gu foistinneach, &c.

XXVI.

A bheil ceanal is cliù 's i gun mhilleadh 'na cuis
'S i gu h iorsal ciùin càirdeil,
'S i gu h iriosal, &c.

XXVII.

I gun dolaidh fuidh 'n ghrèin gu toileachadh treud,
'S a folachd a reir bàrrio'nn,
'S a folachd, &c.

XXVIII.

'S tric a riaraich thu cùilın gun f hibbhreas gun tùilg,
Nighean oidhre Dhuntùilm slan duit,
'Nighein oidhre, &c.

*Le* Nighein Alastair *ruaidh do* Shir Toramaid Mac Leoid.

I.

GUR muladach tha mi,
'S mi gun mhire gun mhànran,
Ann sa'n talladh 'm bu ghnà le Mac Leoid.
Gur muladach, &b.

II.

Tigh mor macnasach mea' rach.
Na macaimh 's na maighdeann,
Far 'm bu tartarach gleadhraich na'n còrn.
Tigh mor macnasach, &c.

III.

Tha do thalla mor priseil,
Gun fhasgadh gun dion ann,
Far am faca mi 'n fion bhi' ga òl.
Tha do thalla, &c.

IV.

Och mo dhiobhail mar thachair,
Thug an dith' air an aitribh,
'S ann is cianail leam tachairt na coir.
Och mo dhiobhail, &c.

V.

Shir Toramaid na m bratach,
Fear do dhealbhsa bu tearc è,
Gun sgilm a chuir asad na bòsd.
Gun sgeilm, &c.

VI.

Fhuair thu teist is deagh urram,
Ann m' freasdal gach duine,
Air dheiseachd 's air uiriglidh beòil.
Thuair u teist, &c.

VII.

Leat ba mhiannach coin lùthor,
Dhol a shiubhal nan stuchd-bheann,
'S an gunnadh nach diùlta ri h òrd.
Deat ha mhianach, &c.

VIII.

'S i do lamh nach robh tuisleach,
Dhol a chaitheamh a chuspair,
Le d' bhogha cruaidh ruiteach deogh-neòil
. 'S i do lamh, &c.

IX.

Glac throm air do shliasaid,
'N deigh a snaithe gun fhiaradh,
'S bàr dosrach do sgiaththamh an eòn.
Glac throm air, &c.

X.

Bhiodh cèir ris na cranabh,
Bu neamh eisleanach tarraing,
'N uair a lèumadh an taifaid o d' mheòir'
Bhiodh cèir ris, &c.

XI.

'N uair leigte o d' laimh i,
Cha bhiodh oirleach gun bhàthadh,
Eadar coran a gàinne 's a smeòirn.
'N uair leigte, &c.

XII.

Cèud soraidh le dùrachd.
Uam gu leannan an t sùgraidh,
Go'm b' e m' aidhear 's mo run bhi' ga d' choir
Cèud soraidh, &c

XIII.

'N am dhuit tighin gu d' bhaile,
'S tu ba tighearnail gabhail,
'N uair a shuidheadh gach caraid mu d' bhòrd,
'N am dhuit, &c.

XIV.

Bha thu miosail aig uaislean,
'S cha-robh beagan mar chruas ort,
Sud an cleachdadh a fhuair 'u s tu òg.
Bha u miosoil, &c.

XV.

Gam biodh farum air thàileasg,
Agus fuaim air a chlàrsaich,
Mar a bhuineadh do shàr Mhac Mhic Leòid.
Ga m hiodh, &c.

XVI.

Gur h è b' eachdraidh 'n a dhèigh sin,
Greis air uir-sgeul na feinne
'S air chuideachda ceir-gheal nan cròc,
Gur h e b' eachdraidh, &c.

*Le* Pol *crubach do* Iain *Mac Shir* Ruairidh Mhic Leòid.

I.

'S i so iorrum na truaighe,
  Tha san uairso ga h eubhach,
Liuthad glaodh tioma,
  Gun bhinnis ri eisteachd,
Ar Tighearna dùcha,
  Gun duil ri e dh eiridh,
Gach cùis 'm biodh cunnart,
  'S tù b' urrainn da reiteach.

II.

Chunnaic mise Sir Seumas,
  Ga d' threigs'nn 's cha b' anu da dheoin,
Bha dhearc-shuilean glana
  Ri sileadh na miltean deòir,
Na b' ann le neart lannan
  Bhiodh do cholunn a' caochladh neoil,
Gur h iomad laoch fearail
  Bhuaileadh farum 's a reubadh feòil.

III.

Gur lion'ar fròl ballach
  Ga nochdadh ri slinntibh chrann,
Agus treun ghaisgeach
  Ri faicinn na maoth-shrol fann,
Nach iaradh fuireach
  A' cumasg gu stroichdeadh cheann,
Ach lunn air bhraighdean
  A faighneachd 'n e 'n aon ghuth thànn,

IV.

Gur h iomad cuiliobhir
  Nach diobradh teine ri h òrd,
Agus clogaide cruadhach,
  Ri folach nan gruag 's n'an fròn,

Agus pic mheallach,
  Air a tharuinn o chluais gu dòrn
Agus fiudhidh chaol earra
  Air a fallach ga ceir an feòil.

V.

Na m ba chionntaine dhaoine
  Ba bhao'l do dh anam Mhic Leoid,
Gur lion'ar Tur shuairce
  So ghluaiseadh gu heallanta borb
Bheireadh ruaig mhaidne
  Gun an oiche chadal air choir,
Mnai brùite aig eubhach
  Ma rusga na'n geur lann gorm.

VI.

Gur mor an tein adhair
  Thug an spreagha nach gann 'n ur measg,
Chuir ur n aignibh an isleid
  'S ar croidh 'nur cliabh gun d' chlisg.
Liughad bean bhreid-gheal
  'Sa h eanachainn a' leim fuìdh sichd,
Ma dheagh Mhac Ruairidh
  Tha'n eaglais na'n stuagh fuidh lic.

VII.

Gur mor an sruth tràghad
  Thainig air fir Innsegal
Re amharc a' cheile
  Gur soilleir dhoibh fein an call
Fear do choimeas cha leir domh,
  Bu tu'n curaidh 'n streup na'n lann
Le d' chloidheamh cruaigh beumnach
  Ann ad dheaslaimh gu speiceadh cheann.

VIII.

Ach a ghnùis na feile
  Nach do bhreagnaich riamh t fhocall aon uair,
Ceann-uidhe nan deòraidh,
  Na'n aircleach gun treoir's na'n truagh,

A chearraich na tice
  Aig 'm ba tric bhiodh àireamh sluaigh,
An f hèile dhubailt
  Nach iaradh an cùntas cruaidh.

IX.

Ach Jain Mhic Ruairidh
  Nach gluaiste le mùiseig,
Nach gabhadh bonn eagaill
  'S nach cuireadh beagan ort cùram
Cha n f hacas do ghillean
  An tir eile ga spuinleadh,
'S cha bhiodh luchd faire
  Ann ad bhaile na'n dùsgadh.

X.

Aig feothas an achda
  So chleachd u na d' dhùthaich,
Cha d' iarr thu riamh clachair
  Go d' chaisteil a chùmhdach,
Cha bhiodh droll air do chòmhluinn
  Mu thra-noine ga dùnadh,
Ach u 'n caithir na fèile
  'S tu lèabhadh na h ùmhlachd.

XI.

'Se m aidhir an t Jain
  So chaochail air maduinn diamairt,
Ceann rèite gach facaill
  Gus an uaire 'n deach' stad air do chaint,
Bha do chàirdean tursach
  'S an cùram ann àite teann,
N deigh do chara, san uir ac
  Gun chomas air an duibhail ann.

XII.

Tri bliadhna fichead
  Bha n gliocas 'na àite fein,
Gun bhèud gun mhulad
  Gus 'n do thromaich am bàs bha trèun,

Mar gu'm biodh fras ann,
A chaisgeadh uainn soills na'n speur,
No coinneal da mùchadh
Gun sugradh gu bràth na dheigh.

*An* Crònan, *le* Màiri *n'ighin* Àlastair Ruaidh Mhic-Leòid.

I.

AN Naigheachd so 'n de
Aithireach e
Molagh do 'n leigh,
'Thug malairt do m' cheill
Nois o theannas mi fein ri crònan
Nois o theannas, &c.

II.

Beannachd do' n bheul
Dh' aithris an sgeul;
Dh' fhàg fallain mo chre;
Cha ghearain mi fein,
Na chailleadh 's na dh' eug
'S mo leanabh nan deigh comh-shlan,
'S mo leanabh, &c.

III.

Na m biodh agamsa fion
Go'm b'ait leam a dhiol,
Air slàinte do thighin,
Gu d' chàirdean 's gu d' thir,
Mhic àrmuinn mo ghaoil,
B'e m' ardan 's mo phris,
Alach mo Ri' thògbhail,
Alach, &c.

IV.

'S fàth mire dhuinn-fein,
'S do 'n chineadh gu leir,

Do philleadh o n eug;
'S milis an sgeul
'S binne na gleus organ,
'S binne, &c.

V.

'S e m' aitis gu dearbh,
Gu' n glachdar grad sealbh,
'N grunt farsaing na'n sealg,
'S an caisteil na'n arm,
Leis a mhac ud da n ainn Toramaid,
Leis a mhacu, &c.

VI.

Tha mo dhùils' ann an Dia,
Gur mùirneach do thriall,
Gu Dùn ud na'n Cliar
Far 'm bu dùchas do m thriath
Bhi gu fiughantach fial foirmeil,
Bhi g fiughantach, &c.

VII.

Gu dùn tuireideach ard,
B' e sud innis na'm Bard
'S na'm filidh ri dan,
Far 'm ba mhinig an tamh
Cha b' ionad gun bhlas dhoibh sud,
Cha b' ionad, &c.

VIII.

Gu aros nach crion
Am bi' garaich na'm piob,
'S na'n clarsach a ris,
Le dearsa na'm pios,
A' cur saradh air fion,
'S ga leigeadh ann gniomh oir-cheard,
'S ga leigeadh, &c.

IX.

Buaghach a mac
Uasal an t slat,

Dha n dual a bhi'ceart,
  Cruadalach pailt
Duaismhoir am beachd
  * Ruaineach a neart Leòdach,
Ruaineach, &c.

X.

Fiuran a cluain,
  Dhuisg 's an deagh uair,
'S du dhuit dol suas;
  'N cliù 's ann am buaigh,
'S duchas do m' luaigh,
  Bhi' gu fiughantach sùairc ceol-bhinn,
Bhi' gu fiughantach, &c.

XI.

Fasan ba dual,
  Fantalach, buan,
Sochdarach ri tuath,
  Cosgail ri cuairt,
Coisiunta, cruaidh,
  Am brosnachadh sluaigh,
A' mosgladh an uair foirneart,
  A' mosgladh, &c.

XII.

Leansa 's na treig,
  Cleachdadh as beus,
T aitim gu leir,
Macanta seamh,
  Paillt' re luchd theud,
Gaisgeil am feim
  Neartmhor an deigh torachd,
Neartmhor ann, &c.

XIII.

Shlioc Ollaghair na'n lann'
  Thogadh sroiltidh re crann,

* *Làidir.*

'Nuair thòisech iad ann
Cha ba lìon-sgaradh gann,
Tir a b' fhirinneach bann,
Priseil an dream
Rioghail gun chall còrach,
Rioghail, &c.

XIV.

Tog colg ort a ghaoil
Bi ro chalma 's ga m faod
Gur dearbha dhuit laoich
Do chinneadh nach faoin,
Thig ort as gach taobh ga d' chònadh,
Thig ort &c.

XV.

Uasal an trèud
Deas cruadalach treun,
Tha n dualchas dhuit fein,
Theid ma d' ghuaillibh ri t fheum,
Do shliochd Ruairidh mhoir fheil,
Cuirse suas a mhic De an òigriogh,
Cuirse suas, &c.

XVI.

Tha na gàidhil gu leir,
Chomh chàirdeach dhuit fein,
'S gur a feard u gu t fheum,
Sir Domhnull a Sleibht'
Ceannard na'n ceud,
Ceannsalach treun ro-ghlic,
Ceannsalach, &c.

XVII.

'S maith mo bharail 's mo bheachd,
Air na fiùrain, is leat,
Gu carantach ceart,
'S ann do bharachd do neart,
Mac mhic Ailein 's a mhac,
Thig le farum am feachd,
Gu d' charaid a chasg t fhoirneart,
Go d' charaid, &c.

XVIII.

A' Gleanngaradh anuas,
Thig am barantas sluaigh,
Nach mealladh ort uair,
Cha bu charantas fuar,
Na fir sin o chluain Chnòideirt,
Na fir sin, &c.

XIX.

'S leat Mac shiomaidh o n aird
'S mac Choinnich chinn-tail,
Theid ad iomairt gun dail,
Le h iumadaidh graidh,
Cha b' iongantach dhoibh
'S gur h iumaidh do phairt dhòibhsean,
'S gur h iumaidh, &c.

XX.

'S goirt an naigheachd sgur cruaidh,
Mac ghilleain bhi' uainn,
Gun a thaighideas' suas,
Bha do cheangal ris buan
T ursainn chatha ri h uair dòruinn,
T ursainn chatha &c.

XXI.

B'iomad * Gasan gun chealg,
Bu deas faicsin fuidh arm,
Bheireadh ceartacha garbh,
'S iad a chlaisdinn ort fearg,
Eadar Breacachadh thall s Bròlas,
Eadar Brecachadh, &c.

XXII

Tha mi g achdain mar chàll,
Iad a thachairt gun cheann,
Fuidh chasabh na'n Gàll,
Gun do phearsa bhi' ann

* *A young man.*

Mo chruaidh chas nach gann
Thu bhi fad annsa n Fhraing air fogradh
Thu bhi' fad &c.

XXIII.

A Chriosd cinnich thu fein,
'N spiunnadh 's an ceill,
Gu cineadail trèun,
'N ionad na dh èug
A mhic an f hir nach d' f huair bèum
'S a ghineadh o n chrè rò-ghlain,
'S a gheineadh, &c.

XXIV.

A Riogh na n gràs,
Bi fein mar ghàrd,
Air feim mo ghràidh,
'S dean oidhre slàn,
Do n Teaghlach àigh,
Ba mheadhrach daimh,
Da'n robh caoineas air bhàr sòlais,
Da'n raibh' &c.

---

ORAN *le* Uilliam Mac Coinnich, *do ninghein* Choinnich *ruaidh mhic fir no* Comraich.

I.

'Scianail m' aigne o n mhaduinn,
Ghabh mi cead do 'n rioghuinn,
Ti chomh-taitneach riut cha n f haic mi
Ann an dreach no fiamhachd;
Bu thrian do m' lòn do bhriathribh beòil
A teachd mar cheòl a sìoth-bhruth,
'S an t 'eirc atà ad' hhraighe bàn,
A thaisg mo ghradh gu dìomhair.

II.

Ciochan corach, lìnte soluis,
  Air do bhroilleach rèth ghlan;
Do sheang-shlios fallain mar an eala,
  No mar chanach slèibhe;
Bas ionmhuinn chaoin na'n geal mhear caol,
  A' dealbh na'n craobh air pèurlainn,
'S tu fialai glic do chiall gun tig,
  Air diamhaireachd nan reultan.

III.

Do bhràighe gle-gheal mar ghath grèine;
  T aghaigh reith ghlan mhòthar;
Tiunnal t èug'ais 's tearc ri fhèatuinn,
  Gur tu reul na n òighein;
Gur bachlach, dualach, casbhui, cuachach,
  T' fhalt ma'n cuairt an òrdagh;
'S ann tha gach ciabh mar fhàinn air sniamh,
  'S gach aon air fiamh an oir dhiubh.

IV.

Inghein aingil na rosg malla,
  'S na'n gruaidh glana narach;
Dà shùil ghorm mheallach, fuidh d chaol mhala,
  'S gach aon a' mealladh graidh dhiubh;
Tha maise ad ghnuis, gun easbhui mùirn;
  Beul meachair ciùin ni mànran;
Do bhriodal caomh, 's do loinn maraon,
  A rinn mo ghaolsa shàradh.

V.

Corp seamhai bàn, choimh-lìonas gràdh
  Gach tì a tharadh iul ort;
'S ann tha do shnuagh, to'irt bàr air sluagh,
  'S tu 'n ainnir shuairce chliuiteach;
Do dheas chalpannan ro dhealbhach,
  Gun bhi' meanbh no dùmhail;
Troigh chruinn chòmhnart dh' fhalbhas mòthar,
  Nach dean feòirn' a lùbadh.

VI.

Chomh ghlan is thù 's neo-shoilleir dhùinn,
  Mar gheallach thu 'n tùs eiridh;
Beul dearg mùint' 's anail chùhhrhidh,
  'S tiùnnal u do Venus.
'S e chrùn do thlachd deud mùirn mar chailc,
  Air a dlutha ceart ri cheile,
O'n tig an t oran, eatrom ceolmhor,
  Mar an smeoroeh cheitein.

VII.

O thlath nan dùl tùs rath' fhuair thu,
  Bhi modhail, ciuìn gun àrdan;
Tha iochd is cliu, as loinn, as muìrnn
  Air a ghlaodhadh dlu ri d' nàdur;
'S tu air do bhuain a freamh na'm buagh,
  Do 'n treun fhuil uasail statail;
Thu fialaidh pailt an gniomh san tlachd,
  'S do chiall coi-streip re t àilteachd.

VIII.

Os cionn t àilteachd riamh cha tàinig
  Gnùis o laimh na trianaid;
Gur soilleir dhuinn, 'n uair rinneadh thu,
  Nach rabh na Dùilin diamhain;
Ur rìghin thla 's ro rioghail gna's,
  Do dhìlsean graidh tha lìon'ar;
A gheug na m buagh, ge cian mi bhuait,
  Na geillse chluain luchd mìo-ruin.

IX.

Mi cian o d' chaidreadh, 's buan dhamh fhaidid,
  Dh' fhàg sùd m' aigne pianail;
Osnadh ghna gun fhois gun tamh,
  A fhrois gach blàth do m' fhion-fhuil.
'S e bhrosnaich deoir 's a chlaoidh mo threòir
  An rìoghuinn òg so thriall bhuainn;
'S tu 's trom a dh' fhag mi, oigh mo ghraidh,
  Le d' bhron 'ta mi cianail.

ORAN *le* Alastair Mac Coinnich, *dearbh bhrathair an* Uilliam *reamh-rait, do* Inghein Choinnich *ruaidh cheu'na.*

I.

SORAIDH slan do 'n àilleagan
Bha marium 'n trà so'n raoir,
Gur baraicht ann an àilleachd thu,
'S gur lan-mhaiseach do loinn;
Thug thu bar air mnai' na h Alba
Ann an dreach 's an dealbh 's an sgoinn;
Dh' fhag nadur ann an gliocas dhuit,
Gach buaigh dhiubh sud san roinn.

II.

Ge dana dhomh re ghradh sin,
Thug nadur dhuit na 's leoir,
Cho mor 's gun d' rinneadh Banri'nn dhiot
Gan ardan, gan ghne phrois;
Cha 'n eil cron re aireamh ort,
A dh' fhaodadh fas air feòil;
A' measg bhan òg is mhaighdeannan,
Mar dhaoimean a' measg òir.

III.

A' measg na m ban gur sgàthan thu,
Tho' irt bar orr' ann 's gach geall;
'S bachlach buighe sniamhanach,
Gach ciabh tha air do cheann;
Tha do ghruaidh choi.dreachar
Ris na h ùbhlan dait air chrann;
Suil chorrach ghorm mar dhearcag,
Ma n iath an rasg tha mall.

IV.

Taobh 's tigh do'n bhile dhaite sìn,
Tha dèud gheal cailce grinn,
O'n ceolmhaire thig orain,
No na h organa' seinn;

Mar'eil cron an falach ort,
'S e barrail a' bheil sinn,
Gun d' thilg thug fèin as Venus,
Ann an dealbh, s an' eug'as croinn.

V.

Trian do d' mhath cha'n innsir leam,
Dh' ain-deoin nì' da'n can;
Braigh mar chuan linginnach,
Fuidh 'n aghaidh mhìn gun smal;
Gur corrach geal na ciochan,
Th'air do bhroilleach lìonta glan,
Glac gheal-mheur-f hainneach f hionalta
Tha teom' air gniomh na m ban.

VI.

Fhad sa mhairis Albannaich,
Bidhi iùmradh ort air bhuil;
Slios mar eala air chuantibh
Aig an òigh is uaisle fuil;
Do phòg air bhlas na fìoguisean,
'S do bhèul o mìlse thig guth;
'N àm eisteachd fuaim na f ìolaireachd,
Gur fìonalta do chuir.

---

ORAN *a rinneadh le* Jain Beton *fear Dhuin an Eirthirich, do nighein Thearlaich oig scalpa 'n t sratha*

I.

SLAN iumradh do'n ur-mhnaoi,
Dh fhag mi 'n Ugàirigh thall,
Fuidh uilinn na'n stuchd-bheann,
'S air urlar na'n gleann;
'S i 'n rìoghuinn ghlan chul-donn
Choisinn cliu ann 's gach ball,
Bèul a labhradh an sugradh,
'S a chuireadh dubh-liunn ma làr.

II.

'S ann mar chanach an t slèibhe
  Tha 'n èuchdag thair mhnàidh;
Gur gile u fuidh t aodach
  No'n fhoileann air snàmh;
Gruaidh dhearg mar an caorann
  Mar do chaochail u blàth;
Meoir fhada mar shlait ort,
  'S fiamh dait air am bàr.

III.

Meòir fhada chaol dhìreach,
  Thàirneadh rìomhadh air bàn;
Ann an cleachda an t sìoda
  Chuirinn fhìn asad geall,
Nach 'eil ann 's an tìr so
  Do dh fhior chlanna gall,
Na bheireadh bàr gill ort
  Ann an grinn obair lamh.

IV.

Glac ghèal a' nì 'n sgrìobhadh,
  Gu fìonalt' 'n uair b' àill,
Ga tharraing gu lìon'ar,
  Lè ìnnleachd do làmh;
Leis an lèabhar an Biobal
  Gu cinnteach gach trà;
Glachd creideamh as fìrinn
  'S lean a chaoi ris mar ghnàs.

V.

Ghèug uasal gun chrine,
  Dh' fhas dìreach o làr;
Tha do phog air bhlas fiona
  Chuireadh ìntinn air chàch;
Ort a dh' fhas an cùl snìomhain,
  Mar dhìthean am blar,
Nach greannach ra chirea;
  'S lion'r ti air a bhar.

VI.

Deud cailce gun sgor,
  Tha gun bhosd no gun bhrèug;
Beul as binne no'n smeorach,
  Ni còmhradh sa gheig;
'N uair ghabha tu n t òran,
  'S do mheòir ri cur grèus;
Ge b' e chluinneadh an ceol sin
  Gum ba bhòich e no tèud.

VII.

Thaobh aithghear beag eòlais.
  Brigh mo dhòchais nach gann;
Thugadh barail no dhò ort,
  Mar a mheoraiche rann,
Nach 'eil u gu mor
  Gu strothail no gann;
Ach ro-ghlic gun mhòrchuis
  Neo-ghorach ad chainnt.

VIII.

'S tu reul na'n òighean;
  'S tu 's bòiche no cach;
'S tu 'n canach, 'stu neoinein;
  'S tu 'n t sòbhrach fuidh blàth;
'S tu 'u coi-measg tha or-bhuidh;
  'S tu 'n ros th'air dhreach là;
Chuir 'n aithghear an sgeòil so,
  'S tu 'n t Seònaid gheal thla.

IX.

Ach si mo chomhairle fein duit,
  'S na treig i gu beachd,
Mas àill leat a chnuasachd,
  'S a bhuannachd na's leat;
Theirig timchioll na geige,
  'S na glachd eislin ad bheachd;
A chaoidh na cuir dùil
  Ann sa chraoibh nach lùb leat.

ORAN *do* Mhac Shimidh, *chuaidh dhith-cheanna'm bliadhda* 1746,*'n uair bha e air fogradh 'san Fhraing ann deigh bliadhan* 1715*; le* Jain Dòmhullach *da 'm ba cho ainn* Jain *dubh mac* Jain *mhic* Ailein.

I.

AN Deich-e là do thùs a mhàirt,
Ghluais an stàta 's measail àite;
'S ait le chàirdean beò.
An deich-e là, &c.

II.

Ge d' chuir naimhdean thu le ain-neart,
Null d'n Fhraing uainn neo-air-thaing dhoibh
Fhuair thu m ball fuidh d' bhroig.
Ge d' chuir naimhdean, &c.

III.

Fhuair thu cùirt 'n sin o Liuis;
Ghabh e curam dhiot o'n b' fhiu u;
Chiunn do ghiulain chòrr.
Fhuair u cùirt, &c.

IV.

'S iomadh fuaran glan gun truailleadh,
Don fhuil uaibhrich rith mad ghuaile,
Fhir is uaisle feòil.
'S iomadh fuar an, &c.

V.

Caint gun àicheadh, ceart re radh è;
'S tusa 's cairdiche am measg Ghàidheal,
Bha riabh air t àite beò.
Cainnt gun àicheadh, &c.

VI.

Tha fuil Stiu'artaich a chruin
'N deigh a dùbladh, ad chorp cùbhraidh,
Iarla Weem's Mhic Leoid.
Tha fuil Stiubhartaich, &c.

VII.

Tha fuil phriseil Iarla Siofort,
Air a sìoladh ad bhallabh Rioghail;
Cl c nach crion ma n òr.
Tha fuil phriesil, &c.

VIII.

Càirdeas fal u 'mhac mhic Ailein
Fà uair daingeann re Gleann-garadh,
Car u mhic Ghilleoin.
Càirdeas fal u, &c.

IX.

An t àrmunn slèibhteach mac Shir Seumas
Na'n arm gèura dhuit sa cheum ud,
'Ga'm biodh na cèudan sloigh.
An t àrmunn sleibhieach, &c.

X.

Ceannart aigeantach na'n abrach,
Gur a fagas dhuit an fear sin,
Dh' èireadh leat na seòid.
Ceannart aigeantach, &c.

XI.

Dreagan fearradha's narrail searbh u
'S tu ba ghailbhiche fuidh t armadh,
'S t fhuil 'na * tailbheum mòr.
Dreagan fearradha, &c.

* i. e. Tuilmhaoim.

XII.

Leòghunn ainmeil is neimheil colga
A bhèithir anmuinneach gu marbhadh,
'N uair chasadh fearg ad shroin.
Leoghun ainmeil, &c.

XIII.

An laoch garg 's am buinne borb,
'S deachdair t fhoir-eigneadh Triath na mordhachd
Le miannach moradhail chòr.
An laoch garg, &c.

XIV.

'S muirneach foirmeil an ceann airm u,
Cùis a dhearbhadh o t aois leanabais,
Bhi gun dearmad gleois.
'S muirneach foirmeil, &c.

XV.

Fhuair thu d' ghlacabh cèile leapach,
Deagh nic Ailpein glèiteach sgapach,
Beul o 'm blasd' thig gloir
Fhuair u d' ghlacabh, &c.

XVI.

Bain-ti'rn dhiadhaidh shochdrach chiallach
Croidhe fialaidh le deagh riaghailt,
Gnuis gun fhiamhaidh reòit'.
Bain-ti'rn dhiadhaidh, &c.

XVII.

An nèamhainn shoilleir, 's an lèug nach doilleir,
An tì gun choire mar Sgàth'n glaine,
Lan eireachdais gu leòir.
An nèamhain shoilleir, &c.

XVIII.

Gu m 'a buan do'n lanain uasail,
Dh' fhàs gun uabhar; air aon chluasaig,
'An seirc 's am buaidh gun leòn.
Gu ma buan, &c.

XIX.

Dheagh mhic Shimidh na'n arm innealt',
Slan thu philleadh gu d' dheagh ionad,
Sud mar shirinn dhò.
Dheagh mhic Shimidh, &c.

---

Cumhadh *do* Mhac Leòid *le* Ruairidh Mac Mhuirich.

I.

THA mulad, tha mulad,
Loin mulad ro mhor mi,
'S ge do 's eigin damh fhulang
Tha tuillidh 's na leoir orm,
Thromaich sachd air mo ghiùlan
Le dumhladas dòrainn,
Dh' amais dosgaich na bliadhn' orm
Creach na ciadain so leòn me.

II.

Creach na ciadain so leòn me
Dh' fhag mi breòite gun fhiabhras,
A dh' fhógair mo shlàinte
'S tearc mo bhrathair 's na criochabh,
Agam glaodh an loin bhrònaich,
'N dèigh a h eòin 's i ga iargain,
Dh' fhalbh gach sòlas a b' abhaist
As dh' fhuirich càilein a m' fhiacaill.

III.

Dh' fhuirich càilein a' m' fhiacaill,
So i bhliadhn' a thug car dhamh,
Dh' fhag puthar fui' m' lèinidh
Nach fothair leigh tha air thalamh,
Mo leaghàs cha 'n fhèadar
Cha reth dhamh bhi' fallain,
Fhuair me dìnneir la càisge
'S cha b' fhearde mo ghean i.

IV.

Cha b' fhearde mo ghean i
  Ge do bha mi mu'n chòmhroinn
N diugh gur buan dhamh ri aìthris,
  Gun do bhuail an t earrach so bròg orm,
Mi ma'm mhaighsdir gle mhaith,
  'S fad a leus orm nach beo è,
Ge do rachadh mi seachad,
  Cha 'n fhaigh mi facall dheth d' chòmhradh.

V.

Cha 'n fhaigh mi facall dheth d' chomhradh,
  Chleachd mi moran dheth fhèudainn,
N diugh a dh' fhaodas mi ràitin,
  Gur uan gun mhàthair 's an trèud mi,
'S ann is gnà dhamh bhi' tursach,
  Gun bhrath furtachd as t èag'ais,
'S òn a chaochail thu àbhaist,
  'S tearc a chaoidh mo ghair eibhinn.

VI.

'S tearc a chaoidh mo ghair eibhinn,
  Cha bheus dhamh bhi subhach,
Ghabh mi tlachd ann bhi tursach,
  Chuir mi ùgh ann bhiodh dubhach,
Ma'n ti' tha mi 'g iumaradh,
  Chuir an cuimhne mo phuthar,
Nois o n fhuair an uaigh easan,
  Chuaidh e 'n caisid mo bhruthach.

VII.

Chuaidh e 'n caisid mo bhrnthach.
  'S mi ri cumha da dhireadh,
Dol an truimmead 's a n airde,
  An diugh a thàinig mo dhìobhail,
Dh' fhalbh mo lathaichean èibhinn,
  O n a thrèig sibh * Clar sgithe,
Tha mo thaic ann na h Earabh,
  'N dèigh fhalach 'n a aonar.

* *A name for the Isle of Sky.*

VIII.

'N dèigh fhalach 'n a aonar,
Bithi e daonnan an uaigneas,
Sgèul ma 'n gearaineadh daoine,
Mnai caointeach na'n luath bhas,
'S iad a' comh-stri ri cheile,
Ceòl gun eibhneas seachd truaighe,
Lèum mo chroidhe 'na spealtadh,
Ma 'n chaismeachd a chual mi.

IX.

Gur h ì chaismeachd so chuala,
A luathaich orm tiomadh,
Dh' fhàg fuidh m' osnaich fuil bhrùite,
A' sìor dhrùtha air m' inneadh,
'S faide seachdain no bliadhna,
O 'n a thriall sibh thair linnidh,
Le friamhach na fialachd
Bh' ann san lìon-bhrat air fihilleadh.

X.

'S ann 's an lìon-bhrat air fhilleadh,
Dh' fhag mi spiunnadh na'n an-fhann,
Ceann-uidhe luchd ealaidh,
Mar re earras luchd seanachais,
Agus ulaidh aois-dana,
Chuir do bhàs iad gu h aimi cheist,
'S o 'n a chuaidh thu sa chistidh,
Cha bu mhise chuis fharmaid.

XI.

Cha ba mhise a chùis fharmaid,
Ghabh mi tearbadh o'n treud sin,
Far an robh me am mheanbh-ghair,
An toiseach aimsir mo chèitein,
'S ann an deireadh a charbhais,
A dhearbhadh ar feichean,
Chaill mi 'n ùr ghibht a chreach mi,
Ann an seachdain na cèusda.

XII.

Ann an seachdain na cèusda,
Dicèadain mo bhrisdith,
Chaill mi uichair na feadail,
Cha mhi haon neach 's mist' è,
Gun bhrath fhaighinn gu brath orr,
Sgeul a sharaich mo mhisneach,
'S ann fuidh dhiomhaireachd m'airnean,
A thàrmaich mo niosgaid.

XIII.

A thàrmaich mo niosgaid,
Cha 'n fhaigh mise bhi slàn deth,
'S è fear tinn a chinn ghalair,
A nì 'n gearann bochd cràiteach,
'S ann air atà n easlaint,
Nach d fhiosraich a nàbaidh,
'S cha mhò dh' airich e thinneas,
Leis 'n do mhilleadh mo shlàinte.

XIV.

Far 'n do mhilleadh mo shlàinte,
'S ann a thàrmaich dhamh m' easlaint,
Gun d' chuir aimsir na càisge,
Mi gu brath go trom airsneal,
Gheibh gach neach do na dh' fhag thu,
Rud an aite na bh' aca,
Ach mise agus màiri,
Chuir a bràthair an tasgaidh.

XV.

Chaidh do bhràthair an tasgaidh,
'S è mo chreachsa gur fior sud,
'S ann an diugh tha mi 't achdain,
Mar bha mhac ma mhaol-ciaran,
Agus ise bochd brònach,
'N deigh a leonadh on chiadain,
A thug mo mhaighstir uamsa,
Leis 'n do bhuaineadh ma phian-bhron.

XVI.

Mo phian-bhron a mhàiri,
  Mar tha thu fuidh chumha,
Nach faic u do Bhrathair,
  Mar a b' abhaist gu subhach,
An sean-f hocal gnathaicht'
  An diugh is fior è mar thu'airt,
Nach robh meughail ga mead,
  Nach robh na dèigh gala dubhach.

XVII.

Nach robh na deigh gala dubhach,
  'S è 'm fear subhach am bearteas,
Cha n f haigh piuthar a brathair,
  Ach gheibh bean aluinn leth-leapach,
Thainig àr air an dùthaich,
  Dia dhubladh a nearta,
'S ga Cumail an uachdar,
  Gus am buaghaich do mhac i.

XVIII.

Gus an buaghaich do mhac è,
  'N deigh a ghlasadh le gruagaich,
Lan saibhris is sonais,
  Ann sa 'n onoir ba dual dhuit,
Lean cùis 's na bi leanbail,
  'S na biodh marbh-ghean air t uaislin,
Cum an coimeas riut fein iad,
  'S na to'ir beum do t ainm Ruairidh.

XIX.

Ruairidh reachdar, ruin-mheanmnaich,
  Tartrach, tairrbeairteach, teanntaidh,
Do shean-sean-athair o n tàinig,
  Cha b' ion da namhaid dol teann air,
'S Ruairidh gasta na dheoghaidh,
  Cha b' e raghuinn ba taire,
'S an treas Ruairidh fa dheireadh,
  Gu m b' e n gainneanach f às e.

XX.

An treas Ruairidh do'n dream sin,
A choisinn geall 's cha b' e mi-chliudh,
Cha b' e 'n coilleannach gann e,
Ach an ceannsgalach milleannt'
Ma 's a tusa rinn suas,
An ceathramh Ruairidh, na dearmaid,
Lean ri sinsireachd t aitim,
'S n a to'ir masla dha 'n ainm sin.

XXI.

Na to'ir masla dha 'n ainm sin.
'S cuir leanabas fuidh d' bhrògabh,
Na biodh daoin' ann am barail,
Ge d' tha car aig an oìg ort,
Bi gu fiùghantach smachdail,
Rianail reachdar 'n triath leòdach,
'Na faic frìd an sùil bridein,
Cha chùis dion do Mhac Leòid è.

XXII.

Cha chùis dion do Mhac Leòid,
A bhi 'n dòlum 's rud aige,
Lean an duchas bu chòir duit,
'S biodh mor-chuis ad' aignibh,
Ach ma leigeas tu dhiot e,
Bidhi na ciadan ga t agairt,
'G rà gur crann shlatag chrin thu,
'N aite a ghniomharaich bheachdail.

XXIII.

Maide dh' f hàs na chraoibh thoraidh,
Fuidh bhlàth onorach àluinn,
Ann an lios na'n crann èachdach,
Bha tlachd na'n ceud ann 's gach ait'air,
Lean an duchas ba * chara,
A mhic an Athair a chràidh sinn,
Na bi ad chrìnich gun duilleach.
Ann 'san ionad 'n do thàmh u.

* i. e. *ba choir.*

ORAN *le* Ruairidh Mhac Mhuirich, *'n uair thainig e thamh do* Ghleanneilg.

I.

A CHIAD dialuain do'n ràidhe,
Ge d' bhà mi leam fhin,
Cha d' fhuair mi duine an là sin,
A thainig am ghaoith,
Dh' fheor' aich cia mar bhà mi,
Na m bàil leam dhol sios,
An tota mhor so fhagail,
Nach b' àite dhamh i,
'Soilleir dhuinne thair chach uile,
Nach robh duine is tìr,
A chumadh fear mar chàch mi,
Mar b' abhaist dhamh bhi.

II.

Sin 'n uair chuala Fearchar,
Mi n dearmad aig càch,
Thainig e na m' chodhail,
On b' eoil dha mo ghnas,
Thug e leis air scoid mi,
Gu seomar a mhna,
Anna lion an stop dhuinn,
'S na sor oirn' a lan,
Ge d' tha e falamh 's ro mhath 'n airidh,
'N glaine so tho'irt dha,
Gu m faigheadh e luchd eolais,
Na m biodh a phòca làn.

III.

Labhair a bhean choir sin,
Gu banail eolach glic,
Fhaic thu 'n t uan gun mhàthair,
An clarsair gun chruit,
An leabhar gun lèabhair,
'S e bheus a bhi druit,

'S an dorlach gun fhuasgladh,
  A suanaich a bhruic,
Ge d' tha thu falamh 's ro mhath 'n airidh
  'N glaine so tho'irt dhuit,
'S gun òla mid a dhà dhiu'
  Air slainte an fhir bhric.

IV.

An tì so tha mi 'g iomradh,
  'S a 'g iomagain do ghna,
Cha cheil mi air do mhuintir,
  Gach puinc mar atà,
Ge h éibhinn leam a chluintinn,
  An t saoidh a bhi slan,
Sgèul nach taitneach liumsa,
  Ma dh' iumalaid thu gnàs,
Fath mo ghearain a bhi falamh,
  'S mi tamul o d' làimh,
'S faide an fhead no n eibheach,
  'S an fhèasog air fàs.

V.

Ge d' fhuilingear gach ni 's fheudar,
  'S neo-eibhinn le m' rùn,
Thusa bhiodh 'n clar-sgithe,
  'S mi 'n tir air do chùl,
Le m' fhéasoig leathun leòmaich,
  Gu ròibeineach dluth,
'S thusa aig giù'lan malàid,
  A ghnà ann san dùn,
Fhir bhric bhallaich, s mealt na bharail,
  'M fear a thuirt o thùs,
'S fad o'n chroidhe cheu'na,
  Na 's cèin o bheachd sùl.

VI.

Ge d' thà mise an tràsa
  Da m' àrach fad uait,
Sloinnidh mì mo phàirt,
  Ris gach nàbaidh ma'n cuairt,

Ma 's beag na mor a dh' f heudas mi,
  Sprèidh chuir a suas,
Bidhi sud fuidh iochd na'n sàr-f hear,
  Nach sàraich am fuachd,
Ri là gailinn an àrd bheannabh,
  'Siad nach gearain uair,
'S tric an siubhal sealbhach,
  Air shealg do 'n taobh tuath.

VII.

Tha fir ghasta bheòghanta,
  Aig Eòghunn Lochiall,
Nach seachnadh an tòireachd,
  'N am tògbhail na'n triath,
Rachadh iad gun soradh,
  Ann còmhdhail na'n ciad,
'S math am fulang dorainn,
  'S tha crodhachd na'n gniamh,
Fir ro ghasta nach 'eil meata,
  Nach d'f huair masla riamh,
Mhathas mo chuid dhomhsa,
  'S mi 'n dochas gur fior.

VIII.

'S iad clann-mhic-Iolf hodhnaich,
  'S oirdheirce gniamh,
Luchd shiubhal a gharbhlaich,
  'S a mharbhadh nam fiadh,
Cho d' f huair iad aobhar oilbheum,
  Mar falbhadh iad sliabh,
Cha dean iad a bheag ormsa,
  'O nach lorgair mi 's fiach,
Mo chreach ma 'n coinnibh 's i fui'n comraic,
  'B'e an communn mo mhiann
Bhuachaillinn mo threud,
  'S nach bu léir dhoibh a ghrian.

IX.

Tha sliochd Jain Mhic Mhàrtuinn,
  Gu tàbhachdach treun,
Roghuinn air an Naimhdeas,
  An càirdeas, gun bhrèug,
Cho bhuin iad re falbheairt,
  Mo lamhsa nach spèis,
Far an ìsle an gàradh,
  Cha ghnà leo a leum,
Na fir ghasta gun bhiodh meata,
  'S iad nach seachuinn streup,
Le 'm beirear buaidh gach sbàirne,
  Ann 's gach àite an teid.

X.

Clanna Phí ri n seanchas,
  'S neo-leanabaidh na seòid,
Buidheann na'n sgiath ball-bhreac,
  A dhearbhadh an gleòis,
'S iad nach seachna fuathas,
  'N àm bhualadh na'n fron,
Ge b' e chuireadh fearg orr'
  Cha b' fharmadach dhò,
'N àm taraing na'n lann tana,
  Caisgear caraid leò,
Buille 'n corp cha bhuail iad,
  Tha uaisle nam pòr.

XI.

Clann Mhic'ille mhaoil mhùinte,
  Bha cliù orra riamh,
Buidheann tha do-cheannsaicht,
  Is ceansgalaich triall,
Ri faicinn an naimhdean,
  'S neo-sgàthach an triath,
B' annsa leibh ruaig shantach,
  No teantadh le fiamh,

Laochraidh ghuineach na'n arm fuileach,
'S mairg ri 'n bhuin sibh riamh,
Tha nimh is neart 'nár naimhdeas,
'S ar càirdeas gun f hiar.

XII.

Tha aig Colla còmhlain,
Nach conlapach gleus,
Luchd na'm feadan dùbhghorm,
Nach diùltadh ri feum,
Nàm na graide dhùsgadh,
Gu 'n dùbladh bhur feum,
Bha fios aig Mac-an-tòisich,
Nach sòradh iad ceum,
Dol na choinneadh san la shoilleir,
'S gun iad coimeas cheud,
B' annsa dol da bhualadh,
No bhuala 'n f hir thèud.

XIII.

'S iad sliochd Chollaidh chismhoir,
Da rireadh a th' ann,
Nach leigeadh le mùisig,
An cuis thair an ceann,
Misneach cha do thrèig sibh,
'N streup Chlanna gall,
Cha bu dual dìbh mìo-stà'
No mìothuireachd ghann,
Na fir churanta f huair urram,
Re h àm iomairt lann,
O minig luchd an aobhair,
Go craobhach a call.

XIV.

Maille ris gach suairceas,
Bha fuaite r ar gnè,
Tharaing sibh mar dhualchas,
An uaisle 'n ar Cleith,
Gu creachadh cha do ghluais sibh,
Cho chuala mi e,

B' annsa libh t eun cluaise,
Thoirt uam le m' thoil fèin,
Na mo chreachadh 's an dol seachad,
'S mi a m' airc mu m spreidh,
'S mi gun eagal tuairgneadh,
'S mo bhuaile fu' a mein.

XV.

Tha Gleangaradh Ceansalach,
Conspanach cruaidh,
Chumadh ri luchd aimhreit,
A chonspaid ud suas,
Na m tharuing gu santach,
Nan lànn as a n truaìll
Stu chuireadh air do naimhdean
San am ud an ruaig,
Bhiodh ceim criodhail air rang tri-ear,
Cha ghleidh bruinne buaidh;
Aig bùidheann mhor cheann-ard,
Nach teann mo chuid bhuam.

XVI.

Tha taichde na laimhe,
An Ceantaile so thall
Fir ghàsda neamh sgà-thach,
Gam bàbhaist bhi teann,
Ri faicinu a namhaid,
Nach faillinnach greann,
Gam minig buaidh làrach,
Le àbhachd an lann,
Neart a chlaimhe be air roghainn,
Nach d' f hàs fathast fann,
Coille 's i gun chrionach,
Gur lionmhor a clann.

XVII.

Siad marcaich na mòighe,
Fir chro na m buadh,

'M bheil ansachd is eolas,
Nach sòradh an duais,
Clànn Choinneach nan roiseal,
Na crodha mhiltean sluaigh,
Na'm beithirichean beodha,
Gan coir a bhi cruaidh,
Dream gun laige,
Ri am troide ceann a chabraich suas,
Aig luchd nan gorm lann naimhdeach,
Nach santaich mo bhuar.

---

ORAN *do mhac* Mhic Aile'n, *a marbhadh am bliadhna* 1715; *le* Jain *dubh mac* Jain Mhic Ailein.

I.

A BHLIADHNA gus an Aimsir so,
Gu'm b' fhoirmeil sinn an Ormaic leat,
'N cuirt an leoghuinn mhearcasaich,
Ge fear-dhalach sneo-mhor-dhalach,
Ge smachdail, reachdail calmar'thu,
'S neo ainmeineach ge morchuiseach,
A m bèul o m blasd' thig argumaid,
'S tu dhearbhadh le ceart eòlas i.

II.

Gur è fhad 's o'n dh' fhalbh thu uainn,
Dh' fhag aimcheisteach an comhnaidh sinn,
Gu'm b' fhearr leinn thu bhi sealgaireachd,
Air thalamh garbh na Mor-thìre,
Thu fein 's do bhuidheann anmuinneach,
Na n èireadh feargachd fòdhasan,
Bhiodh sunntach luthor armcliseach,
Sluagh garbh-bhuilleach garg comhragach.

III.

Gu'm bi sud a gheala-bhratach,
'S neo-chearbach an tus coimh stri' i
Tha chuis ud ar a dhearbhadh leibh,
Aig ro mhead fearrdha 's crodhalachd,
A liuthad oigf hear barcaideach,
A bhuaileadh tailm le 'n stroic-lannabh,
O sheile ghlas na'n geal-bhradan,
Gu h ionbhear gainmheich Mor-thire.

IV.

Tha Cana's Eig a' geilleachduinn,
Do 'n treunn fhear ud mar uachdaran
O'n 's ann leats dh' eiris iad,
Dean fèin gach treud dhiu' bhuachailleachd,
An fhiuidh ghasta thrèaubhach sin,
Nach leabhar beairtean truaillidh leo,
An laochraidh thaitneach gheurlannach,
A theid air ghleus gu fuathasach.

V.

A Uibhist thig na ceudan ort,
Fir bheur a reubadh chuantinean,
Nach gabhadh sgreamh no deistinn,
Roìmh fhrasan geur a cruaidh-shneachda,
Uair mhaslaidh riamh cho d èrich dhuibh.
An lath ar feum no cruaidh-chuise,
Gu cneadhach, lotach, bèumunnach,
Gu fuilteach creuchdach luath-lamhach.

VI.

'S mor a bhuaidh 's na tìolaicin,
'S an inntin ata fuaìte rìut,
Tha gradh gach duine chi thu ort,
Cha'n eoil dhamh fhin fear fuatha dhuit,
Fear sgipidh, measail, firinneach,
Fear siobhalt, seamh, lan suaircis thu,
Fear suntach, muirneach, briodalach,
Sar chùirteir gun ghniomh buatharadh.

VII.

Fear borb ro gharg doi-dhio-choisgt thu,
Na'n eireadh stri no tuasaid ort,
Do bhuirb ri t fheirg gu miadachadh,
'S tu 'n leoghunn neimhneach, buan-thosgach,
Mar bhuinue reothairt fior bhras thu,
Mar thuinn ri tir a bualadh, thu
Mar bhar na lafrach sior-loisgeach,
'S tu an Dreagan ri linn cruaidh-chogaidh.

VIII.

Mo chionsa an t armunn priseil ud,
Mo sheobhag fior ghlan uasal thu,
An onoir ghleidh do shinsearachd,
'S e miad an gniomh a f huair dhoibh i,
Gu'n d' fhag iad daingeann sgriobht agad
Fui' laimh an Riogh le shuaicheantas,
Bhi 't ard fhear coimhead dilis air,
'N uair dh' fhas an rioghachd tuaishreapach.

IX.

Gur a glan na friomhaichean,
'S an f hion-fhuil as'n do bhuaineadh thu,
Mo Raonullach bras mileanta,
Cruaidh cinnteach do mhein-cruadhach thu,
Ar caraig dhaingeann dhilis thu,
Cho'n ann gun stri' theid gluasad ort,
Ar ceannbheairt's ar sgiath dhidinn thu,
'S ar cloidheamh direach buan-sheasbhach.

X.

Bu bhlath an am na fiochaimh thu.
'S bu phriseil ma d' dhaoin uaisle thu,
Air mhiad 's ga 'n cosg thu chisean ris,
Cha 'n f haiceadh dith air tuathanach,
Do bhann-traichean 's do dhileachdain,
Gur h e do ni sa dh' f huasgladh orra,
Deanamaid urnaidh dhicheallach,
Gu'n cumadh criossd a suas dhuinn thu.

Marbhrann *do 'n mhac* Mhic Ailein *cheu'na leis an* Aos-dàna.

I.

BHLIADHNA leuma d'ar milleadh'
An coig-deug 's a mìl' eile,
'S na seachd cèud a rinn imtheachd,
Chaill sinn ùr-ros ar fine,
'S gèur a lèus air ar cinneadh ra'm beò.

II.

Mo sgèul àir mo chràdh croidhe,
Ar triath Raonullach dlitheach,
Dh'ordaich Dia dhuinn mar thighearn'
Gu là bhrath nach dean tighin,
'S tu 'n Inbhear-phèphri fui' ritheadh no'm bord,
'S tu 'n Inbhir-phèphri, &c.

III.

Marcaich Suntach na m pillein,
Air èach cruidheach nach pilleadh,
Nach gabhadh cùram no giorag,
An àm dùbladh an teine,
Mo sgeul geur bha do spiorad ro mhor,
Mo sgeul geur, &c

IV.

Cuirt'ear aigeantach, mileant'
Muirneach, macanta fiorghlic,
Ga n robh cleachda gach tire,
Agus fasan gach rioghachd,
Teanga bhlasda ri inse gach sgeòil.
Teanga bhlasda, &c.

V.

Leoghunn tartarach meanmnach,
'S cian 's as fad a chuaidh ainm ort,
Beul a labhradh neo-chearbach,
Ba mhor do mheas aig fir Alba,

S thu to'irt prosnachadh calma do'n t shlògh.
'S tu to'irt prosnachadh, &c.

VI.

Fiuran gasda deas dealbhach,
'S gàthan tlachdar na h Armailt,
'N uair a dh eireadh an fhearg ort,
B' ann air ghile 's fiamh dhearg ort,
Cha run pilleadh bha meamnadh an laoich oig.
Cha run pilleadh, &c

VII.

Bha thu teom ann 's gach fear-ghniomh,
Bu tu sgiobair na fairge,
Re la cas 's i tighin gailbheach,
'N uair a dheireadh i garbh ort,
'S tu gun diobradh an t an-bhar ma bòrd.
'S tu gun diobradh &c.

VIII.

'N àm siubhail a gharbhlaich,
Bu tu tagha an t sealgair,
As do laimh bu mhor earbsa,
Air an fhiagh ba tu 'n cealgair,
'S tu roinn gaoith agus talmhuinn mu shroin.
'S tu roinn gaoith, &c.

IX.

Oirne dh' iomaich an fuathas,
An sgriob so thainig o thuath oirn,
Tha ar càbail air fuasgladh,
Chuaidh ar n eir-thire a sguabadh,
A's sinn mar chuileinean cuaine gun treoir.
A's sinn mar chuileinean, &c.

X.

Chaill sinn reull na'n dualun,
Chuaidh ar riaghailt a ghluasad,
Ar cairt-iuil air falbh uainne,
Bhrist ar stiuir; mo cheud truaighe,
Sinn mar luing ann an cuan 's i gun seol.
Sinn mar luing, &c.

XI.

Sinn mar llnne gun mhàthair,
Mar thrèud gun bhuachaill gnàthaicht,
Sinn fuidh bhruid aig ar nàmhaid,
H uile fear a' to'irt tàir dhuinn,
'S na coin luirg gach aon là air ar tòir.
'S na coin luirg, &c.

XII.

Dhuinn 's neo-shubhach an geamhradh,
An ruaig thug sinn gu galtachd,
Cha bu bhuannachd ach call dhuinn,
Nios mar cholainn gun cheann sinn,
O rinn Raonull a's t samhradh uainn falbh
O rinn Raonull, &c.

XIII.

A ghnùis a b' àillidh ra sireadh,
An t sùil ba bhlaidhe gun tioma,
An leoghunn àrd air dheagh-oilein,
'Nach do chuir ùigh an gniomh foilleil,
Ach an rìoghalachd shoilleir gun leòn,
Ach an rìoghalachd, &c.

XIV.

'S cil leam càradh do cheile,
'S bean na h aonar a'd' dhèigh i,
'N dèigh a sgaradh o cèud-ghradh,
Mhic ic Ailein o'n dheug u,
Fhir a leanadh an fhèist mar bu choir.
Fhir a leanadh, &c.

XV.

Ach fhir thug Maois as an Eaphaid,
'S a sgoilt a mhuir na clar rèith dhoibh,
Thug an triur as an èiginn
O bhi dathadh an creuchdan
A riogh na'n rìogh na leig èag-coir da'r còir.
A riogh na'n rìogh, &c.

CUMHA *Chlann* Domhnuill, *leis an aof-aana cheu'na.*

I.

GU Bheil mulad air m'intinn
Dh' fhalbh gach ti bheireadh aire dhomh,
Gur fad on la dh' inntrich,
An sgriob sin ri teannadh oirn,
'S an deiche 's an coig bliadhna,
Seachd cèad-diag sin do'n annaladh,
Thuit craobh chosgair ar didinn,
Bha ga'r dion o gach an-shochdair.

II.

'N uair sin b' aigeantach, sunntach,
Muirneach, arranta,
Tighearna mhùideirt,
A cuir sunt fui'na fearabh ud,
Bha maise ann ad urluinn,
Leis gach suil gheibheadh sealadh ort,
Nach faigheadh o'n durachd,
Mio-run tho'irt do 'n Ailein ud,

III.

Gu'm b' è sud an t og trèabhach,
Bha gleusta ann 's gach fearachas,
'S deas a rachadh ad èideadh,
'S bu gheur ann a'm barrail thu
Criodhe na feile,
Nach do leabh a bhi gangaideach,
'S e spiorad bo treine,
Làn speise gun ain-eolas.

IV.

Ann san t samhradh na dheigh sin,
Dh' fhalbh Raonull 's cha'n fhanadh e,
Dh' fhag e sinne na dheigh,
Gun fhear gleit ris an teannadh mid,

Ach Aingeial mhic De,
  Mar sgèith bhi' ga t anagladh,
Gus am faicear dha fein,
  Gu'n glèidh e na fearuinn dhuit.

V.

Cha do chaill sinn ar spèurad,
  Is Sir Seumas a feitheadh oirn,
G' ar cumail ri cheile,
  Sar feum bhi ga ghleatheadh dhuinn,
B'e sud an Tuir threun,
  An robh rèim mar-ri faighidinn,
Ach o'n chai tu èug,
  Cait an lèir dhuinn do leithidse.

VI.

Nuair bha thu ad dhuin og,
  Bha thu còmhraiteach suidhichte,
Beul a labhradh gu fòil,
  'M bòsd cha robh ceangailt riut,
Aìgne gun ghò
  Air mo dhòidh cha bu dlitheach dhuit,
Dh aithneite riàmh a r do sheol,
  Gu n steòrnadh tù tìghearnas.

VII.

Ach ge d' fhuair sinn ar leòn,
  Bha ar dòchas a' fuireach ruinn,
Fhad 's ba mhairiunn Sir Dòmhnull,
  Bha treòir dhuinn san Urra sin,
Croidhe mar leòghunn,
  'N robh mòrchuis le duineadas,
'S è do chuir fui' an fhoid,
  Dh fhag fui' bhron gu buileach sinn.

VIII.

Ach ge d' bha 'm buille sin cruaidh,
  Rinn t uaislean cumail ris,
O'n bha do mhac a suas,
  Gu fuasgladh gach cunnairt dhoibh,

Ach a nois tha 'n sgèul cràiteach,
  Mu'n àilleagan uramach,
O'n a dhruid riut am bàs,
  'S tùs ànraith ga d' chumant è.

IX.

Oirne thainig an t àr,
  'S moran t abhar gearain duinn,
'N aon chraobh bha gu h ard,
  An sabh air a gearradh uainn.
Gur è sguabadh an lair,
  So bhath an teallach oirn,
Chaill sinn uil' ar liunn-tath,
  Ri linn bais mhic' ic Alastair.

X.

Fhir chroidhe mo ghràidh,
  Bu bhlath ris gach caraid thu,
Bu mhor t fhuran ri daimh,
  Bha thu làidir ceannasach,
Gu'm bu leigeadh ri h * earrlaid,
  'N tùs faillinn bhi teannadh-riut,
Gu'm bu chobhartach ràidh oirn,
  Gu brath fhad 's ba mhairiunn thu.

XI.

'S miste mise 's cha n fheairde,
  Bh dh 'g àireamh na chailleadh orm,
Dh' fhalbh mo shugradh 's mo mhànran,
  O'n la chairead a' s' talamh sibh
Dh' fhalbh mo chruit 's mo cheòl gàire
  Dh' fhalbh mo ghairdeachas onorach,
Dh' fhalbh m' airm agus m' èideadh,
  Dh' fhalbh gach sgèimh bh'air mo choluinse.

XII.

'S e ceann-fath mo liaithidh,
  An sgiala dona so,

* *Earsba.*

Mi air fas am mhaol ciarain,
'S nach iar iad mo chonaltradh,
C' aite am faic' mi le m' lèus,
Na theid ann an coimeas ribh,
'S buileach glan thug an nial,
A ghrian lea cuid solais uainn.

---

ORAN *le* Niall Mac Mhuirich *Seanchaidh Chlann-Raonuill, 's e na shean duine aig a bhaile, air faighinn sgeula dha gu'n do chreuchuadh mac mhic* Ailein *am Blar slia' on t sioram, seal ma'n* d' *fhuair e naidheachd a bhais.*

I.

GUR è naidheachd na ciadain,
Rinn mo chruidheachd a shiaradh
Le liunn-dubh 's le bròn cianail.
Gun d' dhruith e trom air mo chriochabh,
Mo sgèul duilich nach iar mi ar còmhradh,
Mo sgeul duilich, &c.

II.

M' ullaidh m' aidhear a's m' aiteas,
Tha fuidh bhinn aig fir shasunn,
Ar Tighearn' og maiseach,
An t ogh' ud jarla na'm bratach,
Mac an fhir thug dhomh fasga n'ar b' òg mi.
Mac an fhir thug, &c.

III.

'S truagh gun mise bhi' làmh riut,
'N uair a leagadh sa bhlar u,
Gu cruaidh currannta làidir,
Agus spiunnadh na'n Gaidheal,
'N àile dhiolainn do bhàs dheanainn feolach.
'Naile dhiolainn, &c.

IV.

Uibhist aithearach, eibhinn,
Dhubhach, ghalach, is dheurach,
Nois o rug ort am bèum so,
'S goirt ri fhulang na 's èiginn,
Liuthad fear ata 'n deigh air Mac Dhònuill.
Liuthad fear ata 'n deigh, &c.

V.

Cha 'n e 'n Domhnull sin roimhe,
Ach mac sin Dhomhnuill ogh' Jain,
Ailein eibhinn an aidhir,
Uram feile; riogh flatha,
Ceannart meadhrach gu caitheadh na mòr-chuis.
Ceannart meadhrach, &c.

VI.

N'air a chiaradh am feasgar,
Gu'm biodh Brandaidh ga losgadh,
Fion frangach ga chosg libh,
Coinnlean cèire ga 'n lasadh,
Sàr cheann-feadhnadh toirt prosnachadh ceoil duibh.
Sàr cheann-feadhnadh, &c.

VII.

Gu'm biodh fiodhull ga rùsgadh,
Buidheann thaitneach air ùrlar,
Pìob a' sgaladh na'n siunnsar,
Fuaim talla ra chùl sin,
Iomairt chleas air chrios cuil no'm fear oga.
Iomairt chleas, &c.

VIII.

M' ulaidh, 's m' aidhear an t fhiuran,
'N t Ailein aidhireach, iular,
Bha gu macanta mùinte
Dh' fhàs ga h aigeantach ùiseil,
Fhuair mi eibhneas ad chuirt 's cha b' e'n dòlam.
Fhuair mi eibhneas, &c.

IX.

Bu tu m' urram is m' annsachd,
  Cha seinn mi eachdraidh do bhàis ort,
Aig eagal droch fhàistinn,
  'N duil gu faicinse slan thu,
Mar a faic gu'n to'ir gailic na 's mo uam.
  Mar a faic, &c.

X.

Tha mi sgìth 's gun mi ullamh,
  'S mi 'n deighi mo churaidh
Gun duil risean tuille,
  B' fhearr nach biodh na h urad,
O'n là chualadh gun d' chuireadh do leon ort.
  O'n là chualadh, &c.

---

MARBHRANN Mhic-'ic-Ailein, *le* Niall Mac Mhuirich *ceu'na*.

I.

OCH a mhuire mo dhunaidh,
  Thu bhi' ad shìneadh air t uilinn,
'N tigh mòr mhorair Drumad,
  Gun ar dùil re d' theachd tuille.
Le failte na le furan,
  Dh' fhios na dùcha da'm buineadh,
A charadh jarla choig Ullaidh,
  'S goirt le ceannard fir Mhuile do dhìol.
'S goirt le ceannard, &c.

II.

Dh' fhalbh Domhnull na'n Domhnull,
  'S an Raonull a b' òige,
'S mac-'ic Alastair Chnòideart,
  Fear na misniche mòire,
Dh' fheuch am beireadh iad beò ort,
  Cha ro'n sud dhoibh ach goraich,

Feum cho rabh dhoibh na'n tòireachd,
'S ann a fhuair iad do chomhradh gun chld.
'S ann a fhuair iad, &c.

III.

Mo chreach mhor mar a thachair,
'S è chuir tur stad air m' aiteas,
T' fhuil mhoralach reachdar,
Bhi' air bócadh ad chraichdean,
Gun seol air a casgadh,
Bu tu rìgh na 'm fear feachda,
A chum t onoir is t fhacal,
'S cha do phill thu le gealtachd a nìos.
'S cho do phill, &c.

IV.

Mo cheist Ceandard Chlann Raonuill,
Aig am biodh na cinn-fheadhnaidh,
Na fir ur air dheagh fhaoghlum,
Nach iaradh do'n t saoghal,
Ach airm agus aodach,
Le 'n cuilio-bhaire caola,
Sheasadh fad air an aodainn,
Rinn iad sud a's cha d' fhoad iad do dhion.
Rinn iad sud, &c.

V.

'S mor gàir Ban do chinnidh,
O'n a thòisich an iomairt,
An sgeul fhuair iad chuir tiom orr,
T' fhuil chraobhach a' sileadh,
'S i dortadh air mhire,
Gun seol air a pilleadh,
Ge d' tha Raonull ad ionad,
'S mor ar call ge do chinneadh an riogh.
S mor ar call, &c.

VI.

'S trom puthar na luaidhe,
'S goirt 's gur cuthann a búaladh,

Nach do ruith i air t uachdar,
  'N uair a dh' iuntraich iad uath thu,
Thug do mhuintir gair cruaidh asd,
  Ach 'se ordagh a f huair iad,
Ceum air 'n aghai le cruadal,
  'S a bhi leantail na ruaig air a druim.
'S a bhi leantail, &c.

VII.

Dheagh mhic Ailein mhic Jain,
  Cha robh leithid do thaighe,
Ann am Breatunn re f haighin,
  Tigh mor fiughantach flathail,
'M bu mhor sugradh le h aidhear;
  Bhiodh na h uaislean ga thathaich,
Rinn iad cuimse air dò chaitheamh,
  Ann an toiseach an latha dol sios,
Ann an toiseach, &c.

VIII.

'S iomad gruagach a's breideach,
  Eadar Hibhist a's Sleibhte.
Chuaidh am muthadh ma d' dheibhinn,
  Luidh small air nà speurabh,
Agus sneachd air na geugan,
  Ghuil eanlaidh an t sleibhe,
O'n la chual iad gnn d' eug thu,
  A cheaun uìdhe na'n ceud ba mhor pris.
A cheann uidhe, &c.

IX.

Gheibhte ad bhaile ma f heasgar,
  Smuid mhor 'scha b' e 'n greadan,
Fir ur agus fleasgaich,
  A' losgadh fudair le beadradh,
Cuirn a's cupaichean breaca,
  Piosan oir air an deilltreadh,

'S cho b'ann falabh a gheibht iad,
  Ach gach deoch mar ba neartaire brigh.
Ach gach deoch, &c.

X.

'S iomad clogaid a's tàrgaid,
  Agus claidheamh cinn airgid,
Bhiodh mar coinnibh air ealachainn,
  Dhomhsa b' aithne do sheanchas,
Ge do b' fharsuinn ra leanmhuinn,
  Ann an eachdraidh na h albunn,
Raonuill oig dean beairt ainmeil,
  O'n ba dual duit a leanmhuinn mar ghniomh.
O'n ba dual, &c.

XI.

'S cha ba lothagan cliata,
  Gheibht a'd' stapuill ga 'm biathadh,
Ach eich chruidheach shrianach
  Bhiodh do mhiolchoin air iallabh,
'Siad a' feathadh ri fiaghach,
  Ann sna coireinibh riathach,
Se mo chreach nach do liath u,
  Ma 'n tainig teachdair ga d' iaraidh o'n Riogh
Ma 'd taiuig, &c.

---

Molladh *an* Leòghuinn, *air fonn Cabar Feigh le* Alastair Domhnullach Mac Mhaighistir Alastair.

I.

FAILTE an leoghuinn chreuchdaich,
  Is eagsamhail spracalachd,
'N uair dheireadh do chinn fheadhnadh,
  Ba mheadhrach am brataichean,
'N uair chruinnicheadh gach dream dhiu,
  Gu ceannsalach tartarach,

Bhiodh pronnadh agus caltach,
Air naimhdean a thachradh ribh,
Iad gu h oirdhearg air bhar cor-a-ghleus,
Teinnteach foir-dhearg lasrachail,
'S àrd a n stoirm air mhire conbhaidh,
'S lainn na'n dorn ri spealtaireachd,
Le 'n gèur cholg gu Strachdadh bhuolg,
A' gearradh cheann a's chorpunnan,
Cha sluagh gun chruaidh gun cheannsal,
Le 'n lann bheireadh fosadh orra.

II.

Dùisg a leoghuinn èachdaich,
'S dean èiridh gu fathramach,
Air brat ball-dhearg brèid-gheal,
'S fraoch slèibhe mar bharan air,
Tog suas do cheann gu h eatrom,
'S na spèurabh gu caithriseach,
'S theid mi fhèin choi-ghèur,
'S a dh' fhèudas mi ad arabhaig,
Togam suas do mholadh priseil,
'S do chean rìoghail farasta,
Cho 'n eil ceann no corp san rìoghachd,
An cruaidh ghnìomh thug barachd ort,
An ceann cruadalach àrd sgiamhach,
Maiseach fìr-dheas arranta,
'S tric thug sgairt ri h uchd an fhuathais,
Ri h àm luchd t fhuatha taruinn riut.

III.

Co b' urainn tair no dìbleachd,
Gu dìlinn a bharalacha,
No shamlaicheadh riut mì-chliu'
A riogh na'n ceann barasach,
A chreatair ghasta rìomhaich,
'S garg fìr-dheas do thariunn-se,
Air brat glan do'n t sìoda,
Ri mìn chrann caol gallanach,

E ri plapraich ri crann brataich,
A' stalcadh chas gu h eangara.
'S còmhlain ghasda lan do ghaisge,
Teanail bras go leanailt ris,
Fearg gu casgairt na'n gnùis dhaite,
Fraoch a's fras go fearachas,
Bhiodh sgrios a's lannadh sìos,
Air luchd mìo-ruin a bheanadh rut.

IV.

Cha rabh gorta gleòis'
Air an t seòrsa o'n ghineadh tu,
An dream rathail mhorchuiseach,
Chomhraigeach iomairteach,
Ba ghunnach dagach or-sgiathach,
Gòirseideach nimheil iad,
Ba domhain farsainn crèachdach,
Cneidh èachdach am fironnaich,
Iad gu sùrdail losgadh fùdair,
Toit a's smuid o lasraicheaean,
Na fir ur gheala luthor,
A ghearradh smuis a's aisnichean,
Lannan dubh ghorm, ghèura, chul-tiugh,
'N glaic na fiuran aigeantach,
A' sgoltadh chorp a sìos ga'n rumpaill,
Surd le sunt air strachdaireachd.

V.

'S foinnidh fearail làidir,
Cuanda dàicheil cinneadail,
Sliochd na'n Collaidh làmh dhearg,
'S iad làn do dh' àrd spiorad anta,
Choi-dian ri lasair chrà dheirg,
'S gaoth mhàirt a' cuir spiunnaidh int'
Guun mheang gu'n mheirg gun fhàillinn,
'N ar càileachd ge d' shire sibh,
Na fir chogach theid 's na trodabh,
Nach biodh roi' lotabh gioragach,

Nach iar prosnadh re h àm cosgraidh,
  A phronnadh chorp a's mhionaichean,
A, sgathadh cheann a's lamh a's chas diubh,
  Ann 's an toit le mire chath,
Na fir bheura thrèun-f heardha,
  Gheur armach f hineadail.

VI.

An cinneadh maiseach treubhach,
  Na'n rèth chuilbheir achfuinneach,
Nach diultadh dol air ghlèus,
  Re h àm feum gu grad mharbhadh,
Madaidh is uird ghleusta,
  Gu beumadh na n sradagan,
A conas dearg ri cheile,
  A, cur eibhlin gu lasraichean,
Frasan dealanach dearg pheileir,
  Teachd o'r teine tatarach,
A 's pada a' pronadh 's a leadairt,
  Na'n corp ceigeach casagach,
Lannun gubh-ghorm dol gu'n dùbhlan,
  A' gearradh smùis a's aisnichean,
Aig na treunabh cruaidh-bheumnach,
  'S luath bhualadh speachunnan.

VII.

Clanndomhnuill tha mi g rà,
  'N sar chinneadh uramach,
'S tric a f huair 's na blàrabh,
  Air nàmhaid buaigh-iomaineach,
Iad fearadha tapaidh dàna,
  Comh làn do nimh ghuinideach,
Ri nathraichean an t slèibhe,
  Le 'n gèur lannabh fulannach,
Iad gu sitheach gleusda cosluath,
  Rùnach bos-luath, fulasgach,
Cruas na craige luas na draige.
  Chluinnte fead am builliunnan,

Na fir dhàna, luthor, nàrach,
 Fhoinnidh, laidir urranta,
Chomh-gharg re tuil-mhaoim sleibhe;
 No faloisg gheur na munainnean.

VIII.

A charaig dhainneann dhileant,
 Nach diobair gun acarachd,
Gluais suas gu spòrsail rìoghail,
 Roi' ad mhìlinibh gaisgeante,
'S iad mire geal na cruadhach,
 Gun truailleadh gun ghaise iad,
'S bòcain a chuire ruaig iad,
 Bheir buaidh le 'n sluagh brasbhuilleach,
'S ioma fleasgach culbhui' dòid-gheal,
 Is garbh dorn a's slinneinin,
A dh' èireas leat ann tùs na comhstri,
 A ni còmhrag moin-bhuailteach,
Iad gu bonn-mhall, bas-luàth; crodha,
 Saitheach, stroiceaeh, iomartach,
A dol a sios ann am na tèagbhail,
 'S leoghunn bèic air mhire aca.

IX.

A leoghuinn bhèucaich ghruamaich,
 Bheil cruadal air tuineachadh,
Is tric a dhearbh an cruaidh chuis,
 'S na buan ruagabh cumasgach,
'N uair a spealpte suas thu,
 Le d' bhuaidh ri crann fulannach,
Chìte con f hadh ruaimleach,
 Ann gruaidhibh a h uile fir,
'S dainneann seasbhach rang do f hleasgaich,
 'N uair bhiodh deise tarainne orra,
Cha to'ir eagal nàmhaid eag anta,
 'S iad mar chreag nach càraicheadh,
'S glan am preas iad chaoidh cha teich iad,
 'S fiodh nach peasg do'n darach iad,

'S tric fhuair sibh air 'ur nàmhaid,
'S na blarabh buaidh chaithreamach.

X.

Na n tigeadh ortsa fòirneart,
Ga d' leoin o chrich aineolaich,
Coigrich le rùn dòbheairt.
Gu d' chòir tho'irt a dhaindeoin diot,
'S iomad làn cheann ìleach;
'S lainn lìobha 'm beairt dhainnean ann,
Thàirneadh suas ri d' shìoda,
Do t fhior-fhuil d' ad tanagladh,
Fuirbinn chomasach nach cromadh,
Roi' fhrois tholladh phearsannan,
'Nach biodh somalt' dhol air cholluinn,
'N am bhi sonnadh chlaigeannan,
Crunluath lomara ga phronnadh,
Air pìob lonnaich thartaraich,
A chuireadh anam ann sna marbhadh,
Dhol gu fear-ghleus gaisge leo.

XI.

Stochd Clanndòmnull dh èireadh,
Le n geugabh 's le meanganan,
B' i sud a choille cheatach,
A b' èagsamhail 's bu cheannardaich,
'N nair thàirneadh iad ri cheile,
Gach treabh dhiu' gu fearachail,
'S mairg a spioladh feosag,
Na leo da ghreannaicheadh,
Bhiodh cinn a's dùirn da sgatha dhiù' san,
Ann an dusail lannaireachd,
Fuil ri feur-iomachd 's ri srùladh,
Feadh na'n lùb 's na'n camhanan,
Bhiodh lannan lotach dùbh-ghorm,
Cuir smùidrich do cheannabh ghall,
'S caoidhran cruaigh a's rànaich,
'S an àraich gu gearanach.

XIII.

Cait a bheil san rìoghachd,
 Aon fhear-ghniomh thug barachd oirbh,
No phrosnaicheadh chum stri sibh,
 A mhìlinibh bearaideach,
Na tuirinn sgairteil phriseil,
 Do 'n fhior-chruaidh nach fannaicheadh,
Da 'm b' àbhaist a bhi dilis,
 'S nach diobradh na ghealladh iad,
Gadhar chatha thèid mar shaighead,
 Sios le 'n claidheamh dealanach,
Nach to'ir athadh gun dad athais,
 Gus an sgath iad beallaich rompa,
Cuirp da'n sgathadh 's cruaidh da crathadh
 'S orra pathadh falanach,
Cluintir fead, ar clàidhean,
 Truagh ghàir agas langanaich.

XIV.

Tha iomad mìle an Alba,
 Do gharbh fhearabh fulasgach,
Shliochd Ghàidhil ghlais a's Scota,
 Thig deònach m 'ur cularabh,
Gun tig iad le rùn cruadail,
 'S gu 'm fuaigh iad gu bunailteach,
Ri teanchair ghairg an leoghainn,
 'S ra spògabh dearg fuileachdach,
Togabh libh gun airc gun easbhuidh,
 Trom fheachd seasmhach cunnbhalach,
Do laochraidh dheasa shunntach threiseil,
 Theid neo-leisg 's an iomairt-sgleo,
Cha n fhachdas riamh na suinn na'n geitllibh,
 Dol ann teas na'n cumasgan,
Teichidh iad o'r stròicibh,
 'S o'r sroleabh breac duilleagach.

ORAN *do Shir* Lachluin Mac Ghilleain *triath* Dhubhairt, *le* Eachunn *bachdach* Mac Gilleain *an t aos-dana.*

I.

THRIALL ar bunadh gu Phàra,
Co b'urraìnn da sheanachas?
Mac Mhuirich, * Mac Fhearghais,
Craobh a thuinich re Aimsir,
Fhriamhaich bun ann an Alba,
Chuidich fear dhiu' Cath-cairbheach,
Fhuair sinn ulaidh fear t ainme theachd beò.
Fhuair, &c.

II.

Cha chraobh chuir is cha phlanta,
Cha chnòdh 'n uraidh o'n d' fhàs thu,
Cha bhlàth chuireadh ma bhealltainn,
Ach fas duillich a's meanglain,
An miar mullaich so dh' fhàg sinn,
Cuir a Chrìosd tuilleadh an àite na dh' fhalbh.
Cuir, &c.

III.

'S mor puthar an Ràithse,
'S trom dubhach a dh fhas sinn,
Gur a cumhann leinn t àrdach,
'N ciste luthaidh na'n clàran,
'S fhad is cuimhne leinn càradh na'm bòrd.
'S fhad, &c.

IV.

Chuaidh do chiste 'n tigh geamhraidh,
Cho do bhrist thu chno shamhna,
Misneach fear Innse-gall thu,
'S mor is miste do rantaidh,

* *Clerk-Register of Icolumkill.*

Nach do chlisg thu roi' armailt,
  Fhir bu mheasaile n campa Mhontrose.
Fhir, &c.

V.

Fhir pu rìoghaile cleachda,
  'S tu ba bhìodhganta faicinn,
Dol a sios am blàr machrach,
  Bhiodh na miltin mad' bhrataich,
Chuid ba phriseil don eachdraidh,
  Luchd do mhìo-ruin na'n caist ort,
'S ann a dh' inste leo t fhasan,
  'Nuair ba fgìth leo cuir fgapadh na'm feòil.
'Nuair, &c.

VI.

Cha bhiodh buannachd do d' nàmhaid,
  Dol a dh' fhuasgladh uait làmhuinn,
Bha thu buaghach 's gach àite,
  Cha b'e fuath mhic a mhàille,
Fear do shnuadh theachd na àrdaich,
  Cha dath uaine bu bhlath dhuit,
'Nuair a bhuaileadh an t ardan ad phòr.
  'Nuair, &c.

VII.

Gu'm b' aithriseach t fhéum dhoibh,
  'N àm na'n crannan a bheumadh,
Chum na'n deannal a shèideadh,
  Bhiodh lann tana chruaidh ghéur ort,
'S tu fad la air an t sheirm sin,
  Cha tigeadh lag bhuile meirbh as do dhòrn.
Cha, &c.

VIII.

'N àile chunaig mi aimsìr,
  'S tu ri siubhal na sealga,
Cha bu chuibh ort an garbhlach,
  Pic do'n iubhar cha d' fhàs, i,

Chuireadh umhail na sbàirn ort,
Cha b'i fuitheal a tàirne,
Na m biodh lutha na crannghail,
Chuireadh siubhal fui' earr-ite'n eòin.
Chuireadh, &c.

IX.

Glac chòmhnard an càradh,
'M bian ròinneach an t sheana bhruic,
Cinn stòrach o'n cheardaich,
Cha bhiodh òirleach gu'n bhàthadh,
Eadar smeòirn agus gainne,
Le neart corcaich a Flànras,
Cha bhiodh feolach an tearmad,
Air an seoladh tu'n crann sin ad dheòin
Air an, &c.

X.

Cha b'e sin mo luan càsga,
'Nuair a bhuail an gath bàis thu,
'S truagh a dh' f hag thu do chairdean,
Mar ghair sheillein air laraich,
'N deigh a mealunnun f hàgbhail,
No uain earaich gun mhàthair,
'S fad a chluinnear an garaich mu'n chrò.
'S fad, &c.

XI.

Gu'm ba mhath do dhìol freasdail,
'N tigh mor am bial feasgair,
Uisge beatha na'm feadan,
Ann am piosun ga leigeil,
Sin a's Clàrsach ga spreige ri ceòl.
Sin, &c.

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

XII.

Bhuineadh dh'inne 'na ùr-ros,
Fear ar tighe 's ar crùn' air;
Ghabh an rathad air thùs uainn,
Liuthad latha ra chùndas,

Bh'aig maithibh do dhuthcha,
  Miad an aidhir 's a mùirne,
Bha mi tathaich do Chùirte,
  Seal ma'm b' aithue dho 'n turlar a dh'fhalbh,
Seal, &c.

XIII.

B'eòil dhomh inse na bh'aca,
  Gu'm bann do mhiannan Shir Lach'uinn,
Bhi 'g ol fìona'n tigh farsainn,
  Le mnai riomhach neò-as-caoin,
Glòir bhinn agus macnus,
  Ann 's an am sin 'm ba chleachd' libh bhi pòit.
Ann, &c.

XIV.

'N àm na fàire bhi glasadh,
  Bhiodh a chlàrsach ga creachadh,
Cha bhiodh ceòl inte an tasgaidh,
  Ach na meòir ga thoirt aiste,
Gun leòn lâimhe gun laige,
  Gus 'm ba mhiannach leibh cadal gu fòill.
Gus, &c.

XV.

Bhiodh na cearraich le braise,
  Iumairt thàileasg ma'n seach orr',
Fir fòirne ri tartar,
  Toirm a's muidheadh air chairtean,
Dolair spàinteach a's tastain,
  Bhi' ga'n dìoladh gun lasan na'n lorg.
Bhi', &c.

XVI.

Thug càch teist air do bhèusan,
  Bhà gradh a's eagal mhic Dè ort,
Bha fàth seirce ga d' chèil ort,
  Bha rògha diseachd a's deilbh ort,

Cha rohb ceist ort mar threun f hear,
  Bhiodh na scriobtair ga'n leabhadh,
Ann ad Thalla ma'n eireadh do bhord.
  Ann, &c.

XVII.

Ge bu lion'ar ort frasachd,
  Chum thu direach do d' mhácabh,
Do bhreid riomhach gun srachda,
  Cha Do dhiobair ceann slait thu,
O'ns ' è Criosd a b f hear beairt dhuit,
  'Sin an Ti a leig leat an taod sgoid.
'Sin, &c.

XVIII.

A mhic ma ghlacas thu'n stiur so,
  Cha bu fhlathas gun duchas,
Dhuit bhi grathunn air t urnaigh,
  Cuir da caitheamh an triur orr,
Cuir an t Athair an tus orr,
  Biodh a Mac na f hear iul orr,
An Spiorad Naomha ga giulan gu nos.
  An, &c.

---

ORAN *do* Lach'unn *mor* Mac Gilleain *triath* Dhubhairt, *le* Eachunn *bachdach*.

CHORUS.

Lach'uinn oig gu m faic mi thu,
  Mar tig leon no bas orm
Go'm faic mi fui' cheann bliadhn' thu,
  Mar glac fiabhras ard mi,

A ghnuis sholta 's am beul o'n sochdrach gaire,
Do dheud gun sgor 'o m binn thig gloir
O'n faighinn pog a's failte.

I.

ALACH'UINN oig gu'n innsin ort,
Sgeul is binn ri aireamh,
Nois o rinn e craobhsgaoileadh,
Sna bheil an taobh so dh'f hairge,
Tha thu lan do dh' f hin-ealtachd,
Choimh ceart sa dhinseadh seanchas,
Gur mac Iain ghairg da rireamh thu,
Ann am dol sios ann garbh-chath.

II.

'S e Ceannard* Chlann-illeain,
Dh'f has flathasach le cruadal,
Sgaoil e feadh gach tighearnais,
Gun d' ghleidh thu dlitheil t uaisle,
Ach 's ioma neach ba shugradh leis,
Crubadh ann an truailleachd,
Ach rinn thu beairt ba chliutaicbe,
Air an duchas mar ba dual duit.

III.

'S e na chuir mi dh'eolas ort,
Dh' fhag an ceo ma m' shuilibh,
Aig a mhead sa f huair mi, dheth,
Gun d' leig mi ruaig an tus ort,
Dh' aithnichin air an f haiche thu,
A lub na'n cas-chiabh urghlan,
Gum b' ursann cath air gaisgibh thu,
Na'n tigeadh creach ad dhuthaich.

IV.

B' e sud an gasan leis m ba taitneach,
Picean daitht a lubadh,

* i. e. Clannghilleinoin.

'N t iubhar nuadh ga luthadh ga chluais,
'M beithe uait bu shiubhlach,
Ceir a's rosaid dluth fui' t ordaig,
Ite an eoin gu h urghlan,
Mu chaol an fheigh m'an gearr e leum,
Bhiodh fhuil na leine bruite.

V.

Sid na h airm a ghlacainn duit,
A dhol air sraid an fhudair:
Cuilbheir a ghleus shniamhanaich,
A bheul o'n cintich cuimse,
Spainteach ladair fhulangach,
'N laimh a churaidh chliutich,
'S a 'n sgiath bu tric an taisbeineadh,
Air ghairdein deas na'n luth-chleas.

VI.

Mo ghaol a 'm fear caiteineach,
A leabh a chairt 's rinn gual dith,
Leis an eireadh brataichean,
A steach o ghlaic na m fuar-bheann,
'N am dusgadh as an cadal doibh,
Gun d' bhuail thu paisa mu'n chluais orra,
'S thilg thu steach an teachdaireachd
'S an ceart air bhachd an guaillean.

VII.

'S ioma bratach shuaicheanta,
'N robh smuais a's cruas a's cairdeas,
Eadar ruthà Chuitheirnis,
Gu dubhairt thun a Garbh-leit,
Dh' eireadh a h Aird ghabhar-shlios,
Fir fhoghainteach neo-sgathach,
Dhearbhhinn fhin gun geilleadh dhuit,
Fir ghleusta o Bhra charnaig,

VIII.

Ghluaiseadh leat as na h eileinibh,
Dream nach ceil an gradh ort,

Thigeadh ort a Moir-innis,
  A bhratach leòghant' làidir,
Chì-te sud gu follaiseach,
  Fir fhoinnidh ann an Aros,
Na fir ùra nach diùltadh,
  Sgiùrs thoirt air an Nàmhaid.

IX.

Dh' eireadh seoid o'n Mhuaithe leat,
  Nach cuireadh bruthach spàirn orr'
Na'n ceann-a-bheairtean glana,
  Na'n lannan geal 's na'n targaid,
Na'n cuilbheirin caol acfuinneach,
  Aig gaisgich na'n gniomh gailbheach,
A dheanadh luath a chaisleacha,
  'N uair dh' èireadh frad o theanachair.

X.

Bhratach aig Clanndòmhnuill,
  'N a'm biodh ad chòir gu m b' fheairde,
Dh' fhas gu seasmhach cruadalach,
  'N uair ghluaiseadh iad na'n armadh,
Ann an gliocas firinneach,
  Cho math sa scrìobh an seanchas,
Sud au dream bha innsginneach,
  Ra 'n inseadh nach robh leanabail.

XI.

Fear b' fhearr feum air chuaintibh reith,
  Sè Lach'unn fèin mo rùnsa,
An trèun-laoch gasta dh fhas gu spraichdeil,
  A b fhearr cleachda 's munadh,
Tha mi airstnealach a' m' aigni,
  'O nach fhaic mi 'n t 'iùran,
Dh' fhag sud tacaid fad fui' m' asnaich,
  'S leig mi mach mo thursadh

CHORUS.

Lach'uinn òig gu m faic mi thu,
  Mar tig leon no bas orm

Gu 'm faic mi fui' cheann bliadhn' thu,
  Mar glac fiabhras ard mi,
A ghnuis sholta 's am beul o'n sochdrach gàire,
  Do dhèud gun sgor o'm binn thig glòir,
O'n faighinn pog a's fàilte.

---

ORAN *do dhaoine uaisle an* Ealain Sgiathanaich, *le* Lach'unn Mac Ionmhuinn, *da 'm ba cho-ainm* Lach'unn Mac Thearlaich òig.

Tune, *She rose and let me in.*

I.

LA tha siubhal slèibhe dhomh,
  'S mi falbh leam fèin gu dluth,
Chuideachd ann san Asdar sin,
  Air gunna glaic 's air cuth,
Gu'n thachair Clann rium ann'sa ghleann,
  A' gal gu fann chion iuil,
Th' ar leam gur iad ab'àilidh dreach,
  Ga 'm facas riabh le m' shuil.

II.

Gur h iunadh leam mar thàrla sibh,
  Am fàsach fad air chul,
Coi-meas luchd bhur n abhachdan,
  Gun tagha do cheann iuil,
Air beannachadh neo-fhiata, dhamh,
  Gu'n d' fhai'riach mi co sibh?
Fhreagair iad go cianail mi,
  A'm bria'rabh mìne ciuin.

III.

Iochd a's gradh a's fiughantas,
  'N ar triur gu'm b'è ar n ainm,
Clann daoine uaisle curamach,
  A choisinn cliu 's gach ball,

'N uair phàigh an fhéile cìs do'n èug,
'S chuaidh i fèin air chall,
'N a thiomnadh dh' fhàg ar'n athair sinn,
Aig maithibh innsegall.

IV.

Fhuair sinn greis ga'r n àrach,
Aig Mac Leòid a bhà san Dun,
Greis eile gle shaibhir,
Aig a bhràthair ann Duntuilm,
Sin 'n uair labhair fiughantas;
Dallt' uasail Dhomhnuill ghuirm;
Ba tric leat a bhi' sugradh ruinn,
'S cha b' fhasan ur dhuinn cuirm.

V.

Aig èiridh dhuinn neo-airsnealach,
'S biadh maidne dol air bòrd;
Gheibhte gach nì riaghailteach,
Ba mhiannach leat ga d' chòir;
Cha d' chuir thu duil am priobaireachd,
Cha b' fhiach leat ach nì mor:
Bu chleachda air do dhìnneir duit,
Glaine fiona mar ri ceol.

VI.

Tormaid fial an t sugraidh,
Nach d' fhàs ma'n chuinneadh cruaidh;
Bha gu fearail fiughantach,
'S a chum an duchas suas,
'S ann ort a bha ar tathaich,
O'n thugadh Jainn uainn,
'S beag m' fharmad ris na feumaich,
O'n a bheum na cluig gu truagh.

VII.

Bha 'n duine ud ro fhlathasach,
'S e mathasach le cèill,
Bha e gu fial fiughantabh,
'S a ghiulan math ga rèir,

Ge farsainn eader Arcabh,
Cathair Ghlaschai 's baile Bhòid,
Cha d' fhuaradh riamh Oid' Altram ann,
Cho pailt ri teach Mhic Leòid.

VIII.

Chuaidh sinn do Dhùnbheagain,
A's cha d' ìar sinn cead na Thùr,
Fhuair sinn fàilte shuilbhearadh,
Le furmailte 's le mùirn,
Gu'n d' ghlac e sinn gun acarachd,
Mar dhaltachan na'r triùir,
Gu'n togadh e gach neach aguinn,
Gu macant air a ghlùn.

IX.

Am fear bha air an Chomraich,
Bu chall soilleir dhuinn a bhàs,
Ann an cuisibh diulanais,
Cha b' ùdail thu measg chàich,
Làmh sgapadh òir a's airgid thu,
Gun dearmad air luchd daimh,
'S go mionnaicheadh na Clàirseirin,
Nach tu ba tàire làmh.

X.

Thug sinn ruaig gun soradh,
Gu Coinneach mor na n cuach,
Bu duin' iochdar teo-chroidheach e,
'S ba leoghan e air sluagh,
Bha uram uaisle a's ceannas aige,
Air fearabh an taobh-tuath,
Cha chuirt as geall a chailleadh e,
Gus'n d'fhalaich oirnn e 'n uaigh.

XI.

An t Ailpeineach dubh fìrinneach,
Ga 'n dùchas cian an srath,
Da 'n tig na h airm gu sgiamhach,
Ge bu riabhach leinn do dhath,

Bu làmh a dheanadh fiaghach thu,
  Gu'n dail bu bhiatach math,
Do bhas a chraidh am blia' na mi,
  Mo bhriathar b'fhiach mo sgath.

XII.

Ba chumit glan do chalpannun,
  Fuidh shliasaid dhealbhaich thruim,
'S math thig breacan cuachach ort,
  Ma'n cuairt ann èile cruinn,
'S ro mhath thigeadh claidheamh dhuit,
  'S giath laothach n a'm ball grinn,
Cha robh cron am fradharc ort,
  Thaobh t aghaidh a's cul do chinn.

XIII.

'N àm togbhail màil do dhùchannan,
  'S ga dhlùthachadh riut fèin,
Bhiodh mid air nar stiùbhartan,
  'S 'n ar triùr gu 'm biodh mid rèith,
Cha do thog sinn riamh bò-ghamhna dhuit,
  'N am bealltuinn cha do lè'ibh,
Cha mho thug oich air tuathanach,
  Bu mho do thruas ra 'm fèum.

XIV.

O'n rinn an uaigh bhar glasadh orm,
  'S nach faic mi sibh le m' shùil,
Bu chumhach, cianail, cràiteach, mi,
  Bu neo-àrdanach mo shùrd,
'S mi cuimhneachadh na'm bra'rain sin,
  A b' àilidh dreach a's gnùis,
Gur tric a chum sibh coinneadh rium,
  Aig coinneach ann sa Chùil.

ORAN *do dh'* Aonghas Bhail *Fhiunnlaidh, le* Jain *dubh Mac* Jain *Mhic* Ailein.

I.

AONGHAIS òig mhic Shèumuis,
Fhir ghlèusta 'n aigne mhòir,
Ma dh' fhalbh thu siubhal rèith dhuit,
Deagh sgèul ort leamsa is deòin.
Thu fèin 's do bhrathair gle mhath,
A ghlachd an fhèil' air dhòrn,
Cha dean mi tuilleadh plèide ribh,
O'n 's beag oirbh fèin am bòsd.

II.

'S ann leamsa gur seol èigin,
Nach d' fhead mi bhi' 'n ar coir,
'S ga faighinn sealladh èibhinn,
Le toil Dè na m bithinn beò,
Air Aghaidh 'n Ailein mhùideartaich,
O'n 's e grund mo sgeòil,
'S fradharc sùl an Tainisteir,
A bhràthair Ra'ull og.

III.

'S an ros ait-gheal fior-uasal,
Is priseile na 'n t or,
Sa n * eumhon ghasta riomhach sin,
Sà dreach air fiamh an lo,
Lèug na'm buadhan firinneach,
'S an phenics fhìor-ghlan chor,
'S air lionaireachd na n reultan,
Gun cheist 's tu fèin am Pol.

IV.

Gur muirneach cliùiteach, eireachdail,
Penelope mar Ainm,

* *Pearl.*

Gur niarachd tè da 'n goir'ir è,
. Ma leanas i da lorg,
Do ghniomharan's coshoilleir iad,
'S tha n geal a bhio's air dearg,
'S i n Ti so tha mi 'g innse dhuibh,
An t shiobhailteachd gun f hearg.

V.

Penelope bhan-grèugach sin,
Gur buan a sgèul aig càch,
Chèann gun robh i firinneach,
A's fir-sheasach na gràdh,
Ach Penelope dhubh ghle-gheal so,
Le a cèataibh choisinn bàr,
Cha ruigeadh bean Ulissis i,
Mar 'n deiche cuid 's gach càs.

VI.

Iochd a's gràdh a's fiùghantas,
An triur a bhà sa ghleann,
Gur creideamh, ciall a's Umhlachd,
Na crùintean bheir an ceann,
Tuigse, bàidh a's faighidinn,
Gun sgathaich ann an caint,
Bha 'n deichnear sin co'-puiste riut,
'S tha 'n uir ri friamh na 'n crann.

VII.

Beir soraidh uam ge d' dh' fhuirich mi,
Gu tigh na 'n uinneag àrd.
'N tigh buaghach, stuadhach, tuireideach,
Nach uireasbhach ri dàimh,
Tigh ceolmhor, olar, aithireach,
Am faighear Cuirm le failt'
Gun glèidh an Riogh a cheannard dhuinn,
'S a Bhain-ti'rn' is math gnà's.

VIII.

Ge d' dh'fhan mi air bhur culthaobh,
S' ann leam tha chuis ro chaillt'

Nach tug mi greis do'n dùltachd,
  Ann sa chuirt am biodh an danns'
Ach tha 'n seanfhocal ga úrachadh,
  Ge lùthor an Cu Cain,
Ge tìtheach air an smodal e,
  Cha bheir è bhos a's thall.

---

ORAN *do dh* Alasdair *dubh* Ghlinne-garaidh Leis *an* Aosdàna *Mac* Mhathan.

I.

FHUAIR mi sgèula moch diceadain,
  Air laimh fhèuma bha gu crèuchdach,
'S leòir a ghèiread ann sa n lèumsa,
A nall o'n trèud bha buaghar.

II.

  O Dhùn Garannach ùr Allail,
Na'n tùir mear'a 's na'n stèud seanga,
Na'n gleus glana 's cèut'aich sealladh,
Bèichdeil, Allail, Uaibhreach.

III.

  Gur dubhach deòrach tha Clanndòmhnuill,
Mu Chreach Chnòideirt neart na'n ròisheol,
Gaisgich chròdha nach tais 'n àm còmhraig,
Mo chreach mhòr 's mo chruadal.

IV.

  Gur goirt an sgaradh tha'n Gleanngaradh,
O'n dh' fhalbh leannan na'n arm glana,
Da 'm b' ainm Alasdair, ceann na'm beannachd,
Glac na'n geal lann cruadhach.

V.

  Bu chall curaidh do dh' Alb' uile,
O dh' fhalbh cuilein, na'n arm guineach,
Ba gharg turas, 'n sealg na'n cunnart,
'N àm dha bhuille bhualadh.

IV.

'S an rìoghachd so fèin bu lathail t fheum,
'S ba sgathail bèum do chlaidheamh ghèur,
Do shamhailt fèin cho'n fhac o'n dh' èug thu,
Ghaisgich èuchdaich, bhuaghaich.

VII.

Ge b'e dhuisgeadh t ain-iochd,
Ba dlùth dha caraid 'n tùs taraing,
Rùsgadh lannun, surd air ghearadh,
Bruchdan fal air ghuaillean.

VIII.

'S tu 'n Domhnullach dian, conspunn na 'n triath
Morghalach fial, Roimh lòdraich nan Cliar,
Leis an òilte fìon, agus or ga dhìol,
Ann an Aitribh na n crioch sluaghail.

IX.

A shliochd Riogh Fionnaghaidhill,
Na'n còrn geal-a-ghlaic 's na'n fròl ballabhreac,
'M pòr nach cearbach, dol fui' 'n Armabh,
'N àm na 'n garbh-chath * ruaidhneach.

X.

Ach buaigh a's slàinte do'n fhear a dh fhag thu,
Duineil, bràth'rail cineil càirdeil,
Gaol o'd' nàmhaid, gràdh o d' chàirdean,
A shliochd na'n Armunn uasal.

---

ORAN *do Mhac* Ionmhuinn an t stratha; Lach'unn Mor, *le* Grigoir òg *Mhac* Ghrigoir.

I.

'S Cian 's gur fad tha mi am thàmhh,
Gun trial air do dhàil;
A Lachluinn o'n àirde tuath.
S cian, &c.

* Laidir.

II.

Na 'm biodh sneachda na 'n Gleann,
Na ruith leis gach alt.
'S gu 'n cailleadh gach beann an gruaim,
Na 'm biodh, &c.

III.

Na'n dubhadh an sliabh,
'S go'n cromadh a ghrian,
Leam ba mhiannach bhi trìall air chuairt,
Na'n dubhadh, &c.

IV.

Cha b' i machthir na'n Gall,
A ghlacainn fui' m' cheann,
Ach bràighe na'n gleann so shuas.
Cha b' i, &c.

V.

Tho'ir mo shorraidh thair caol,
O nach cluinn iad mo ghlaodh.
Gu Buidheann gun fhraoch gun ghruaim,
Tho'r mo, &c.

VI.

Gu Ceann-feadhna mo ruin,
Chuaidh an t ainm ud air cliu,
Cheart co'fhad' 's atà 'n Ruta uainn.
Go Ceann, &c.

VII.

Gu talla 'n fhir fhèil,
Am bi' tathaich na'n cèud,
Cillmorithe re sgèth a chuain.
Gu talla, &c.

VIII.

Dhamhsa b' aithne do bhèus,
'Nam cromadh do 'n ghrèin,
Gu m biodh farram na'n tèud ad chluais.
Dhamhsa, &c.

IX.

A ghnuis a dhiult a bhi' bochd,
'S nach do chuir cul re fear nochd,
A lean an duchas san stochd bu dual.
A ghnuis, &c.

X.

Cha b' è 'n cleachda bh'aig càch,
So glac uth mar gnàs,
Bhi smachdail ma'n mhal air tuath.
Cha b' è, &c.

XI.

Fhuaìr thu sèud o shiol Leòid,
Na'm brataichean sròil,
Na'n cupa na'n córn 's na'n cuach,
Fhuair, &c.

XII.

Ghlac thu 'n èuchdag mar mhnaoi,
Cha ro' 'n lèirsinn ùd claon,
'S glan do chèile re d' thaobh 's gur suairc.
Ghlachd, &c.

XIII.

Bèul is binne thogadh fonn,
Slios mar eala na'n tonn,
Caol mhala nach crom le gruaim.
Beul, &c.

XIV.

Aig an Ailpeanach ghlan,
Do'n fhuil rìoghail o shean,
Ite an fhr-eoin nach mion ra luaith.
Aig an, &c.

XV.

Ach na'n eireadh ort stri,
Gum biodh sud air do thìth,
Clann Ghrigoir na'm pìob 's na'n ruag.
Ach, &c.

XVI.

Agus Granntaich o spè,
Gu ceann làidir trèun,
Sar cheannaird choig cèud dà uair.
Agus, &c.

XVII.

Sud a bhuidheann nach fann,
Thogadh giubhas ri crann,
Thairneadh iubhar na meall o'n cluais.
Sid a bhuidhin, &c.

XVIII.

Bhiodh an f hiùthaidh chaol rèth,
'M bian dubh-ghlas an f heidh,
Ga ghiulan air eileadh cuaich.
Bhiodh an, &c.

ORAN *do dh'* Eoin *breac Mac* Leòid *na* Hearadh; *le* Ruaridh *Mac* Mhuirich.

I.

MIAD a mhulaid tha 'm thaghal,
Dh' f hàg treothaid am chliamh gu goirt,
Aig na rinn mi ad dheaghaidh,
Air m' aghairt 's mo thriall gu port,
'S ann bhà mis'air do thòir,
'S mi meas gu'n robh coir agam ort,
Dheagh Mhic Athair mo ghràidh,
Ba tu m' aidhear a's m' agh, a's m' olc.

II.

Chuaidh a chùibhle ma'n cuairt,
Gu'n do thiuntaidh gu fuachd am blàths,
Gu 'm faca mi uair,
Dun flathail na'n cuach so thraigh;
ar m biodh tathaich na duain,
Ioma mathas gun chruas gun chas,

Dh' fhalbh an latha sin uainn,
  'S tha na taighean gu fuaraidh fas.

III.

Dh' fhalbh Mac talla as an Dùn,
  'N àm sgarachdainn dhùinn r'a 'r triath,
'S ann a thachair e riùm,
  Air seacharan bheann san t sliabh,
Labhair eisin air thùs,
  Math mo bharail gur tu ma's fior,
Chunnaig mise fuidh mhùirn,
  Roimh 'n uraidh an Dùn na'n Cliar.

IV.

A mhic talla na'n Tur,
  'S è mo bharail gur tùsa bhà,
Ann an teaghlach an fhion,
  'S tu 'g aithris air gniomh mo lamh,
'S math mo bharail gur mi,
  'S cha b' fhurast dhamh bhi na m' thamh,
'G èisteachd brosluinn gach ceòil,
  Ann a m fochar Mhic Leoid an aigh.

V.

A mhic talla so bha,
  Ann sa bhaile 'n do thar mi m' iùl,
'S ann anois dhuinn is lèir,
  Go bheil mise 's tu fein air chul,
A reir do chomais air sgeul,
  O'n 's fear comuinn mi fein a's tu,
Bheil do mhuinntireas buan,
  Air an Triath ud ga'n dual an Dun.

VI.

Tha mac talla fui' ghruaim,
  Ann san talla 'm biodh fuaim â cheoil,
'N ionad tathaich nan Cliar,
  Gun aidhear gun mhiagh gun phoit,
Gun mhire gun mhuirn,
  Gun iumracha dluth na'n corn,

Gun chuirm gun phailteas ri daimh,
  Gun mhacnas gun mhànran beòil.

VII.

'S mi mac talla bha uair,
  'G eisteachd faram na'n duan gu tiugh,
Far 'm ba mhuirneach a beus,
  'N am dubhrah do'n ghrein san t sruth,
Far am b' fhoirmeil na seòid,
  Iad go h orraganach; ceolmhor a cluich.
Ge nach fhaicte mo ghnuis,
  Chluint aca 's an Dun mo ghuth.

VIII.

'N àm èiridh gu moch,
  Ann san teaghlach gun sprochd gun ghruaim,
Chluinte gleoraich na'n dos.
  'S a ceile na cois o'n t suain,
'N uair a ghabhadh ì làn,
  'S i gu'n cuireadh o's n àird na fhuair,
Le meoir fhileanta bhinn,
  'S iad go rith-leimneach, dìonach, luath.

IX.

Bhiodh a rionadair fein,
  Cuir ann fhìre gur h e bhiodh ann'
'S e 'g eiridh na measg,
  'S an eabhadh gu tric na cheann,
Ge do b' ard leinn a fuaim,
  Cha tuairgneadh e sinn gu teann,
Chuireadh tagradh 'm chluais,
  Le h aidmheil gu luath 's gu mall.

X.

'N uair a chuirt i na tàmh,
  Le furtachd na fàrdaich fein,
Dhamhsa b' fhurasta 'ghradh,
  Go m bu chuireideach gàir na'n teud,
Le h iomairt dhà-lamh,
  A cuir a binnis do chach an cèill,

'S gu'm ba shiubhlach am chluais,
  A moghunn luthar le luasgan mhèur.

XI.

Ann san fheasgar na dheigh,
  'N àm teasa do'n ghrein trà nòin.
Fir chneatain ri clair,
  'S mnai freagairt a ghna cuir leò,
Dà chomairleach ghearr,
  A, labhairt 's gu'm b' àrd an glòir,
Gu'm ba thìtheach an guin,
  Air dhaoine gun fhuil fheòil.

XII.

Gheibte fleasgaich gun ghràin,
  Ann ad thalla gun sgath gun fhuath,
Mnai fhionna 'n fhuilt reith,
  Cuir binnis ann ceill le fuaim,
Le ceileiribh beoil,
  Bhiodh ealanda, ordail, suairc,
Bhiodh fear bogha na'n coir,
  Chuireadh meughaire ro mhor am chluais.

XIII.

Thoir teachdaireachd uam,
  Le deatam gu Ruairidh og,
Agus innis dhà fein,
  Cuid da chunnort ge d' se Mac Leòid,
E bhi 'g amharc na dheigh,
  Air an Jain a dh' eug 's nach beo,
Gu ba shaibhir a chliu,
  Cha 'n fhàgadh e n Dùn gun cheol.

LUINNEAG Mhic Leoid, *le ninghin* Alastair Ruaidh Mhic Leoid.

I.

'S Mi 'm shuidhe air an tulaich,
  Fo mhulad 's fo aime-cheist,
'S mi coimhead air Ile,
  'S ann do'm iùnadh san ama so,
Bha mi uair nach do shaoil mi,
  Gus 'n do chaochail air m' aimsir,
Gun tiginn an tubh so,
  A dh' amharc dh'iuraidh na Scarbaidh,
    *I hurabh o i hoiriunn o,*
      *I hurabh, o, i hoiriunn o,*
    *I hurabh o, i hogaidh ho ro,*
      *Hi ri ri rithibh ho i ag o.*

II.

Gun tiginn an tùbh so,
  A dh' amharc Dhiùraidh na Scarbaidh,
Thoir mo shoraidh do'n Dùthaich,
  Tha fo dhù'ar na'n garbh-bhean,
Gu Sir Tormaid ùr Allail,
  Fhuair ceannas air Armailt,
'S gun caint' ann 's gach fearunn,
  Gu m b' airidh fear t ainm air,
      *I hurabh o*, &c.

III.

Gun caint ann 's gach fearunn,
  Gum b airidh fear't ainm air,
Fear do cheille, 's do ghliocais,
  Do mhisnich, 's do mheanmnaidh,
Do chruadail, 's do ghaisge,
  Do dhreach 's do dhealbha,
Agus t fhuil agus t uaisle,
  Cha ba shuarach ra leanmnuin,
      *I hurabh o*, &c.

IV.

Agus t f huil, agus t uaisle, &c.
  Dh' f huile d.reach Riogh Lochluinn,
B' e sud toiseach do sheanachais,
  Tha do chàirdeas so-iaraidh,
Ris gach Iarla tha 'n Albuinn,
  'S ri uaislean na h Eirinn,
Cha bhréug ach sgéul dearbh è.
  *I hurabh o*, &c.

V.

'S ri uaislean na h Eirinn, &c.
  A mhic an f hir chliùtich,
Bha gu fuìghantach ainmeil,
  Thug barachd an gliocas,
Air gach Ridir bha 'n Albuinn,
  Ann an cogabh 's an sìo'-chaibh,
'S ann an dìoladh an airgid.
  *I hurabh o*, &c.

VI.

Ann an cogabh san sìo'-chaibh, &c.
  'S beag an t uineadh do mhac-sa,
Bhi gu beachdail mor meanmnach,
  Bhi gu fiughant', fial, farsaing,
O'n a ghlac sibh mar shealbh è,
  Clann Ruairidh na'm bratach,
'S e mo chreach-sa na dh' f halbh dhiu'.
  *I hurabh o*, &c.

VII.

Clann Ruairidh na'm bratach, &c.
  Ach an aon f hear a dh' f huraich,
Nior chluinnim sgeul marbh ort,
  Ach f hèadail do dh f hearadh,
Ge do ghabh mi uait tearbadh,
  Fhir a chuirp ba mhath cuma',
Gun nireasbhuidh dealbhadh.
  *I hurabh o*, &c.

VIII.

Fhir a chuirp is glan cuma', &c.
  Croidhe farsaing, fial, fearail,
'S math thig geal agus dearg ort,
  Suil ghorm 's glan sealladh,.
Mar dhearçaig na talmhuinn,
  Làmh ri gruaidh ruitich,
Mar mhucaig na fear-dhris,
    *I hurabh o*, &c.

IX.

Lamh ri gruaidh ruitich, &c.
  Fo thagha na gruaige,
Chuil dualaich, na'n cam-lub,
  Gheibhte sud ann t ardaich,
Ann càradh air ealachuinn,
  Miosair a's adharc,
Agus raghuinn gach armachd.
    *I hurabh o*, &c.

X.

Miosair a's adharc, &c.
  Agus lanntainin tana,
O'n ceannabh gu 'm bar-dhias,
  Gheibht' air gach sliasaid dhiu',
Isneach a's cairbinn,
  Agus iubhar cruaidh fallain,
Le 'n taibhaidean cainbe.
    *I hurabh o*, &c.

XI.

Agus iubhar cruaidh fallain, &c.
  Cuilbheirin caola,
Air a dhaoirid ga'n ceannaicht' iad,
  Glac na'n ceann liobh,
Air chuir sìos ann am balgabh,
  O ite an f hir-eòin,
'S o shìoda na gaillebhinn.
    *I hurabh o*, &c.

XII.

O itidh an fhir-eoin,
  'S o shiod na gaillbhein,
Tha mo chion air a Churaidh,
  Mac Mhuire chuir sealbh air,
'S e ba mhiannach le m' leanabh,
  Bhi' 'm beannabh na sealga,
Gabhail aidhear na frìthe,
  'S a dìreadh nan garbh-ghlachd.
    *I hurabh o*, &c.

XIII.

Gabhail aidhear na frith, &c.
  A leigeil na'n cuilein,
'S a furan na'n sean chon,
  'S e ba deireadh do'n fhiuran ud,
Fuil thoirt air chalgabh,
  Luchd na'n cèir geala;
'S na m falluinin dearga.
    *I hurabh o*, &c.

XIV.

Luchd na'n cèir geala, &c.
  Le d' chomhlain dhaoin uaisle,
Reachadh cruaidh air an Armabh,
  Luchd aithneach an lagha,
'S a chaitheamh na fairge,
  'S a b' urrainn ga seòladh,
Ann sgach doigh ann san tairngte i.
    *I hurabh o i hoiriunn, o,*
      *I hurabh o i hoiriunn, o,*
    *I hurabh o i hogi ho ro,*
      *Hi ri ri rithibh ho i ag o.*

LUINNEAG *le* Callum *a* Ghlinne.

*Mo Chailin donn og, 's mo nighin dubh thogarach,*
*Thogainn ort fonn 'sneo-throm gun togainn,*
*Mo nighin dubh gun iaraidh, mo bhriathar gun togainn,*
*'S gun innsinn an t aobhar, mu nach 'eilear gad thogradh,*
*Mo nighin donn og.*

I.

GU bheil thu ga bòidheach. baindi, banail,
Gun chron ort fo'n ghrèin gun bhèum gun sgainnill,
Gur gil thu fui' d' lèine na èatag na mara,
'S tha coir agam fein gun Chèile bhi ma'riut.
*Mo Chailin,* &c.

II.

Gur muladach mi, 's mi'n dèigh nach math leam,
Na dheanadh dhomh sta aig cach ga mhalairt,
Bidhi t athair' an comhnaidh 'g òl le caithream,
'S ẹ eolas na'n corn a dh' f hag co-falamh.
*Mo Chailin donn og.*

III.

Na'm bithinn ag òl mu bhord na dithe,
'S gu'm faicinn mo mhiann''a mo chiall a' tighin,
'S è'n copan beag donn thogadh fonn air mo chroidhe
'S cha tugainn mo bhriathan nach iaruinn è rithist.
*Mo Cbailin,* &c.

IV.

Bidhi bodaich na dùcha ri spurst 's re fanaid,
Cantainn rium f hèin nach gèill mi dh' ainnis,
Ge d' tha mi gun sprèidh tha tèud re tharaing,
Cha sguir mi do'n ol f had as beò mi air thalamh.
*Mo Chailin,* &c.

V.

'S iomad bodachan tnù nach duraichd m' aithris,
Le theannal air spréidh 's iad ga threigsin a's t earrach,
Nach cosg ann sa bhliadhna blaigh trian a ghalain,
'S cha to'ir e fo'n àir na's mù na bheir Calum.
*Mo Chailin*, &c.

VI.

Na'm bithinn air f èill 's na cèudun mar'ium,
Do chuideachda chòir a dh' òladh an drama,
Gu'n suidhinn mu bhòrd 's gun traighinn mo shearag,
'S cha du'irt mo bhean riamh rium ach Dia leat a Chalum.
*Mo Chailin*, &c.

VII.

Ge d' tha mi gun stòr le h òl 'sle h iomairt,
Air bheagan do ni le prìs na mine.
Tha m' f hortan aig Dia 's e fialaidh uime,
'S mo gheibh mi mo shlàinte gu'm pàigh mi na shir mi.
*Mo Chailin*, &c.

VIII.

Ge mor le cach atà mi milleadh,
Cha tugainn mo bhoid nach òlainn tuille,
'S e gaol a bhi mòr tha m' f heòil a' sireadh,
Tha 'n sgèul ud re aithris, air Callum a Ghlinne.
*Mo Chailin donn og.'s mo nighin dubh thogarach*
*Thogainn ort fonn 's neo-throm gun togainn,*
*Mo nighin dubh gun iaraidh, mo bhraithar gun togainn,*
*'S gun innsinn an t aobhar, mu nach 'eilcar gad thogradh.*
*Mo nighin donn og*, &c.

*Do* Thigearna Chlannraonuill *le* Mac Dhughaill Mhic Lachuinn.

LUINNEAG.

*Tha tighin fotham, fotham, fotham,*
*Tha tighin fotham, fotham, fotham,*
*Tha tighin fotham, fotham, fotham,*
*Tha tighin fotham eiridh.*

I.

SUD an t shlàinte chùramach,
Olamaid gu suntach i,
Deoch slàinte an Ailein Mhùideirtich,
Mo dhùrachd dhut gun èirich.
*Tha tighin*, &c.

II.

Ge do bhiodh tu fad uam,
Dheireadh sunt a's aigne orm,
'N uair chluinninn sgèul a b' aite leam,
Air gaisgeach no'n gniomh èuchdach.
*Tha*, &c.

III.

'S iomad maighdionn bharasach,
Ga math da 'n tig an earrasaid,
Eadar Baile a Mhanaich,
Agus caol Bharaidh 'n dèigh ort.
*Tha*, &c.

IV.

Tha pàirt an ealain bheagram dhiu'
Cuid san Fhraing, 's an Eadaillt dhiu'
Cha n'eil latha teagaisg,
Nach bi'n Cille-pheadair trèud dhiu'.
*Tha*, &c.

V.

'N'ar chruinnicheadh am Bannal ud,
Brèid caol an càradh crainnaig orra,
Fallas air a malainean,
A danns' air urlar dèile.
*Tha*, &c.

VI.

'N uair chiaradh air an fheasgar,
Gum ba bheadarach do fhleasgaichean,
Bhiodh pìoban mor ga'n spreigeadh ann,
A's feudanan ga'n Glèusadh.
*Tha*, &c.

VII.

Sgiobair ri la gaillinn thu,
Sheoladh cuan na n marunnan,
A bheireadh long gu calachan,
Le spiunnadh glac do threin-fhear.
*Tha*, &c.

VIII.

Sgèul beag eile a dhearbha leat,
Gur sealagair sìthne an garbhlach thu,
Le d' chuilbhir, caol nach dearmadach,
Air dearg-ghraigh na'n ceann èa-trom.
*Tha*, &c.

IX.

B e sud an leòghunn ageantach,
'N uair nochdach tu do Bhaidealean,
Lamh dhearg a's long a's bradanan,
'N uair a lasadh meanmnadh ad t èudunn.

LUINEAG.

*Tha tighin fotham, fotham, fotham,*
*Tha tighin fotham, fotham, fotham,*
*Tha tighin fotham, fotham, fotham,*
*Tha tighin fotham eiridh.*

Duanag *le* Alastair Mac Dhonuill, *air fonn* Banarach *dhonn a chruibh.*

An Luinneag.

*A Bhanarach dhonn a chruibh,*
*Chaoin a chruibh, dhonn a chruibh,*
*Cailin deas donn a chruibh,*
*Cuachag an f hasaich.*

I.

A BHANARACH mhìogach,
'S è do ghaol thug fo chis mi,
'S math thig làmhuinnin sìoda,
Air do mhin-bhosan bàna.
*A Bhanarach*, &c.

II.

'S mor bu bhinne a bhi t èsteachd,
'N àm bhi bleoghun na spreidhe;
No'n smeòrach 'sa chèitein,
'M bar gèig ann am fas-choill,
*A Bhanarach*, &c.

III.

'Nuair a sheinneadh tu' choilleag,
A' leigeil mart ann an coillidh,
Thàladh eanlaidh gach doire,
Dh' èisteachd coiriull do mhànrain.
*A Bhanarach*, &c.

IV.

Ceòl farasda, fir-bhinn,
Fonnar, faramach, dìonach,
A sheinn an Cailin donn fineallt',
Bheireadh biogadh air m' àirnean.
*A Bhanarach*, &c.

V.

Ge do b' f honnar an f hiùghall;
'S a teudan an ritheadh,

'S è bheireadh dansa air gach criodhe;
Ceol nighin na h Airidh.
*A Bhanarach*, &c.

VI.

Tha deirg' agus gile,
A' gleachd ann gruaidhean na * Finne;
Beul mìn mar an t shirist,
Da milis thig gaire.
*A Bhanarach*, &c.

VII.

Dèud snasta na rìoghuinn,
Snaite, cruinne mar na dìsnin'
Gur h i an donn-a-gheal-ghlan smideach,
'S ro mhìg shuileach † f àilte.
*A Bhadorach*, &c.

VIII.

Chuireadh maill' air do lèirsinn
Ann a maduinn driuchd cheiteoin,
Na gathanan greine
Thig o teudchul cas f àineach.
*A Bhanarach*, &c.

IX.

'S ciatach nuallan na gruagaich,
Ri bleoghun cruibh ghùaill-f hinn,
A toirt torman air cuachaig,
'S bothar f huaim aig a clàrabh.
*A Bhanarach*, &c.

X.

'S taitneach siubhal a cuailein,
Ga chrathadh mu cluasabh,
A' toirt muigh' air * Seist-luachrach,
'N tigh-buaile, 'n gleann fasaich.
*A Bhanarach*, &c.

* *The Fair one.*
† *Smile.*
‡ *A Bed of Rushes.*

XI.

A muineal geal bòidheach,
Mu 'n iathadh an t òmar,
A dhath fèin air gach seòrsa,
Chìt' a dortadh tre bràghad.
*A Bhanarach*, &c.

XII.

Da mhaoth bhois bu ghrinne,
Fui' 'n dà ghairdein bu ghile,
'Nuair shint iad ga h inealt',
Gu sinin cruibh f hàsgadh.
*A Bhanarach*, &c.

XIII.

Gu'm ba mhòthar mo bhead'rach,
Teachd do'n bhuaile mu eadradh,
Seamh sult-chorpach beitir,
'S buarach greasadh an àlaich.
*A Bhanarach*, &c.

XIV.

Glac-gheal ab'àrd gleothar,
A' stealladh bainne 'n cuaich hhleoghean,
A' seinn na'n luinneag bog sheòthach,
A' togail cobhar ri Blarich.
*A Bhanarach*, &c.

XV.

'Nuair a thogadh tu bhuarach,
Cuach a's curasan na buaile,
B' ao-coltach do ghluasad,
Ri guanaig na sraide.
*A Bhanarach*, &c.

FAILTE *na Modr-thir, le* Alastair Mac Dhonuill.

*An* LUINNEAG.

*Heitirin arin, urin o ho ro,*
*Heitirin arin ho ro.*

I.

FAILT Ort fèin a Mhor-thir bhòidheach,
Ann san og mhios bhealltuinn.
*Heitirin,* &c.

II.

Grian-thir or-bhuidh 's uaine còta,
'S froineadh ròs ri h alltabh.
*Heitirin,* &c.

III.

Le biadh 's le dihh a' cur thairis,
Cha dèid Earrach teann orra.
*Heitirin,* &c.

IV.

'S ineach lurach slios a tulaich,
'S duilleach mullaich chrann inte'.
*Heitirin,* &c.

V.

A choill gu h uilidh fo làn duillich,
'S i na culaidh bhainnse.
*Heitirin,* &c.

VI.

'S bainneach, bailceach, braonach, glacach,
Bruachan tachdrach allieort.
*Heitirin,* &c.

VII.

'S lionach, slatach, cuibhleach, breacach,
Seile ghlas na'n samhnan.
*Heitirin,* &c.

VIII.

Mor-thir ghlan na'm bradau taragheal,
'S airgiod a cuir lann orra.
*Heitirin*, &c.

IX.

Tìr lan sonais, saor o dhonas,
Gun dad conais drandain.
*Heitirin*, &c.

X.

Seirceach, caidreach, gun dad sladachd,
Saor o bhraid 's o anntlachd.
*Heitirin*, &c.

XI.

'S àluinn a beinnean 'sa sraithean,
'S aoibhinn dath a Gleantuin.
*Heitirin*, &c.

XII.

Graighinn dhearga' tàmh ma fireach,
Eilid bhiorach 's mang aice.
*Heitirin*, &c.

XIII.

Boc air daradh timchioll daraig,
'N deigh a leannain cheann-deirg.
*Heitirin*, &c.

XIV.

Coilich choille 's iad ri coilleig,
Ann san doire chranntail.
*Heitirin*, &c.

XV.

Cnodhach, caorach, dearcach, braonach,
Glasrach, raonach, aimhneach.
*Heitirin*, &c.

XVI.

'S deiltreach, laomach, meiltreach, caoineach,
A fuinn mhaoineach leamhnach.
*Heitirin*, &c.

XVII.

'S cùbhraidh suthan, 's badach luighean,
Ris a bhrudhainn ainn-teas.
*Heitirin*, &c.

XVIII.

'S fèurach, craobhach, luideach, gaolach,
An tir fhaolidh sheannsail.
*Heitirin*, &c.

XIX.

Grian aig èiridh 'g òradh slèibhe,
'S beachuinn ghèug ri sranraich,
*Heitirin*, &c.

XX.

Seillein ruagha diogladh chluaran,
'S mil ga buain le dranan.
*Heitirin*, &c.

XXI.

Breac le sulas lèim a buinne,
A' ruith na'n cuileag ghreannar.
*Heitirin*, &c.

XXII.

Bàr gach tolmain fo bhrat gorm-dhearc,
Air gach borachan alltain.
*Heitirin*, &c.

XXIII.

Luisein chubhraidh a mach a bruchdadh,
'S cuid dhiu' cùl-ghorm bainn-dearg.
*Heitirin*, &c.

XXIV.

'S ceolar eibhinn bàr gach gèige,
'Sa 'n eòin fèin a' danns' orra.
*Heitirin*, &c.

XXV.

Crogh air dàir am bàr an fhàsaich,
N fheoir nach d' fhâs gu cràinntidh.
*Heitirin*, &c.

XXVI.

'S iad air theas a' ruith le m buaraich,
'S te le cuaich ga'n teann ruith,
*Hetirin*, &c.

XXVII.

'S measrach, cuachach, leabach luachrach,
Dol gu buaile a's t samhradh.
*Heitirin*, &c.

XXVIII.

'S ònach, uachdrach, Blathach, cnuachdach,
Lon na'm buachall annta.
*Heitirin*, &c.

XXIX.

'S imichdeach, gruthach, meagach fruthach,
An iomairich shubhach, shlambach.
*Heitirin*, &c.

XXX.

Deoch gun tomhas dol mar comhair,
Gun aon ghlothar ganntair.
*Heitirin*, &c.

## IORAM.

I.

GUR neo-aoidheil turas faoilteach,
Ge d' bhiodh na daoine tabhachdach.

II.

An f hairge molach, bronnach, torrach,
Giobach, corrach, rapalach.

III.

'S cruaidh ri stiuradh bial-mhuir dhulduigh,
Teachd le bruchdail charsanach.

IV.

Clagh a chulain cha b'e n sugradh,
'S e ri buirein bachdanach.

V.

An culanach fein cha n e 's fasa,
Agus lasan ardain air.

VI.

Teachd gu dlu'n deigh a cheile,
Agus geimrich dar orra.

VII.

An f hairge phaiteach, a bial farsuing,
Agus acras araidh orra.

VIII.

'S mairg a choimeas muir ri mointich,
Ge d' bhiodh mor-shneachd strachd orra.

IX.

Neoil a' gealladh oidhche shalach,
Gun aon chala sabhailte.

X.

Dubh-ra-dorcha gun dad gealaich,
Oirthior an-f hoil ard-chreagach.

XI.

Gaoth aig seideadh, muire 'ag eiridh,
'S fear ag eabhach ard ghuthach.

XII.

Sud e' tithin 's cha nann righinn,
Croch-mhuir, friothar, basanach.

XIII.

Cum ceann caol a fiodha direach,
Ri muir diothlunn, dasunnach.

XIV.

Ach dhaithnich sinn gun sheol sinn fada,
A mach san taimh 's ba ghabhaidh sin.

XV.

'S leag sinn a croinn is' a h aodach,
'S bu ghniomh dhaoine caileachdach.

XVI.

'S chuir sinn amach cliathun righne,
Is ba ghrinn an t alach iad.

XVI.

Is shuidh orra ochdar, shonna troma,
Is sgoillteadh tonnan stàplinneach.

XVIII.

Heig air chnagabh, hùg air mhaidean,
'S cogul bhachd air t àbranabh.

XIX.

Iad a mosgladh suas a chèile,
'S masgadh treun air sàil aca.

XX.

Sgeanun lochdrach ràmh a Lochluinn,
Bualadh boc air bhàr-linnin.

XXI.

Iad a' traoghadh suas na dìlìnn,
Le neart f ìor-gharg ghàirdeinean.

XXII.

Cathadh mara is marcachd shine,
'S stoirm na sìon, da n sàrachadh.

XXIII.

Lasraichin-srad teine siunnachain,
Dearg o'n iumradh chàileachdach.

XXIV.

Iad ag obair as an lèintean,
Hug is thèid da ràmha aca.

XXV.

Iorram ard-bhinn shuas aig Eamunn,
Ann an cléith ràmh bràghada.

XXVI.

Aonghas mac Dhonnachaidh da rèir sin,
A rì' ba trèun a thairneadh è.

XXVII.

Donnacha mac Uaraig a luagh leo,
'S b' fhada buan a spàlagun.

XXVIII.

Bha fuaim aon-mhaide air chleith ac'
Bualadh spèicean tàbhachdach.

XXIX.

Raimh dam pianadh 's fir dan spianadh,
'N glachdadh iarnaidh àrd-thonnach.

XXX.

Gallain chiatach, leoghar-liaghach,
Fuirb i dian da n sàrachadh.

XXXI.

Lunnun mìne, 's duirn da n sìneadh,
Seile sios air dhearnnachun.

XXXII.

Muir ag osnaich shuas ma toiseach,
Chuip-gheal, choip-gheal, ghàir-bheuchdach.

XXXIII.

Suas le sguradh saoidh ri bùirein,
Le sior dhurachd sàr-iumaraidh.

XXXIV.

Slaubhraidh chuirneineach ri dùrdail,
Shios rinn stiur a fagail ann.

XXXV.

Gaoth na deannadh 's i ri feannadh,
Na'n tonn ceann-fhionn ràsanach.

XXXVI.

Na fir luthor an deigh an rùsgaidh,
A' cur smùid dheth an àlaichean.

XXXVII.

Chaoidh cha mhitiche a misneach,
Na fir sgibidh thabhachdach.

XXXVIII.

Riogh an eagaill Neaptan ceigeach,
Ri sior sgreada, bàthar sibh.

XXXIX.

Gu'm b'fhà' uamhuinn muir ri nuallaigh,
'S catha cuain a stràcadh orra.

XL.

'Ghuidh an igioba geur an dùilinn,
S fhuair an ùirnigh gràsadh dhoibh.

XLI.

Smachdaich Eolus na spèuran,
'S a bhuilg shèididh àrdghaothach.

XLII.

Gun d' rinn Neaptan fairge lomadh,
Mar bhiodh gloine sgàthan ann.

XLIII.

Sgaoil na neòil bha tònghorm cìor dhubh,
'S shoilsich grian mar b' àbhaist dith.

XLIV.

'S mhothaich an sgioba do dh f hearunn,
'S ghlac iad cala sàbhailte.

XLV.

Ghabh iad pronn, is deoch, is leaba,
S' rinn iad cadal samhach orra.

---

*Do Shir* Jain Mac Ghilleain *triath Dhubhairt, le* Jain Mac Ailein *an t aos-dana.*

I.

IUMRAICH mo bheannachd,
Gu Bainn-tighearna Hamair,
Bean am bheil barachd,
Do charantachd nàduir:
Chunaig mise gu dluitheil,
A suilin ri snithe,
'S i 'gàireamh mar mhio-agh,
Sior Jain da f àgail:
Bha dòruinn a croidha,
Cho mòr ga ruighinn,
'Smar gu m biodhe air tighin,
O dhearbh nighin a màthar:

Gu cronachan sgèula,
Bhiodh fada 'na dhèigh sin,
Thug Maiririad na feile,
Spor ghèur do'n fhear-dhàna.

II.

Nach iunadh ri chlaistinn,
Gu bheil mise o chin fhada,
Ann an turcadaich cadail,
Agus m' acaid ro-chraiteach;
Tha cneidh air mo ghiulan,
'Smi leisg air a dùsgadh,
Air eagal le a bùrach,
Gun ùraich i'm bàs dhomh,
Na dheigh cha sgeul rùin e,
Ach sgeula 's mor cùram,
Sir Jain gun dùsgadh,
Ann dlùth chiste chlaridh;
B'e so ar fras dhùbailt,
A mhill ar n abhull's ar n ùbhlan:
A Rinn ar dosgaich a chrùnadh,
Fhrois am flùr bhàr a ghàraidh.

III.

B'e fèin ar crann dosrach a chomhdaich le choslas,
Gur a cólltichean solta dfhas toiseach a fhreamha
Gun draithin gun chrìonach,
Gun chriothun gun chrìon-fhiodh,
Ach geugun ro phriseil,
Do dh fhion-fhuil na spàinte,
Bha fios aig luchd lèabhaidh,
'S aig seanachunin gèura,
Air ar teachd o Ghathelus,
As an Eaphaid a thàinig,
Sliochd mhilinin trèuna,
Fhuair ceannas na h Eirinn,
Mar bha Ebhir na fèile,
Agus Eirimon dàna.

IV.

O'n ghin sibh o Scota;
  Bha bhuaigh air ar coirdeas,
A' dearbhadh 's a còmhdach,
  Am Pòr as an d' f hàs sibh,
Far an gabhadh sibh còmhnuidh,
  Bu leibh ceannas na f òid sìn,
Le iomadaidh còir,
  Agus moran a bhàr air,
Ciad nighin Mhic Dhomhnuill,
  Mar mhairriste posta,
B'e 'n sheneireil comhraig,
  'N ciad Thòiseach is àrmann.

V.

O'n shuithich sibh lùth-chuirt,
  Bha dh àilleachd 'nur n ur-f has,
Gur h iomadach Dù'ich,
  Bh'air an cùinneadh le pairt dhibh,
Bha do dh àirde 'nar giubhsaich,
  'S nach tugadh càch pùic dhibh,
'S nach ba tric le luchd diùma,
  'Ur luba' le tàire,
Ach 's e n rud a thug sgiùrs oirbh,
  Gum b' aicme le crùnn sibh,
Gum b'e dlighe bhur dùchais,
  Bhi an t iùl dheth 'm biodh iadsan,
Ge d' bha sin ann sa tìom sin,
  Na mheas 's na mhor mhislein,
Tha e nois gu truagh lìnte,
  Daor trì-fillte pàite.

VI.

Tha sean f hocall eil ann,
  Tha co-f ìor 's mar a their iad,
Ge b'e neach air am beir i,
  Gum bi chneidh dheireannach craiteach,

Ge d' tha sinne ri achdain.
  Na dh fhalbh o chian fada,
Bhiodh ar dùil re bhi' beartach,
  Na m biodh aguinn na dh fhag sinn,
Ach tha ar nadur cho-truagh dheth,
  'S nach faic sinn ar buannachd,
Cha lèir gainibh an fhuarain,
  Gus an uair sin an tràigh e,
Tha e nois na nì' soilleir,
  Da'r nàbuinnean comuinn,
Gun do bhristeadh mur phronnaig,
  Garadh droma na n Gàidheal.

VII.

Fear gasta gun chrìne,
  Bha ainmeil san Rioghachd,
Cha ba tric a luchd mio riunn,
  Ann innse na n àireamh,
Bu chompanach Rìgh thu,
  Am fear meamneach mor fìorghlic,
Cha n fhaicte e fuidh dhìor
  Ach am prìsealachd stata,
Ann an cogadh luchd strithe,
  Cha robh maslaidh ri innse,
Ghleidh e onoir a shinnsridh,
  'S ann a mhiadaich è nàirdachd,
Cha robh e, cha b'fhiach leis,
  Bhi falbh fuidh bhrat fillte,
Eadar e bhi na mhinor,
  Agus fìnid a laithean.

VIII.

Bha e mor ann a miodachd,
  Bha e mor bhi' Rioghail,
Bha e mor gu ann an gride,
  Ann am fìrinn 's an cairdeas,
Bu mhor e ri fhaicinn,
  Bu mhor air gach achd e,

Bu mhor e na phearsuinn,
  Na ghastachd's na ailleachd,
Bha e mor arson diumh-laoich,
  Bha e mor gu bhi sùgach,
Bha e mor air dheadh ghiùlan,
  Ann an cuirtinne àrda,
Bha e mor ann a misnich,
  Bha e mor ann a gliocas,
Bha e mor gun cheist idir,
  Le sar ghibhtinne nàduir.

IX.

Na m biodh e ra f huasgladh,
  O n bhàs a thug buaigh air,
Gur a h iomad Laoch cruadail,
  A ghluaiseadh 'na abhar,
An t ainm coithchionta mor sin,
  Re'n gairte Clann-Dòmhnuill,
O thoiseach an còirdeas,
  'S iad bu phòr da chiad mhàthair,
Agus uaislean nan Leodach,
  Thaobh fola agus feola,
Mar lànain ur phòsta,
  Leis 'm bu deonach bhi' gràdhach,
Choncas mar phuthar,
  An gruaidhean air dubhadh,
Mar gu n deanadh làn phiuthar,
  Geur chumha ma brathair.

X.

Cia ma n faguinn ann dìo-chuimhn',
  Dream eile da dhislean,
Bha na cinn ba mho prìs dhiubh,
  Ro dhìlis am pàirt dhuit,
Fir ghasta gun chrìne,
  Bha ainmeil's an rìoghachd,
Mar bha'n cinneadh mor prìseil,
  Do shiolaich o Bhànchu,

O thoiseach an dualchais,
Cha robh smal air an cruadal,
Ach m beagan beag suarach,
So fhuair iad an tràsa,
'S e n t aobhar a lot sinn,
Nach e gniomh a bha lochdach,
Ach an deirbhe mhio-fhortain,
Bha'n toiseach 's an àbhar.

XI.

Na m b'aithne dhomh innse,
Bha e mor ann san rìoghachd;
Ann am folachd gun isle,
'S ann an lionaireachd chàirdean,
Le seanachas n a firinn,
O thoiseach an linne,
'S e fèin 's Iarla Siford,
Sliochd direach dà bhràthar,
Agus triath Ghlinne-garaidh,
Ann an dlu-cheangal fala,
E choi teann air a cheangal,
'S nach e sgaradh a b'àill leo,
'S e leantuinn o'n tiom sin,
Gun mhiosguinn gun mhiorun,
'S nach gluaisear le h ìnleachd,
Gu dilinn no gu bràth e.

XII.

Bu cheart sheannachas, 's cha tagradh,
Thaobh falachd is caidreamh,
Bu dilis le aidmheil,
Dhuit Caiptin Chlanra' uill,
Do cho' irsneach taitneach,
'S do chompanach leapa,
N am marcachd is astair,
'S n uair stadadh am Màrshal,
Bha thu a t fhianais air sileadh,
A chrèachdun, choi-mire,

Re bras easraich binne,
'S a Spiorad 'ga fhàgail,
Agus uaislean a Dhucha,
Ri caoidhran tùrsach,
'S a n croidh air a chùradh,
Ma mhuirnein nan Gàidheal.

XIII.

Thaobh dlith agus dualchais,
Bu daimheil mad'ghuaillibh,
Mac Neil o na cuantaibh,
'S a dhaoin uaisle gun tàire,
'N uaire a dhèireadh oirbh trioblaid,
'S ann da iunsaidh a thigeadh,
Le iartas choi-bige,
Ri Litir a làimhe,
Chunnaig cach è coi soilleir,
Teachd le cabhlaichean troma,
Na choinnibh do dh Aros.
N uair a thachradh e riubha,
Mar Thriath 's mar cheann-uith,
Dheanadh fìontaidh iad subhach,
'S bhiodh iad buitheach da fhàgail.

XIV.

Mar fhrìdim da Fhlaitheas,
B' ann do ranntuin a mhaithin,
Mac Ionmhuinn an t sratha,
'S cha ghabhadh e fàth air:
Ann an aimsir na ruaige,
'N uair a ruigeadh luchd fuath thu,
Bu ghasta an ceann sluaigh e,
'N uair a ghluaiste leis armuinn:
Bha eisin 's an tiom sin,
Gun mhasla, gun mhi-chliu,
Ann am fochar a shinnsear,
Le gnìomharadh dana;

Nois o chaochail iad cleachda,
As an àite bu cheart doibh,
Chual siobh fein mar a thachair,
Dhoibh sa Bhatal ud Mhàra.

XV.

Ach 's e roghuinn a nì mi.
Bheir mi ghloir so gu finid,
'S nach gliocas no criondachd,
Dhomh mhiad 's tha mi 'gràdha,
Gur a Fionachd san tiom sibh,
Ann an àireamh na n Innsin,
'N uair a bha sibh gun dìobradh,
'N ar mìod is nar Airde,
Eadar scalpa 's caol-ile,
Ge do b' f harsuing na crìochan,
Bha roinn do gach tìr dhiubh
Fuidh chios duibh a' pàighe,
Nois o thuit na stuic f hion-f huil,
Ris an abairt na Rioghraidh,
'Tha na geugan ba dìlse dhoibh,
Air crionadh 'n a'n abhar.

---

Rainn *le* Domhnull Friosal *air dha bruadar air* Ingheiǹ *do* Fhear Thalascair.

Codal dhomhsa air tulaich uaine,
Air taobh tràghad re là luaine,
Choncas Inghin chaomh-chruth-ghasda,
Ann earradh do'n t srol dhaite uam,
Dh f hiosraich mise am briathrabh ciùine,
Do ghèige mhaisich na n rosg mall,
Iunadh leam thu bhi ad aonar,
Ann am f asach na faoin ghleann,
Fhreagair ise am briathraibh filidh,
Mìne, maighdinn, gu blàth binn,

Tha rioghuinn eile ann am' fhochar,
'S cha d'fhuair aon fhear tochradh linn,
Deilbh na dìos a chonairc mise,
Nior chum nàdur roimhe riamh,
Do dh fhag dealra an cruth solais,
Mo dhà shùil gun ambarc cian,
Geal am muineil, bàn an dèid,
Gorm an suil, ro dhearg an gruaidh,
Aiteil an òir da ciabh cas-bhuidh,
A bhuin mo chroidh air aiseag uam,
Ruisgeadh ghàireachdaich làn do mhaise,
A mealladh ghaoil do bhi' na n ceann.
Da mhalaidh chaoil air dheagh chuma,
Thàladh gràdh gach duine tha'r leam
Ciochan geal air uchd mar aoilionn,
Glacan bàna, bruinne seang,
Troigh chuimir is calpa gasda,
Miann sùl; air nach faighte meang,
An tu Bhènus na n tu Jùno!
Na'n tu Helen tha o'n Traoi!
Mise Seònait o Thòr siante,
Inghein Eachuinn na'n cuach òir,
Sud i Fionnaghal o Dhùnbla'bheinn,
Dùn na n Riogh am b'ard guth ceòil,
Buidhean chèillidh le deagh bhèusabh,
Air nach ceil fir turri pòg,
Ri h am luidhe suas air leabaidh,
Saoilim nach tiom codail dòibh.

MARBHRANN Alastair *uaibhrich, Mhic* Philip *Riogh* Mhasedonia, *le ceathrar a thainig air Uaigh.*

CEATHRAR thainig air uaigh an fhir,
Air feairt Alastair uaibhrich,
Do chan iad briathrun gun bhrèug,
Os ceann Flatha fir-Ghrèige.

I.

Dubhairt an ceud fhear dhiubh,
Do bhà iad an dè man riogh,
Fir an Domhain-Truaigh an dàil!
Ge d' tha e niugh na aonaran.

II.

An dè riogh an Domhain dhuinn,
Na mharcaich air an talmhuinn thruim,
Ged tha n tallamh a niugh,
Na mharcaich air a mhuin sin.

III.

Dubhairt an treas ùdhdair glic,
Bha n Domhan an Dè aig M'-Philib,
Ach an niugh cha neil aige,
Ach seachd troighean do thalamb.

IV.

Alastair mear, muirneach, mor,
N dè, phronnadh airgiod is òr,
An niugh deir an ceathra fear,
So an t or c'àit bheil eisin,
Alastair crann os chrannabh,
A' Ghrian os na reullanabh,
An t òr os gach sèud glan,
A' miol-mor os na hiasgabh,
An leoghun os na hainitibh,
An Fhirinn os na hianlaidh,
Sliabh sion os na slèibhtean,
Struth thair gach struth, struth Jordain,
Lèug lomhghar os gach airtin.
Mhuir mhor os na min-shruithin,
Aon fhear os fir na talmhuinn,
Ach riogh neamh is naoimhe tailgin,
Riogh na treine is na tuinnidh,
Riogh nan cèudan sluaigh na cruinne,
Còmhradh nan ùdhdair gur fior,
Ri faicinn uaigh an àrd riogh,

Ni b'ionunn is bao-ghloir bhan,
A chanadh leis a cheathrar.

---

Cumhadh *do dh* Alastair *donn le a Bhrathair.*

I.

STROM an luchd so th'air m'inntinn,
Agus m'uirsgeul ri innse gur truagh,
Thriall mo shugradh 's mo mhànran,
Lion tùrsa 'n a àite mi's gruaim,
Tha mo choill air a maoladh,
'S nì soilleir a shaoil air mo ghruaidh,
'S tearc mo shochdair ri f haotainn,
O'n la ghlachda le aog thu co-luath.

II.

'S ann a chead la do n earach,
Bhuail an t èug orm a spealadair lom,
Bhrist air ubhlan mo ghàraidh,
Leag e m' abhull fuidh bhlà bhar a bhonn,
Riumsa bhuin e neo-f harast,
'N uair thug e uam Alastair donn,
Mo chruas iomairt 's mo chearrachd,
'S truagh dhùinne nach tearuinn sinn bonn.

III.

'S e do chàradh fuidh eisleig,
Rinn mo chràladh fuidh asnuch mo chlèibh,
Chuir mo chriodh as a chochull,
Chor's nach suithich è sochdair na dhèidh,
Gur luaithe le bhuillean,
Na mar ghluaiseas an duilleach air gheig,
Chuaidh mo shlàinte gu mearan,
Cha neil fèim bhi' ga ghearan ri lèigh.

IV.

'S e bhi' strachti air tuillinn,
Chuir mo shlàint' ann an cuntart bochd fann,

Am breislich bhàis bhi' ga d' amharc,
Ghres tre m'àirnean an t saighead gun cham,
Bhris an t srian bha ri m' aigne,
Dh'f halbh mo chiall chaidh fath m eaguill air chall
Chuaidh mo ghearadh gu neoini,
Beairt a réubaidh mo shonais a bh'ann.

V.

Dhia ollanaich fein mi,
'S mi'n deadhaidh mo cheill a bhun dìom,
O n la bhuinnig an t èug dhiom,
An Tì 's mò fath m'eibhneas fuidh Chrìost,
Tha mo bhun ann san trèun-f hear,
A dh'f huiling a cheusadh da'r dion,
Gu bheil t anam am Phàrais,
'S b' è bhi' mariut a' màireach mo mhiann.

VI.

Tha gach Duine do d' chàirdean,
Mar ri' d' mhuime 's ri d' bhra'rin fuidh bhròn,
'S an aon a Phiuthar a dh f hag thu,
Ri sior chumha 's ri f àsga nan dòrn,
Gu bheil fios aig an Ard riogh,
Ga nach fiosraiche càch mar tha leòn,
Gach ti tha mi' ràitin,
Ga bheil an criodhachun cràiteach ni' 's leòir.

VII.

'S beag a t iunadh mar thà iad,
Mar mhuir reobhairt air tràghadh le deòir,
Cha b' è garlaoch an f heachda.
Bha sibh 'g àireamh bhi' aguibh mar threòir,
Ach f òghlam, cruadal is cleachda,
An f hir-thrèin ba mhor tapadh san tòir,
Da m ba leannan an uaisle,
Ann ad leanabh; 's gun d f huair thu i òg.

VIII.

B' e fud Iuran na Glaine,
Bha gu fiùghantach fearail a' f às,

Muirneach, irìosal, suairce,
  Sùgach, binn f hoc'-lach buaghach s gach càs,
Fear do choimeas cha chualas,
  Thaobh gach subhailc bha fuaite re d' ghnàs,
D h f hag thu uile fuidh ghruaman,
  Gach ti chunnaig no chuala do bhàs.

IX.

Bha do thrèabhantas ullamh,
  Ann 's gach feim ann an cuire tu làmh,
Chor 's nach Cùbaire b'urra,
  Cuis a bhuinnig do n churaidh gun sgàth,
Ge do theireadh luchd mascuill,
  Gur h i bhrèug cuid is ceart tha mi ràdh,
Dhearbh thu fein a bhi tapaidh,
  Ge do dhèire dhomh tachairt a'm' thàmh.

X.

Fhuair thu tuigse an deagh nàdair,
  Agus gliocas o àrd righ nan dùl,
Ann an cèill bha thu labhara,
  Ann an ceadfaidhean flathoil bha thu,
Ann 's gach ceaird bha thu coisint,
  Ga neo-ardanach foistinneach ciùin,
Ort ri àireamh bu deacair,
  Cron an' càileachd am pearsa no n cliu.

XI.

Shuidhich t inntin air cheartas,
  Air chinnte, f hir reachdair so dh èug,
Leis gach tì bha thu taitneach,
  Iochdair, caomh-chàirdeach, ceart ann s gach fèum
Gu fial, furanach, nàrach;
  Riamh mar churaidh neo-sgàthach gun bhèud,
Leoghun fior f hiach ail tapaidh,
  Teoth-chroidhach, irisil, macant'am bèus.

XII.

Thriall gach socair bha agum,
  Chuaidh mo chòmhnuidh 's mo chadal an lugh'd

Tha liunn dubh agus airstneal,
  Da m tharuing gu leabaidh am shlacd,
Ga m shior ruagadh na m shlapan,
  Dhainndeòin cruaidail na tapaidh ga m faòd,
Tha ma ghualadh gun tàice,
  On la bhuaile ort slachdan an aoig.

XIII.

Chuaidh mo shugradh fuidh lithe,
  Gur ciuirte tha mo chroidh ann m' chom,
Osnaich thursach da m theirbheirt,
  Blas mo chupain gur seirbh e na'n tonn
Fhir a chruthaich mi'n cèuduair,
  'S a tha stiuradh na rèult os ar ceann,
Orm furtaich, s cluinn f èin mi,
  'S tog an luchd-fo th'air mintinn gu trom.

---

Cumhadh *do* Ghileaspaig Caimbeul Iarl' Earraghaidheal, *a chuaidhe dhith-cheannadh ann* Duneidean *am bliadhn ar Tighearna* 1685. *Leis an Aos-dana.* Mac Ithich.

I.

THA sgeul agam dhuibh ra innse,
  'S cha chuis ghaire,
Gu'n d' chuireadh ceann taice na'n Gàidheal,
  Ann staid iosail.

II.

Co chumas còir ris an anf hann,
  S è na chruadhaig,
No chumas casg air gach anag-na,
  Tha teachd nuadh òrinn.

III.

Co chumas còir ris an Eaglais,
  Dh' f has i dorcha,
No chumas a suas luchd teagaisg,
  Ris na borbadh.

IV.

Co chumas an creideamh cathara,
Suas gu treorach,
'S nach d' fhuair Gileaspaig ceud èisteachd,
Ann taic còrach.

V.

Co chumas taigheadas greadhnach,
Gu buan faoilidh,
'S nach taghail an t Iarla Duibhneach,
'S an dùn-aorach.

VI.

Roghuin na'n Albanach uile,
Do'n àrd fhine,
A dhaoine na'm biodh speis do dhuine,
Bu bhèud a mhilleadh.

VII.

Iarla duais-mhor Earraghaidheal,
Garg an Leoghan,
Ba mhor an croidhe dh' fhearabh Albann,
Fhuil a dhortadh.

VIII.

Dhaoine ge do fhuair sibh àite,
Os ceann Cùirte,
'S olc a chuir sibh gliocas Alba,
Gu sùrd mhillte.

IX.

Ge do strachd sibh coir gun cheartas,
'N taichd bhur mio-ruin,
Theaga gun tig la nach fhasadh,
Dhuibh da dhìoladh.

X.

Fhuair an fhuill uasal a cèusadh,
Mar fhuair Iosa.
Ge nach coimeas sud ri chèile,
Feudar innse.

XI.

Mo thruaighe 'nochd do luchd leanmhuinn,
'S faoin an seasadh,
Tha gach duin' aig gabhail gèill dhiu'
Dh'èug Gileaspaig.

XII.

Dh'èug an tuigse dh'eug an aithne,
Dh'èug an ceannsal,
Dh'eug an crann dlitheach treun talmhaidh,
Dh'eug an ceann-math,

XIII.

Beannachd le t' anum am pharais,
'S fiach do chuimhne,
Gun togbhadh Dia suas bhur n Alach,
A Dhream Dhuibhneach.

XIV.

Dhream bheadarach, bhuaghach bhàghach,
Mheadhrach, mhuirneach,
A labhradh gu foistineach, fir-ghlic,
Brìgh gach cùise.

XV.

Sud a chlann is uaisle fineadh,
Na'n stèud mearadh,
Rè-bhearteach an iùl sa'n Aithne,
Chlann ud uile.

XVI.

Ge b'e dh' aithrise mo sheanachas,
Le mion chuimhne
Co's mò tuigs air dhruim talmhuinn.
No clann Dhuibhneach.

XVII.

Blàth a dh' f has os ceann gach fine,
Gniomh gun ghainne,
Ceann cèille, clèir agus sgoile,
An Leibhidh uile.

XVIII.

'S ioma Leoghann a's Triath duineil,
A's ceann buidhne,
Do 'n t sliochd Iarlail tha shliochd Dhiarmaid,
Mhic o Duibhne.

XIX.

O Dhiarmaid a thainig sibh uile,
Sean am fineadh,
Clann a b fhearr ab fhiach a mholadh,
Chualadh sinne.

XX.

'S iomad croidhe bras tha brònach,
Rosg tha dèurach,
Luchd oifig 's am bos ri bualadh,
Tha 'n creach deainte.

XXI.

'S iomad Bruth solaist fu' thursa,
Air dreach meirgte,
Mnaidhe ghreanta gun ghean gun ghaire,
A caoidhe fui' throm-a-chradh.

XXII.

Bhàsaich luchd ciuil gu buileach,
Co nì 'n cumail,
Cha n'eil sta dhuinn bhi' ri forrus,
Chaidh 'n taom thairis.

XXIII.

'S fuathasach à ghaoth so thàinig,
Ghluais i 'n fhiàdhidh,
Dh' fhuaich i na h eoin le stoirm ghàbhaidh,
O'n choill chaomhaidh.

XXIV.

Ach tigfidh na h eoin ùiseil aillidh,
Da 'n coill chòmhnaidh,
Gu 'n togaidh Dia suas bhar n aireamh,
Ann staid naomha.

XXV.

'S cruaidh an càs sibh 'shearg gun chionta,
Seòid bu phailte,
'S nach d' f huaradh aobhar'nar n aghaidh,
Ach mead bhur tuigse.

XXVI.

Thàinig braidheagh oirbh gun f hios duibh,
Leom is duilich,
Ma dh'f halbhas a chlann so buileach,
Smairg a' dh' f huirich.

XXVII.

Cuiribhs bhur dochas san Ard riogh,
A chlann chèillidh,
'S è sud am breithe gun f hallsa,
Nach dean ea-coir.

XXVIII.

An tì chruthaich sibh an toiseach,
'N staid cheudfaich,
Tha e fathast dhuibh cho-ghras-mhor,
'S a bha chéad uair.

XXIX.

'S iomad Marcaich luthor làidir,
Thuit gu h ìosal,
'S a dh'eirich gu sochdair sàbhailt,
Suas na dhiolaid.

XXX.

Mar stiuìr Maois a chabhlach lìon-mhor,
'S iad na'n eiginn,
A mhac-samhail gun tarla dhuibhse,
Ri uair feuma.

XXXI.

Ri h uair feuma tha Dia neartmhor,
Ceann gach cuise,
Dheanadh d' ar Naimhdè treuna,
Càirdean ciuine.

Iomairich Alaistar *as* Eignaig *do dh* Iobhir-aidh.

I.

DH fhalbh mi a' narachan creagach,
Lan conaisg 's do phreasabh sgrogach,
Biorun, dreathun ann da m' bhriogadh,
Roi' m' chliabh gu neimhneach da m' brodadh.

II.

Fonn crainntidh tiorram nach lagach,
Gun mhinf heur gun lon gun bhoglach,
Cho 'tiorram ri spuing gu fradadh,
Ghabhas faddadh 's lasadh tog'rach.

III.

Gun neòinein gun sobhrach gun seamrag,
Air dul na theine le tiormachd,
Sud am fearunn nach 'eil iumlan,
Fuidh speuran na n siontadh iumladh.

IV.

Liath-reotha gun deisir greine,
Feadh frath a ghlinne 's a shleibhtin,
Crannshneachda spionadh a speuran,
Froiseadh mu m chluasan 's mu m' eudunn.

V.

Am fonn sgrainngeil, griomach tomach,
Chinn do gach ni'solta; lomach,
Baile caol gun sult nach bronnach,
Lomlan do bhratagun croma.

VI.

Gurst an f haoiltich gach aon ial air,
'S e daonan an caithrim fiabhrais,
Gun iuchar gun cheitein grianach;
Ach fadadh cruaidh 's an airde 'n iar air.

O

VII.

'S e buain froise do chloich-mheallain,
A dheanadh ar cluasan a sgioladh,
Cha deanadh ar barail ar mealladh,
Sin, an f hras as doirbhe sileadh.

VIII.

A maor thug dhomhsa a bhairlinn spreigail,
An chromshronach fa smig ga spagadh,
Ghairm e rium mur ghlaistig sgreididh,
M' iumraich a thogbhail 'n gradaig.

IX.

Ghabh mi comhnuidh an Inbhir-aoiddh.
Baile ion-mholta sollta gaollach,
'S e gu solach, torrach, maoinich,
Muirneach, so-ghradh, feurach, faoilidh.

X.

Baile gun ghlaistig gun bhochdan,
'S caisrigte gach crann sgach foid dheth
Gun eanntag gun charran gun f hotus,
Lomlan chluaran, lilidh 's rosan.

XI.

A mhaghan a borcadh do noeinein,
Strachti do dheagh mhiosun oirdheirc,
Cha chinn lus bhios searbh am foid dheth
Barrach, bainnech, meallach, so ghra'ach.

XII.

Fiamh a ghair air strath 's air morbheinn,
A' maduinn mhaighe's grian gan oradh.
Cur anam fàis le blas nam poraibh,
H uile la toirt bar air boichid.

XIII.

Baile bla smaith fas gach seors' ann,
Dealt an aigh air bar gach feoirnein,
Beo-chluig-chiuil an dos gach mor chrainn,
Tilgeil cheilcir graidh o an sgornain,

XIV.

B' oirfid' eibhinn seirm na coisridh,
Am barr na n geug a' seinn na 'n nòran,
Leadain theudbhinn ainglidh ghloirmhor,
'S laoidhean grèite cèadfach ceòl'ar.

XV.

'S forton lium gun d f hàg mi Eigneag,
Ionad cruaidh na n dris ba ghèire,
Am fonn sporach, sgorach, bèura,
Dh f heannadh m' f heòil ma'r chuirc dhroch rèusair.

XVI.

Fàilt ort fein a Pharais f haoilidh,
Inbhir-aoidh am baile tlachd-mhor,
Biodh m'anam 's mo chorp gu naomha,
O f huair mi sgàaoilte as na glasaibh.

XVII.

Chuibhtich mi tagha na piocaid,
Am fear a bhà riochdail na chàsan,
Dheanadh ascaoin eaglais chruaigh orm,
Man cluinneadh a chluas tri chaisit.

XVIII.

Chuibhtich mi ascairt is teine,
'S gach nì bhiodh na bhoile gu lasadh,
Chuibhtich mi seangan na n crioman,
'S gach nì biorach bhiodh 'g a m speachadh.

XIX.

Chuibhtich mi spuir a chait f hiadhaich,
'S dodhran iargallta na brachdluinn,
A neach sin a chàine gu dàor mi,
'S a bheum gun adhbhar a chlag rium.

XX.

Gun do theich mi o'n f hraoch scriachain,
A loisg m f hiasag dhiom le shradabh,
Cuir bhramannun dearga tein as,
'S gun tholl e gu deireasach ma chraiceann.

XXI.

Gun chuibhtich mi riogh nan searbhag,
Domblas, Earraghlas, is tombachda,
'S gach biastag a bha da m ithe,
Coinn-speach, criothlagun is beachunn.

XXII.

Ach o thànig mi dh Inbhir-aoidh,
Thiuntaidh riumsa caoin gach ascain,
Is gach rud bha cuir orm triobliod,
Rinn Dia gu sgiobalta 'n casg dhìom.

*Beannachadh Luinge, maille ri pro:nachadh Fairge a rinneadh do sgióba sdo* Bhirlin, *le tighearna chlan* Raonuill, *le* Alastair Mac Dhomnuill.

GAM beannuiche Dia long chlann Raonuill,
A cheud là do chaidh air saile,
E fein sa thrèin-fhir da caitheadh,
Trein a chaidh thar maitheas chàich,
Gam beannuich an comh-Dhia naomha,
An iunrais anail na speur,
Ga sguabadh a garbhlach na mara,
Gar tarruing gu cala rèidh,
Athair a chruthaich an fhairge,
'S gach gaodh sheideas as gach aird,
Beannuich air caolbhairc 's air gaisgich,
'S cum i fein 's a gasraidh slàn,
A mhic beannuich fèin ar n'achdair,
Ar siuil ar beairtean 's ar stiuir,
'S gach droinip tha croichte ri'r crannaibh,
'S thoir gu cala sinn le t iul,
Beannuich ar rachdan 's ar slatt,
Ar crainn 's ar taoidibh gu leir,
Ar stagh 's ar tarruing cum fallain,
'S na leigs ann ar caraibh beud,

An spiorad naomh bidhi air stuir,
Seolaidh e an tiùl a bhios ceart,
Seol da gach long-phort fuidh n ghrein,
Tilgimid sin fein fui d' bheachd.

---

*Beannachadh nan Arm.*

GUM beaunuiche Dia air claidhmhean,
'S air lannan spainteach geur-ghlas,
Air luirichean troma maillich,
Nach geairtc le faobhar tais,
Air lamhannan cruadhach 's air gorsaid,
'S air sciathan ean-dealbhach dualach,
Beannuich gach armachd gu h iomlan,
Thair ar n iumchar 's air crios guaille,
Ar Boghannan foinealach iubhair,
Ghabhadh lugha ri uchd tuasaid.
'S na saighdean beithe nach spealgadh,
Ann am ballagan a bhruic ghruamaich,
Beannuich air bioddag 's air dagga,
'S air n'eile gast ann an cuaichein
'S gach trealaich cath, agus comhraig
Tha m bàrc Mhic Dhomhnuil san uair so,
Na biodh simpleachd oirbh na taise,
Gun dol air ghaisge le cruadal,
Fhad sa mhaireas ce'ithir buird dhith,
Na bhios caraid shûdh dhith fuaite,
Fad sa shnamhas i' fuidh'r casabh,
Na dh f huireas cnag dhith an uachdar,
Dhaindeoin aon f huathais ga'm faic sibh,
Na meataiche gart a chuain sibh,
Ma ni sibh cothacha ceart,
'S nach mothaich an f hairge sibh diblidh,

Gun iflich a h ardan sa beachd,
'S gar cosnadh scairteil gnn strioc i,
Do cheile comhraig air tìr,
Mar faic e thu cintinn tais,
'S doch e bhogachadh san strìth,
Na chintinn idir ni 's brais,
'S amhil sin ud tà mhuir mhòr,
Coisinn i le colg 's le sùrd;
'S umhlaich i dhuit fa-dheoidh,
Mar a dhordaich riogh nan dùl.

*Prosnachadh Iumraidh gu ionad scolaidh.*

GU cuirt an iubhrach dluth-dhealbhach,
'N aite seolaidh,
Sathibh a mach cleathan righne,
Liath-lom comhnard,
Ramhàn mion-lunnach dealbhach,
Socair èatrom,
A ni n tuimradh toirtil calma;
Bos-luath càoir-ghèal,
Chuireàs an f hairge na sradabh,
Suas 's na spèuradh,
Na teine siunnachain a lasadh,
Mar f hras èibhlin,
Le buillean gailbheach tarbhach,
Nan cleatha troma,
A bheir air bhoch-thuinn thonn-anfaich,
Lot le'n cromadh,
Le sgeinnean nan raimh geal tana,
Buala cholluin,
Air mhullach nan gorm chnoc gleannach,
Gharbhlach thonnach,

O' sinibh 'starnibh agus lubabh,
Ann 's na bachdabh,
Na gallain bhas-leathan gheiseach,
Le lus ghlaic-gheal,
Na fuirbinnean tromma treuna,
A luidhe suas orr,
Le n gaoirdeanin doideach feathach,
Gaoisneach cruachdach,
Thogas sa leagas le cheile,
Fudh aona ghluasad,
A gaithean lia-leabhar reithe,
Fuidh bar stuaghan,
Irghiulach garbh an tus cleithe,
Geibhach shuas orr,
Iorram dhuisgeas an speurad,
Ann 's na guaillean,
Sparras a Bhiorlinn le shei-erich,
Roimh gach fuar ghleann,
Scollta na boch-thuinn a beucaich,
Le saidh chruaidh chruim,
Dhiumaineas beantainin beisdel,
Roimh da ghualain,
Hugan le cuan nualan gairich,
Heig air chnagabh,
Fathrum le brass-ghaoir na barluin,
Ris na maidibh,
Raimh gan piannadh 's bolgan fol,
Air bois gach fuirbi,
Na suinn laidir garbha thoirteil,
Scop gheal iumram,
Chreinnicheas gach bord dheth darach'
Bigh as iarann,
'S lannan gan tilgeal le staplain,
Chnap ri sliasaid,
Foirne fearrail a bheir tullaga,
Dugharra daicheil,

Sparas a chaoil bharc le giubh-saich,
  N aodann aibhis,
Nach pilfir le frith nan tonn dughorm,
  Le luths ghairdein,
Sud an sgioba neartmhor surdail,
  Air chul alaich,
Phronnas na cuairteagan cul-ghlas,
  Le roinn rambachd,
Gun sgios gun airstneal gun lubadh,
  Ri h uchd gabhaidh.

---

*'Nsin an deigh do na fearabh suidh air na ramhadh chuma h uimradh; suidh n ghaoidh gu ionad seolaidh do ghlaodh* Callum Garbh Mac Raonuill *nan Cuan, iurram orra 's e air ramh bhraghad, agus si so i.*

I.

SA nois on rinnadh 'ur taogha,
  'S gur coltach dhuibh bhi nar raoghuinn,
Thugabh tullaga neo chlaoghara daicheil.

II.

Hugabh tullaga neo-chearbach,
Cun airstneal gnn dearmad,
Gu freasdal na gaillbhinne sail ghlais.

III.

Tulagan dannara treun ghlac,
A rithis cna-in as fèthean,
Df hagas soileir a cèĩmannan àlaich.

IV.

Sgobadh fonnar gun eislein,
Ri garbh phrosnach a cheile,
Iurram ghleust ann am bèul fir a braghad.

V.

Cogull raimh air na bachdabh,
Léois as rusgadh air basabh,
'S raimh dan sniomh ann an achlaisin ard thonn.

VI.

Biodh bhur gruaidhean air lasadh
Biodh bhur bois gun leob chraicinn,
Fallas mala bras chrappa gu-làr dhiobh.

VI.

Sinibh tairnibh as luthabh,
Na gallain liagh-leobhar ghiubhais,
'S dianabh uidhe roimh shruith an t saile.

VIII.

Cliath raimh air gach taobh dhith,
Masga fairge le saòthair,
Dol na still ann an aodan na bàrlin.

IX.

Iumra comh luadh glan gleusta,
Scoilte boch-thuinne bèicich,
Obair shuntach gun eislein gun fhardal.

X.

Buailibh cothromach trèun i,
Sealtuinn trìc air a chèile,
Thigeadh spiorrad nar fèthin 's nar gairdein'.

XI.

Biodh a darach a colluinn,
Ris na fiaghleannabh brònnach,
Sa da shliasaid a pronnadh gach bàrluinn.

XII.

Biodh an fharirge ghlas thonnach,
Gart na garbh mothar lonnach,
'S na h ard uisgichean bronnach a garaich.

XIII.

A ghlas fhairge sior-chopadh,
Steach ma da ghualainn thoisich,
Struth aig osnaich a sloistreadh a h earr-linn.

XIV.

Sinibh tairnibh is lùbadh,
Na gathain mhin lunnach chuldearg,
Le ui-maircibh smùis air garbh ghairdain.

XV.

Cuiribh fuithibh an ruth ud,
Le fallas mhailein a sruthadh,
'S togabh seoil ri o Uist nan cragh-ghìadh.

---

*Dhimmir iad an sin i gu ionad seolaidh.*

SAN sin nar thàr iad na seol-shiotha,
Gu fior ghasda,
Shaor iad na sea-raimh-dèug,
A steach roibh bacabh,
Sgathadh grad iad sios ra sliasaid,
Seachna bhac-bhreid,
Dhorduich clann Raonuill,
Ga uaislean sàr sgiob-fhearabh cuain bhi aca,
Nach gabhadh eagal roi fhuathas,
Na gne thuairfidh a thachradh.

*Dhordicheadh an deigh an taghai na huile duine dhol ann an seilbh a ghreim araidh fein, 's na cho-long sin ghlaothadh ris an stiurimich suidh air stiur ann 's na briarabh so.*

SUITHEADH air stiuir trom laoch leathann,
Neartor, fuasgailt,
Nach tilg bun na bàr sumaid,
Fairge uaidh,
Claireanach taichdail làn spiunnuidh.
Plochdach masach,
Min bèumeannach faicilleach,
Furachail lán naistin,
Bunsaidh cudramach,
Garbh sochdair solta luthor,
Airmseach foighidneach gun ghriobhag,
Ri uchd tuìlin,
N uair a chluinn e'n f hairge ghiobach,
Teachd le bùirin,
Chumas a cheann caol gu sgibidh,
Ris na sùghabh,
Chumas gu sochdrach a gabhail,
Cun dad luasgain,
Sgod is cluas ga rian le amharc,
Suil air fuaradh.
Nach caoil aon oirleach na h ordaig,
Ga cheart chursa,
Dhaindeoin bhùr sumaidin mara,
Teachd le surdaig,
Theid air fuaradh lea cho-daingin,
Mas a h eigin,
Nach bi lann na reang na darach,
Nach toir eibh ast;
N ach taisich 's nach teid na bhreislich,
Dhaindeoin fuathais.

Ge d dhatadh a mhuir Cheanna-ghlas,
Suas ga chluasabh,
Nach b urainn an fuirbidh chreanachadh,
Na ghluasad.
O junnad a shuidhe 's e treanant,
'S ailm na asguil,
Gu freasdal na seana-mhara chan ghlas;
'S gleanna-gharbh ascaoin;
Nach crithnich le fuara-cluasa,
An taod aoire,
Leigis lethe ruidhe as a gabhail,
'Slàn na h aodach;
Cheanglas a gabhail cho daingean,
'M bàr gach tuinne,
Falbhai' direaeh na still gu calta,
'N aird gach buinne.

*Dhordaicheadh a mach fear beairte.*

SUIDHEADH toitear-laoch garbh Dhoideach,
An glaic beairte,
A bhios staideil làn do churam,
Graim glachd mhor;
Leigeas cudthrom air ceann slaite,
Re h am chruadhaich,
D' f haothaichis air crann 's air achduinn,
Bheir dhoibh fuasgla.
Thuigeas a ghaoth mar a thig i,
Do reir seoladh,
Fhreagras min le fearas beairte,
Bèim an scoid f hir;

Sior chuideacha leis n acfuinn,
Mar a faillnich buill bheairte,
Reamhar ghaoisid.

*Chuireach air leath fear scoid.*

SUTHEADH fear scoid air an tottaidh,
Gairdein laidir,
Nan righinnin gaoisneach feitheach,
Reamhar chnamhach,
Cragan tiugha leathunn chlianach,
Meoir garbh-chrochdach,
Mach 'Sa steach an scod a leigeas,
Le neart scrobadh.
'Nam cruaghaich a bheir thuige,
Gaodh ma sheideas,
'S nuair a ni an oiteag lagadh,
'Leigeas beum leis.

*Dhordichadh air leth fear cluaise.*

SUITHEADH fear crapara taiceil,
Gasda cuainte,
Laimhsicheas a chluas neo-lapach,
Air a fuaradh;
Bheir imrich sios sa suas i,
A chum-gach urracaig,
A reir 's mara-thig an soirbheas,
Na bàr urchaid.

'Sma chi e naonrais aig eiridh,
Teachd le osnaich,
Lomadh e gu gramail treun mhor,
Sios ga stoc i.

*Dhordaicheadh dan toiseach fear eolais.*

EIREADH màr-nialach na sheasabh,
Suas don toiseach,
'S deanadh e dhuinn eolas seashhach,
Cala a chosheadh;
Sealladh e na ceithir airdean,
Cian an athair,
'S inseadh e do dh' f hear na stiurach,
'S math a gabhail.
Glacadh e comhara tire,
Le sàr shuil-bheachd,
On se sin as Dia gach side,
'S as reul iuil duinn.

*Chuireadh air leth fear air calpa na tairne.*

SUITHEADH air calpa na tairne,
Fear gun soistin,
Snaomanach fuasgailteach scairteil,
Foinni solta.
Duine curamach gun ghriobhag,
Ealladh gruamach,
A bheir uaipe 's dhith mar dh' f heumas,
Gleusta luai'neach.

Luidheas le spaoghanan troma,
  Treun air taruin.
Air cudram a dhoid a cromadh,
  Dhiunsaidh daraich.
Nach ceangail le sparraig mun urracaig,
  An taod frithir,
Ach gabhail uime daingean seolta,
  Le lub rithidh;
Air eagal nar scairte an tausadh,
  I chuir stad air,
Los i ruidh na still le cronan,
  Bhar na craige.

*Chuireadh leth fear inse nan uisgeachan 's an fhairge air cintinn, tuille as molach 's thoirt an stucramaich ris.*

SUITHEADH fear innse gach uisge,
  Labhradh e m chluais sa,
S cumadh e a shuil gu biorach,
  Ann croidh an f huaraidh,
Taoghabh an duine leth eaglach,
  Fiamhach sicir.
'S cha mhath leom e bhi air fad,
  Na ghealtair riochdail,
Bidh e furachair nar chi e,
  Fuaragh froise,
Go dhui bhios soirbheas na deireadh,
  No na toiseach,
Gan cuireadh e mis am f haicill,
  Suas dam mhosgladh,
Ma ni e gne chunnairt f haicinn,
  Nach bi tostach.

'S ma chi e coltas muir bhaite,
Tiochd le nuallan,
Sgairteas cruaidh cheann-caola fiogha,
Chumail luath ris,
Biodh e ard-labhara ceilli,
Geubheach bairlinn,
'Sna ceileadh air fear na stiureadh,
Ma chi gabhadh;
Na biodh fear innse nan insgean,
Ann ach eisin,
Cuiri griobhag briot is gusgul,
Neach na bhreislich.

---

*Dhordicheadh a mach fear taomaidh san f hairge, a barcadh air an muin rompa 'snan deigh.*

FREASDLADH air leaba na toama,
Laoch bhios fuasgailt,
Nach fannaich gu brath 's nach tiomaich,
Le gair chuaintean,
Nach lapaich 's nach meataich,
Fuachd saile na cloch-mheallain,
Laomadh mu bhrollaich 's mu mhuineal,
Na fuar steallabh;
Le crumpa mor cruinn tiugh fiogha,
Na chiar dhoidibh,
Sior thilgeadh a mach na fairge,
A steach a dhoirteas.
Nach dirich a chaoidh a dhruim luthor,
Le rag earlaid,
Gus nach fag e sile an grund,
Nan-lar a h eairlinn,

'S gad a chinneadh a buird cho toltach,
Ris an ridil,
Chumas cho tioram gach crag dhith,
Ri clar buideil.

*Dhordicheadh dithis gu dragha nam ball chul-aodaich, 's coltas orra gun tugte na siul uatha le ro ghairbhid na side.*

CUIRIBH caraid laidir chnamh-reamhar,
Ghairbneach ghaoisneach,
Gum freasdladh iad tairneant trein i ceart,
Buill chul-aodaich;
Le smuis is le mead luis,
An righin treuna,
Nam cruaghaich bheir orr a steach,
Na leigis beim leis.
Chumas gu sgiobalta a stigh e
Na teis meathain,
Dhoghnanh donnachadh mhac Caramaig,
'S Ian mac Ian,
Dithis starabhanach theoma,
Ladorn do fhearabh Chana.

*Thagha seisear ga fearas urlair an earalas gud failniche aon fhear do na thuirt mi, neo gun spionadh, onfadh na fairge, mach thair bord e 's gun suidhe fear dhiu so na aite.*

EIREADH seisear ealabh ghleusta,
Lamhach bheotha,
Shiubhlas sa dh f halbhas sa leumas,
Feadh gach bord dhith;
Mar ghearr-fhiagh am mullach sleibhe,
'S coin da copadh,
Streipeas ri cruaidh bhallabh reith,
Don chaol choireach.
Co ghrad ri feoragan ceitein,
Ri crann ro-chaoil,
A bhios ullabh eallabh treibheach,
Fallbhach eolach;
Gu toirt dhith 's gu to irt an ausadh;
Sclausail ordail,
Chaitheas gun airstneal gan eislein,
Long mhic Dhomphuill.

*Do bha h uile goireas a bhuineadh do t sgoladh, anois air a chuir ann an deagh riaghailt, agus theann na h uile laoch tapaidh gun taise, gun fhiadh; gun sgathachas thun a cheart ionad an dordaicheadh dha dol; is thog iad na siuil ann an eiridh na greine la fheil bride a togbhail a mach bho bhun Lochoinart an Uithist chinne deas.*

GRIAN a faoisgneadh gu h orbhuidh,
  As mogal chinn an speur gu dubhaidh doit,
  Lan do dh oglachd,
Dh fhas i ton- ghorn tiugh-tar-lachdun,
  Othar iargalt;
Chinn gach dath bhiodh ann am breachdan,
  Air an fhiarmailt,
Fadadh cruaidh san naird an iar orr,
  Stoirm na coltas.
'S neoil shiulach aig gaodh gan riosladh,
  Fuaradh frois orr,
Thog iad na siuil hhreachda,
  Bhaidealach dhionach;
'Shin iad na calpanan ragadh,
  Teanna righne,
Ri fiughanan arda fada,
  Nan colc bhidhearg;
Cheangail iad gu gramail snaompach,
  Gu neamh chearbach,
Roimh shuile nan cromag iaruinn,
  'S nan cruinn ailbheag.
Cheartaich iad gach Ball don acfuin,
  Ealadh doigheil,
'Shuidh gach fear gu freasdal tapaj,
  Bhuill bu choir dha;
'N sin dh fhosgail uineagan an athair,
  Ballach lia-ghorm,

Gu seide na gaoithi greannach,
'S bannail iargailt,
Tharruing an cuan a bhrat dughlas,
Air gu h uìlidh;
Mhantal garbh caiteinach ciar-dhuth,
Screitidh buinne,
Dh at e na bheannabh's na ghleannabh,
Mollach robach.
Gun do bhochd an f hairge cheigeach,
Suas na cnochdabh,
Dh f hosgail a mhuir ghorm na craosabh,
Farsaing crachdach,
An glaicibh a cheil ri taosga,
S caonag bhas-mhor;
Gum b f hear-ghniomh bhi g amharc 'an aodan,
Nan maom teinnti,
Lasraichean fradanach sionnachain,
Air gach beinn diu.
Na beallanaich arda lia-cheann,
Ri searbh bheicil,
Na cullanaich's an cladh dudaid,
Ri fuaim gheimnich,
Nuair dheireadh-mid gu h allail,
M barr nan sonn sin,
Beigin an tausadh a bhearradh,
Gu grad phoncail,
Nuair thuiteadh-mid le aon slugadh,
Sios 's na gleanntaibh,
Bheirte gach seol a bhiodh aic
Am bar nan crann dhith,
Na ceosanaich arda chromma,
Teachd sa bhairich,
Mas tigeadh iad idir nar garabh,
Chluinth an gairich,
Iad a sguabadh nan tonn beaga,
Lom gan sgiursadh,

Chinneadh i na h aon mhuir bhas-mhor,
S cas a stiuradh,
Nuair a thuiteadh-mid fui bharr,
Nan ard thonn giobach,
Cur beag nach dochuinneadh a sail,
An taigeal sligneach,
N f hairge ga maistreadh sga sluistreadh,
Roimh a cheile,
Gun robh roin os miolan mor,
Am barrachd eigin,
Onfadh as tonnadh na marra,
As falbh na luinge,
'Sradadh an eanachainnin geala,
Feadh gach tuinne,
Iad ri nualanaich ard uabhainneach,
Searbh thursach,
Geabhach gar iochdarain sinne,
Dragh chum buird sinn,
Gach min-iasg abha san f hairge,
Tarra-gheal tiuntait,
Le gluasad confach na gailbinn,
Marbh gun chuntas,
Clochan as maorach an aigeil,
Teachd an uachdar,
Air am buain a nuasla slachdraich,
A chuain uaimhrich,
A f hairge uile 's i na brochan,
Stroipleach ruaimleach,
Le fuil 's le gaor nam biast lorcach,
'S droch dhath ruadh orr,
Na biastan adharcach iongach,
Pluitach lorcach,
Lan cheann sianail beoil gu'n gialaibh,
'S an craos foscailt,
An aibhas uille lan bhochdan,
Air cragradh,

Le spogan 's le urbaill mhor bhiast,
Air magradh,
Bu sgreamhail an robbain scriachdach,
Bhi da eisteachd,
Thogadh iad air caogad milidh,
Eatrom ceille,
Chail an sgiobadh cail gan claisneachd,
Ri bhi g eisteachd,
Ceilearadh screadach nan deomhan,
'S mothar bheistean,
Faoghar na fairge sa slachdraich,
Gleachd ra darach,
Fosghair a toisich sa sloistreadh,
Mhuca mara,
Ghaoth aig urachadh a fuaraidh,
As an iar aird,
Bha sinn leis gach seorsa buaraidh,
Air ar pianadh,
Sinn dallta le cathadh fairge,
Sior dhol tharruinn,
Taiarneinach aibheasach re oiche,
'S teine deallain,
Peilleirean beithrich a losgadh,
Air cuid acfuin,
Failadh as deathach na riofa,
Gar glan thachdadh,
Na duilein uachdrach as iochdrach,
Ruinn a cogadh,
Talamh teine is uisge is sion-ghaoth,
Ruinn air togbhail,
Ach nar dhairtlich air an fhairge,
Toirt oirn striochdadh,
Ghabh i truas le faite gaire,
Rinn i sith ruinn,
Ga'd rinn cha robh crann gun lubadh,
Scol gun reubadh,

Slat gun scaradh rachd gun f haillin,
Ramh gun eisleir,
Cha rabh stagh ann gun stuadh leamneadh,
Beairt ghaisidh,
Tarrunn na cupladh gun bhriste,
Fishe faishe,
Cha robh touta na beul mor ann,
Nach tug aidneach,
Bha h uille crannaghail is goireas,
Air an lagadh,
Cha robh achlasan na aisinn dhi,
Gun f huasgladh,
A slat bheoil sa scuitichin ascuil,
Air an tuairgneadh,
Cha robh fallamadair gun scolta,
Stiuir gun chreachdadh,
Cnead is diosgan aig gach maide,
S iad air deasgeadh,
Cha robh cranntarruing gun tarruing,
Bord gun obadh,
H uile lann bha air am baradh,
Ghabh iad togail,
Cha robh tarrung ann gun traladh,
Cha robh calpa ann gun lubadh,
Cha robh aon bhall bhuine dhise,
Nach robh na's measa na thuradh,
Ghairm an f hairge siochaibh ruinne,
Air crois chaol Ile,
'S gun d f huair gharbh ghaoth, shearbh ghloireach,
Orda sinidh,
Thog i uainn do dh-ionadabh uachdrach,
An athair,
S chinn i dhuinn na clar reidh mingheal,
N deigh a tathuinn.
'S thug sinn buidheachas don ard riogh,
Chum na duilin,

Deagh clann Raonuill a bhi sàbhailt,
O bhas bruideil,
'S an sin bheim sinn a siuil,
Thana bhallach do thuillin,
'S leag sinn crainn mhin-dearg ghasta,
Air fada h urlair,
Schuir sinn a mach raimh chaol bhagant,
Dhaite mhine,
Do'n ghiubheas a bhuain Mac Bharais,
An eilein f hionain,
'S rinn sinn an t inmra, reidh tulganach,
Gun dearmad,
'S ghabh sinn deagh long-phort aig barrabh,
Charraig Fhearaghuis,
Thilg sinn achdraichean gu sochdair,
Ann san rod sin,
Ghabh sin biath as deoch gun airceas,
'S rinn sinn comhnaidh.

Sean Oran *a rinn bana-chombanach do Dhonull gorm Mac Raonuill Mhic Ailein a leannan.*

I.

DHONUIL mhic Neill mhic Iain Bhuidhe,
Chaidh do shaothair ort am mudha,
Leig thu ghruagach uait air shiubhal,
Le fear ard na gruaige duibhi,
Cruinn chas dhireadh a bhruthaich,

Luinneag.

Se mo leannau th ann, ho ro gheallaidh,
Co sheinneadh ealai mur sin.

II.

Mhoire se mo ghaol an tuasal,
Shiubhladh an oidhche ga fuairid,

Gur h e dhuisgeadh as mo shuain mi,
  Fathrum bhi crathadh do ghruaige,
'S do dhagaichean bhi ga m fuasgladh,
  'S t adharc fhudair bhi an taobh shuas diom.

III.

Cha dean mi seudan a gha'il,
  No sgeanan beaga bhios air faidhir,
Gus 'n tig mo ghaolsa fhathast,
  Oganach bu ro mhath ga'il,
Fui ghunna, fui sgeith 's fui chlaidheamh,
  Cha b iunadh sud s e bu chathair,
'S ur a choill as an d' fhas an t abhul.

IV.

Mhoire se mo run an saighdeir,
  Miog-shuil mhealladh na maighdinn,
Lamh dheas a bhualadh na m poicean,
  Croidhe cruaidh air chul na saighde,
Mar-riut a chaithinn an oidhche.

V.

Chuala mi fosgla san dorrus,
  Shaoil mi gum be graidhinn coire,
Ogha 'n fhir o chnoideart chorach,
  Ga math gan tig cota is coileir,
Triusan gorma, brog is boineid.

VI.

Mhoire se mo ghradh an gille,
  Bha an raoir an eilein na cille,
Beul meachair an chomhrai' mhilis,
  Tha tana dearg mur an t siris,
Bu mhiannach leam riut bhi mireag.

ORAN *eile rinn*Eoin M'Ailen *Ceadna, do* Thriath Dhubhairt *do* Mhac Gilleain, *Sir* Eachunn.

I.

SAN dreollain tha air iomad fath,
Fir is mnai fui churam,
Mu n ti so chaidh a Shasunn 'uainn,
Ga bheil an uaisle ghiulain;
Tha sinn na dheigh mar eun air gheig,
Ar croidh 'm pein ga churadh,
Cha nochdar leinn gair air beul,
Gus an tig an sgeul na 's uire.

II.

N' ar chaidh thu t ardraich moch di-mairt,
Gu falbh bhar clar do dhuthcha,
Gur truagh a bha gach tonn air traigh,
Le coslas craidh is tursa,
Chaidh gaoth ai ghleus gu grad gu't f heum,
Gu h ealamh gleusda surdail,
Gun fheum air neart na laoich bu leat,
Ach aon f hear prap ga stiuradh.

III.

Bu truagh na dheigh bha gair nan speur,
S gun an teas sa ghrein bu du dhith,
S gun an samhra fein na chursa bheus,
Ach mar aimsir gheur na duldachd,
Gun mheas air crann, gun f heur ach gann,
Gun chuthag ann gun smudan
Gun sealg m beann ri f haoitinn ann,
S gun damh an gleann ri buirein.

IV.

Cha dù do'd bhan-righin ar aon abhar,
A bhi na namhuid dhuinne,

Gun seanachas dhaoine riamh ri fhaotainn,
Gur dream a chlaon on chrun sibh,
Gun aon aobhar dha ri f haotainn,
Aig luchd gaoil na diuma,
Ach falbh le h aithear don Fhraing air Bhaidheal,
'S b i sud an aithis shulghorm:

V.

'S mor an luaigheachd thug thu uait,
Air son na f huair thu chuirt air,
Cinneadh greadhnach feachdail meadhrach,
Fearunn saor 's duthaich.
An tanam fein bha stigh ad chre,
Chaidh sin 's na cea'labh cuntart,
Do shliochd bhi foa cha n f heudfar uait,
'S nach ro' e n dual nan du dhuit.

VI.

Rinn coill 's machir caomh ri Eachunn,
Thaobh gn 'ma ghasd an f lour e,
Mar umhalchd do fui bhonn a bhrog,
Bha feur na foid aig lubadh,
Nar fianais fein e grad aig eiridh,
'Suas gu h eadtrom driuchdach,
'S b e bharail threun gach duin a dh eireadh,
Gur e falbh na dheigh bu run leis.

VII.

An talla comhnai an robh a sheorsa,
Riamh gu ceolar muirneach,
An earraidh bhroin cha n aoimhneas do,
Fui f huaim nan stol aig Dubhghall,
Nuair f huair e steach e leum e n aitteas,
Ar leis fein gu m chaistal ur e,
Bha clach chinn-snait ar caochladh dreach,
Chomh gheal ri cailc ri aon-oich.

VIII.

Ach an ti rinn ceann dibh air an rannsa;
Tha tric fui ainneart spuinnidh,

Nuair chi e'n t am ga r cuir a nall,
 Gun bheud gun chall gun chuntart,
Bu sibh ar sogh ar cuirm 's ar ceol,
 Air blas ga leoir 's ar sugradh,
Bu sibh gu deimhin ar miann 's ar leannean,
 'S dion 's gach aindeoin cuise.

IX.

Nan abradh neach nach eil so ceart,
 Cha niarrinn dad bu mhu dha,
Na tichd fui chall mar tha sinn ann,
 Gun riogh gan cheann gan duthaich,
Ach chi mi ghra gur fior ri ghrait,
 Gur briseadh faint 'o thus e,
Gur beag mar chradh le fear tha slan,
 A chnead tha nabi a burich.

---

ORAN *a rinn* Iain Mantach *do* Dhonull Gorm Og Mac Dhomhnuill.

I.

A Dhonuil an duin mhic Ghillleasbig nan tur,
 Chaidh do sheanachas 's do chliu thair chach.

II.

Thaseircann ad ghruaidh caol mhala gun ghruaim,
Beul meachair fui n suairce gradh.

III.

Bidhi sud ort a triall claimhe sgaiteach gorm siar,
Air uilinn bidh sgiath gun sga

IV.

'S a ghrabhailt mhath ur ar a thogha on bhu,
B i do roghainn an tus a bhlair.

V.

Churai gun ghiamh nuair ghabhadh tu fiamh,
'S e thogadh tu sgian mar arm.

VI.

S an gunna nach diult n tra chaogadh tu n t suil,
Gam biodh an sugradh searbh.

VII.

'S bogh air chul do 'n mheallannaich uir,
Caoin fallain don iuran dearg.

VIII.

S taiffeid nan dual, ar a tarruing fo d chluais,
'S mairg neach ar am buailte meall.

IX.

'S ite an Eoin lei ar a sparradh le ceir,
Bhiodh bric an deigh a h earr.

X.

Cinn ghlasa nan sgia air an leacainn ma n iath,
Cha bu ghaiseadh bu mhiann led chrann.

XI.

O iomachd don f heinn 's cinn f hine sibh fein,
Air fineachan f heil gu dearbh.

XII.

Iarla Antrum nan sluagh's clann ghilleann nam buagh,
Bidhi sud leat 's Ruairi garbh.

XIII.

Mac mhic Ailein nan Ceud, 's mac mhic Alastair
'S mac Ionainn gu treun na n ceann. (f heil,

XIV.

Creach gu 'streoiceadh ruith na torachd
'S fir fui leon nan arm.

XV.

Long ga seoladh, crith air sgodaimh,
Stiuir bheairt sheolta theann.

XVI.

Beicich mara a leim ri darach,
Suigh gan sgaradh teann.

XVII.

Cha bi Nasaig ri struth-tra'i,
'S muir na ghair fui ceann.

XVIII.

'Thig loingis le gaoi', gu baile nan Laoch,
Gad a bhiodh na caoiltean garbh.

XIX.

Gu talla nam pios far a fathrimich fion,
Far am falichear mile crann.

XX.

Bidhi cruit 's clarsach 's mnai uchd ailli,
An tur nan taileasg gearr.

XXI.

Foirm nam pioban 's orragain liotaich,
'S cuirn gan lionadh ard.

XXII.

Ceir na drilsein re fad oidhch,
G eisteachd stri nam bard.

XXIII.

Ruaig air dhisnean foirm ar phioban,
'S or a sios mar gheall.

XXIV.

Aig ogha Iarla Ile agus Chinntire,
Rois 's Inse Gall.

XXV.

Clanndonuill nach crion man or 's mu ni,
Sud a bhuidhinn as priseil guàird.

XXVI.

O Theamhair gu I, gus a Chananic shios,
Lochdeili chrich I'snar oddail.

ORAN *a rinneadh don* teasaich, *air fonn* Dàibhi *groisgeach crom ciar.*

I.

'S Mise a chaill air geall na carachd,
Bh eidir mi 'sa chailleach,
Gan tug i dhiom brigh mo bharra,
Cùl mo chìnn a chur ri talamh,
M f huil 's m f heoil thug i dhiom,
Chuir crònan am chliamh,
Bu droch còmhail domh bhiast,
Bhi na thorachd ort Dia.

II.

Chuir i boil am cheann 's bu mhòr i,
Faicinn dhaoine marbha 's beo-a,
Coltas Hector a Troy,
'S nan gaisgeach bha n arm na Roimhe,
Chailleach dhuaisheach chrom chiar,
Bha làn tuailis 's bhriag,
Chuir mi m bruaidlein 's gach ial,
'S a chuir air fuadach mo chiall.

III.

'S bochd an f huair mi uait a faoghar
'S mi gan luaigh air buain na ceangeal
Mo cheann iosal 's mi am laidhe,
Brùite tinn sgios am chraidhean,
Gun ro mo chnaimhean cho sgi,
'S gad a sgathadh iad diòm,
Gun robh am pathadh gam chlaoi,
'S gan traighinn amhuin da miad.

IV.

'S bochd an t àite leaba n f hiarais,
Dh f hagas duine fada riabhach,
Glagach lag s e fada an iargain,
Gann do f hallt 's pailt do f hiasaig,

Pailt do fhiasaig gan tlachd,
Chuir an bial an droch dhreach,
Deoch na biadh theid a steach,
A dha thrian int a stad,

V.

Do chota fàs 's e gun lionadh,
T osain rochdach air dhroch fhiàradh,
Caol do choise nochtai pliaghach,
Iongnain comhfad ri cat fiaghaich,
Casan pliaghach gan 'sudh,
Fon da shliasid gan lus,
Ga pailt liagh dhaibh seach lunn,
Cha bhean fiar dhaibh nach lub,

VI.

Bidhi do mhuineal fada fèuthach,
'S taiseannan mar chabar cleibh ann,
Esguidean glagach gan 'speurud,
Ghùinin a tachus a cheile,
Gluinin geura gun neart,
'S iad chomh ciar ris a chairt,
Thu cho creisi 's an cat,
B' fhearr an teùg gad sgath as,

VII.

A bhoineid da urad sa b abhaist,
Air uachdar curaichd nach lin,
Cluasan gun uireasamh fàsa,
Cenn chomh lom ri croidh na dearna,
Cha b è n companach caomh,
Dh fhag chomh lom mi 's chomh maol,
Rinn mo chòm mar phreas caoil,
Nach mac samhailt mi do n aog?

VIII.

Bidhi tu coltach ri fear misge,
Gun dad òl gun aon mhir iche,
Cha bhi luths nad dha iosgaid,
Bidhi tu nunn 's a nall mar chlisnich,

Bithi tu d' shiochaire lag,
  'S ceann do shi i gun neart,
A d ghniomh cha bhi tlachd,
  A d chuis mhioloinn ar fad.

ORAN *a rinn* Eoin M'Gilleain *do dhios* Inghin Dhonùill *mhic* Donùill *duibh.*

I.

DURT maiririad ni n Domhnuill,
  'S i tòiseachadh gu ciùin,
A phiuthar ga de an t orda,
  A nois man deònach thu,
Mas ionann duit 's domhsa,
  Bi t oigh 's gheibh thu cliû,
'Sna h iarr dhuit fein do chomhurtachd,
  Ach posadh ris an ùir.

II.

Sin nuair labhair Marsaili,
  'S bu taitneach leam a glòir,
A phiuthr 's beg mo chiata,
  Do bhriaran sìn do bheoil,
Gu m b fhearr leam a bhi macnus,
  Ris a mhac sin Eachun òg,
Na bhi crabhadh marri sagairt,
  Agus paiddirein am dhòrn.

III.

Ochoin 's bochd an aosaid sin,
  A phiuthar ghaolach òg,
T uidh thoirt don t saoghal,
  'S nach bi sinn daonnan beò,
Gur h è gnìomh a b fhoghaintich,
  Do leabhar a bhi d'dhòrn,

Na bhi falbh air Ghleantai Fàsaich,
  Gan sailm ach Gairich Bhò.

IV.

Air eagull t fheirg na t àrdain,
  Bidhi m àicheadh dhuit gu mall,
Gur truagh an *apprehension* duit,
  Sgun t arach a measg ghall,
Gabh fein sgeul an esbùig,
  Fhuair ar creiddinne na cheann,
Dh' fhiachinn nach sean orda
  Am posadh a bhi ann.

V.

Tha iumad nì da cheadachadh,
  Le lagh-eaglais ann sgach àit,
Ach faigh dhomhsa biobla.
  'S e freamh gach firinn è,
'S fearr posadh ga b e thogradh è,
  Na losgadh na cuis bhais,
Ach ga be nach dean oan chuid diù,
  Gur cintich gur he b fheàrr.

VI.

B fhearr leam a bhi Càtinnach,
  Le taintean 's le stòr,
'S bhi gu beartach mearcasach,
  Le airgiod 's le or,
Bhi gu riomhach fasanta,
  Le Pasmun 's le sròl,
Na bhi searg an tigh cràbhaidh,
  Gun fiudh a ghàir ach bròn.

VII.

A bharail a th aig càch ort,
  Se aobhar naire smo,
Gur h è n rud a chum o n chràbhadh thu,
  Ro mhiad do ghraidh air pòig,

Na m biodh tu air t ùrnai mosginnach,
S tu trodan rìs an f heoil,
Gur deimhinn leam gu n ciòsnaicht leat
An rioghachd a smò gloir.

VIII.

An rud ud their na càirdean,
Ciod è'n f à dhuinn bhi da rùn,
Gur feàirde bean ga beusaichid,
A cèile fein ra glùn,
An neach nach ith n soilis-greim,
An conaltradh nan cuìrt,
Cha chreid na daoine glìce
Nach ith e chuid san chùil.

IX.

Gur bochd na smaointi aigni,
Aig mnaoi agaladh do bheil,
Ge h iuma neach tha'n cairdeas,
Cha n ionann nàdar bhèus,
Bidhi barail aig a phoiteir,
Bhios ag òl gach uair dam fèud,
Gu m bi gach neach an gràdh air
An dibh mar bhios è fein.

X.

B f heàrr leum a bhi caonachdch,
Ri fèumunnaich a ghna,
'Sa bhi ga faoilteach fùranach,
Roimh gach duine ad dhaimh
O si bèus bu tric a bh aige,
Gach mnaoi bu ghlice am mhnài,
Na bhi ar mo ghlùn aig eadarghuidh,
Ri Pedir na ri Paul.

XI.

An àite taisge diomhair,
Bheil tuille agus or,
Gun ann ach seorsa phigeachan,
'S bristear iad gu fòill,

Far a bheil mo thasgise,
  Tha glasan orra dobh lèont,
Gu bheil mo Stuart saibhir,
  'S bheir è laitheill domh mo lòn.

XII.

Bha gach bean o n dàinig mi,
  Gle stathail ann an feum,
'S bu mhath thoirt dàlach iad,
  Do neach air m biodh feum,
Bu mheasail an am naistinn iad,
  'Sa nàir sa miadh do ghlèidh,
'S cha n iaruinn f hin do dh àilleas,
  Ach bhì mar bha iad fèin.

XIII.

Gur deacair dhomhsa a ghràitin,
  Nach nàdura do bhèus,
Far am bi na càirdean,
  Gur stathail bhi dan rèir,
Gluais thusa mar a th agud,
  Fiach an taitinn e riut fein.
'S cha toill mise mòran diùma,
  Chiunn dol ri hùin ad dheigh.

---

ORAN *a rinnidh d'* Eachun Ruagh *nu n Cath mharbhadh la* Inbhir Cithnis *ar fonn la* Raon Ruairi.

I.

GUR a h oil liom an sgeula sin,
  Adh eist mi diadomhnaich,
Gun bhi tuilleadh da sheanachas,
  Ach an f hoillse rinn Hobron,

Dh f hag iad deagh mhac Gilleain,
  A cur a chatha na ònar,
'S theich iad fein roimhe a cheile,
  Gun f hear eilidh an orda.

II.

Bu mhor bha dh uireasabh lamh ort,
  Ga d thug ardan ort fuireach,
Ach tuille san t ana bharr,
  Thichd an nall air an loingis,
S mise a chuireadh an geall sin,
  Mar biodh ann ach na h urad,
Nach buaileadh iad baing ort,
  Ann san champa le sulas.

III.

Chuir thu ghrabhailte chruaghach,
  Air gruaig nan ciabh amalach,
Lann thana air do chruachainn,
  'S i na cruaidh chum a barradheis,
Sgriu dhaingeann nan cruaidh shnuim,
  Agus dual nam breachd menmnach,
Agus paidhir mhath phistiol,
  Air chrios na m ballair gid.

IV.

Cha bu shlachdan aig oinid,
  Culaidh chomhraig a ghaisgich,
Dol an coinnibh do namhaid,
  Cha chrith-mhantain so ghlachd thu,
Nuair a bhuail thu beum sge,
  Dh f hiraidh ceile chom-batt riut,
Sa thug thu nan comhail,
  Theich Hobron 's a mharcshluagh,

V.

Sann a thug thu do dhualchas,
  On f hear a bhuaileadh an Gruinneart,
Cha robh n imirt gan f huathas,
  Cha ro bhuannachd gan chuntart,

Gu ro toiriunn na làmhach
  Agus tàirneanach ghunnabh,
Ri deas laimh mo ghràidhse,
  Cur a chairdean gam fulang.

VI.

Nuair a thogadh leat leibhi,
  'S a dhèibheadh fear air a mharg leat,
Mhoire s iuma bean baile,
  Dh f hag sud tammull na banntraich
Agus leanabh beag ciche,
  Na dhileachdan anmhun,
Ach ge duilich do mhùintir,
  Cha nann ump tha ar dearmail.

VII.

Gur a h iuma laoch Dòrn-gheall,
  Chaidh an orda mu d bhrataich,
Agus oganach sgiamhach,
  Bha ga riasladh fiui eacha,
Agus spailp do f hear tighe,
  Nach tugadh athadh da phearsain,
Bheireadh claitheamh a duille
  Bhiodh chómh ghuineach ri ealltiuinn.

VIII.

Nùair o thogamid feachdan;
  A righ bu ghasd ar ceannn-armailt,
Ge be thigeadh air teachdrai,
  Ghabh iad tlachd dhiot air ghalldachd,
Bu tù caraid a mharcuis,
  A bha n sassunn gun cheann air,
Agus comh-ainm an Eachuinn,
  Leis na ghlacadh an cabhlach.

IX.

'S fad o dhimich an fear ud,
  S cha nann da ghearan a tha sinn,
Ach mar dh f hagadh gun sealladh,
  Suil mheallach an armuinn,

Ach ge math n 't aon Dia dhuinn,
  Gur h e iargain a chraidh sinn,
Gun ro 'aoidh fear an domhain,
  Na chomh sheise a fas riut.

X.

Ge be thug dhuit cion falaich,
  Na thog do Ealantan Litreach,
Ged b i Nighean mhic Cailein,
  Bu diol mairiste dhis thu,
Gur mairg i thug gaol duit,
  Ma chaochlais i nois e,
'S nach faic i ar talamh,
  Do mhac samhailte am misnich.

XI.

Mu dheireadh an t samhraidh,
  Cha ro' meamna' do sgeul oirn,
'S beag an t iunadh do rantachd,
  Bhi fo champar as t euguis,
Agus Muintir do dhucha,
  Bhi fui churam mu d dheibhinn,
Gu ro 'n t aobhar ud aca,
  Gu ruig a leas agus Treafog,

XII.

Tha iuntraichain uainne,
  'S cha bu shuarach an call e,
Gu m bu mhor a luach taisgeil,
  Mar tha n taisgeal a dearbha,
So theiridh daoin uaisle,
  As an uachdran ainmeil;
Ar tiernea 'smachdail,
  'S cha bu lappach an ceannart.

XIII.

C aite an ro' e air thalamh,
  Bainne fala a b aille,
Na n t oighrise Dhubhairt,
  Lochbui agus Arois,

Gùr a h iumad bean uasal,
A bha a grùag air dhroch càradh,
Ged nach d fhuair iad beachd sgèula,
Gun do chrèuchdadh san bhlar thu.

XIV.

Tha do phàirc air a dùnadh,
Ionad luchuirt na n gaidheal,
Gur a deacair sud inse,
Aig ro' dhìsleachd do phairte,
Tha craobh a b fhearr ubhlan,
Air a rusgadh an drast diu,
Ach a mhoire mo dhiubhail,
Chaidh n flour far a ghàraidh.

XV.

Ach mus duine chaidh dhinn e,
Guidhibh Criosd leis na h agaibh,
Thugaibh aire don orda,
A fhuair Job mu na macaibh,
Thugaibh thairis e naon fhear,
Mu s e chuibhrich an caisteal,
Na ma ghiorà a laithean,
Sann fui raidhsan a thachair.

---

ORAN *le* Semus Mac Grigoir *do* Thighearna Ghrannta.

I.

LION mulad mi fein,
Bho m fhuireach n de,
Mo chumail ri cleith,
Beairt bu duilich leam fein,
'S nach b fhasan leam e.——'s gach uair.

II.

Slan iomra do m ghradh,
So chunna mi n drast,
Ceann buidh 'ne gun sgath,
Cha Ghuimhneach a ta.—mi luaidh.

III.

Ach soraidh uam fein,
Nunn do Sthrathspe,
Gu talla n f hir f heil
Ceann uidhe na n ceud,
Se Semus da n geill·—na sluaigh.

IV.

Dhomhsa b aithne do bheus,
A lasgaire threin,
Nam luidhe do n ghrein,
Mar bharail domh fein,
Bhiodh solus le ceir,
Bhiodh farum na 'n teud.—ad chluais.

V.

Dhomhsa b aithne,
Beus do bhaile,
Cursain ghearra,
Cuirt da n carradh,
Steuda mearra,
'Srein da n tarruing,
Ri grein bu ghlan.—an snuagh.

VI.

Direadh bruthaich,
Pic 'a n iuthur,
Sinnde riutha,
Glacadh dubha,
Dhianadh pudhar,
Luaithinn gum b e.—t f huaim.

VII.

N Elginn na n gall,
Bhuinnige 'tu n geall,

Dh f huilige'tu spairn,
'S nach cuntadh an call,
Mun leigé tu n causair.—uait.

VIII.

Gu m faighte a t aras,
Ceol nan clarsach,
Foirm air thaillisg,
Mnai uchd ailte.
A's cruin an geall.—mun cuairt.

IX.

Bhiodh cuirnn chearnach,
Air cruin dearna,
Gu dlu deallrach,
N tigh mor aghar,
An cliu alba,
Chai sud ard.—am fuaim.

X.

Aig ogh 'n t shen'air,
Nan rogha seang' each,
Man ruith pannal,
Garbh ri leanail,
Cliu 's aithne,
Ioma ceannas.—sluaigh.

XI.

Mairi Stuart,
Iaro 'n diuc u,
Ogh mhorair Nunnte,
O shiol chruin,
Gu meal u do' run.—on f huair.

XII.

Gruaidh mar ublial,
Is dearg ruthagh,
Air fiamh an iuthair,
'N am a ludhagh,
Fo' shaighd cur siubhail,
Cul is buidhe.—dual.

ORAN *le fear* Aichildi Mac Choinnich *an* Leois.

I.

TA mise fo ghruaim,
'S gun mi n caidrimh a chuain,
Cha chaidil mi uair air choir.

II.

Ga socrach mo ghleus,
Air chappal na lèum,
Cha choisgair lea m' fhèum le treoir.

III.

Loth philleagach bhreun,
Fui pillean 's fui srein,
Aon ghille na dèigh be lòd.

IV.

Cha tugadh i cèum,
Ach duine is i fein,
'S gu n' cuireadh i feum air lòn.

V.

Na neubhdh i sgios,
'S e b fheudar dhol sios,
Sa treigsin ga b' fhiamh an tóir.

VI.

Cha b ionann smo làir,
Air linge na barc,
Bhiodh gillean a ghnath cur bhod.

VII.

Cha b ionann smo shaoi,
Ri grinni na gaoith,
Gun bhioran ra taoibh s i folbh

VIII.

Si b'fhearaile ceum,
Dha faca mi fein,
'S cha bu ghearan dhi feum air lon.

IX.

Iurach shocrach a chuain,
Dha n cliu dosach dol suas,
Bhiodh giubhas dosrach na m buagh fo sheol.

X.

Air bharabh nan stuadh,
Cur daraich na luas,
'S buill tharruing na n dual na n dorn.

XI.

Reubadh mara gu dlu,
Fui bheul sgar agus suidh,
Si n deigh a barra gu h ur bho n ord.

XII.

Ruith chuip air a clar,
'S i druite fo sàil,
Bu chruit linn a gair fo sheol.

XIII.

Chluinte fathram na n ramh,
Bho n charraig a snamh,
'S bhiodh barrant an lamh gach seòid.

XIV.

Cha n iarradh i moll,
Na fodor na pronn,
Ach sadadh na n tonn ra froin.

XV.

B e sud m aighear 's mo mhiann,
Ge do ghlaisich mo chiabh,
'S cha bu shlat agus srian am dhorn.

XVI.

Gad thigeadh an ruaig,
Le caitheamh a chuain,
Cha luidhe oirn fuachd na leon.

XVII.

Nuair a ghabhta gu tamh,
Ann a n cala port sheamh,
Cha b fhallain bho m laimhs an ron.

XVIII.

Bhiodh eilid na m beann,
Ga tearnadh le gleann,
'S mo pheileir gu teann na lorg.

XIX.

Bhi ga feannadh air luib,
Fo mheallaibh na stuic,
Ga m b' allain mo shunt bho n doigh.

XX.

Bhiodh air sgianaibh-sa gèur,
Gu feannadh a n f heidh,
'S cha b annas a n gleus sin oirn.

XXI.

Fhir a dh imicheas a niar,
Bho nach cinteach mo thriall,
Bi g inse gur bliaghn gach lo.

XXII.

Beir an t sorrai so nunn,
Air fad chuan a n f huinn,
Far am faighte na suinn a g ol.

XXIII.

Gu eilein a n f heidh,
'S gu eirir a n eisg,
Far nach paidhe mid feich air lon.

XXIV.

Gu comunn mo ruin,
Nach cromadh an t suil,
Nam tromacha dh dhuinn am poit.

XXV.

Gun ardan gun strì,
Gun airimh air nì,
Ach cur saradh air fion sda òl.

XXVI.

Bhiodh ceol fili ri'r cluais,
Bho n Eoin f hinealt gun ghruaim,
Fear bho-rioghail cur dhuan air folbh.

ORAN Raoin-ruairi, *le* Aonghas M'Alastair Ruaidh.

I.

'Se Latha Raoin-ruairi,
  A dh f hag luaimhneach mo dhusgadh,
Mu thuitim chlann Domhnuill,
  Cha bu leoghain thaobh cuil iad,
Thug sibh mach an ratreuta,
  Choisin ceadfa le diu bhail,
Ga bu thearnadh gu lear dhuibh,
  Bha bas Chleibhir ra chunntadh.

II.

An leoghan fuileachdach rioghail,
  Nach d rinn f hirinn a mhuthadh,
A chum gu daingeann a lanntachd,
  Mur a gheall e fo thus e,
Cha tug or ort na eagal,
  Gun seasabh ri'd chumhnant,
Ach ma thuit thu le onair,
  Bann do dhonas na cuis e.

III.

Bu sheobhag firinnich suairc thu,
  Bu mhath am buachaill air treud u,
Gan cumail a gabhadh,
  Thoirt dhoibh aite agus reilein,
'S tu nach cuireadh ri ball iad,
  Thabhairt an aindeoinn air eiginn,
Dh innis sin Dhun chailleann,
  Nach ro annam a d chreibhaig.

IV.

Thighearn og Ghlinne garaidh,
  Luidh 'smal air do shugradh,
'S mor do chall ri righ Seumas,
  Gad a dh eigheadh e duic dhiot,

Bha Domhnull gorm gaolach,
'S fhuil chraobhach a bruchdadh,
'S eigin fhulang na thainig,
Dh fhalbh do bhrathair.——na ur-as.

V.

Bu duine urranta seolta,
'S bu chraobh chomhraig roi cheud e,
Do dh fhear mor bu mhàth cuma,
Bh aig gach duine na speachdiair,
Gad thug ro mhead do naire,
Bras is ardan le cheile,
Ort gun a athadh gad phearsuin,
Oig ghasta na feile.

VI.

Thu gun fhuasgladh san tiom so,
Od dhislin na d chairdean,
Foid air aghaidh gach duine,
Ni gun chumadh gun aireamh,
San roi d fhraoch a bha n curam,
Gad bha diubhail is call ann,
Fhuair u n t earala s cliutach,
Gu dubladh nan rancan.

VII.

'S truagh nach ro iad gad dhubladh,
Na bha t iunais gad chairdean,
Air an tarruing mun comhair,
Fir Ghlinne comhan 's a bhraighe,
'N toiseach latha ghil sholais,
Chite am folais gach faillinn,
'S gur th ann duinne as com e,
'N deigh na phronnadh san àraich.

VIII.

Gur h e mbiadaich mo champar,
Liuthad banntrach tha d dhuthaich,
Agus oganach treubhach,
Nach d' eibheadh am pusadh,

Thuit le luaithe san am ud,
Buala lann cha bu shugradh,
Thoirt a mach an adbhansa,
'S cha do shauntaich sibh puiceadh.

IX.

Leag bhur n intinn gu socair,
Air chosnadh 's air chruadal,
A dol air bhur n aghairt,
Ann an aghaidh an fhuathais,
Cha do shantaich sibh pilleadh.
Bho nach slinnein ba dual duibh,
S bha an cluiche sin cailteach,
'S iad ag raithin gur buaidh e.

X.

'S cha n ann leis na claidhmhean,
Fhuair ar daoin-ine an leonadh,
Ach nach d' fhuair iad riamh fuireach,
An lathair cumasg ri comhraig,
'S mairg a chunnaic na suighean,
An tus ioraghail na dorainn,
Bhi gan spadadh le luaithe.
'S gun tilgadh buachaille bho i.

XI.

'S a Dhonaill nan Domhnull,
'S og a fhuair u do dh'fheachainn,
'S gur iummad bean bhronach,
Eadar Troitirnis 's Sleite,
Mu chinne mor t athar,
'S iad nan luidhe gun eiridh,
'S tha luchd bhualadh nan buillean,
Air fuireach san teugbhail.

XII.

B ann dhiu Domhnull's Seumas,
Iad gun eiridh o n chumasg,
Mo chreach mhor mar a dh'eirich,
A chuid bu lutha bu duilich,

Dhoibh bu dual a bhi treubhach,
O n athair fein thair gach duine,
'S geul bu dona na dheigh sud,
Ri leigheas leigh cha d' rinn fuireach.

XIII.

Mo chreach mhor nan tri truaighe,
Caradh uaislean chintire,
Tighearn òg sin na Leargainn,
'S goirt 's gur searbh bhi ga innse
Mu d thuit-f hear math ciallach,
'S cuis iargain a choidhch e,
Air tuiteam san dorainn,
'S bu duin og san dol sios e.

XIV.

Gun do mhac a bhi ad aite,
'S gun ad bhraithair ach leanabh,
'S gun aon duine a lathair,
Do na thainig o d sheanair,
Sud an saoi a bha uasal,
Nach d f huair riamh aon scainnill,
'S a bha ga fiughantach rioghail,
Air dol a sios mar an raineach.

XV.

A Shir Eoin ò n Chorpaich,
'S e do Dhochann nach Iarrainn,
A chneadh fein thair gach duine,
A bhios sinn uille ga iargain,
Mhead 's a bhuillich an Righ ort,
Cha bu ni e gun f hiachan,
'S gad f haigheadh tu bar air,
'S daor a phaigh u e am bliadhna.

XVI.

Chaill u raogha do dhaoine,
Ann an adhbhar do bhrathar,
Bho 't oige gud shine,
Chum u an imirt gun f haillin,

S iomad sonn do dhuin uasal,
An robh cruadal le tabhachd,
Chaidh sios leat do d chinneadh,
On la a ghineadh gu h'aite u.

XVII.

O'n la a ghlac u do chlaidheamh,
Gun athadh dod namhaid,
Bu mhath do chuis thiunsgail,
An aghhaidh Chrombail 's Lambeat,
'S na mairidh tu uile,
On urraidh mar bha u,
Gu m falbha righ Uilliam,
'S cha chumadh Mac Cai e.

XVIII.

Ach fhir Airde-seile;
'S mor do Dheirieas le'm feachdabh,
Chaill thu braithrean math ciatfhach,
Bu diol do Iarla do mhacabh,
Iad fein 's fir a bhraighe,
Bhi ga m marbhadh ri caisteal,
Le diobhail commanda,
'Scgun an naimhdean ga fhaicsin.

XIX.

Tha tuitfhear na h Apuin,
Fuidh airsneal an comhnuidh,
S liunn duth air a druthadh,
Fuidh dhunadh a chota,
'S e ag iargain mu bhrai'ribh.
B iad na h ailligein bhoidheach,
Gad thug lughad an athadh,
Orra n la ud bhi gorach.

XX.

Chaill u t anaisdeir fearrain,
'S gum b e an t Alastair suairc e,
'S mor am bearna as a dhuthaich,
Bhi ga uintraichin uatha,

Cha b aithne dhomh cùis,
  A bheiridh cliù do dhuin ùasal
Nach robh fuaite riut daingeann,
  Aig a bhail agus uaithe.

XXI.

Bha thu urranta dàna,
  Bha thu ailli deagh threibheach,
Bha u cinnneadail cairdeil,
  Bha thu garbh ri àm feuma,
Nà m fuireadh an luaithe,
  Gun do bhualadh san leim sin,
'S mairg fear do mhio rùine,
  Air am brùchda lann t f heirge.

XXII.

'S a mhic Dhomhnuill mhic Ailein,
  Gum bu mharaiche fior u,
Fleasgach suairce ciuin ceanalt,
  Fir f hearrail ad th o n thu,
Bu mhor do bhaigh s cha bu taobh-gha'il,
  Ris na daoine chaidh sios leat,
Bha triuir Iar-o mhic Raonuill,
  Air an taobh 's gun bu diobhail.

XXIII.

Cha n aithne dhomh dilis,
  Ann san rioghachd so 'n geart uair,
A bhreothadh clann Domhnuill,
  'S clainn Chamarain gan seachnadh,
Mac Illeain bhon dreollainn,
  'S math bu choir dha bhi ceart dhuinn,
Smath mo bharail a' n durachd,
  Mac Iain Stuairt 's M'Neachdainn.

Cuir *a Chinn dilis, tharum do lamh.*

I.

CHA b e tinneas an f heachda,
San mhadain so bhuail mi,
Ach acaid ro bhuan,
Nach legghis gu bràch,
Sealladh air faiche,
Do shlait do'n tè uasail,
Moch-thra diluain,
'S mi aig amharc an là.

II.

Rinn deisid a pearsuin,
Nach facas a tuairmas,
Aig iomachd fo'n chuach-chùl,
Chamagach thlà,
Rinn dealradh a maise,
Agus-lasadh a gruaidhean,
Mise a ghrad bhualadh,
Thàiris gu làr.

III.

Ach dh eirich mi rithist,
Le croidhe lan uaibhir.
'S dh' imich mì ru'ar,
Ruidh na dail,
Ga h'iadhagh am ghlacabh,
Thug i smachd orm uaithe,
Ochòin 's truagh,
A mheath i mo chàil.

IV.

Do dhearc-shuilean glana,
Fuidh an mhalaidh gun ghruaman,
'S daingean a bhuail iad,
Mise le d ghradh,
Do ròs-bheul tana,
Seimh farasta suairce,
Claothaichear m uaigh,
Mar glac u mo lamh.

V.

Tàr 's fuasgail air m anam,
'O n cheanga is cruaidhe,
Cuimhnich air tuaisle,
'S cobhair mo chàs,
Na bithimse 'm thrail duit,
Gu brach 'o n aon uair so,
Ach tiomaich o chruas,
Do chroidhe gu tlàs.

VI.

Cha n fhaodar leom cadal,
Air leabaidh n uaigneas,
'S m aigne ga bhuaireadh,
Dh oiche 's do la,
Ach ainnir 's binne,
'S as grinne 's as sùairce,
Gabhsa dhiom truas,
'S bithimse slan.

CUIR *a chinn dilis, air sheol eile.*

I.

'SMI m shuidhe air an uilin,
A tuireadh 's a caoineadh,
Bhuail saighead a ghaoil mi,
Direach gu m shail,
Dh' fhas mi co lag,
'S nach b' urain mi direadh,
Le goirteas mo chinn,
'S cha do shin i dhomh lamh.

II.

'S mi m shuidhe air n tulaich,
An iumal na cuirte,

Aig amharc mo rùin,
'S an ionad ro ard,
Thug i le fionn aireachd,
Seallà dheth sùil orm,
Thiuntaidh i cùlabh,
Seachad air bàr.

III.

Sheall mi m dheoghaidh,
Gu frao'arc dhi f haotainn,
Chunnairc mi h' aodann,
Farasta tlà,
Chunnairc me fealladh
A' mhealladh na milltean,
'S aimidich mi,
'S nach d' f haod mi na pairt.

IV.

Tha maise ann' ad bhilibh,
Cha n aithris luchd ciuil e,
'Thogadh tu sunnt ann tallachan ard,
Leagadh leat seachad,
Sar ghaisgich na ducha,
Le sealladh do shul
S le guilain do ghnais.

V.

Do bhraighe na 's gile
Na canach na dìge,
Chite dol sios
N fion bhainne blà,
'S iumad rud eile
Chan eil e ra f haotain,
Cait bheil i sa n t saoghal,
Bean aogaisg mo ghraidh.

VI.

Do chùl mar an 'canach,
Deait mhilis 's cuirn air,
Chumas n driuchd
Gu dlù air a bhàr,

Na chuailein air casadh,
Na chleachdabh air lubadh,
'S do cheannaicht an crun,
Tha giulan a bhlàth.

VII.

Do ghruaidh mar na corcan,
Beul socair o'm binn-sgeul,
Deud'mar na disne' s finealta dh f has,
Do shliòs mar n eala,
'S do mheal shuilin mìogach,
Thalaidh thu m'inntin 's cha till u gu brach.

---

ORAN *le* Iain Lom *air dha fearg a ghabhail ri* Mac mhic Alastair Ghlinne garraidh *thoisich e air moladh* Shir Alasdair Mhic Dhomhnuil, *agus* Shir Seumas a Mhac.

I.

ABHEAN leasaich an stop dhuinn,
'S lion an cupa le solas,
Mas a branndai na beoir i,
Tha mi toileach a h ol,
'N deochsa air Captain chlann Domhnuill,
'S air Sir Alastair òg thig o n chaol.

II.

'M fear nach duraichd a h ol,
Gun tuit 'n t suil air a bhord as,
Tha mo dhurachd don oigf hear,
Crann curai chlann Domhnuill,
Righ nan dul bhi gad chongnadh f hir chaoimh.

III.

Greas mu n cuairt feadh 'n taigh i,
Chum gun gluaisinn le aithear,
Le sliochd uaibhreach an athar,
A choisinn buaigh leis a chlaimhe,
Fear ga ruagadh 's ga chaitheamh gu daor.

IV.

Sliochd a ghabhail nan steud thu,
Dh' fhas gu flaitheasach feili,
Do shliochd gasta chuinn cheutaich,
'S o bha tathaich n Eirin,
Gad a fhuair an claidheamh 's an teug oirbh sgriob.

V.

Bhiodh an t iubhar ga lubadh,
Aig do fhleasgaichin ùra,
Dhol a shiubhal nan stuc bheann,
Ann 's an uighe gun churam,
Leis a bhuithin roi ruisgte na gill.

VI.

'S tha mo dhuil ann 's an Trianaid,
Gad thainig laigse air t fhion'uil,
'S lat don chuilliunn bha ciatfach,
Dh' fhas gu furanach fialai,
'Sheasadh duineil air bialamh an Righ.

VII.

'S an am dhuit gluasad o t aitreamh,
Le d cheol cluaise agus caismeachd,
O thir uasal nan glas-charn,
Gan ro cruadal 's gaisge,
Gam bu shuaichainteas bar gaganach fraoich.

VIII.

Nar a chairte fui luchd i,
Bhiodh tarruing suas air a cupail,
Bord a fuarraidh 's ruidh chuip air,
Snuim air fuaithail a fliuch bhuird,
'S truth mu guailibh 's i suchta le gaoithe.

IX.

'S nar a chairte fui seol i,
Le crainn ghasda 's 's le corcaich,
Aig iomairt chleasan 's ga seoladh,
Aig a comlann bu bhoidhche,
Seal mun togta orra a roiseoil o thir.

X.

Gu Duntuilm nan fear fallain,
  Far an greadhnach luchd eallaidh,
Gabhail failte le cairrim,
  As na clarsaiche glana,
Do mhnaoi oig nan teud banala binn.

XI.

Sliochd nan cuirrinnean talmhai,
  Leis n do chuireadh cath garabhach,
Fhuair mi urrad gar seanachas,
  Gun ro an turas ud ainmeil,
Gun ro tigh 's le alba fui 'r cis.

XII.

'S ioma neach a fhuair coir uaibh,
  Ann san àm ud le'r goraich,
B ann diu Rothaich 's Rosaich,
  Mac Coinnich 's Diuc Gordon,
M'Illeain o n Dreollainn 's M'Caoi.

XIII.

Be do shuaicheantas taitneach,
  Long 's leoghan 's bradan,
Air chuan liobhar an aigeil,
  A chraobh fhioguis gun ghaise,
A chuireadh fion di le pailteas,
  Lamh dhearg roi ghaisgich nach tiom.

XIV.

Nuair bu sgi do luchd theuda,
  Gheibhte biobal ga leughadh,
Le fior chreideamh ceille,
  Mor a dh' orduich mac De dhuibh,
'S gheibhte teagasg na cleir uaibh le sith.

XV.

Mhic Shir Seumas nam bratach,
  O bhun Sleite nam bradan,
A ghlac an fheile 's a mhaise,
  Os cionn ceile do leapa,

Cum do reite air a casabh,
Bi gu reusanta macanta min.

XVI.

Sliochd nam mili nam fear thu,
Nan srol 's nam pios 's na n cup geala,
Thogadh sioda ri crannaibh,
Nuair bu rioghala tarruing,
Bhiodh pic riomhach nan meallan n a teinn.

XVII.

Gum bu slan 's gum bu h iomlan,
Gach ni tha mi ag-iomra,
Do theaghlach Rìgh Fionnaghail,
Oighre dligheach dhùntuilm thu,
Olar deoch air do chuilm gun bhi sgì.

ORAN *an t Samhraidh.* Tune—" Through the Wood Laddie."

I.

AN deigh dhomh dusgadh 's an mhaidin,
'S an deallt air a choill,
Ann a maidin ro shoilleir,
Ann a lagan beag doilleir,
Gu'n cualas a feadan
Go leadurra seinn;
'S mac-talla nan creagan,
D' a f hreagra bròn bhinn.

II.

Bi'dh am beithe deaghbholtrach,
Urail dosrach nan càrn,
Ri mac-bhlàs driuchd cèteoin,
Mar ri caoin-dhèarsadh grèine,

Bruchdadh barraich roi' gheugamh,
'S an mhios cheatach san Mhaigh;
A mios breac laoghach buailteach;
Bhainneach, bhuaghach, gu dàir!

III.

Bi'dh gach doire dluth uaigni
'S truscan uain' ump' a fas;
Bi'dh an snobhach a direadh
As gach friomhach a 's isle,
Roi' na cuislinnin sniomhain,
Gu meadachadh bla:
Cuach, is smeorach 's an f heasgar,
Seinn an leadain nam barr.

IV.

A mios breac-uigheach, braonach,
Creamhach, mao-rosach aigh!
Chuirea sgeadas neamhthruailli,
Air gach aite d'a dhuaichneachd;
A dh' f hogrus sneachd le chuid fuachd,
O gheur-ghruaim nam beann ard;
'S ag meud eagail roimh Phebus,
Theid 's na speireamh na smal.

V.

An mios lusanach, mealach,
Feurach, failleanach bla;
'S e go gucagach, duilleach,
Luachrach, ditheineach, lurach,
Beachach, seilleineach dearcach.
Ciurach, dealltach, trom, tla,
'S i mar chuirneinean daimond,
Bhratach bhoisgeil air lar.

VI.

'S moch bhio's Phebus ag oradh
Ceap nan mor-chruach 's nam beann;
'S bidhi 's an uair sin le solas,
Gach eau binnf hoclach boidheach,

Ceumadh mearbhuillean ceolar,
  Feadh phreas, ogan, is ghleann;
A chorrail chuirteach gun sgreadan,
  Aig por is beadraich greann!

VII.

'S an am tighin do'n f heasgar,
  Coimhf hreagradh aon am,
Ni iad coimh-sheirm, sheamh, f hallain,
  Gu bailleach; binnghobach, alloil,
A seinn go luthchleasach daingiunn,
  A measg ur-mheangain na'n crann;
'S iad fein a beichdail go foirmeil,
  Le toirm na'n organ gun mheang.

VIII.

Bi'dh gach creatair da laigid,
  Dol le suigeurl do 'n choill;
Bi'dh an drathin gu balcont,
  Foirmeil, talchdarra, bagont,
Sior chuir failt ar a mhaidin,
  Le ribheid mhaisich, bhuig, bhinn;
Agus robin d'a bheusadh
  Air a gheig os a chinn.

IX.

Gur glan gaill-f headan richard
  A seinn na'n cuislinnin grinn,
Ann barr nam bilichean blathor,
  'S an dos na lom-dharag arda.
Bhiodh 's na glacagan fasaich
  As cubhrai faile no fion:
Le d' phuirt thriolonta, shiubhlach,
  Phronnar luthor le dion.

X.

Sud na puirt a 's glan gearradh,
  'S a 's ro eallanta rainn;
Chuireadh m' intinn go beadradh,
  Clialu t f headain ma'n eadradh,

'N am do'n chrodh bhi dan leigeil,
An innis bheittir 's an choill;
'S tu d' leig air baideil ri cionthar,
An grianan aonchasach crainn.

XI.

Bi'dh bradan seangmhear nam fior-uisg',
Gu brisg, slinnleimneach, luath;
Na bhuidine tarraighealach, lannach,
Gu h iteach, dearg bhallach, earrach,
Le shoislein airgid d'a earradh,
'S minbhreac lainnireach tuar;
'S e-fein gu cromghobach ullamh,
Ceapadh chuileag' le cluain.

XII.

A bhealtuinn bhog-bhailceach, ghrianach,
Lonach, lianach, ma ghraidh,
Bhainneach, f hinn-mheagach, uachdrach,
Obhnach, loinideach, chuachach,
Ghruthach, shlambanach, mhiosrach,
Mhiodrach, mhiosganach lan,
Uanach, mheannanach, mhaoineach,
Bhocach, mhaoiseach, lan ail!

XIII.

O 's fior eibhinn r'a chluintinn,
Fann-gheum laoigh ann sa chro!
Gu h urail, minbhallach, aluinn;
Druim-f hionn, gearr-f hionnach, faili,
Ceannf hionn, colgrasgach, cluais-dearg,
Tarraigheal, guaineiseach og,
Gu mogach, bogladhrach, fasar,
'S e leim ri gairich na 'm bo!

XIV.

A shobhrach ghealbhui na 'm bruachag,
Gur fannaigheal, snuaghor, do ghnuis!
Chinneas badanach, cluasach,
Mao-mhin, bagonta luaineach;

Gur tu n ròs is fearr cruada
  A ni gluasad a h uir;
Bi'dh tu t eideadh a 's t earrach
  'S cach ri falach an sul.

XV.

'S cubhrai faileadh do mhuineil,
  A chrios-chomhchuluinn na 'n carn!
Na d' chruinn bhabbuidion ríomhach,
  Loinneach, f had-luirgneach, sgiomhach,
Na d' thoim ghiobagach, dreachmhin,
  Bharr bhui, chasurlach, ard;
Timchiull thulmanan diomhair
  Ma'm bi an diothain a fas.

XVI.

'S gu m bi froinisean boisgeil
  A thilgeas soilse na 's leoir,
Air gach lubghort do neoinein,
  'S do bharramh Sheamragan lomhar;
Mur sin is liosachan soilleir,
  Do dh' f heuda-coille na'n cos,
Timchiull bhoganan loinneil,
  A 's tric an eilid d' an coir.

XVII.

Nois treigidh coileach a ghuchdag,
  'S caittein bruchdach n an craobh,
'S theid gu mullach nan sliabhchnoc',
  Le cbirc ghearr-ghobaich riabhaich,
'S bi'dh d' a suireadh gu cuirteil,
  Am pillimh culghorma fraoich.
'S ise freagra le tuchan.
  (Pihuhu tha thu faoin).

XVIII.

A choilich chraobhaich na'n gear-sgiath,
  'S na falluinne dùi',
Tha dubh is geal air an miosgadh,
  Go ro oirdheirc a t itich;

Muineal lainnireach sgipi,
Uaine, slis mhin, 's tric crom
Gob na' m pongunnan milis
Nach faicht a sileadh nan ronn.

XIX.

Sud an tururaich ghlan, loinneil,
A 's airdde coilleag air tom,
'S iad ri bururus seamh ceatach
Ann am feasgar bog ceiteoin:
Am bannal geal-sgirteach, uchd-ruagh;
Mala ruiteach, chaol, chrom;
'S iad gu h uchd-ardach, earraigheal,
Ghrian-dhearsnai, dhruim-dhonn.

---

ORAN *a rinneadh do bhail' arrait ann an Ard-namorchuan, da 'n ainm Coiremhuilinn, agus do dh'aultan a tha ruith roimh a n bhaile sin, do' n gairear Ault-an-t siucair. Tune,* 'The Lass of Patie's-mill.

I.

DOL thair Ault an-tsiucair,
A maidin chubhrai cheit,
'S paidirein geal dlu chneap,
Do 'n driuchd ghorm air an f heur,
Bha richard 's robin-bru dhearg
Ri seinn, 's fear dhiu na bheus;
'S goic moit air cumhaig chul-ghuirm,
'S (gug-gug) aic' air a gheig.

II.

Bha smeorach cur na smuid dhith,
Air bachdan cuil lea fein;
An dreadhuin.donn gu surdail,
'S a ribheid chiuil na bbeul;

Am bricein-beith' is lub air,
'S e 'g gleusadh lu a theud;
An coilcach-dubh ri durdail;
'S a chearc ri tuchan re.

III.

Na bric a' gearradh shurdag,
Ri plubraich dhlu le cheil',
Taoibh-leimneach mear le lu'-chleas,
A burn, le muirn ri grein;
Ri cabadh chuileag' siubhlach,
Le 'm bristeadh luthor fein:
Driom-lann-ghorm, 's ball-bhreac giuran;
'S an lainnir-chuil mar leig.

IV.

Mil-dheoclaidh sheillein strianach,
Le cronan 's fiata srann,
'N an dithibh balgach, riabhach,
Ma d' bhlaithibh grianach chrann:
Straibh-dhriucain dhonna, thiaichdi,
Fui shinean ciochan t fheoir,
Gun thiochd-ain-tir no bhiadh ac',
Ach faileadh ciatach ros.

V.

Gur millis brisg-gheal, burn-ghlan,
Meall-chuirneineach, 's binn fuaim,
Bras-shruthain Uilt-an t siucair,
Ri formain siubhlach luath:
Gach biolair, 's luibh le 'n ur-ros'
Aig cintinn dlu ma bhruaich;
'S e toirt dhoibh bhuaghan sughor,
Na 'n sui' bheathachadh mancuairt.

VI.

Burn tana, glan, gun ruaghan,
Gun deathach, ruaim, no ceo,
Bheir anam-fas, is gluasaid,
D'a chluanagan ma bhord.

Gaoir bheachainn bhui, 's ruagha,
  Ri dioggladh chluaran oir,
'S cir-mheala d' a chuir suas leo,
  An ceir-chuachagan an stoir.

VII.

Gur solas an ceol cluaise,
  Ard-bhairich buair ma d' chro:
Laoigh cheann-fhionn, bhreac, is ruagha,
  Ri freagra nuallan bho;
A bhain-aireach le buaraich,
  'S am buachuill' dol d' an coir,
Gu bleoghun a chruidh ghuaill-fhinn,
  Air cuaich a thogas croic.

VIII.

Bi'dh lochrainn mheal' a lubadh
  Na srabh, 's bru air gach geig,
Do mheasabh milis cubhrai,
  Na' n ubhlan 's na 'm peur:
Na duilleagan a liugadh,
  Is fallus cuil diu fein;
'S clann a' gabhail tuchaidh,
  D' an imilich dlu le 'mbeul.

IX.

B' e cronan t easain srulaich,
  An durdail mhuirneach mha'dh;
'S da bhoirchibh daite, sgum-gheal,
  Tiugh fluranach, dlu, tla:
Le d' mhantal do dheallt ur-mhin,
  Mar dhuradh cuil ma d' bhla:
'S air calg gach feoirnein duir-fheoir,
  Gorm niamhain dhruic a fas.

X.

Do bhrat lan shradag' daimond,
  Do bhraon ni soils' air lar;
A *charpet* 's gasda foineal;
  Gun a coi *fine* san *Whitchall*,

Ma d' bharadh gorm-breac coillt each,
An cinn le loinn an tal,
Na sobhraichian mar chaillibh,
Na 'n coilleiribh na d' sga.

XI.

Bi'dh guileag eala a tuchan,
'S eoin bhuchuinn am barr thonn,
Ag inbhir Uilt-an-t siucair,
Snamh lu'-chleasach le fonn;
Ri seinn gu moiteil, cuirteil.
Le muineil-chiuil, 's iad crom,
Mar mhala pioba 's lub air;
Ceol eibhinn, ciuin, nach trom.

XII.

'S grinn an obair ghrabhail,
Rinn nadur air do bhruaich,
Le d' luirichean chreamhach, f hasar
'S am buicein bhan orr' shuas:
Gach seamrag, neoinein, 's masag,
Min-bhreachd air lar do chluain;
Mar reullain roit an dearladh,
Na spancain aluinn nuagh.

XIII.

Bi'dh cruinn, 's am barr mar sgarlaid,
Do chaorabh aluinn ann;
'S craobhan bachlach, arbhui,
A faoisgneadh ard mu d' cheann;
Bi'dh dearcan suthan sughar,
Trom lubadh an luis fein,
Caoin, seachtai, blasda, cubhrai,
Aig call an druis ri grein.

XIV.

'S comh-lan mo lios ri pharrais,
Do gach cnuas a 's fearr an coill;
Na relich arbhar fasadh,
Bheir piseach ard 's sgoinn:

Por reachdar minf heur, fasar,
Nach cinn gu fas na loim;
'S coimh-reamhar, luchdor càileachd,
'S gu n sgàin a ghràn o dhruim!

XV.

Do thachdar mar' is tire,
Bu thiochd-ain-tir leis fein,
Na 'n treudabh feidh 'n a d' f hritheamh;
'S na d' chladach 's milteach èisg;
Na d' thraigh tha maorach lionor,
'S air t uisge 's fior-bhras leus,
Aig oganaiche riomhach,
Le morbha fior-chruaidh geur.

XVI.

Gur h urail, sliochdar, cuanda,
Graidh each air t f huarain ghorm,
Le 'n iotadh tarraing suas riut,
Le cluintinn nuall do thoirm:
Bi'dh buicein bhinneach 's ruaghag,
'S mion-mhin bhreac, cluais-dearg, og,
Ri h ionaltradh gu h uaigneach,
'S ri ruideis luath mu d' lon.

XVII.

Gur damhach, adhach, laoghach.
Mangach, maoiseach, t f honn;
Do ghlinn le seilg air laomadh,
Do gharbhlach-chraobh 's do lom:
Gur h aluinn barr-f hionn, braonach,
Do chanach caoin.gheal thom,
Na mhaibenibh caoin, mao-mhin:
Na d' mhointich sgaoi-chearc' donn.

XVIII.

B' e sud an sealladh eibhinn,
Do bhruacha gle dearg ros,
'S iad daite le gath greine,
Mar bhoisgnich leug-bhui oir,

B' iad sud an geiltridh gle-ghrinn,
'N cinn deideagan measg feoir,
Do bharrabh luibhean ceutach,
'S foirm bhinn aig teud gach eoin.

XIX.

O lili righ na m fluran!
Thug barr mais' air ur-ros gheug,
Na bhaibaine cruinn pluir-mhin,
'S a chrun geal, ur mar ghrein;
Do 'n uisg ud Ault-an- t siucair,
'S e s cubhrainn d'a o bheud;
Na rionnagan ma lubabh,
Mar reullan-iul na speur.

XX.

Do shealbhag ghlan 's do luachair,
A bercadh suas mu d' choir
Do dhitbein lurach, luaineach,
Mar thuairneagan do'n or:
Do phreis lan neada cuachach,
Cruinn chuairsgeagach aig t eoin,
Barr braonain's an t sail-chuachag,
Na 'n dos an uachdar t f heoir.

XXI.

B' e sud an leighas learsainn,
Do luingis, breid-gheal, luath,
Na 'n sguadranabh seoil-bhreid-chrom,
A bordadh geur ri d' chluais;
Nan giusaichibh beo ghleusda,
'S an cainb gu leir riu shuas;
'S Caol-muile fuar d'a reubadh,
Le anail speir fa thuath.

XXII.

'S cruaidh a bharlinn f huair me,
O'n f huaran 's blasda gloir,
An caochan 's mo buaidhean,
A ta fa thuath 'sa n Eorp;

Lion ach am boula suas d'e,
'S do bhrandai f huar na's coir,
An poinse milis, guanach,
A thairneas sluagh gu ceol!

XXIII.

Muim' altrom gach poir uasail,
Nach meath le fuachd na speir,
Tha sgath fa 'n aird a tuath orr',
D'f hag maith a buar, sa feur,
Fonn deis-oireach, fior uaibhreach,
Na speuclair buan do 'n ghrein:
Le spreidh theid duin' a suas ann,
Chomh luath 'ri each na leum·

XXIV.

'S aol is grunt d'a dhailean,
Bh'f hag nadur tarbhach iad,
Air a meinn go'n toir iad arbhar,
'S tiugh, starbhanach ni fas;
B'dh dearsanaich ghearr f hiaclach,
D' a lannadh sios am boinn,
Le luinneaga binn nionag;
An ceol a's misle rainn!

XXV.

An Coir' is fearr 's an duthaich,
An Coir' is sughair fonn;
'S e Coirein Uilt-an-t siucair,
An Coiren uanach lom;
'S ge lom, gur molach, urail.
Bog mhiodar dlu a thom,
Am bheil mil is bainn' a bruchdadh,
'S uisg' ruith air siucar pronn.

XXVI.

An Coire searachach, uanach,
Meannach, uaigneach aigh;
An Coire gleannach, uaine;
Bhliochdach, luath gu dair;

An coire coilleach, luachrach,
An gair a chuach 's a Mhart;
An coir' am faigb duin'-uasal,
Biast dhubh is ruagh na charn!

XXVII.

An coire brochdach, taobh-ghorm,
Torcach, faoili bla;
An coire lonach, naosgach,
Cearcach, craobhach, graidh;
Gu bainneach, bailceach, braonach;
Breachdach, laoghach, blar,
Fui n sultar mart, is caora,
'S a 's torraich laomsgir barr?

XXVIII.

An Coire am bi na caoirich
Na 'n caogadibh, le 'n al;
Le 'n ribheid 'g gabhail facignidh,
A 'n craicne maoi gheal tla:
B' iad sud am biadh, 's an t aodach,
Na t f haoin-ghleannabh 's na t aird;
An Coire luideach, gaolach,
'S e lan do mbaoinibh grais?

XXIX.

An Coire lachach, dracach,
'M bi guilbneich 's trai-gheoigh og;
An Coire coileachach, lan-damhach,
'S moch, 's is an-moch spors:
'S tim dhomh sgur d' an aireamh,
An Coire 's fasor por,
Go h inseach, doireach, blarach,
'S imeacach, caiseach bo?

*Comh-radh, mar go b' ann eidir* Caraid *agus* Namhaid *an Uisgebheatha.*

*Caraid.* MO ghaol an lasgair spraiceil,
Fear na'n gorm-shuele maiseach,
Chuireadh foirm fui na macabh,
'Nuair a thachradh iad ris:
'Nuair chruinnicheadh do choisir,
Cha b' i chuilm gun a cho-radh,
Gheibhte rainn agns orain,
'S iomad stoiri na measg:
Gille beadarrach, sugach,
Tha na chleasaiche luthor,
'S ro-mhaith bhreabadh au t urlar,
Agus tiunntadh gu brisg;
'S e dhamhsadh gu h uallach,
Go h aigeantach, guanach;
Gun sealltainn air truailleachd,
Ach uaisl' agus meas.

*Namhaid.* 'S mairg a dheanadh an t òran,
'S nach deanadh air choir e,
Gun bhi moladh an doi-f hir,
Bha na rògàire tric:
Fear a sheargadh an conach,
Thiunntadh mionach na 'n sporan
Dh f hagadh lean'ba air aimh-bheirt,
Ann an caraid 's an drip;
An struthaire dio-bhuain,
Tha go brosgolach, briagach;
Fear crosta mi-chiallach,
Gun riaghailt, gun mheas;
Call mor tha gun bhuinnig,
Ann solas ro dhiom-buain;

'S fear storais a 's urra,
Bhi n cummantas ris,

*Car.* Mhic toisich, mhich bracha,
Fhir comhraig na n gaisgeach,
Chuireadh boilich 's na claignibh,
Chuireadh casabh air chrith;
Bu tu cleochda na h aittibh,
'N aghaidh rot' agus sneachda,
Dheanadh *notion* do f hrasamh;
'S chuireadh seachad au cith;
Dheanadh dana fear saidealt,
Dheanadh lag am fear neartor;
Dheanadh daoi-f hear do'n bheairtach,
Dh' aindeoin beairtis chruigh,
An ceart aghaidh na th' aca,
Do mhuirn, no mheoghail, no mhacnas,
'S tu roghain a 's taitnich;
Do chuis mhacnais air bioth.

*Namh.* A dhuin? an cual u no m fac' u,
Riamh ni 's miosa chuais mhacnais,
Na bhi 'n a d' shineadh 's na claisibh,
Gun chlaisteachd, gun ruith?
Air do mhuchadh le daoraich;
'G a do ghiulan aig daoine,
'N ad' chuis bhuird aig daoine,
Far nach faodar a chleth;
'Se bhi coinneachadh Raiti,
Ni do lomadh ma d' bheartas;
Luchd a chommuinn, 's a chaidridh,
Rinn e 'n creachadh gun f hios;
'S i ciall-sguir a bhio's aca,
Bhi ri buillibh, 's ri crappabh;
Gu 'm bi fuil air an claignibh,
'S bi'dh am battacha brist.

*Car.* Mo ghaol an lasgaire suairce,
Chleachd bhi 'n caidribh na 'n uaislibh;
'S lionar tlachd, is deagh bhuaigh,
Ata fuaite ri d' chrios:
Biorach, gorm-shuileach, meallach,
Beachdail, colgara, fallain,
Laidir, caoin, air dheagh tharraing
Gu fogra gaillinn a chuirp:
Far an cruinnich do phaistean,
Gu'm bi mìr' ann is mànran,
Agus iomad ceolgaire;
'S iad neamhchraite ma 'n cuid;
Bheir e 'n t umai go sòlas;
Ni e glic am fear gorach;
Ni e suntach fear brònach;
'S ni e gòrach fear glic.

*Namh.* 'M b' e sin roighin na 'm macabh,
Bhi gun fhradharc, gun chlaisteachd;
'Nuair bu mhiann leò dol dhachaidh,
'S e thachras ni a 's mios';
Gur e 'n ceann a 's treas cas dhoibh;
Lomlan mheall, agus chrappa;
G ch aon bhall gu 'm bi aca,
Gaid a neart uath' gun fhios:
Iad na 'n taffaing gun toinisg;
Iad a labhairt an donuis:
Iad ro lamhach go conus,
'S nach urr' iad cuir leis;
Bithi an aodain ga 'n sgrobadh,
Bi'dh an aodach 'n a stròicibh;
Cha 'n fhaod iad bhi stolda,
'S iad an comhnai air mhisg.

*Car* Nach boidheach an spors,
Bhi suidhe ma bhordahh,

Le cuideachda chòir,
Bhio's an toir air an dibh!
Bi'dh mo bhottul air sgòrnan,
Ri toirt coip air mo stopan;
Nach toirteil an ceol leam
An cronan, 's an gliog!
Gu'm bi fear air an daoraich:
Go 'm bi fear dhiu ri baoireadh;
Go 'm bi fear dhiu ri caoineadh;
Nach beag a shaoileadh tu sud!
Ni e fosgailt' fear dionach;
Ni e crosta fear ciallach;
Ni e tostach fear briarach,
Ach am blialum nach tuig.

*Namh.* Nach dona mar spors,
Bhi suidhe ma bhordabh;
Na bhi milleadh mo storais,
Le goraich gun mheas!
Le siaraich, 's le stàplaich;
Le briath'ra mio-ghnàthaicht';
Ri spearadh, 's ri sàradh
An Aibhisteir dhuibh:
Bi'dh an donus, 's an dolas,
Do chonus, 's do cho'-strith;
'S do tharraing air dhornamh,
Anns an chomhail nach glic:
Ri fuathas, 's ri sgannuil;
Ri gruaidhibh 'g an prannadh,
Le gruagabh 'g an tarraing
Le barrachd do 'n mhisg.

*Car.* Mo ghaol an gille glan èibhinn,
Dh' f hàs go cineadail spèciseil;
Dh' f hàs go spioradail treàdhach,
'Nnair a dhi èireadh an driop;

Bhiodh do ghillibh ri solas,
Iad go mireagach boidheach,
Iad aig sireadh na 's leoir,
'S iad a g ol mar a thig;
Iad gu h aidhreach fonnor,
Iad gun athadh, gun lompais;
Iad cho mhaith air an rongais,
'Nuair a b' antlachd an cluich:
Cuid d'a m fasan air uairibh,
Duirn, is batt, agus gruagabh,
Dh' aithn't a dreach air an spucabh,
Gu roibh bruaidlein 's an mhisg.

*Namh.* Tha mhisg deonai 'n a nadur,
Lomlan morchuis, is ardain;
Lomlan bòsd agus sparaig,
Anns gach cas air an tig;
Tha i tuair--shreapach, fiadhaich,
Tha i murtai 'n a h iarbhail;
Tha i dustach, droch-nialach,
Lan do dh' fhiabhras, 's do thriugh.
Gu 'm bi fear dhiu 'n a shineadh;
Gu 'm bi fear 'n a chuis-mhio-loinn;
Le aithisean lionor;
'S iad am maoidheadh na 'm pluic';
Tha i tuaireapach foilleil;
Iomad uair an droch oilein;
'S gun do dh' fhuasgladh fa dheireadh,
Ach 's i bu choireach a mhisg.

*Car.* Mo ghaol an cleasaiche luthor,
Fear gun cheasad gun chuna;
Fear gun cheiltinn air cuinneadh,
'N am bhi dluthachadh ris:
Bheireadh tlachd as a mhuigein;
Dheanadh gealtair do 'n diumhlach;

Dheanadh dàn' am fear diuidi,
Chum a chuis a dhol leis:
Fear a 's fear a 's tigh ost' u;
Fear a 's urbhailtich orain;
Fear nach fuilgear 'n a onar,
Ach a bhòilich 's an driop;
Fear tha barrantach ceolar;
Criodhail, cairdeil le pogabh,
'S a lamh dheas air a phoca,
'S sgapadh storais le misg.

*Namh.* A chinn-aobhair a chonais,
'S tric a dh' fhaobhaich na sporain;
Fhir nach d' fhaoghlum an onair,
'S i bhi 'g a 'd mholadh a bhleid:
'Nois o' s buanna ro dhaor u,
Tha ri buaireadh nan daoine,
Dol mancuairt air an t saoghal,
Chum na dh' fhaodas tu ghaid,
Fear ri aithreachas mor u;
Fear ri carraid, 's ri coimhstrith;
Fear ri geallam; 's cha toram;
Thug sud leonadh do d' mheas:
Ni thu 'm poit-fhear 'n a striopaich,
Ni thu an striopach 'n a phoit-fhear;
'S iomad mile droch comhail
Tha 'n toir air a mhisg.

*Car.* Ge b' e thionnsgain, no dh' intrig,
Air an ionnstramaid phriseil,
'S duine grundail 'n a intinn,
Bha gu h intinneach glic;
Thug o arbhar gu siol e;
Thug o bhraich, gu ni a 's brigheil';
Thug o phrais 'n a cheo-liath e,
'Mach roimh chliath na 'n lub tric;

Thug a buiddeal gu stop e;
Rinn e 'n t susbainte comhlan;
Thogadh slioggach an reota,
Far fir bhreoite gun sgrid:
'N donus coinnimh no comhail,
No eireacas mor-shluaigh;
Gun do cheileireabh boidheach,
Cha bhi sòlas na measg.

*Namh.* Ge b' e thionsgain an aimlisg,
'S olc an grund bha 'n a inchinn,
'S mor à dhuisg e do dh arg'maid,
'S do dhroch sheanchas mar ris;
Dheilbh e misg agus daorach;
Rinn e breisleach s an t saoghal,
B' fhearr nach beirte gu h aois e,
Ach bas na naoidheachan beag;
Dhuisg e trioblaid is coimh-strith;
Ruisg e biodag' an dornamh;
Chuir e piobair fa 'n deonachd,
'Nuair a thoisich a mhisg:
Cha chuis bhuinnig a leanmhuinn;
Ach cuis ghuil agus fhalamhaich;
'S a chaoi cha 'n urr u 'g a sheanchas,
Cia mar dh' fhalbh do chuid leis.

## ORAN *le* Issáchari M'Aulay.

I.

'TA mo chri' mar chuaintean,
Air bheil mulad a's bruaidlein air snamh,
Gur e trom cheist mo leannain,
Ma thromghalar a's m' easlainte ghna,
Ta ma shuilean gu silteach,
Ma dheoir tiutteam mar uisge gu lar,
'Ta leann du' air mo bhuaireadh,
Bhuin machaidribh's ma shuain dhim'smaphramh.

II.

Mu n righinn og aluinn,
Bainri na n uile mhnai 'ta fo n ghrein,
Ann n deasachd's an eolas,
Ann n tuigse 's a foghlam 's a n ceill,
Ann n geinmineachd 's a milteachd,
Ann m bainteachd gnn mhioruin le eud,
Gradh neo choitcheand 's dimhir,
Neo-lochdach gun ghiamh a's gun bheud.

III.

Caite na ghineadh fui' f hlaitheas,
Na dh' f hisrich riamh mathas na mnai,
Nach d' thug durachd dhi diamhar,
Agus umhiachd dhi m fianaise chaich
Mar ghrein thu measg reultean,
Gheug sholuis thair cheud f huair bar,
Gur e gathan na greine so,
Shrachd mo chri a's reub e chum bais.

IV.

O nachd d f heud riamh aon duine,
Eolas iomlan na cruinne chur sios,
Ann a sgriobhadh na littir,
Ni modh ranuig thuigs air a thrian,

Dhomhsa 's ladarnn 's a's dan,
  Tiochd air annas na mna 's air a gniomh,
'Ta na saoghal beg cuimir,
  Ann na nadur gun choimeas an dith.

V.

Ga bu leum udarachd A ilein,
  Urlabhraidh gach scoilte ro ard,
Bu ro mheanmh leum mo chomas,
  Air do dheanadhsa follais an dan,
Ach ma m' pilear sa 'n ath mi,
  'S mor gur fearr a bhi baite air a t' snamh,
Bho is onair snach mulad,
  Leum do mholadh bho d mhullach gu d shail.

VI.

Dh f has air rioghinn na 'n og mhna,
  Cul sgiamhach f huilt chornaich nan cuach,
Ciabhach camlubach casluch,
  Sniomhach camagach dreach bhui gach dual,
Bar gasda chuil oir bhui,
  Mar dhreach theudan is ceolmhoire fuaim,
B'eibhinn f haicinn ga sgaoileadh,
  Is fiamh laiste na grein mu d chluais.

VII.

A ghnuis ailleanta mhion gheal,
  Gun antlachd gun mhiothlachd gun mhod,
Mala chaol is glan cumadh,
  Charaiche nadur na h urrad gu d choir,
Rosg mall is dearc lionta,
  Leis a mealar ard righridh na h' Eorp,
Gruaidh chorcora mhin dearg,
  Ghluais m' osnaich fo iunagh an t sloigh.

VIII.

Fuaim orghan na fiola,
  Ceol torghan na piob is nan teud,
Cha do sheinn duine riamh misic,
  Na binnis mar phiobaibh do chleibh,

Ceol sibhrin fior shithe,
  Teachd o uinneag mhin chruinn deirg do bheul,
Bilibh bla briarach aluinn,
  Aig a righinn is cnaimh ghile deud.

IX.

S ceart cho geal tha do bhraghad,
  Ri canach no tra-shneachd air geig,
'S corach finealt na tulacha,
  Dh' f has na mulain air mullach do chleibh,
Bosa min fada bana,
  Meoir ghrinn chaol ga b 'n abhaist cur greis,
Air seudabh le h or-shnaith'in,
  Dealbh iomhaidh gach eoin 'us gach eisg.

X.

Slios seimh mar an canach,
  Corp geal mar eala air an t' snamh,
Calpa cruinn ann a 'n steimin,
  Traigh eatrom is cumadh air sail,
Mac samhail do mhor chuis,
  Cha 'n aithne dhomh cor ort ri radh,
Cha bheag is cha mhor u,
  Ann 's gach aon ni gu leor ort gun bhar.

XI.

Nam biodh na h urad aig cach ort,
  Sa tha agamsa ghradh air do neoil,
Cha bu rabhart gun mhearachd,
  Leo mi labhairt mo bharail 's mo ghloir,
Ach na n creideadh iad firinn,
  Cha treiginn air mhiltean u 'n or,
No air airgiod na 'n insibh,
  Do bheadradh do dhisleachd 's do phog.

XII.

O nach caochladh tu aigne,
  'S nach claonadh tu ad chaidreadh 's ad ghaol,
'S nach feudain bhi re riut,
  Mar luthageadh cleir dhuinn mar aon,

B' f hearr leum bhi gun eiridh,
  Fo thalamh ann a 'n Ephaid nan craobh,
No an rioghachd na Greig,
  No measg thurcach gun f haolmunn gun chaomh.

XIII.

Ni mi noise comhdhunadh,
  Agus cuiream ri tursa gu brath,
Ni bheil siochaint am aigne,
  O'n nach meall mi do chaidribh's do gradh,
On thug ù làn fuath dhamh,
  Gun mo chuir ann sa 'n uaigh deigh mo bhais,
Bidhi' mo chriodh mar chuantaibh,
  Air am bheill mulad is bruaidlein air snamh.

---

MARBH-RANN *le Mac fir* Ardnabidhe *ann an leabaidh a bhais*

I.

DUISG a choluinn o do chadal,
  Is f had an oidhche dhuit do shuain,
Gun chuimhn air an t slighe mu 'd choinne,
  'S olc dhuit an communn a f huair;
Communn eiddir thu san saoghal,
  Cha bhaoghala chumail ceart,
Mu gheibh a cholunn a sath,
  Bi' aithreachas an la' nan leachd.

II.

La na lice caoil na cuinge,
  Is m'or ar cunntas ri thoirt bhuainn,
'S a mhiad dan rinn sinne dh eacoir,
  Is ann nar eadain fein gu m buail;
Buailidh striopachas agus poit.
  Buailidh mionnan mor us fearg,

Is sin an la a's leoir a mhead,
  Gar an leir e an diu ach meanbh.

III.

Cha leir leis an duine a lochdan,
  Cha leir leis an t ochda pairt,
Gum bidh e ga leasachadh tric,
  'S cha saoil e gun tig am bas;
Am bas sin a thagainn air bhrath,
  A's nach cleithear nair thig a nuair,
Cha n f hath subhachais nar toisg,
  Dhuinn 's olc gach lochd da 'n d' f huair.

IV.

Gach lochd da 'n d'rinn sinn air thalamh,
  'S aithreach dhuinn an lathair Dhe e,
Ma thagrar oirn trian na cuise,
  'S adhbhar da ga'r cuir am pein e;
A ghibhte sin a luthaig u oirnn.
  'N tuigse an chuimhne an cheill,
Gu 'n cairear sud leinn gu bas,
  Bhi bristeadh air t f haintibh feiu.

V.

Faintibh bu choir dhuinn a chumail,
  'S iomarlach a rinn mi 'n cleachdadh,
Mo ghniomh 's mo labhairt an comhnuidh,
  Cuir an aghaidh coir as ceartais;
Gun a threig mi na h oibre a b'f hearr,
  A's thug mi sath na cholluinn chlith,
A's mu thagrar oirnn trian na bha,
  'S olc a tharlas duinn a ris.

VI.

'S olc a tharla duit a bhochdain,
  I's olc leat t olc a chuir os naird,
Air mheud an t sant tha d chorpsa,
  'S gaol na bochduinn chuir gu lar,
Air mhiad dan cruinnuich u 'naon ait,
  A chuid na mhaoine na thain.

Cha teid leat a bhàr an t saoghail,
  Ach ciste chaol na n tri chlar.

VII.

Fhir a dh'orduich mac am broinn,
  Slat an coill is feur am fasach,
Cuir Dhe m' inntin dhuit an ceill,
  Bhidh cuimhneach ort fein re m' laèthaibh,
Gach la f had sa bhios mi bhos,
  Deansa cuimhneach mi air mo leas,
Tha air do chomas a luaths,
  Na bheireadh bho f huachd gu teas.

VIII.

A chum s gu n deanamid da reir,
  Dianamid t f haintaibh fein a lorg,
Ann's gach ni bhios mi na f heum,
  'Is tu fein a dh f hurtaicheas orm;
'Is tu fein a db f hurtaicheas orm a ghna,
  Ann 's gach cas an robh na 'm bi,
A's mar gleidh u mi fathast slan,
  Soilleirich domh rathad na sith.

IX.

Dean domh rathad air mhath m' anama,
  Rathad air leanamhuinu a cheartais,
Seol dhomh re mo bheatha shaoghalt,
  Cumail saor bho n' pheacadh;
Cum mi bho obair gnn iocbd,
  A's fiamhail furrachail roimh lochd,
Oir cunntaidh Dia dhuinn air gach achd,
  Ciall a's cuimhne a bhi nar corp.

X.

'S olc a tharlas duit a chorpain,
  'S beg t onair an la mu dheireadh,
Nuair a dhèileadhs riut an t anam,
  Cha n f hearr ù na gach talamh eile;
Is sgreataidh leis an duine bheo,
  Bhidh ga d' choimhead ad scleo mharbh,

Cha n iunadh sin is' beag do speis,
  As deistineach a bhios do dhealbh.

XI.

Tionntaidh do shuile cul air aghaidh,
  As fasaidh do dheud na cnaimh dubh,
Caillidh tu do mhaise shaoghalt,
  Caochlaidh thu do dhealbh 's do chruth,
Fasaidh do chruth glasdaidh uaine,
  Fuaraichidh do cheann 's do chosan,
A's tilgear do choluinn gun speis,
  'S a chreith bho n tainig thu n toiseach,

XII.

A thi mhoir sa Dhomhnaich f heartaich,
  Fhir a cheartícheas gach aon ni,
Miadaich mo mhath 's beagaich m' eacoir
  Fad mo cheili ann san t saoghal,
Gus an ceadaich leat mo ghuidhe,
  De'n t shligh so tha air mo chlaoidh,
Mun dealaich mo chorp ri m' anam,
  Dhia dean aithreach mi 's gach aon ni,

XIII.

Ach a dhuine an d thug u n aire,
  Do na peachdanain 's a chiur u,
Mo mhodhaich u fa'st do d' ghalair,
  A's tim dhuit teannadh ri tursa;
Treig an coddal sin air t' aire,
  Teann ri aithrachas 's ri urnaigh,
Mu 's lugh le d' mhaith na le d' dholaidh,
  'S tim dhuit a choluinn bhi dusgadh.

ORAN *nam* Fineacha *gaidhealach le* Iain *dubh mac* Iain *mhic* Aillein.

I.

'S I So 'n aimsir an dearbhar,
An 'dearganach dhuinn,
'S bras meanmnach fir Albuinn,
Fo 'n armaibh air thus;
Nuair dh' eiris gach treun laoch,
Na 'n eideadh glan ur,
Le run feirg agus gairge,
Gu seirbhais a chruin.

II.

Theid maithaibh na galltachd,
'Gle shanntach sa chuis,
Gur lionmhor each seang-mhear,
A dhamhsas le sunnt;
Bidhidh sasannuich cailte,
Gun taing dhoibh ga chiunn,
Bidhidh na frangaich na campaibh,
'Gle theann air an cul.

III.

Nuair dh' eiris clann Domhnuill.
Na leoghuinn tha garg,
Nam beo bhethir mhor leathann,
Chonnsponach gharbh;
Luchd sheasadh na corach,
Ga 'n ordagh lamh-dhearg,
Mo dhoigh gu'm bu ghorach,
Dhoibh toiseachadh oirbh.

IV.

Tha Rothaich a's Rosaich gle dh' eonach,
Air teachd nar ceann,
Barraich an treas seorsa,
Tha 'n comhnuidh a measg nan gall:

Clann Donachaidh cha bhreug so,
Gu 'n eireadh leibh ann sgach am,
Muir sin is clann Reabhair,
Fir ghleasda nach eisd bhi annt.

V.

Clann Naba an seorsa,
Theid boidheach fo 'n triall,
'S glan comhdach a chomhlain,
Luchd leonadh na m fiadh,
Iad fein a's clann Pharlain;
Dream ardanach dhian,
'S ann a b' abhaist gar 'n airibh,
Bhi m' fabhar shiol chuinn.

VI.

Na Leodaich am por glan,
Cha b' f holach n'ar siol,
Dream rioghail gun f hotas,
Na n gorsaid 's na n sgiath,
Gur neart-mhor ro eolach,
'Ur 'n oig-f hir 's 'ur liath,
Gur e cruadal 'ur dualchas,
A dh' f huasgail oirbh riamh.

VII.

Clann Ionmhuinn o 'n chrethich,
Fir ghle ghlan gun smur,
Luchd na n cuilibheire gleusda,
N'am feuma nach diult;
Thig Niallaich air saile,
Air bharabh na n sugh;
Le 'n cabhlach luath lan-mhor,
Bho bhaghan nan tur.

VIII.

Clann Illeain o' n Drcoluinn,
Theid sanntach 's an ruaig,
Dream a chlosadh ainneart,
Gun taing choisinn buaidh,

Dream rioghail do chiosaicht,
  Nach striochda' don t' sluagh,
'S iomad mile deas-dìreach,
  A bheir intinn dhuibh suas.

IX.

Gur guineach na Guimhnich,
  Nam bhristeadh cheann,
Bhiodh cnuachdan ga 'n spuachdadh,
  Le cruadal 'ur lann;
Dream uasal ro uaibhreach,
  'Tha dual dhibh 's n f hraing,
'S ann o Dhiarmaid do shìolaich,
  Por lionmhor nach gann.

X.

Tha Stiubhartaich ùr glan,
  Na m fiurain gùn ghiomh,
Fir shunntach nan lu-chleas,
  Nach tiontaidh le fiamh;
Nach gabh curam roimh mhuisig,
  Cha b' f hiu leo bhi crion,
Cha bu shugradh do dhughaill,
  Guis a bhuin dhibh.

XI.

Gur lionmhor lamh theoma,
  Th' aig Eoghann Loch iall,
Fir cholganda bhorganda,
  S' oirdheirga gniomh,
Iad mar thoilbheum air chora-ghleus,
  'S air chon-f hadh ro dhian,
Se mo dhuilse nam rusgadh,
  Nach diult sibh dol sios.

XII.

Clann Mhuirich nach soradh,
  A chonnspairnn ud ial,
Dream f huilteach gun mhor-chuis,
  Ga 'n coir a bhi fial;

Gur gaisgeil fior sheollta,
Ar mor theanal chiad,
Ni sibh spollta a's feollach,
A shroicheadh fo'n ian.

XIII.

Tha Granntaich mar a b' abhaist,
Ma bhraigh uisge Spe,
Fir laidir ro dhaicheil,
Theid dàn ann 's an streup,
Nach iar cairdeas na fabhar,
Air namhaid fo 'n ghrein,
Si n'ur lamhach a dh'f hagas,
Fuil bhla air an f heur.

XIV.

Tha Frisealaich ainmeil,
Aig seanchaibh nan crìoch,
Fir gharbha ro chalma,
Air fearg cha bu'shith;
Tha Cattanich foirmeil,
Si n, armachd an miann,
An cath gairbheach le 'r 'n arma,
A dhearbh sibh n'ur gniomh.

XV.

Clann Choinnich o thuath dhinn,
Luchd bhuannachd gach cis.
Gur fuasgailteach luath-lamhach,
'Ur n uaislean sa 'n stri,
Gur lionmhar n'ur tuaith-cheathairn,
Le buailtean do ni,
Thig sluagh dumhail gun chuntas,
A duthaich mhic Caoidh.

XVI.

Nois o chuimhnich mi m' iomroil,
'S fath iunntraichin iad,
Fir chunnbhalach chuimeite,
Ni cuimse le 'n làimh;

Nach dean iumluas mu aon-chuis,
  Chiunn iunntais gu brath,
Gur muirneach ri 'n iomradh,
  Clann Fhiunnlaidh Bhra-mhar.

XVII.

Thig Gordainich 's Greimich,
  Grad gleusda as gach tir,
An cogadh Riogh Thearllaich,
  Gu'm b f heumail dha sibh;
Griogaraich nan geur-lann,
  Dream speiseil nam pios,
Th'ar leom gu 'm bi 'n ea-coir,
  Nuair dh' eighadh sibh sios.

XVIII.

Siosalaich nan geur lann,
  Theid treun air chul arm,
'N Albainn san 'n Eirinn,
  B e ur beus a bhi garg;
A' nam dol a bhualadh,
  B e 'n cruadal ur calg,
Bu ghuineach n'ur beumna,
  Nuair dh' eireadh oirbh fearg.

XIX.

Nam biodh gach curraidh treun-mhor,
  Le cheile san am,
Iad air intinn dhireach,
  Gun f hiaradh gun cham;
Iad cho chinnteach ri aon-f hear,
  'S iad titheach air a gheall,
Dh'aindeoin muisig nan du-ghall,
  Thig cuis thair an ceann.

ORAN *rinneadh do* dh' Eachunn Mac Illeain *Triath* Dhubhairt *a mharbadh ann* Inmhirceatain.

I.

ACH ge grianach an latha,
  Gur cianail an rathad,
So tha mise a gabhail,
  Dh f hios an tuir an robh m' aighear,
Is mac mor mhic-Illeain,
  'S e gun sugradh na luidhe,
Snach eil e ri f haithinn na shlainte.
  Snach eil e, &c.

II.

Ge bu chruaidh leam mo chairdean,
  An la ud gam f hagail;
Cha 'n iad tha mi' g aireadh,
  Ach mo bharannta laidir,
Agus t'f hearunn gun aiteach,
  Fhir thug fortan le cairdeas gun sgraing dhomh,
Fhir thug, &c.

III.

Dhomh bu' deachdair toirt thairis,
  Lub ur nan sul meallach,
'S nan calpana geala,
  'S nan deudach chur-anail,
Tha thu shinnsear na m fear nach robh sgathach.
  Tha thu, &c.

IV.

Mac thu b' uaisle o Shir Lachluinn,
  O inghin Ruairidh nam brattach,
Chuir thu buaireadh air maigni,
  Agus deoir air mo rasgaibh,
Chuir mi m'uaislean nan leapaichean tamha,
  Chuir mi, &c.

V.

Odha Ruairidh nan seang-each,
  Ceann mo loin ri uair 'm ainnis,
Bha dìol gruaig air mo leanabh,
  Cùl cùachach na cam-f halt;
Mar f heoirnein na charaibh,
  S tu bu mhor-chuisich sealla,
Gum bu Ri ù measg barrach fir Alba.
  Gum bu, &c.

VI.

S' iummad seirc tha osbàr,
  Ann t' aghaidh shiobhalta bhan-ghil,
Gnuis f hlàthail gun ghreann ort,
  Gu n robh gruaidhean an armuinn,
Cho dearg ris an scarlait,
  Ga n robh gliocas is cairdeas gun annamaich.
Ga rabh, &c.

VII

Ach a Chriost is maith 'm f hùllang,
  On rinneadh leat fuirreach,
Ann sa bhlar an robh 'n cummasg
  Mhic an armuinn a Muile,
Bha do thaobhsa làn bhuilleann,
  'S lag sa sgi mi ri tuireadh mo chairdean.
'S lag sa sgi, &c.

VIII.

Thuit mo chomhalta tàpuidh,
  Fo bhaile na faiche,
Lan cruadail le gaisgeadh,
  Ge bu chruaidh leam mar thachair,
Cha n e sin tha mi g' achdain,
  Ach an sgiursa f huair Eachunn roimh naimhdean.
Ach an, &c.

IX.

Caite an d' rùgadh nan d'àraich,
  Nan do ghineadh mac armuiun,
Pearsa dhuine thug bàr ort,
  Nuair a ghlaca tù 'n spainteach,
Chruaidh churanta laidir,
  Sa chuire tu failt air do chamba.
Sa chuirre, &c.

X.

Gad thigeadh fir Shùinneart,
  Clann Iain o 'n Ruta,
Clann Chammaroin nach diultadh,
  Le 'm boghachaibh cul bhuidh,
'S le n saighde gu siubhlach,
  Bhiodh gach bonaid ri umhlachd dom luaidhse.
Bhi gach, &c.

XI.

Ga bu dumhail am feachd iad,
  'S iad cruinn air aon fhàiche,
'S mo ghradh a theachd seachad,
  Bu leat urram gach maise.
Mac Mhoire chuir dreach ort;
  'S mairg mathair ga mac u,
Na muime rinn 't altrum,
  Na chunnaig cur seachad na 'h uir ort.
Na chunnaig, &c.

XII.

Gur mis th' air mo sgarradh,
  Mun chùirt th' aig gallaibh,
Odha Ruairidh na leanabh,
  Dalta dilis mo shean-athar
Bha u'n cairdeas mhic Cailein,
  San Riogh bho na Pannaidh,
Bha gu ciallaideach caraideach ainmeil,
  Bha gu, &c.

ORAN *le* Nighean Alastair *ruaigh do* Mhac Leoid.

I.

CHA surd cadail,
'N runs, th air maigni,
Mo shuil frasach,
Gun surd macnuis,
San chuirt a chleachd mi;
Sgeul ùr ait ri eisteachd.

II.

'S trom an cudrom so dhruidh;
Dh' f hag mo shuislean gun lus,
Stric snighe mo shul,
A tuitam gu dlu;
Chaill mi iuchair mo chiuil:
Ann an cuideachd luchd ciuil,
Cha teid mi.

III.

Mo neart 's mo threoir
Fo thasgaidh bhord,
Sàr mhac mhic Leoid,
Nam bratach sroil,
Bu phailt mu'n or,
Bu bhinn-caismeachd sgeoil:
Aig luchd astair,
Is ceol na h Eirionn.

IV.

Co neach ga'n eol,
Fear t f hasain beo,
Am blasachd beoil,
'S am maise neoil,
An gaisgeadh gleois,
An ceart san coir;
Gun airceas na scleò feilidh.

V.

Dh' fhalbh mo sholas,
  Marbh mo leodach,
Calma crotha,
  Meanmnach ro ghlic,
Dhearbh mo sgeoilse,
  Seanachais eolais
Gun chearb foghlam,
  Dealbhach ro-ghlan 't eagasg.

VI.

An 'treas la do'n mhart,
  Dh' fhalbh m'aighear gu brath,
Bi sùd saighead ma chraidh,
  Bhi ag amharc do bhais,
A ghnuis flathasach ailt;
  A dheagh mhic rathail,
An armuin euchdaich.

VII.

Mac Ruairidh reachdmhor,
  Uaireach beachdail,
Bu bhuaidh leatsa,
  Dualchas farsuing,
Snuadh ghlain pearsa;
  Cruadal 's smachd gun eacoir.

VIII.

Uaill is aiteas,
  Sann uaite gu faite,
Ri uair ceartais,
  Fuasgladh facail;
Gun ghruaim gun lasan;
  Gu suairce snasta reasanta.

IX.

Fo bhuird an cistidh,
  Chaidh grunt a ghliocai
Fear fiu'ntach miosàil,
  Cùilmach gibhteil,

An robh cliu gun bhriseadh;
  Chaidh uir fò lic air m' eadail.

X.

Gnuis na glaine,
  Chuiradh sunt air fearabh,
Air each cruidheach ceannard,
  'S lann ur thana ort,
Am beairt dhluth dhaingneann:
  Air cull nan claunn-f halt teud-bhuidh.

IX.

Siomadh fear aineoil,
  Is aoidh is luchd ealaidh,
Bheir turnuis tammul.
  Air cruintibh mhalairt,
Air iul 's air aithne,
  Bu chliu gun aithris bhreug è.

XII.

Bu tu sith an charaid,
  Ri' am tighean gu d bhaile,
Ol dian aig fearabh,
  Gun stri gun charraid,
'S bu mhiann leat mar-ruit,
  Luchd inse air annais sgeulabh.

XIII.

Bu tric uidh chairdean,
  Gud dhun aghmhor,
Suilbhear f àilteach,
  Cuilm-mhor stàtail,
Gun bhuirb gun ardan:
  Gun diult air mhal nan deirceach.

XIV.

Tha thu shliochd olaghair,
  Bu mhor moraghail,
Fan seol corabheann,
  'S nan corn gorm-ghlas,

Nan ceol or ghain,
'S na seoid bu bhorb ri eigin.

XV.

Bha leith do d' shloinne,
Ri siol cholla,
Nan cise tromadh,
'S nam pios soilleir,
Bho choigeadh Chonacht,
Bu lion-mhor do loingeas breid-gheal.

XVI.

Siomadh gàr dalta,
Is mnai bhas-bhuailt,
Ri la do thasgai,
Cha 'n ath aitis,
Do 'd chairdean, t fhaicsin
Fò chlàr glaisde,
Mu thruaigh chreach an t eug sin.

XVII.

Nighean Sheumais nan crun,
Bean cheillidh ghlan ur,
Thug i ceud ghradh ga run,
Bu mhor a' h oabhar ri sunt.
Nuair a shealladh i 'n gnuis a ceile.

XVIII.

Si n fhras nach ciuin,
A thainig as ur,
A shrachd air siuil,
Sa bhrist ar stiuir,
'S air cairt mhaith iuil,
S ar taichde chuil,
'S ar caidreadh ciuil,
Bhiodh againn ad thur eibhinn.

XIX.

'S mor an iuntrainn tha uainn,
Air a dhunadh 's an uaigh,
Ar cuinneadh s ar buaidh!
Air curam 's ar 'n uaill;

Sar sugradh gun ghruaim;
  'S fàd air chuimhne na fhuair mi fein deth.

## ORAN *do* Nighin *fir* Gheambaill.

I.

MOCH air maidinn 's mi lan airsneil,
  Tha mi 'g achdain m' iundrainn
An aite cadail air mo leabaidh,
  Carachadh sa tiunta,
Nan faighinn cead gun reachain grad,
  Am still gun stad gun aon-tamh,
Dh'fhìos an aite am fiosrach càch,
  Gu bheil mo ghrdhsa n Geamball.

II.

'S ge fad air chuairt mi 's tamull uait,
  An aisling bhuan so dhuisg mi,
Thu bhi agam ann am ghlacabh,
  Bhean bho n tlachdar sugradh,
A dh aindeoin buinnig 's fada m' fhuireach,
  Ann n iomal dùcha,
O choin a chiall gum b e mo mhiann,
  Bhi an diu a triall ga t iunsai.

III.

T iunsaidh theid mi nuair a dh'eircas,
  Mi gu h eatrom suntach,
Gach ceim do'n t slighe dol ad ruigheachd,
  Bidhi mo chroidhe sugach,
Mo mhiann bhi n geart-uair air bheag cadail,
  Ann ad chaidribh greannar,
Mo dhuil gun chleth le durachd maith,
  Gur h'e mo bheatha teann ort.

IV.

Ach ōigh'na maise a's or-bhui falt,
'S do ghruaidh air dhreach an neoinein,
Tha eideadh grinn mu bheul do chinn,
Stu m beul bho m binn thig oran,
Rosg tana chaoin fo'd mhala chaoil,
'S do mheall shuil mhin ga seola,
'Si n t seirc tha t eudan ghreas gu h'eug mi,
Mar tabhair cleir domh coir ort.

V.

Gun choir air t f heatainn oigh na feile,
Greas mi fein gu aon lamh,
Fhuair thu n iasaid buaigh bho dhiarmuid,
Tha cur chiad an geall ort,
Ciochan geala air uchd meallaidh,
Miann gach fear an sealltain,
Do chion falaich th' air mo mhealladh,
'S e na eallaich throm orm.

VI.

Tha run nam fear fo d' ghun am falach
Seang chorp fallain sundach,
Slios mar eala cneas mar chanach,
Bho chionn tamuil m'iuil ort,
Bho chul do chinn gu sail do bhuinn,
S tu damhsa grinn air urlar,
Mi bhi t aireamh 's gun tu lathair,
Greas gu lar mu d shugradh.

VII.

Mo shugradh fui cheal 's duil, riut mar bhean,
Oigh nan ciabh clann fainneach,
T'aon bhrollach geal trom-cheist nam fear,
'S uasal an t'ion ban Riogh,
Tha seirc is beusan tlachd 's cèataibh,
Mar-ri cheile fas riut,
Do ghaol gach lo so rinn mu 'leòn,
Cho mor s nach eòl domh àireadh.

VIII.

Cha neol damh aireadh trian do't t'ailleachd,
 Gus don bhas gan gèill mi,
Ceillidh cliultach beusach muirneach,
 Cead fear ur tha n deigh ort;
Bidhi airnean bruit aig pairt da'n cuntas,
 Gach la ga'n diult thu coimhneas,
Bidhi slaint as ur le failte ciuil,
 Aig neach gheibh lub san roinn ort.

---

ORAN *muirt* Ghlinne; Comhann, *leis a Bhard* Mhucanach.

I.

MILE marbhaisg air 'n t' saoghal,
 Tha e carach mar chaochladh nan sion,
Gach ni nàch gùidhe-mid f haotain,
 Mar na sruthaibh aig aomadh a niòs;
Si chneadh fein thair gach aobhar,
 Bhios gach duine ga chaoineadh 's e tin,
Breith mhic samhain air saoidhin,
 Teachd a ghleachd rinn a thaobh cul ar cinn.

II.

A Riogh f heartaich na greine,
 Tha 'n cathair na feile dean sìth,
Ri clann an f hir a'bha ceàtach,
 Nach bu cholltach ri fèile fir chrion;
Nuair thogta leat brattach,
 Crainn chaola fraoch daite 'us piob,
Bhiodh mnai gaoil le fuaim bhàsa,
 Caoidh laoch nan arm sgaiteach san stri.

III.

Gun robh aigni duin-uasail,
  Aig a bhaile agus uaith ann ad choir,
Cha bu gheire gun tùigse,
  Bha n sa' bheul bu neimh thuiteamach glòir,
Ceann na ceille 's na cuideachd,
  Rinn na h' eacorach cùspair do t'f heoil,
Cha b'e'm breugair a mhurtadh,
  Aig luchd sheideadh nam plùicean air stòl.

IV.

Ach duine mor bu mhaith cumadh,
  Bu neimh sgàthach an curaidh gun ghiomh,
Cha robh bar aig mac dùin ort,
  Ann an ailleachd san urigleadh cinn,
Ann sa bhlar bu mhaith t'f huireach,
  Cosnadh làrach is ùram an Riogh,
Mo sgreid chraiteach a fulachd,
  Bha 's tigh chlaraidh 'm biodh f ùran nam pios.

V.

B iad mo ghradh na cuirp gheala,
  Bha gu fiughantanch fearail neimh chrion,
Smairg a chunnaig ar'n uaislean,
  Dol fo bhinn an luchd fuatha gun dion;
Ach nam biodh-maid nar 'n armaibh,
  Mun do chrùinnich an t'sealg air an tir,
Gun robh cotaichean dearga,
  Gun dòl tùilleadh do dh'armailt an Righ.

VI.

Cha b'e cruadal an croidhe,
  Thug dhoibh buannachd air buidhinn mo ruin,
Tilgeadh luaithe na citheabh,
  Sud a chùis a bha mishealbhach dhuinn;
Eidir uaislin a's mhithibh,
  Gun robh 'n uair ud rùidh oirn bho thùs
'O 'si n uaigh ar ceann uighe,
  Biaidh na sluaisdean friothaladh dhuinn.

VII.

Cha bi sùd an f hùil shàlach,
Bha ga taomadh mun talamh san ghleann,
Sa liughad ùmaidh mar ghearan,
Bha cùir fùdair na dheannuibh mar ceann;
A Riogh dh umhlaich na'h aingil,
Gabhsa curum dar 'n anam a's sibh thall,
Chaidh ur cùnntas an tàinead,
Le garbh dhùsgadh na malairt a bh ann.

VIII.

Thrùs do chinneadh ri cheile,
Dheanadh coinne 'n de ann sa'n dùn,
Cha d' aithris ù sgeula,
Fhir a b'uradh a reiteach gach cuis;
Ite dhaingneann an sgeith ù,
Sa m baranta treun air an cùl,
Bidhi la eile ga reiteach,
'S misa drùite fui dheili sa n'ùir.

IX.

Gu bheil mise fo mhulad,
Bhi 'g amharc 'ur gunna air steill,
Sàr ghiomanaich ullamh,
Leis an cinneadh an f huil ann sa bheinn,
Ann am frìth nan damh mullaich,
Far an deantar libh munasg air seilg,
Ge bu tric sibh gan rusgadh,
Cha d'air sibh riamh cuntas na m bein.

X.

Cha bu sgàthairin gealltach,
Bhiodh a muitheadh an gaisgidh gach la,
Tha sa 'n eilean nan càdal,
Nach duisg gus am faicear am bra;
Luchd dhireadh na'n Eitbheann,
Le cuilbheirean gleusda air an, laimh,
Slionar fear nach d rinn eiridh
Bha na ghiomanach treun air a'hearr.

XI.

Cha d'f huair sibh riamh leigh,
A leigheas na'n creuchd gun bhi flan,
Call na fala fo'n leintibh,
Bha na fir bu mhor feile ri luchd dàin;
Nam b'e comhrag na feinne,
A bhiodh eidear sibh fein 's clanna gàll,
Bhiodh eoin mhollach an t'sleibhe,
A gairsinn salach air creubhagan chaich.

XII.

Sil onar fear tha toirt scainnill,
Do'n Tighearn òg th'air an f hearunn so thàll,
Edear ceann locha Raineach,
'S rùtha shleite 's bun gharai nam beann,
Bha u t'f heichibh gle dhaingneann,
Far an eisteadh ri 'd theangai 'n cainnt,
Mar urabal peacaig an tàruing,
'S mar ghath reubaidh na n'arrach gu càll.

XIII.

Lèum 'n stiuir far a claiginn,
Le muir suigh 's gun sinn ath-chainteach dho,
Dh f halbh na crainn 's na buill bheairte,
Is leig sinn uallach na slaitte air a sgod:
'S bochd 'n dusgadh sa mhaidinn,
So f huair sinn gu grad a theachd oirnn,
Ma gheibh sinn uine ri f haicinn,
Bheir sinn fuchda munseach air a chlò.

MARBH-RANN Uisdein a Baile *Shear*.

I.

GUR geur an gath, gath an aoig,
Nar taobh a dh' f holaich a ghuin,
Nuair dh' f huadaich e uainn na suinn,
Sgeula 's cruaidh ri innse 'n diu.

II.

Nar thugadh ar ceann priosail uainn,
Gur mi-f hortan cruaidh a th ann,
Cach a bhi tearnadh co chas,
Sa thearnadh a chlach leis a ghleann.

III.

Am fior ghaisgeach aig dol fui lic,
Mum b' iargaineach iomadh neach,
Sàr churrai a chaisgeadh toir,
'S nach cuirreadh òb ob air ais.

IV.

Duine scarteil tapai teoma,
Duine saibhir ann 's gach beairt,
Labhradh an f hirinn le grunnd,
'S cha bi 'n teanga leam 's leat.

V.

Gur mise chunnaig an uair,
Gum b' urramach do shnuagh 's do dhreach,
Fear fearail bu f hlathail gnuis,
Amharc na sùl nach ro'tais.

VI.

Duine fearail a dh' f has cruaidh,
Duine 'n ro' cruadal 's smachd,
Duine 'n ro iochd agus truas,
Gu fuasgla air fear na airc.

VII.

Duine 'n ro' smior agus sgoinn,
Duine nach ro' foill na' bheachd,
Nach buailleadh a bhuille-chuil,
'S nach gleitheadh mi-run do neach.

VIII.

Craobh a ruisgeadh air gach taobh sinn,
Craobh nach do ghiulain a meas,
Cha 'n f han ar luchd aoise beo,
'S cha tig ar daoin og a ris.

IX.

Sealladh-mid a noise air Dia,
S' cinnteach a chrioch dhuinn m bàs,
Ruithidh-mid ar cursa reith,
'S iarradh-mid mac De mar gheàrd.

---

ORAN *luaidh no fucaidh.*

LUINEAG.

*Holibh o iriag o ilil o,*
*Holibh o iriag o ro thi,*
*Holibh o iriag o ilil o,*
*Smeorach le clanu,*
*Roanuill mi.*

I.

GUR a mise an smeorach chreagach,
An deigh leum far cuach mo nidein,
'Sholar bìdh do 'm iannabh beaga,
Sheinninn ceol air bàr gach bidein.
*Holibh, o,* &c.

II.

Smeorach mise do chlann Domhnuill,
Dream a dhiteadh is a leonadh,
'S chaidh mo chuir an riochd na smeoraich,
Gu bhi seinn 's a cur ri ceol doibh.
*Holibh o*, &c.

III.

San chraig ghuirm a thogadh mise,
An sgiorachd chaisteil bhuiribh nan cliar,
Tir tha daonnan a cuir thairis,
Le tuil bhainne meala 's fiona.
*Holibh o*, &c.

IV.

Sliochd nan eun fo 'n chaisteal tioram,
'S bho eillein Ionain nan Gallan,
Moch 'us feasgar togar m' iolach,
Seinn gu bileach milis, mealach.
*Holibh o*, &c.

V.

Tha mi do 'n ghur rioghail luachar,
'S math eun f haotainn a nead usal,
Ghineadh mi gun chol gun truailleadh,
Fuidh sgiathaibh Ailein mhic Ruairi.
*Holibh o*, &c.

VI.

Cinne glan gun smùr gun smodan,
Gun smal, gun lua' rua' gun ghroddan,
'S iad gun ghiamh, gun f heall gun sodan,
'S treine am buille an diu na n trodan.
*Holibh o*, &c.

VII.

Cinne rioghail th air am buantachd,
A mire mhearadh na cruaghach,
'S daoimean iad gun spar gun truailleadh,
Nach gabh stur gne smol na rua-mheirg.
*Holibh o*, &c.

VIII.

Cinne mor gun bhosd gun sparan,
Suairce siobhalt gun rapal,
Coimhneil aithnideil ri cairdean,
Fuilteach faobharach ri namhaid.
*Holibh o*, &c.

IX.

Raonallaich nan or chrios tagach,
Nan luireach nan sgiath sna n clogaid,
Theid a sios gu gunnach dagach,
Na fir ghasta shundach chogach.
*Holibh o*, &c.

X.

Sud na h aon daoine tha m aire,
Nach deanadh air plundrainn cromadh,
Dheanadh ann san araich gearradh,
Cinn gan scaradh cuirp ga m pronnadh.
*Holibh o*, &c.

XI.

Madain chetein m bàr gach badain,
Sgoileadh ciuil o ghloic mo ghuibein,
'S aluinn mo thriutraich 's mo ghlagan,
Stailcadh mo dha bhuinn air stuibein.
*Holibh o*, &c.

XII.

Gur a mise cruit nan cnocan,
Seinn mo leadain air gach bachdan,
'S mo chearc fein 'na beus air stocan,
'S glan air glocan air gach stacan.
*Holibh o*, &c.

XIII.

Crith-chiuil air m' ugan ga bogadh,
'S mo chom-tur uile lan beadraidh,
Tein eibhinn am uchd air fadadh,
'S mi air fad gu dannsa air leagail.
*Holibh. o*, &c.

XIV.

Nuair chuirinn geoic air mo ghogan,
Sa thogainn mo shailm air creagan,
'Sann orm fein a bhiodh an frogan,
Ceol ga thogail 's bron ga leagail.
*Holibh o*, &c.

XV.

Eoin bhuchalach bhreac na coille,
Le 'n organaibh ordail mar-ruinn,
'S feadag ghlan am beul gach coilich,
'S binn fead choill air gheugabh baraich.
*Holibh o*, &c.

XVI.

'S mise an t'eunan beag le m fheadan,
Maidinn dhruic 'm bar gach badain,
Sheinneadh na puirt ghrinn gun screadan,
'S ionmhuinn m' fheadan feadh gach lagain.
*Holibh o*, &c.

XVII.

Cuiremid sios eadh ar mionaich,
Tosta nan curraiunean clannach,
Nan colg scaiteach gasta biorach,
'S ro mhor sgil air comhrag lannach.
*Holibh o*, &c.

XVIII.

Bho n tha mi teannadh gu heirir,
Umhlaicheam m' achdair gu cala,
Tosta mhuideart ceann nan Seileach,
'S an t slainte eil' ud Triath nan Garrach.
*Holibh o*, &c.

XIX.

Lion suas an glainne ceudna,
Cuimhnichemid slaint n t Sleibhtich,
Ridir og gasta nach euradh,
Dol le scairt a shrachdadh bheistean.
*Holibh o*, &c.

XX.

Slainte Iarl antrum tosta phriosail,
'S na tha n Eirinn chlannaibh Milidh,
Tha mo sheile bathadh m iota,
Chionn gu bheil mo bheul lan mislein.
*Holibh o*, &c.

XXI.

Greasam gu finid gun stopadh.
Ach cha mhiann leom a bhi bachdach,
Puirt chiuil na smeoraiche dosaich,
Tostam fior sheobhag na Ceapaich.
*Holibh o*, &c.

XXII.

Togamaid slainte nan gleannach,
Fo Chòthan nam bradan earreach,
Bheireadh air bocanaibh pilleadh,
Cha bu ghioragach iad air bealach.
*Holibh o*, &c.

XXIII.

Diolamaid'n tost so barrach,
Deoch slainte nam fiurana glana,
Bho chruachan beann na trom ghailinn,
'S 'o Ghleann-nodha nan sonn fearrail.
*Holibh o*, &c.

XXIV.

Co'n namhaid sin roimh a sheasadh,
'S cruaidh rnisgte na'n duirn gu slaistrich,
Laoich a scathadh cheann 's leasradh,
Na suinn sheasach shundach mhaiseach.

Luineag.

*Holibh o iniag o ilil o,*
*Holibh o iriag o ro thi,*
*Holibh o iriag o ilil o,*
*Smeorach le clann,*
*Ranuil mi.*

IORAM *na truaighe, le* Issachari M'Aula *do* Thighearna Assinn.

I.

Gur i ioram na truaighe,
So tha mise ann san uair so a seinn,
Gur e mheadaich droch shnuagh orm,
Sa lsoghdaich a ghruag bhar mo chinn,
A liuthad scaradh a fhuair mi,
'O 'n la b' aithne dhomh gluasad leam fhin;
Ach si so 'n t aon snithe 's cruaidhe,
Chuir an saoghal air uachdar ri m' linn.

II.

Gur bochd m' ursgeul ri leughadh,
Ge be dheanadh rium eisteachd an tras,
Tha mo chroidh ga reubadh,
Bho 'n la chuala' mi sgeula do bhais,
Gu bheil m' intinn bruite,
Gur tric snithe mo shuilibh gu lar,
Bho 'n la dh fhalaich an uir thu,
Fhir bu fhlathaile gnuis an measg chaich.

III.

Measg chaich bu tu chuideachd,
Air mo laimh cha bu sgrubaire buird,
Aun an tuigse san reusan,
Cha do dhidirich mi fein ort ach cliu,
Ann an ath-truas ri d' dhaoine,
Nuair chidhe tu bao'l ri an cul,
Gur tu b' urainn da n tearnadh,
Fhir bu chumanta bla sealtainn sul.

IV.

Suil bu ghuirme na 'n dearcag,
Fui 'n aghaidh ghlan ghasta dh fhas reidh,
Gruaidh dhearg mar na caorainn,
Slios is gile na faoilionn na speir;

Meoir is grinne ni sgriobhadh,
Litir bhan is glan sgriob 'o d' pheann geur;
Nochd gur tursach tha m' intinn,
Air thus domh bhi g' inse do bheus.

V.

Beus a b ainneamh ri f haotainn,
Measg chlainne na 'n daoin ann san f honn,
Le d' chiall chunbhaltach shocair,
Cha bu leir dhomh aon lochd a bha 'd chom;
S e tholl mo chroidhe gu beachdai,
Gun thu thighin air t ais oirn le fonn,
Ceannairt m' oil agus m' aighir,
Fui na bordabh na laidhe gu trom.

VI.

Bhuainn gu 'n tug iad a nois thu,
Gu la luain mo shuil silteach ga d' chaoidh,
Gur e fuaigheal do chiste,
Cas an cruaidhe 'n robh mise na 'm bi,
Ge bu chruaidh b' f heudar f hulang,
Ochoin mo mhuininn do m' dhith,
Mo cheol m' ol agus m' aighear,
Fui na bordabh na laidhe air uidh.

VII.

Air uidh ann san t seapall,
Tha n ti bu mhor ceist air an daimh,
'Stu nach treigeadh am feasd iad,
Fhad sa dh f haodadh tu 'n teasragainn slan,
'S bochd leam gaoir do dhaoin uaisle,
'S iad mur chaoirich gun bhuachall air blar,
A Righ ghaolaich gabh ti ua's diubh,
Nois 'o thug an t eug 'uath thu gun dail.

VIII.

Dail cha 'n iarainn a nois,
Ach bhi triall chum do lice mo mhiann,
Dol a dh iunsai na cathrach,
Chuir curam na h eallaich so dhiom,

'S beag mo speis dhiot a shaoghail,
  Na 'n creideadh na daoine gur fior,
Tha sior ghiulain a pheacai,
  Choisinn sgiursadh le masladh do Chriost.

IX.

Ach a Chriost ta sa chathair,
  Air deas laimh an athar gu buan,
An diu s'leir dhuit mo dhorran,
  'S mi n deigh cloimhein an dorruis thoirt uam,
Fhir thug maois as an Ephaid,
  Sa sgoilt na clar reidh dha mhuir ruagh,
Fhir a chum mi sa dheilbh mi,
  Si so 'n Ioram a sheinn mi gu truagh.

---

*Au* DUANAG *ullamh le Bard mhic* Illeain *do chailein Iarla* Earraghaidheal.

I.

TRIALFAI mi leam dhuanaig ullamh,
    Gu Riogh Ghaidheal,
Fear aig am bi bailte domhail,
    Sona saibhir.

II.

Triath Earraghaidheal is fearr faicsinn,
    Sa 's modha maitheas,
Cailein Iarla fui' chliù,
    'S e fial 'le flaitheas.

III.

Abhul uasal farsuing freamhach,
    Da 'n cuibhe moladh,
Crann is ùire dh f has roimh thalamh,
    Lan do thoradh.

IV.

Seobhag is uaisle theid sna neulabh,
Crann thair chrannabh,
Mac rath thu chum Dià, gu h ullamh,
Do 'n chliar ealdhain.

V.

Mur leoghan neartmhor neimhneach laidir,
Thu 'n am na trioblaid,
'S beag nach deachai Alb' air udal,
Gus 'n do theasraig.

VI.

An tra thrialfas Cailein Iarla,
Le shluagh bunaidh,
Cuirear leis air fairg 'o chalaimh,
Cabhlach ullamh.

VII.

Loingis leathann, laidir' luchdar,
Dealbhach dionach,
Is sleamhnai slios a dhol san f huaradh,
Dar chruaidh ramhach.

VIII.

Togar an sin an geal chrainn chorrach,
Suas le 'n lonaibh,
'S ioma ball bhiodh teann ga dheanadh,
An am dhoibh seoladh.

IX.

Deantar and stagh direach dualach,
Mun bhraighe toisich,
Togar na siuil mhor le maise,
Le scoid-lin crosach.

X.

Deantar an chluas sa n chich thoisich,
Dhol san f huaradh,
Mar steud ro luath, struth ga sarach',
S muir ga bualadh.

XI.

Liuthad laoch fulangach meanmnach,
    Dorngheal treubhach,
A dh ìmireadh lub aìr a h' àlach,
    Sochdrach seitreach.

XII.

An deagh shluagh lionmhór fui'n lan armachd,
    'O m barcaibh reamhra;
Air adheaslaimh daonnan neart nan guimhneach
    Aig Righ Alba.

XIII.

Le laoich a cheartais nuair a b' eiginn,
    Le cruaidh chogadh,
Bhuithinn sibh buaidh 's tha sibh oirdhearc,
    'S fhuair sibh toiseach.

XIV.

Ni 'n aithne dhomhsa bhur cairdean,
    Ge farsuing m' eolas,
Ach 's ro chinteach leat gu'n eirich,
    Mac Leoid Leoghais.

XV.

Fuil Mhic Intoisich gu h ullamh,
    Feachd mhic Immi',
'S mairg air 'n leagadh ìad 'm buillean,
    'N am lann Iomáirt.

XVI.

Clann Illeain gu laidir lionmhor,
    Bho 'n tìr Mhuilich,
An dream thug buaidh ann sgach bealach,
    Sa b fhearr fuireach.

XVII.

Brollach chlann Domhnuill ort a feathadh,
    Da'n cliù buaidh làrach,
Uaislean Inse-gall gu coimhliont,
    Fir gun fhaillinn.

XVIII.

Fhuair thu sud 'o'n Righ s gu m b' airi,
Bhi t ard cheannart,
Air fearabh Alba bhi t ard bhritheamh,
Nithe sa n anama.

XIX.

Tha thu t ard f hear coimhead agus gleathta,
Air an chrich thall,
Rainig is bhuadhaich thu air naimhdean,
'S f huair thu siochaint.

XX.

Air ard chomhairlich na h Alba,
'S tu'n stiuir uile,
Do cho maith cha d f huaradh an seanachas,
'O linn Uilliam.

XXI.

*Walas* flath na m fear gun choimeas,
Ann measg dhaoine,
Cailein na dheigh sin gun choimeas,
An t Iarl' Aorach.

XXII.

Ge ro mhor t inmh, t ainm is t onair,
'S mo' do ghliocas,
Rinn thu bun steidh na firinn,
Is an cheartais.

XXIII.

Rinneadh leat dlithe cheart,
Do lag 's do laidir,
Beannachd gach aon duin ad chuideachd,
Ghall is Ghaidheal.

XXIV.

An t Athair naomh bhidhuinn da d'ghleathadh,
'Us mac na f irinn,
An spiorad naomh a dhion do naire,
A Righ Lochfine.

XXV.

Ni n d'fhuaras do cho math do dh urrainn,
'S ni mo do fhiarfas,
A cheann na 'm fear bu phailt curam.
Leat a thrialfainn.

---

Smeorach Chlainn Domhnuill, *le* Iain M'Codrum *o* Uist, *chinne* Tuath, *alias*, Iain M'Fhearchair *mhic* Iomhair.

Luinneag.

*Holibh o iriag o ilil o,*
*Holibh o iriag o ro thi,*
*Holibh o iriag o ilil o,*
*Smeorach le clann Domhnuill mi.*

I.

SMEORACH mis air urlar pabhail;
Crubadh ann an duiseal cadail,
Gun treoireachd a theid na s faide;
Truimid mo bhroin thoirleam maigne.
*Holibh o*, &c.

II.

Smeorach mis air mullach beinne,
Gaibhric grein a s speirin soilleir,
Thig mi stolda choir na coille,
Bidhi mi beo air treodas eile.
*Holibh, o*, &c.

III.

Smeorach mis air bhar gach biddein,
Deanadh muirnn ri druic na maidne,
Buala mo chliath ludh air m' fheadan,
Seinn mo chiuil gun smur gun smoddan,
*Holibh o*, &c.

IV.

Ma mholas gach fear a thir fein,
Ciod a rìs nach moladh mis i;
Tir nan curraidh, tir nan cliar;
An tir bhiachar, fhialaidh, mhiosail.
*Holibh o*, &c.

V.

An tir nach caol ri cois na mara,
An tir ghaolach, chaomhach, channach
An tir laoghach, uanach, mheannach,
Tir an arain, bhainneach, mhealach.
*Holibh o*, &c.

VI.

An tir riabhach ghrianach dhaite;
An tir dhianach fhiarach, fhasgach;
An tir lianach *, ghiadhach, lachach,
'N tir 'm bi biadh gun mhiagh air tachdair.
*Holibh o*, &c.

VII.

An tir chroiceach †, eornach, dhaite;
An tir bhuaghach, chluanach, ghartach;
An tir chruachach, sguabach, dhaiseach;
Dlu ri cuan, gun fhuachd ri sneachda.
*Holibh o*, &c.

VIII.

'S i 'n tir sgiamhach tir a mhachair,
Tir nan dithein, miogach, daite;
An tir laireach, oigeach, mhartach,
Tir an aigh gu brach nach glaisear.
*Holibh o*, &c.

IX.

An tir as boiche ta ri fhaicinn;
'M bi fir og an comhdach dreachail;
Pailt na 's leoir le or na machair;
Spreigh air mointich; or air chlachan.
*Holibh o*, &c.

* *Sea-were.* † *Meadow.*

X.

An cloich Chothann mise ruga,
'N aird n h Unnair f huair mi togail:
'M fraodharc a chuain uaibhrich chuislich,
Nan stuagh guanach, cluaineach cluicheach.
*Holibh o*, &c.

XI.

Measg chlann Domhnuill f huair mi m altrum
Buidhinn nan seol, 's nan srol daite,
Nan long luath air chuaintibh farsuing,
Aittim nach ciuin rusgadh glas-lann.
*Holibh o*, &c.

XII.

Na fir eolach, stolta, staideil,
Bha 's an chonstri stroiceach, scaiteach,
Fir gun bhron, gun leon gun airsneal,
Leanadh toir as toir a chasgadh.
*Holibh o*, &c.

XIII.

Buidheann mo ghaoil nach faoin caittein,
Buidheann nach gann greann san ath-stri;
Buidheann santach nam bhi aca,
Rusgadh lann fo shranraich bhratach.
*Holibh o*, &c.

XIV.

Buidheann uallach nuair na caismeachd,
Leanadh ruaig gun luaidh air gealtachd,
Cinn as guaillean cruaidh gan spealtadh,
Eadach ruagh le fuaim ga shrachdadh.
*Holibh o*, &c.

XV.

Bhuighinn rioghail, 's fir-ghlan, allamh,
Bhuighinn gun f hiamh, 's iotadh fal orr,
Bhuighinn gun sgath 'm blar na'n deannal,
Foinnidh, narach laidir fearrail.
*Holibh o*, &c.

XVI.

Bhuighinn mhor sa m por nach troicheil,
Dh' f has gu meamnach, dealbhach toirteil,
Fearrail fo'n airm, 's meirg da nochda,
Ri uchd stoirm nach leanabail coslas.
*Holibh o*, &c.

XVII.

Suighe-mid mu'n bhord, stolda, beachdail,
An t suil san dorn nach ol amach i,
'Slaint' shir Sheumuis dheagh thi'n dachaidh,
Aon mhac De mar sgeith do'd phearsainn.

LUINEAG.

*Holibh o iriag o ilil o,*
*Holibh o iriag o ro thi,*
*Holibh o iriag o ilil o,*
*Smeorach le clann Domhnuill mi.*

---

ORAN *le* Iain Lom *do* mhorair Ghleannagaraidh.

I.

'S e mo chion an t og meamnach,
Bu shar cheannart nan ceudan,
Fhuair thu urram fir Alba,
Le do dhearbh achdf huinn ghleusta,
Mac Muire dhion t annama,
Ann 's gach aon bhall 'n deid u,
'S nan reachadh do mharbhadh,
Gun airceas mhic De leat.

II.

A shar mharcaich nan steud each,
Ur ghleust air dheagh inneal,

Le achdfhuinn mhath streine,
'S da reir sin da stiorap,
Nuair a reachadh tu leim air,
Cha bu reidh dol ad philleadh,
Spainteach ghasta chruaidh gheur ort,
'S bhiodh ratreat mar a shirinn.

III.

Beus do bheusadh a ghlinnich,
Gun ro sinn umad eolach,
Cha ghabhadh tu giorag,
Naile philleadh tu 'n torachd,
Bhiodh an t iubhar ga lubadh,
Marri-f iuidhi chinn storaich,
Air a leigeadh gu h eallabh,
As na taibhidean corcaich.

IV.

Ach Aonghais oig ghlinnich,
Cha n 'eil sinn umad suarach,
Nuair thogadh tu n iomairt,
Bu ghlan do chinneadh ri gluasad,
Gu bheil cuid dhiu' air linne,
'N laimh an innein so suas uainn,
Ceud connsmun guu ghiorag,
Nach pilleadh le fuathas.

V.

Cha n f huil bhodach na phrabair,
Na graisge na tuaiti,
Ach fuil an Iarl Iolaich,
Ata direadh ri d ghruaidhibh,
'S car thu mhili nan cathan,
Thaobh t athar cuig uairean,
Dh' f hag sud cruadal a'd lamhan,
Gus an claidheamh a bhualadh.

VI.

N am biodh maoim air do naimhdean,
Gu'd champ mar bu mhinig.

Gum biodh cuid diu nan luidhe,
  'S gun an lamhan ri 'n slinnein,
'S iad gun chlaiginn gun chluasan,
  Ach an uaircean ri sileadh,
Crathadh an casan o 'n cruachainn,
  Le cruadal a ghlinnich.

VII.

'S mor am muisig san tra so,
  Air mo ghradh do na fearrabh,
Mu n tagradh sin Chroideart,
  A bhi 'm poca mhic Caillein,
'S iuma uisge nach laodha,
  'S nach leigeadh claoidhire thairis,
As an tug u do chasan,
  Gu coiseachd a dhaindeoin.

VIII.

Rud 's mo th orm mar churam,
  Ann san uair so ra eisteachd,
Meud ardain mo chinnidh,
  'S Dia ga m pilleadh gu reite,
Air bhur tighin gu fallain,
  Thugaibh airre dom sgeulsa,
B f hearr dhuibh dithist san amhuinn,
  Na bhi grathun o cheile.

IX.

Aimh-reite chlann Domhnuill,
  Leam 's neo-chonart a bheairt e,
Gun do chuir e orm gruaman,
  Cuig uairrean smi m' chadal,
'S ann a dh' eirich iad comhla,
  Leis a mhor f hear so bh againn,
E fein 's onair shir Seumas,
  A bhi reir an aon aignidh.

X.

Gad tha onair shir Seumais,
  Dhuit fein mar a ta'e,

B ait leom Iarlachd Rì Fionnghail,
  A chluinntin mar b ail leom,
Bheirinn bliadhna dheth 'm shaoghal,
  'S gach ni dh f haodaın a tharsuin,
Chionn do choir a bhi scribhte,
  'O laimh n Righ gun dad faillinn.

XI.

Mar bhithe clipich mo theanga,
  Dheanainn seanachas mu 'n cuairt duit,
Tha do randaichean farsuing,
  A lub thaitneach a chruadail,
Cha neil Rothach no Barrach,
  No gallach no tuathach,
Nach bu dleasa bhi leatsa,
  Nàm caismeachd na h uaire.

XII.

Gur a farsuing do ranndachd,
  Agus teann-sa ri cheil iad,
Gu bheil cuid dhiu gu cliuiteach;
  Mu ruta an Eirin,
'S cuid eile 'n Lochabar,
  Mas a beachdai mo sgeulsa,
'S bu cheud feaird thu iad agad,
  Nam tapadh nan geur lann.

XIII.

Mac Pharlain 's a chinneadh
  Gur leat sin an am t f heuma,
'S clann Donnachaidh a Abhal,
  Ge grathunn o cheil iad,
'S gur leat mac an Aba,
  Le aitim mhor mheadhraich,
'S mac Laomain 's mac Lachlain,
  Nan glass-lanna geura.

XIV.

Co ni taice na tabhachd;
  Na ni sta dhomh air domhun,

Ma nitear leat m' fhagail,
  Tha mi bait'm muir dhomhain,
Cha neil neach dheanadh m' ea-coir,
  No shaltradh ceim ann am ghnothach,
Nach tu b fhurrainn ga reiteach,
  Fheagh 's à dheireadh tu rotham.

XV.

De cha 'n iarrainn mar bharant,
  'N lathair barra na binne,
Ach tighearn og Ghlinnegaràidh,
  Mo charaid glan riomhach,
'S geul 's mo tha mi gearran,
  'S th' orm mar an-shochdair chinnteach,
Gun do shliochd a bhi t' aite,
  Dh fhios an là theid ceann crich ort.

---

## *An* Gille *dubh* Ciar-dhubh.

I.

CHA dirich mi brughach,
  'S cha siubhail mi mointeach,
Dh' fhalbh mo ghuth cinn,
  'S cha seinn mi oran,
Cha chaidill mi uair,
  O luain gu domhnach,
San Gille dubh ciar-dhubh,
  Aig tighin fo 'm uidh.

II.

Struagh nach robh mi,
  San gille dubh ciar-dhubh,
An aodann na beinne,
  Fo shileadh nan siontuin,
An lagan beag fasaich,
  Na 'n aiteigin diamhair,

'S cha ghabhain fear liath,
  'S tu tighin fo'm uidh.

III.

Dh'olainn deoch-slainte,
  A ghille dhuibh chiar-dhuibh,
Dh' uisge dubh an loin,
  Cho deonach 's ga b'f hion e,
Gad tha mi gun storas,
  Tha na leoir teachd ga'm iarruidh,
'S cha ghabh mi fear liath,
  'S tu tighin fo'm uidh.

IV.

B eibhin leomsa coir,
  Air a ghille dhubh chiar-dhubh,
Fhaotainn ra phosadh,
  Nan deonuiche Dia e,
Rachuin leat do'n olaind,
  O choin b'e mo mhiann e,
'S cha ghabh mi fear liath,
  'S tu tighin fo'm uidh.

V.

Briodal beoil thu,
  Gradh na m ban og thu,
Poitear fion thu,
  'S an saoidh nach soradh,
'S thu fearrail fearra-bhuilleach,
  Sealagair air mointich;
'S cha ghabh mi fear liath,
  'S tu tighin fo'm uidh.

VI.

'Sluaineach mo chadal,
  O mhaidin diaciadain,
'S bruaidleineach 'm aigne,
  Mar furtaich thu Dhia orm,
Mi 'n roair air dhroch leabaidh,
  Cha 'n f hada gu 'n liath mi,

San gille dubh ciar-dhubh,
A tighin fo'm uidh.

VII.

Mo ghille dubh boidheach,
Ge gorach le cach thu,
Dheanuinn do phosadh,
Gun deoin mo chairdean,
Shiubhlainn leat fada,
Feadh laganan fasaich,
San gille dubh ciar-dhubh,
A tighin fo'm uidh.

VIII.

Mo ghille dubh laothach,
'S neo raoghain leom t f hagail,
Na'm faicin an cuideachd thu,
Thaoghainn roimh chach thu,
Ge'd f haicinn coig mile,
Air chint gur tu b'f hearr leom,
San gille dubh ciar-dhubh,
A tighin fo'm uidh.

---

ORAN *le* Aonghas *mac mhic* Raonuill *na* Ceapaich.

I.

THUGAS ceist do mhnaoi ghast,
Is glan leachd 's a cul mar n t òr,
Camlubach bar bachlach,
Gruaidh dhaite deud snaite mar nòs,
Suil chorach mar chriostal,
Binneas theud ann m briotal a beoil,
Aghai' sholuis an coimhstri,
Gur aill i na neoinein na n ros.

II.

Tha do mhuineal mar chanach,
  Gu m faicte g iathadh ann glaine do 'n f hion,
Tha t uchd mar a n eala,
  Tur gheala 's a m barabh sios,
Tha do shlios mar thuinn mara,
  Nuair dh eireadh mor ghaillinn nan sion,
Ge do 's dan e ri labhairt,
  Air n' aile bhi marriut mo mhiann.

III.

Cha robh ort cron cumadh,
  Ri t amharc bho d' mhullach gu d' bhonn,
Dh f hàs thu 'd scail roimh n' chruinne,
  Reir naduir chum urram thoirt oirn,
Gheug aingill chiuin thaitneach,
  Ghrinne ghasta bhinn bhlasta guth beoil,
Leis a ghaol th ann mo phearsa,
  Na smuaintich cur as dhomh ni s mo.

IV.

Caite m fachdas duit coimeas,
  Gheug sholuis 's gile na ghrian,
Cha d theid Diana ri faicinn,
  Ann a coltas ri d phearsa mar thrian,
Thaobh geinmneachd cha d theid i,
  Ga coimeas ri geug na glan chiabh,
Air m f hacall 's tu 's ceataich,
  Chunnacas le m leirsinnse riamh.

V.

Tha do choltas ri Bheunus,
  Philocleth cha choimeas ri m run,
Fabhradh ghast mu d leirsinn,
  Cho airise ri feuirnin fo'n driuchd,
Sniarachd fear bheir geill duit,
  Aig feodhas do bheusabh 's do chliu,
Thug ù dhachai le d theomachd,
  Gach aon chleachda bu leir dhoibh sa chuirt.

VI.

Sliasaid ghlan 's math cumadh,
Deas chalpa 's troidh chuimir am broig,
Thugas gaol dhuit o n uraidh,
A dh' f hag mi 'm scaile mar dhuine gun treoir,
Ni bheil i shiol adhmha,
Na chumas aon raidhe mi beo,
Gun an ti tha mi g aireadh,
Fhreasdal orm 's do m shabhal le gloir.

VII.

Ach mu ni thu mo dhiobairt,
Dheas riobhainn le n d rinneadh mo chron,
N deigh mi dhuit striochda,
Fo chis a's mi sinte ga m ghoin,
Bheirinn mionnan a Phibill,
Ge bu leam le ceart scriobha 'n domhan toir,
C uime gu' glaise tu sith rium,
'Snach dianainn ach iobairt do d' thoil.

VIII.

Mas a beag leat mur pheachda,
Miad dubhroin mo phearsain n tus,
'S furasd mis' leat a thaladh,
No' mo chreabhaig a charadh san uir,
Ach s olc an chiall do mhnaoi ghasta,
Da m feadar dol dhachai a nunn,
Nach eil fear a bheir gradh dhi,
Nach leig i am bas do ga chionn

IX.

Air bhruaiche mo leapa,
Chunnacas spailp a mhnaoi sheimh na suidh,
Nach tuig doghruinn mo phearsa,
Ge do dh'f hanainn le pramh am luidh,
Le saigdibhh geur scaiteach,
Sior da n cur trasta am chri,
Cha bheag an tus peachdai,
Mu nitear mo chasgairt le mnaoi,

X.

Dh'fhag thu mise fo mhulad,
'S tric mo shuilean cruinneacha dheoir,
Lagaich solus mo leirsinn,
Chlaoidh mo phearsa le eigeantas mor,
B annsa spailp do mhnaoi mhindearg,
A chumàdh le briodal mi beo,
Bheireadh cail agus lùth's domh,
Gad bhiodh mo shuilean fo scleo.

XI.

C aite an d amhairc i 'n scathan,
Boinne fala thug barr ort fo'n ghrein,
Thaobh gilead a's ailleachd,
Chite faileas do dhealraidh sa n speur,
Ceist a thugas fo 's naird dhùit,
Bidhi e m'aire gus an la thig an t'eug,
'S mu leigeas tu bas mi,
'S mairg fear eile a bheir gradh dhuit am dheigh.

---

ORAN *le* Alastair òg Mac fir Ard-na-bighe,
*Air fonn*, Mairi Nighean Deorsa.

*Deri ral dal deri re de ridil dan,*
*De ridil dan dan.*

I.

GU'M 'b ait liam bhi lamh-riùt,
A Mhairi nighean Deorsa,
Deri ral dal, &c.
Tha gliocas is naire,
Ann Mairi nighean Deorsa;
Deri ral dal, &c.

Guth do chinn 's taitneach linn,
'S ait liam f hein beo ù,
Suairc u le solas,
Tha u caoin ceolmhor,
B' ait le'm chluais,
Caismeachd uait,
'S leat gach buaidh orain,
Gu'm 'b f hearr leam na milltean,
Gu'm bithinn 's tu coirde.

II.

'S mor tha do'm dhùrachd,
Do'd chùl bùi' glan bòidheach,
Deri ral dal, &c.
Gur tlachmhor 's gur mùint u,
Nam rùsgadh a'd sheomar,
Deri ral dal, &c.
'S grinn do mhèur,
'S binn do theud;
'S maith thig beus mor leat,
B' ait leat a'd choir e,
Gabhail miusaig is crònan,
'S glan do chòm,
'Staitneach 't f honn,
Ann sgach pònc eolais,
Gu bheil mi gle chinnteach,
Gu'm bu shìnte leam pog uait.

III.

Nam eir'idh sa mhaduinn.
Bu taitneach leam 't eisdeachd,
Deri ral dal, &c.
Do bheus is do thribill,
Gu sgiobalta gleusda,
Deri ral dal, &c.
Sud iad suas ri do chluais,
S iad gu luath leumnach,

An countar sa'n teanar,
Gu 'm bu shùnntach le cheile iad,
'S iad gun mheang,
'S iad gun srann,
'S iad gun cham gleusaidh,
'S ann leamsa bu chinnteach,
Gach miusaig ga sheinn leat.

IV.

Gur binne leam do chomhra,
Na smeorach na geige,
Deri ral dal, &c.
'S tu dheanadh mo leigheas,
Ga do luidhinn fo chreuchdan,
Deri ral dal, &c.
'Smaith mo bheachd,
Nach bu stàd;
Leam gu ceart ceilli,
'S mi bhi as t' eagais,
Air na puirt eile,
'S mor an tlachd,
Th'air mo rùn,
Nach labhair durd bhreugan,
Gun deanainn leat sùgradh,
Cho muinte sa dh'f headuinn,

V.

Gur ceanalt 's gur grideil,
An ceile th' aig Deors,
Deri ral dal, &c.
Ni n deana si eud ris,
Air sga streup na 'm ban oga,
Deri ral dal, &c.
Chaoin gheal dhònn,
'S caomhail f ònn;
Urlar lòm comhnard,
Cha tuiteadh trom bhron ort,

Togar leat solas,
Teud chaol làg,
Gleusd gun stad,
Meur gu ceart ceolmhor,
Gur binne le'm chluais u,
Na chuach is an smeorach.

VI.

Ge ceanalt a comhra,
'S neimh lodail a curam,
Deri ral dal, &c.
Cha deanadh si iaraidh,
Each no diolaid ga giulan,
Deri ral dal, &c.
Cha luidh fuachd,
Air a snuagh;
Ri la fuar funntail,
Cha chaochail i grunnd ris,
Ge do bhiodh i leith ruisgte,
Tlachd na gniomh,
Mais na fiamh,
'S i gu fior chuirteil,
'S mairg chitheadh i ga seoladh,
N crogan an ùmaidh.

VII.

Thuilleadh air gach suairceas,
Tha buaidh ort 'n comhnaidh,
Deri ral dal, &c.
Ni bheil u cho cosdail,
'S gu'n dochainn u 'm bord aig,
Deri ral dal, &c.
Tha si saor,
Gun bhi daor,
Cha 'n eil gaol prois orra,
'S beag a diol comhduich,
Ga cumail an orda,
Cha 'n eil biadh cha 'n eil deoch,
Theid na corp comhla,

Cho 'n iarradh i liaradh,
Ach sioda agus roiseid.

VIII.

Mu chaidh tu suas,
Thoirt ruaig a Chinntaile,
Deri ral dal, &c.
Bidhi mise sior ghuidheadh,
Thu thighin a'd shlainnte,
Deri ral dal, &c.
Mas dol suas,
Dhuit air chuairt,
Do'n taobh-tuadh n trasa,
'S fada leam ata mi;
Gun chluinntinn uait failte,
Tha mi trom,
Ann mo chom,
'S nach 'eil t f honn lamh rium,
Gu'n d f hag thu mi 'd dheigh,
Gun mheoghail gun danachd.
Deri ral dal, &c.

---

ORAN *a rinneadh do Shir* Eoghan Camron *le* Domhnull Ban bard.

I.

THA mo chiabhan air glasadh,
Tha iad liath o chionn fada,
So i bhliaghna ghreas m acaid,
Dh'f hag seanntai mo leachda,
Gun mo cheannart am thaice,
Leam is bliadhna gach seachduin,
Bho ghluais Iain air aiseag don f hraing uainn,

II.

Gur beag mo chuis aighir,
  Nach olc truagh leibh mo gabhail,
Chaidh an tuadh bhar a samhaich,
  Ceannart gair an t sluagh chatha,
Ga m bu chaisteai an claimhe,
  Craobh bu shine do'n abhul,
An leabai uaigneach na luidhe san teampull.

III.

Tha mo chroidhe na spruthar,
  Tha mo ghruaidhean air dubhadh,
Bho'n f huaradh fath air ar buidheann,
  Aig eas Feilig na 'n siubhal,
Bu mhor an t ainm bh air ur puthar,
  Nuair a nochd am breid buidh ri crann duibh.

IV.

'S mise dh f haodadh a ghraitin,
  Nach robh subhachas saibhir,
Gun robh dubhachas gearr uainn,
  Bu dosgach toiseach an mhairt dhuinn,
San am 'n do shiubhail an t armunn,
  Mar tig iad gun f hardal,
Na leanabh a bhrathar
  Ri cuidich an t alach a th' ann dhuinn.

V.

Leoghunn fuileachdeach euchdach,
  Sunntach flaitheasach eibhinn,
Sar mharcaich nan steud u,
  Blar no carraid cha d'eist u,
Stu gu'n cuireadh bho cheil iad,
  'S nach iaradh 'n reite
Bu leat onair na feinne,
  Dhearbh is chomhdaich u fein ann 's gach ball e.

VI.

Nuair a dh'eireadh do shluagh leat,
  Meinmneach aigeanteach uaibhreach,

Fraochail fuileachdach buaghail,
  Cha bu tilleadh bu dual duit,
Do chinn fine mu'd ghuailibh,
  Cha b'ann le giorag a ghluaist iad,
Dol ann 'n iomairt an f huathais,
  Naile chuirte leat ruaig air do naimhdean.

VII.

Oidhch Ardrainich an toiteil,
  Thilg a ghraisg ort mur spott e,
Bha na tighearnan goirt dheth,
  Trom chreuchdach fo lòtaibh,
Bha Diuc Atholl gu h'olc dhuit,
  Cha robh a chriodh aig a nochdadh,
Gun do ghleidh thu do phosta ga an-toil.

VIII.

Latha sin Shioraimioir,
Latha dosgach a mhioghrais,
  Bha iomad duine fo' mhi-chliu,
Do luchd muintir fo' mhighean,
  Aig tuaileas luchd miruin;
Nach b urrain co strith ribh,
  Nach gabhadh gu dilinn,
Ri linn teachd ad f hianuis,
  Nach biodh iad dilis 's gach am dhuit.

IX.

Co b' urradh ga 't airis,
  Sa 'n aird-niar do na fearabh,
Dh' f hear do staoile 's do chairrium,
  Iad aig iaraidh gu t'f hearunn,
Bha gach namhaid na charaid;
  Fhuair u reite mhic Cailein,
Morair Shurtaigh nan seang-each,
  Cha robh feum doibh bhi d leanailt,
Thug Mac an Toisich toirt th airis le taing dhuit.

X.

S iomad buaidh bh' ort Ri thaogha,
  Dol an lathair an lagha,

Cha bu sgathaire claoghair,
  A chuir cuis air a h' adhairt;
Bhiodh tu dana ann an aghai,
  Bha thu ard ann an fradharc,
'N ceill 'n gliocas san meothair deadh-chainte.

XI.

Chuis bu chruaidh ga leanailt,
  Stu gu 'm fuasgla gach sparrag,
Gu 'm biodh t' uaislean aig baile,
  Bhiodh do thuath ort mar eallaich;
'S beag an curam roimh ainnis,
  Stu mar chulraing ro dhaingnean,
Dol air beula gach barra,
  Cha togtai dhiot ceallag gun challtach.

XII.

'S maith a mharaich thu 'n s aoghal,
  Bha aoidh Dhia agus dhoin' ort,
Cha bu ghliocas dh' fhear 't aobhair,
  Teachd le nithinnibh faoin ort;
Teachd gu n f hios ort cha 'n f haodadh,
  Cha bu shugra do chaonnag,
Bhi ga dusgadh gun aobhar,
  Bu tric fuil agus faoibh air do naimhdean.

XIII.

'S og a dhearbh thu do ghaisgeadh,
  Fhir bu chuimhnich air tapadh,
Rinn thu seasamh gun snasadh,
  Ann an aghaidh gach prasgan,
Bhiodh tusa gach maidinn,
  Gach aon la a cuir as doibh,
Cha leigeadh fiamh dhoibh cead cadal na 'n campa.

XIV.

Nuair thainig ainneart fir shasuinn,
  'N deigh Riogh Tearlach * a ghlacadh,

* *Charles First.*

Sa chuir gu bas ann an aighearr,
  Bha gach Rioghachd air snasadh;
Gheill Albainn le bagradh,
  Liubhairt arm sga n toirt seachad,
Gu n do ghearradh biadh maidne,
  'Sgum bu mhiosail na 'h Abraich sa nam sin.

XV.

Nuair thain' an dlioghach ga aite,
  Oighre a chruin a bh'air Tearlach,
Sa chaidh thu na lathair,
  Rinn thu umhlachd ga ghrasan,
Thoirt do chlaimhe a sgabart,
  Thug e earail ga ghardaibh,
Gun t' airm a ghabhail ad laimh bh'uait,
  Thug e teistneas laidir,
Gu 'n robh u dilis le d phairtibh n'am ain-neart.

XVI.

Sheas thu corr as tri bliaghna,
  Fhuair thu reite agus sith-chaint,
Agus onair 's gu 'm b f hiach thu,
  Bha 'n airm fein aig do lionsgair,
Air gach causair ga'm f iachainn,
  Gun an mianna ga'n iaraidh,
Nuair nach faigheadh cach sgian fo n commanda.

XVII.

Cha robh seanalair aite,
  Fhuair comas air airde,
Ann sa 'n t' seirbheis bu ghna leat,
  Nam fuathais no gabhadh,
No shuidhicheadh lathrach,
  No chruinnicheadh gaidhil,
Nach iaradh th'ar chach thu,
  Naile ghabhadh iad pairt ad thoil chainte.

XVIII.

Stigh an criodha do dhucha,
  Togail bhallacha dubailt,

Cha 'n f hachda dias na aon-duin,
Tigh no sabhal no smuidrich,
Bean no leanabh gan rusgadh,
Mart ga gearradh fo luidhean,
Thu fein mar bhuachaille cuil orra,
Aig mead an eagail sa 'n curam roimh'd cheansgal.

XIX.

S aoidheil onarach buaghail,
An ceill san gliocas san cruadal,
Ann sgach meas mur bu dual duit,
Gun do ghleachdair bhi n uachdar,
N a neach a nochdadh sa nuair sin duit naimhdeas.

XX.

Beairt is measa rinn t uaislean,
'S iad a lathair san uair sin,
'N deigh gach cliu gan 'd f huair thu,
'S gur tu b urra ga m fuasgla,
Aig a bhaile agus uaithe,
Do chorp priosail gun truailleadh,
N'am bhi treabhailt na h' uaighe,
Nach do nochd iad do shuaicheantas teann ort.

---

## ORAN *le te ga* Leannan.

I.

THA mo chadal luaimhneach,
'S an uair so cha n f haigh mi tamh,
Cuimhneach air na h uaislean,
A ghluais air maidinn dimairt,
Oig f hear a chuil dualaich,
'S nan cuachaga troma tla,
Ga'd bhiodh agam buaile,
Stu dh f huasglain a dh f hearabh chaich.

II.

M ulaidh agus m eadail,
  Bu reith leam sealladh do shul,
Mar aitteal na greine,
  'S i a 'g eiridh moch maidinn dhruic,
Do bheul tana gle dhearg,
  Fo n eudann s guirme suil,
'S ge d' bhiodh tu ad leinidh,
  M' eibhneas do na fearabh thu.

III.

Manam is mo run thu,
  Se cuirteir na feile a bh ann,
Cas dhireadh nan stuchd thu,
  Ceum luthar air feagh nam beann,
Mhead sa thug mi dhuidh duit,
  Gu n d f hag e mo shuilean dall,
'S gu n deanainn leat lubadh,
  Gad dhiultinn ri mile gall.

IV.

Am faca sibh nan' cuala sibh,
  Am buachaille chrai' mo chri,
Buachaille nan cuachag,
  Cha b f huadhach leam an la nan oidhch,
Ma se miad do shuaircis,
  Thug uainn thu nach pill thu rist,
Mo bheannachd gach uair dhuit,
  'S thoir buaidh mach s gach aite m bi.

V.

On thainig mi n tir so.
  Air m intinn gun laidh trom sprochd,
A cuimhneacheadh na Dh fhag mi,
  Cha tamh domh m baile na m port,
Oig f hear a chuil shniomhain,
  Beul siohhalt nach labhair lochd,
Ge d bhithinn fo mhighean,
  Gun insinn dhuit e le m thoil.

VI.

'S coma leam'n seann duine,
 Luidheas gu teann air 'n stoc,
Fad na h oidhche geamhraidh,
 Cha tiundaidh 's gum bi na thost,
Luidhidh e gn diblidh,
 Sios na shionadh air n t sop,
Gnn taruing e 'n t sranraich,
 'S gu teandaidh e cul a noig.

VII.

Carson nach labhrainn caoin riut,
 A ghaoil cha cheilinn sud ort,
Seann-duin cha taobh mi,
 Gad dh f haodadh cha n eirich moch,
Gad robh aige caorachd,
 San saoghal bhi ga thoil,
Nuair labhradh e pramhail,
 Bu chraiteach mo chroidhe 'm chorp.

VIII.

M' ulaidh is mo gradh thu,
 Gur raidhe gach oidhch ad dheigh,
Lamh stiuradh a bhata,
 Ga sabhaladh as gach beud,
Poiteir 's tigh thairne thu,
 A phaidheadh measg nan ceud,
Giomanach nan ard bheann,
 Cha slan a bhiodh mac n f heidh.

*Easan ga freagradh.*

IX.

Tha sud air mo nionaig,
 Gruaidh min-dearg 's mala chaol,
Brollach agus ciochan,
 Uchd priosail 's gile taobh,

Gnuis a sheallas siobhalt,
Lion thu mise le d ghaol,
Tha falt mar n'lion ort,
Gur lionar iad thug dhuit gaol.

X.

A ninghin bhui bheil-dearg,
A dhea' bhean nach labhair fuar,
Gur tursach ad dheigh mi,
'S an raoir cha do chaidil uair,
Ma se brigh do sgeula,
Gu n deid u choille nan cuach,
Tha m intinn air eiridh,
'S dh f has m eudann co dubh san gual.

---

ORAN *do dh* Alastair MacColla.

I.

AIR mo dhruim 's mi 's tom fhalaich,
'S beag mo shunt ris a bhannal,
Air an cùntar an t aran mar lòn.

II.

Fhir na gearra-ghruaige duibhi',
Tha mi deurach gad chumhadh,
O'n la reub thu cuan struthach nan ròd.

III.

Cha robh thu ghraidh 's cha bu chuibhi',
A buain bhairneach air rugha,
Sann a bhā thu 's do bhuidheann a g ol.

IV.

An t og aigeantach rioghail,
Chuireadh 'sgairt fo na miltean,
Nair thoigte leis piob as breid sroil.

V.

Gu n eireadh sud leasan,
Fir ur agus fleasgaich,
O na badain-bheag phreas am bi n ceò.

VI.

Leat bu mhiann a bhi agad,
Claimhe cùil a chinn aisnich,
Le faobhar cruaidh sgaiteach geur gorm.

VII.

Cha bu tais 's cha bu tla u,
Macrachd suas roimh n' bhragada,
Air each aigiontach ard nan ceithir brog.

VIII.

Cha bu chlaoghaire truid u,
Dol an aghaidh an trupa,
Ceim air t aghairt nan uchd be do nòs.

IX.

Cha robh cron ort ri aireadh,
Gad a scribht e air paipeir,
Ach mhead sa bha n ardan ad shroin.

X.

Stric mi smuainteach roimh latha,
Nach do dhio'ail u t athair,
Sud a mheadaich droch dhath air mo neoil.

XI.

Am fear liath bha 's an charraig,
Dul iaruinn ma bhallaibh,
Faiceadh Dia gum be m barranta sloigh.

XII.

Ach tha mo mhuingin an Criost,
Gum bi latha ga dhiol sud,
Mu'n teirig do mhiorbhuilean mor.

XIII.

Ach Fhuair mi sgeul o Dhunchanan,
Bhrist leus air mo sheallamh,
Mo chreach leir nach robh Alastair beò.

XIV.

Agus firinn bho n chlarsair,
Tighin air tìr am Port Phadruig,
Cha 'd rinn m' intinn fein failte ra cheol.

XV.

Soil leam scapadh fir Ile,
Agus uiaslean Chintire,
'S cha n f hasa leam diol Raonuill oig.

XVI.

Gu n comhnadh Dia na cinn f headhnai,
Dhalbh am freasdal na gaothaidh,
Air fleasgairt beag caol nan tri seol.

XVII.

San n t Aonghas og glinneach,
A ghabh fogradh thair lingidh,
Struagh gun roiseal da chinneadh ga choir.

XVIII.

Agus mis' o chul gàraidh,
Aig amharc trupa shir Dàidh,
Cha b' iad communn mo graidhse na screoid.

XIX.

A riogh gur h iomad sonn aluinn,
Bha companta braithreil,
Thuit mu scousadh Dhunabhairt gun deò.

XX.

Luchd chaitheadh nan cuantain,
Ri latha ga f huairead,
Gad a dheireadh muir suas ri slait bheoil.

XXI.

Luchd bhualadh nam buillean,
Nuair bu chruaidh air cach fuireach,
Nam biodh uachdarain bhunailteach oirbh.

ORAN Rinneadh *le forsair Choir-an-ti.*

I.

CHA b' e tuchan a chrattain,
So dhuisg mi air madain,
Ach bhi cuimhneach fir chabair na'n croic.

II.

Gu bheil m intinn co deachdair,
Ri fear sgith 's e n deigh astair,
Bhiodh air mhi-gleus gun leaba ga choir.

III.

S' ann air cùl coire chreachain,
So dhiult thu dhomh lasadh,
Air ultaiche cabrach na'n croic.

IV.

Tha corr as ochd bliaghna deug,
Bho'n chaidh sinn n carrabh a cheile,
'S cha d rinn thu riamh ea-coir bu mho.

V.

Bha 'n spor bearnach geur tana,
Am beul snaip air dea' theannadh,
Gad a dhiult thu dhomh aingeal ri h ord.

VI.

Nan 'd tugadh tu aingeal,
Chùirinn cunnart air anam,
Gad a chaillinn ris gearran sa mhod.

VII.

Leig mi ruith chrios m'o bhreachdain,
Gus n do ruisg air mo chasan,
Mun cluinneadh tu tartrach mo bhrog.

VIII.

Bha mi g ealadh mar dh fhaodain,
Dol an aghaidh na gaoithe,
Mun gabha tu sraona ad shroin.

IX.

Sar chuirteir na maise,
Chuir e lub air gu m f haicinn,
Ga m bu dùchas bhi n creach bheinn an f heoir.

X.

Nuair thog u do cheann rium,
Cha robh do thrup aig na Frangaich,
Na chuireadh an deann ud ga d choir.

XI.

Gus 'n cluinn na gu 'n faic mi,
Tuill ur air do dheacaid,
Bithi mi t' iaridh car seachduin na dho.

XII.

Bithi mi gabhail do sgeula,
Gu de n't iùl nan taobh theid thu,
Mhic an f hir gam bi n t eile ro mhor.

XIII.

Mhic an f hir a ni m buirein,
'S gam bi n anail as curaidh,
'S tric a chuir mi do luireach san stop.

XIV.

'S a chuid eile don chuinneadh,
Dhol a cheannach an f hudair,
'S gum bi pairt dheth ga shudhadh rim shroin,

XV.

Bu tu mislein nan uaislean,
'N robh misneach le cruadal,
Air an d' f has na h airm uallach gun spors.

ORAN *do* Alastair Ghlinnegaraidh *le Sileas* Nighean Mhic Raonuill *na* Ceapaich.

I.

ALASTAIR a gleanna garadh,
  Thug thu 'n diu gal air mo shuilean,
'S beag iùnadh mi bhi trom chreuchdach,
  Gur tric ga 'r reubadh as ur sinn,
'S deachdair dhomhsa bhi ga osnaich,
  Meud an dosgaich th'air mo chairdean,
Gur tric an t eug oirn aig gearradh,
  Tagha nan darag as airde.

II.

Chaill sinn ionann agus comhla,
  Sir Domhnull, a mhac, sa bhrathair,
Ciod e 'm feim dhuinn bhi ga ghearan,
  Dh f han Mac Mhic Ailein sa bhlar uainn,
Chaill sinn darag laidir liath-ghlas,
  Bha cunbhail dion air a chairdean,
Capul coille bhar na giusaìch,
  Seobhag sul-ghorm, luthmhor, laidir.

III.

Dh f halbh ceann na ceille 's na comhairl,
  Ann 's gach gnothach am bi curam,
Aghaidh shocair, sholta, thaitneach,
  Croidhe fial farsuinn mun chuinneadh;
Bu tu tagha nan sar ghaisgeach,
  Mo ghuala thaice 's mo dhiubhail,
Smiorail, fearail, foinnidh, treabhach,
  Ceann feachda chaill Seumas Stiubhart.

IV.

Na'm b ionann do chach s do Gholl,
  Nuair dh iomaich an long a mach,

Cha reachadh i rithist air sail,
Gun f hios de'm fath mun d' thain i steach,
Ach nuair chunnaic sibh san trathsin,
Bhi gà 'r fagail air faontraigh,
Bhrist 'ur criodhachan le mulad,
'S leir a bhuil cha robh sibh saogh'lach.

V.

Bu tu'n lasair dhearg da'n losgadh,
'S bu tu sgoilteadh iad gu n sailtibh,
Bu tu guala chuir a chatha,
Bn tu'n laoch gun atha laimh,
Bu tu'm bradan ann san f hior uisg,
Fior-eun as an eunluinn 's airde,
Bu tu'n leoghann thair gach beothach,
'S bu tu damh leathann na craice.

VI.

Bu tu n loch nach faoit a thaomadh,
'S tu tobar faoilidh na slainte,
'S tu beinn Iobhais thair gach aonach,
Bu tu chreag nach f haoite thearnadh,
Bu tu clach mhullaich a chaisteil,
Bu tu leac leathann na fraide,
Bu tu leug lothar nam buaghan,
'S bu tu clach uasal an f hainne.

VII.

Bu tu'n t-iubhar as a choilli,
Bu tu'n darach daingneann laidir,
Bu tu'n cuileann bu tu'n draithin,
Bu tu'n t abhull molach blath mhor,
Cha robh meur annad do'n chriothunn,
Cha robh do dhligheadh ri fearna,
Cha robh do chairdeas ri leamhan,
'S bu tu leannan nam ban aluinn.

VIII.

Bu tu ceile na mnai priosail,
'S oil leom f hein gur dith an tras thu,

Ge d' nach ionann dhomhsa is dhi-se,
'S goirt a f huair mi f hein mo charadh,
H uile bean a bhios gun cheile,
Guidheadh i Mac De na aite,
O 's e 'surrainn di ga comhnadh,
Anns gach leon a chuireas cas orr.
Guidheam do mhac bhi t aite,
'N saibhreas an aitteas sa n curam,
Alastair a gleanna garadh,
Thug thu'n diu gal air mo shuilean.

---

Mac Griogoir *a Ruarudh.*

I.

THA mulad, tha mulad,
Tha mulad ga 'm lionadh,
Tha mulad, bochd truagh orm,
Nach dual damh chaoidh' dhireadh.
Tha mulad, &c.

II.

Mu Mhac Griogoir a Ruarudh,
Ga'm bu dual bhi 'n Gleann-liobhunn.
Mu Mhac Griogoir, &c.

III.

Mu Mhac Griogoir na'm bratach,
Da 'm bu tartarach pioba,
Mu Mhac Griogoir, &c.

IV.

Ga'm bu shuaitheantas giubhas,
Ri bruthach ga dhireadh.
Ga'm bu, &c.

V.

Crann caol ar dheagh lochdradh,
'S ite dhosach an f hir-eoin.
Cran caol, &c.

VI.

Crann caol air dheagh shnaitheadh,
Cuid do dh' aighear mhic Ri e;
Crann caol, &c.

VII.

Ann an laimh dheagh mhic Mhuirich,
Ga chunbhail reidh direach.
Ann an, &c.

VIII.

Ge do bhuail e mi 'm ba-laoch,
Ga m' ghearan cha bhi mi.
Ge do, &c.

IX.

Ge do dhean iad orm ea-coir,
A Ri fein co ni dhioladh?
Ge do, &c.

X.

'S luchd a ghabhail mo leith-sgeil,
Ann san t sheapall so shios uam.
'S luchd a, &c.

XI.

Luchd a sheasamh mo chorach,
'S e mo leon iad bhi dhith orm.
Luchd a, &c.

XII.

Mo chomh-altan geala gaolach,
An leabai chaoil 's an cinn iosal.

XIII.

Ann an leine chaoil anairt,
Gun bhannan gun siod orr.
Ann an, &c.

XIV.

'S nach d' iar sibh ga fuaigheal,
Mnaithean uaisle na tire,
'S nach, &c.

XV.

Ort a bheirinse comhairle,
Na'n gabhadh tu dhiom i.
Ort a, &c.

XVI.

Nuair a theid thu 'n tigh-osda,
Na h ol ann ach aon deoch.
Nnair a, &c.

XVII.

Gabh do dhram ann ad sheasamh,
Is bi freasdlach mu d' dhaoine,
Gabh do, &c.

XVIII.

Na dean diugha mu d' shaothach,
Gabh an ladar no'n taoman.
Gabh an, &c.

XIX.

Dean am faoghar do'n gheamhra,
'S dean an samhra do'n fhaoilteach.
Dean am, &c.

XX.

Dean do leab ann 's na creagaibh,
Is na caidil ach ao-trom.
Dean do, &c.

XXI.

Ge h annamh an fheorag,
Gheabhar seol air a faotainn.
Ge h, &c.

XXII.

Ge h uasal an t seobhag,
'S tric a gabhar le faill i.
Ge h, &c.

*Tha mulad, tha mulad,*
*Tha mulad gam lionadh.*

ORAN *le————ga leannan.*

I.

SI culaidh mo shugraidh,
  Rinn mo dhiultadh san uair so,
Si n og bhean is deise,
  Ghabh mi cead moch diluain dith,
Ach nar miste do phiseach,
  Gad robh mise ann an gruaim riut,
Bidhi mi tamull fo thursa,
  Bho n dhiult thu leam gluasad.

II.

Si n lilli tha boidheach,
  An oigh 's fearr buaidhean,
Stu ur ros a gharaidh,
  As aille cuir snuagh ort,
Cul clannach 's fearr ordagh,
  Fiamh an oir air gach dual dheth,
Aghaidh narach chiuin bhanail,
  Caol mhala gun ghruaman.

III.

Suil chorrach ghorm mhothar,
  Ni na h oig f hir a bhuaireadh,
'S glan t f hior-f huil air lasadh,
  Le maise ann ad ghruaidhean,
Beul 's binne ni manran,
  Fiamh ghaire gach uair ort,
Leam a b ait bhi ga 'd phogadh,
  Na bhi g ol air fion uaibhreach.

IV.

Brollach mingheal mar shneachda,
  Thig o chreachunn nan fuar-bheann,
Corp seang air dheagh chuma,
  Dh f has gu furanach suairce,

Tha do shlios mar an canach,
Na mar eal air na cuaintean,
Calpa cruinn nach iar gartan,
Shiulbhladh faiche gu h uallach,

V.

Strom mo chroidh air a ghuin leat,
Tha mo chuislean deth luaineach,
'S lionmhor buaidh agus maise,
Ruidh bras roimh t fhuil uasal,
Dh fhas thu foinni deas fincalt,
Soithidh siobhalta suairce,
Struagh nach robh mi stu pusta,
Dheanainn sugra ri'm ghruagaich.

VI.

Bheirinn greis leat air thaileasg,
Greis aig caradh do ghruaige,
Greis eile ga d phogadh,
Ann an seomar an uaigneas,
C ait m bheil i san tir so,
Na shineadh ri m' luaidhse,
Ga d a bhiodh iad fo'm raoghainn,
Bu tu thaoghainn da n uaislean.

VII.

Cha n fhacas bean t aogaisg,
'N taobhsa do chruachan,
Gad do tha iad do aireadh,
Se t ailleachd bheir buaidh orr,
Cha mhinisteir sgireachd,
Gan striochda mo ghruagach,
'S mor a bannsa fear leomach,
Chuireadh or ann ad chluasabh.

ORAN *le* Ian Mac Ian Mhic Ailein *do throd nu ban* Eiggeach.

I.

MARABHAISG air no mnathan faobhair,
Nach gleidh an 'n anntlachd,
Tha mo chluasan air fas boghar,
Be gleodhar an cainte,
Nois bho chaidh iad bho riaghailt,
Leigeam srian le n aimhleas,
'S tairnea-mid gu aite diomhair,
Bho mhiothlachd an cainte.

II.

Nuair a thoisich iad ri tuireadh,
Gu n' iomra' air baindeachd,
Thug iad a ghreis sin air umradh,
B' e tulgadh n' aimhleas,
Sann an sin bha sgioba dura,
Nach diultadh an aimhreit,
Bha droch charadh air na curaicean,
Breid nan sturaicean cam orr.

III.

Sann an sin bha m firim farram,
Chiris chairis chainte,
Shaoileadh gach neach san dol seachad,
Gum bu chlach le gleann e,
Bho chaidh iad gu tiopa tapa,
Measg a phrasgain bhantrach,
Geolaich air mnathan na tartrach,
'S droch cleachdadh se dh iunsaich iad.

IV.

Dh iunsaich iad bhi beura scaiteach,
Lasanta le cointinn,

Gun aon te ri tobhairt snasadh,
'S iad san bheairt cho coimhdheis,
Gad do chairich Dia cail dreach,
Caoin air ascaoin theantadh,
Mile marbhaisg air a bhaidein,
Thug an tlachd air anntlachd.

V.

Gha robh crumach cha robh cailleach,
Cha robh bean ga seanntachd,
Cha robh bean uasal na caile,
Air a bhaile na bantrach,
Nach tug a mach na frimir freamair,
Sud an eangach aingealt,
Fallus gach te air a malaidh,
Bu mhaildheach an sealtuinn.

VI.

Nuair a sguir iad do na h iongain,
'Shin iad air na h armabh,
Tharuing te dhiudh cuigeal dhìreach,
'S tapan min geal marachuinn,
Cheart cho caol ris an t sioda,
'S e gu liobhai ballachruinn,
'N deigh a loasgadh ann sa ghriosaich,
Aig ro mhiad na stairirich.

VII.

Nuair chunnaig bean na ceairtle,
Lasair ann san aubhras,
Chaidh doghrainn air bhuirb 's air bhraise,
Air chaise 's air chonntrachd,
'S mor gum b fhearr do neach a seachnadh,
Na a glachdadh san am sin,
Rug i air cuaille mor batta,
'S chrag i ann sa cheann iad.

VIII.

Rinn iad an sin seorsa sith-chaint,
Chiosnaicheadh an ainfheas,

Bha n anail a sios sa nios,
Mur ghearran gniomh an galla-chrann,
'S beag an t iunadh iad bhi sgith,
Nam foghnadh miad an tailmrich,
Sa liughad cul a bh' air dhroch-chireadh,
Le ingnean nam bana chrog.

ORAN *le* Ian Mac Ailein Mhic Iain Mhic Eoghain, *do* Mhac Clucais *nuair a mhuidh e air* Iain *gu cumadh e ceann an amuill suas ris.*

I.

MARRBHAISG air an t saoghal,
'S mairg daoine ga bheil e mar leannan,
Stric leis a bhi daonnan,
Gu blaomanach ulladh carach,
Fear ga n toir e moran,
Do storas do nith 's do dh earras,
Bidhi màl air ga chiunn sin,
Fagai e n cunnart 'n t anam.

II.

Nan tuigeadh tu mo nadur,
Fhir ghraidh cha n'eil thu t airidh,
S coltach pairt ga d 'ghiulan,
Ri stiur f hear gun suil bheachd ro mhath,
Bheir e cothrum dubailt,
Do 'n umaidh gun iul gun aithne,
'S thoir-leam gur h olc an doigh sin,
'S na daoine coir a chumail falamh.

III.

Nam faieacdh tu Mac Lucais,
Cha n f hear sugraidh e mar mo bharail,
Cha robh e riamh cho ghorach,
'S gun n Deanadh e oran no ealdhain,

Gad chumainse le'm bhriarabh,
  Suas sgialachd air tuath danain,
Nuair ghabhadh-mid gu comhnai',
  B f hearr leasan gu mor am bannach.

IV.

Bha mi greis do m' laidhean,
  Mar-ri Iain saibhir na h Earadh,
'N communn na clarsaich,
  Far m biodh luchd dan a teannal,
Gun deanainn f hin is Ruaidhri,
  Duanagan beag do rannabh,
'S gheibhe mid deoch bhrioghar,
  A b ear-leam na mile bannaich.

V.

Bha mi la na stroine,
  Mar ri luchd eolais is ain-eoil,
Nuair chrunnicheadh na gaidhil.
  'S ann doibh sin gheilleadh gach ceannas,
Sir Iain is Sir Domhnull,
  San Coirnileir mor Mac Mhic Ailein,
Fear eile do m luchd iaraidh,
  Alastair liadh Ghlinnegaraidh.

VI.

Nuair chruinnichadh mid ga 'r campa,
  Leir ceann f hineachan meanmnach mearra,
Sin an communn nach treigeadh,
  'S bhiodh flaithineas eibhinn air thalamh,
Gu' m faighinn f hin le m' rabhart,
  Pairt do n bhiodh ann san t searaig,
Is theiredh tusa san uair sin,
  Nach cummadh tu suas ceann an am uil.

VII.

Cha 'n innis mi mo chruadal,
  Mun gluais iad gu 'n deachaidh mi mearachd,
Gur he falbh na 'n uaislean,
  Gu buan ata mi a gearan,

Gu 'n robh mi mar-ri daoine
  Dheanadh faoileachd rium mur charaid,
'S thusa Neill a laochain,
  Ad bhuachaille chaorach aig a bhaile.

---

ORAN *le* Lachunn Mac Illeain *do thigh Chola do* Lachunn *triath Chola, bhathadh*, 1681.

Tune *Wat ye wha I met yestreen.*

I.

MARbhasig air n t saoghal chruaidh,
  Gur laidir buan n carruich e,
Cha n' eil mionaid ann san uair,
  Nach bi e gluasad mearachdach,
Air fheobhas a bhios sa sgeimh,
  Bheir luchd bleid an aire dha,
'S gu' n d' aithnich mis orm fein,
  Gum bu bhreug a ghealluinnean.

II.

A nith sin shaoileas tu bhi 'd laimh,
  Se gun dail gun mhearachd ann,
Sa bhi glaist ann 'n tigh stoir,
  Ge be òr na eallach e,
Na duine masgallach og,
  Do chuir na dhochas barrantas,
Sud e seachad mar an feur,
  Och oin threig mo barail mi.

III.

Tha fear sa chaibeal so shuas,
  Dh fhag mo shnuadh gu malairteach,

Ri bu dhreachar do ghruaidh,
  Nam bhi bualadh chrannainin,*
Bu ghlan do ruthagh is do ghris,
  Ri ol fion an tallachan,
Gheibhinn do chaidreadh 's do run,
  'S gund' f halbhmo mhuirno'n chailleadhthu,

IV.

Cha bhi mi titheachd air do bheus,
  Bho nach gniomhan ballaich iad,
  Cha robh u t asgul air seud,
Thug luchd theud 'an aire dhuit,
Bha u macanta ri mnai,
  Ri aos dana carrantach,
'S gu'm bu chruadalach do lamh,
  Ri bu bhlath ri caraid thu.

V.

Bu mhath laimhsicheadh tu pic,
  Bu cheannart piob is brattach thu,
Bha thu d mharadair air feidh,
  B' f hear le'n eireadh bradain u,
Bha thu 'd mharcaich ann sa chuirt,
  Air each cruigheach aigeantach,
Bha thu 'd sgiobair ri la fuar,
  Gu tric ann sa chuan shasunnach.

VI.

Ni mi do shloinneadh gu foill,
  Cha bhi stro no barachd ann,
Thainig thu bho Lachunn mor,
  Mac Illeoin gum b allail thu;
Do shloinneadh direach ra lorg,
  Gu Sir Eoin mac Aileinse,
San am comhairle na gleois,
  Gun thu bhi beo gu 'm fairich iad.

* *Drums beating.*

VII.

Thainig thu bho shliochd Iain mhoir,
'S bho 'n mhnaoi oig bu bhanala,
An t Iarla sin bh' air an Rut,
Bha thu dlùth ad charaid dha,
Cairdeas Dhomhnuill ghuirm bho 'n tùr,
Chosgadh crùin gu scaireapach,
'S do dh Iain Muideartach na'n ceud,
Gun tug e ceile clannach dhuit.

VIII.

'S car thu Dhughall og nan steud,
A dhiult beum luchd ealanta,
Tha do phairt ri morair Mar.
Thaobh na mna ta 'n ceangal ris;
Seonaid mathair Lachuinn mhoir,
N'ighean mhic Leoid na Hearadh ud,
Bho thainig tusa as a creibh,
Gun cuir e n cleith mhic Cailein thu.

IX.

Mac Leoid san cinneadh gu leir,
Gu n robh geur ga d' ghearansa,
Chaill iad iteach as an sgeith,
Bho'n la threig an anail thu,
O n chaisteal tioram san Aird,
Thoisich do phairt barrantail,
San cairdeas sin druim air dhruim,
Tighin air linn gun charachadh.

X.

Nan tuiteadh tusa ann am blàr,
Na 'n comhrag garbh ri feareigin,
Se mac Ionmhuinn 's mac Neil,
Dheanadh eiridh bhearaideach;
Mac mhic Alastair bho n t Sroin,
Dheanadh torachd ealamh ort,
Bhiodh mac Antoisich sa rann.
A bualadh lann gu farrumach.

XI.

'N ti chruthaich thu bho thus,
  Sa thug dhùinne sealladh dhiot,
Dean sinn umhal ga thoil fein,
  Ann 's gach gleus am bean e rinn,
Oir thig am bas air gach feoil,
  'S theid m' foid chuir thairis air,
'S theid an spiorad dh iunsaidh Dhe,
  O s e fein a cheannaich e.

---

ORAN *le* Andra mac Easbaig Earaghaidheal, *do* Bharabra Filarton, 1698.

I.

UHUGAS gaol nach faillinnich,
  Dho-rioghain nan cuach fainneagach,
Gur boidheach dualach arbhui e,
Mar aiteal dearsadh theud.
  Gur boidheach &c.

II.

  Gruaidh na cruthach naduir dhuit,
Tus ratha 's araidh 'n dealbha sin,
'S gach h aon bhuaidh mar a b f hearr,
Bh air Diana sa chaidh eug,
  'S gach, &c.

III.

  Gu maiseach mingheal tabhachdach,
Ann sgach gnas neo f haillinneach,
Aigni seamh neo ardanach,
Gun f haillinne fo n ghrein.
    Aignigh, &c.

IV.

Sùgach a nam mànrain thu,
Cuirteil mur a b abhaist dhuit,
Smath thig faite gaire dhuit,
Bbo chlaragabh do bheil.
Smath, &c.

V.

Gur mils' a pog na mealannan,
Si 's cinntich gloir gun amaideachd,
Bheir briathra a bèoil sa h analach,
Neach an-shochdrach bho n eug.
Bheir, &c.

VI.

Uchd nach criòn ri thaisbeineadh,
Bheil da chìch cho tlachdmhora,
Ghuin gach croidh gu acaideach,
Fo ghlasabh aice fein.
Ghuin, &c.

VII.

'S caoin fo gun a seang-corpan,
Si 's maoile glun 's calpanna,
Troigh bheag chruinn gun gharaclach,
Nach saltair garbh air feur.
Troigh, &c.

VIII.

Chaidh cliu na te s' a Albuinn uainn,
Air gloinead bèus gun chearbaiche,
Cha d' f han e ann sa Ghearmailte,
Gun dol gu dearbh don Ghreig.
Cha, &c.

IX.

B' f hearr gur mise bhuaidhicheadh,
Fath le'n cuirte cruaidh shnuim ort,
Cha b' f hear gun ágh sa n'uair sin mi,
Na'm huannaichinn thu fein.
Cha, &c.

X.

Ach 's cruaidh'n cas mas suaraiche,
A ghabh mi n'aite truacantachd,
B' f hearr dhomh mar a buannuich mi,
Mi bhi sa n' uaigh a pèin.
B' f hearr, &c.

XI.

Co chuala n'ail na chunnaic e,
Na f huair ad nadur tuineachadh,
Gach uaisle bheireadh urram dhuit
Gu n chruinnich iad ad chrè.
Gach, &c.

XII.

Ge d' b'e do thoilse diulta' rium,
Cha 'n onoir dhomh bhi diubhaltach,
Mo shoraidh le lan durachd,
Bhi t iunnsai le mor speis,
Mo, &c.

ORAN *a rinn* Iain Mac Ailein Mhic Iain Mhic Eoghain *do dhithis nigheana, bha te dhiubh ga mholadh, 's te eile dhiubh ga dhiom-mholadh, agus te aig cuir an geill nach robh faoghlum aige, agus te eile a g rath gun robh rud a b fhearr aige; moran do thuigse naduir.*

*Air fonn*, Fail il o ro, fail il o, fail il o ro, fail il o, fail il o ro, h' ùl il o ro, fail il o ro, fail il o,

I.

O' Nach d fheadadh mo thogbhail suas,
Ach teagasg naduir thoirt dhamh le buaidh,
An te 'ta a gra'tin gu bheil mi trailleil;
Cha neil mi a gra'tin nach faigh i'm fhuath.

II.

'Smor an caochla a rinn i,
Mar do thoiltinich mise an gniomh,
An cailin daonna ga n robh mo shaor-ghradh;
Gu m faic an saoghal mar toil leam i.

III.

Och a dhaoine nach creid sibh uam,
'S mi ag toirt mar aosaid dhuibh 's gach uair,
Nach mu' mo ghaolsa air a chailin shaorsa;
Na sionnach saobhaidh air fuil an uain.

IV.

Gad theireadh cach gu m bu toil-leam u,
'S fad a ghabh sud o' mo run,
Tha mi cho seachantach air 't fhaicin,
Sa tha bradan air a bhurn.

V.

'Nuair bhios cach nan cadal seamh,
Gur tric le m aigni rium a gra,
Nach mu' mo thlachdsa dhol na fasgadh;
Na th' aig an lachaidh a dhol air snamh.

VI.

A chailin mhoghair is moiteil dealbh,
Gad tha do ghruaidh mur an corcan dearg,
Tha mi cho suarach mu'd ghaol a ghruagach;
'S tha catt na luath air luch a shealg.

VII.

A chailin bhaintidh a labhradh ciuin,
Ge fada cam-bhuidh reidh do chul,
Cha 'n eil mo ghealsa air 't uaigneas cainte,
Ach mar tha dall air leirsin sul.

VIII.

Their mi firinn a bhrigh mo sgeoil,
A thaoibh 't uaisle agus suaircis beoil,
Nach bheil mo throm chean ort a dhonn ghaoil,
Ach mar tha drongair air bhi aig ol.

IX.

Bha mo chairdean am barail dhiom,
Gum be do ghradhsa mo namhaid claoidh,
Do phog le failte cha dean i stath dhamh,
Ach mar ni an t slainte do 'n duine thinn.

ORAN *a rinneadh do dh'* Iain Mhac Shir Ruairidh *fear thailliósgair; le* Ruairidh Mac Mhuirich.

I.

A Choinnich cuireamaid le cheile,
Deanamaid furan gu'n eislain,
Ge'nach cluinntear ar 'n eughach:
'S ceart ionann ga'r 'n aobhair:
Thug a ghoinse trom chreachd oirn gu domhail.

II.

Masa companach dhomhs' u,
Druid rium 's cum comhail,
A chor 's gun iomaireadh mid comh-luath;
O'na 's iomagainich bhroin sinn!
Dhomhsa as goirteas gun chongnadh, 's cha sugradh.

III.

An ni tha uait ann sa'n amsa,
Se nuadhaich mo challsa,
Mo thruaigh 's cha ghann e,
An deigh na fhuair mi do dh'ann-laimh
Dh'intrig fuachd an droch gheamhraidh gu h ur orm.

IV.

Dhalbh solas mo latha,
Dhorchaich m' oiche gun aighear,
Cha 'n eil lanntair am rathad,
'S gun mo choinnlean ri m faighin,
Tha luchd m fhaoineachd nan laidhe sa'n uir orr.

V.

Bas an Iain s' mu dheireadh,
Rinn ar leonadh gu soileir,

Sa chùir ar solas an goinne,
Dhuisg e bron an Iain eile,
Dh f hag e dòrt-thromach eirrir * mu m ghiùlan,

VI.

Co chunnaig na chuala,
Sgeul 's trùime sa 's truaighe,
Na' m beum guineach so bhuail oirn,
Rùg air cùmant 's air uaislean ar dùcha.

VII.

Se siol Leoid an siol dochdair,
Siol gun solas gun sochdair,
Siol na broine is na bochdain,
'N siol dorainneach 's goirt a rùg sguirs orr.

VIII.

Se n clàr Sgith † an clàr ro-sgith,
Clàr na diobhail 's na dòsgaich,
Clar gun eibhneas làn osnaich,
'N clàr geur an clàr goirt san clàr tursach.

IX.

Cneidh air chneidh sa chneidh chràiteach,
Na seana chnaimhean ga 'n àrach,
Na 'n ùr chnaimhean 'n dràsta,
Sgriob gach la' gar fasadh,
Gur tric tàthaich a bhais toirt spuill dhinn.

X.

Tha mi aig raitin le ceartas,
Thaobh àbharachd 'm acaid,
Nach fearr e ri chlaistin,
An t'olc craiteach na f haicinn,
'S claon a dh f hag an sean f hacall o thus e.

XI.

Leasaich snidh air mo ghruaidhean,
'M Iain tighearnail duaismhor,

* *The coast.*
† *The Island of Sky*

Cneasda coinnseasach buaghail,
Bhi na laidhe gun ghluasad,
Gradh croidhe sa'n uaigh air a dhùnadh.

XII.

'N inghin Alastair chroidhe,
Rinn do sgarradh mo ruithinn,
Fàth mo ghrùaimein air tighin,
Mo sgeul galach a rithist,
Nach faic mi nar dithist sa'n dùn sibh.

---

ORAN *le* Mairi *nighean* Alastair *ruaidh do dh* Iain Mac Shir Tormaid Mhic Leoid *air faotainn bra thombac uaith.*

LUINNEAG.

*Hi il u il agus o,*
*Hi il o ho ri nan,*
*Hi il u il agus o,*
*Hi il o ho ri nan,*
*Hi il u agus o,*
*Hi il o ho ri nan,*
*Fa lil o hu lil o,*
*Ho ri gheallaidh hi il an.*

I.

GE do theid mi do 'm leabai,
Cha' n e cadal is miannach leam,
Aig ro mhead na tuile,
'S mo mhuilean gu'n iarann air,
Tha mholdair ri pàidhe,
Mur a cailtear am bliadhna mi,
'S feumail domh faighinn,
Ge do ghabhain an iasaid i,
*Hi il h il agus o,* &c.

II.

Tha mo chion air a chlachair,
Rinn 'm aigne a riarachadh,
Fear a bheul mheachair,
Ge tosdach gur briathrach thu,
Gu'm faighinn air 'm f hacall,
Na caisteil gad iarainn iad,
Cheart aindeoin mo stàta,
Gun a chairich sud fiachan orm.
*Hi il u il agus o*, &c.

III.

Ge do thuirt mi riut clachair,
Air 'm f hacall cha b' f hior domh e,
Gur rioghail do shloinneadh,
'S gur soilleir ri iaraidh e,
Leodach ur gàsda,
Foinni beachdail glic fialaidh thu,
Do shliochd na'm fear flathail,
Bu mhaith 'n ceann cliaranaich.
*Hi il u il agus o*, &c.

IV.

Ach mhic ud Shir Tormaid,
Gu 'n soirbhich gach bliadhna dhuit,
Chuir buaidh air do shliochdsa,
Agus piseach air t iarmaide,
Chuid eile chlann t' athar,
'S gach ràdhad a thriallas iad,
Sin is tòradh mo dhurachd,
Dhol an rùn mar bu mhiannach leam.
*Hi il u il agus o*, &c.

V.

Nuair theid thu do'n f hìreach,
'S ro mhaith chinneas a'm fiaghach leat,
Le d lothainn chon ghleusda,
Ann ad dheigh nuair a thriallas tu,

Sin is culiobhair caol cinteach,
  Cruaidh direach gun f hiaradh ann,
Bu tu sealgair na h eilid,
  A choilich sna lia' chirce,
    *Hi ilu il agus o*, &c.

VI.

Tha mo chion air an Ruairidh,
  Gur luaineach mu d sgeula mi,
Fear foinni geal suairc thu,
  Bheil uaisle na peucaige,
Air an d' f has an cùl dualach,
  'S e na chuachagan teud bhuidhe,
Sin is urladh glan suairce,
  Cha bu tuairisgeul breugach e.
    *Hi il u il agus o*, &c.

VII.

Slan iomradh dhuit Iain,
  Gu mo rathail a dheireas duit,
Stu mac an deagh athar,
  Bha maitheasach meadhrachail,
Bha gu furbhailteach daonnachail,
  Faoilteachail deirceachail,
Ceannart air trup u,
  Nam cuirt 's leat feum orra.
    *Hi il u il agus o*,

VIII.

Gur h aluinn an marcaich,
  Air each an glaic diolaid u,
Stu cumail do phearsainn,
  Ann an cleachdadh mar dh' iarrainn duit,
Thigeadh sud ann ad laimhse,
  Lann spainteach ghorm dhias f hada,
Is pathair mhaith phiostal,
  Air chrios na m ball sniamhanach.

Luinneag.

*Hi il u il agus o,*
*Hi il o ho nan,*
*Hi il u il agus o,*
*Hi il o ho ri nan,*
*Hi il u il agus o,*
*Hi il o ho ri nan,*
*Fa lil o ha lil o,*
*Ho ri gheallaidh hi il an.*

---

Laoidh *air a Bhas le* Dughall Mac an Phearsain *ann an Trotairnis.*

I.

'N Cluinn u dhuine bi air 't f haicill,
'S maidin na 'h ais-eiridh dlù dhuit,
Eisd an trompaid 's thoir an aire,
Guth an aingil thig ga 't iunsaidh,

II.

Ge sochdair thu air do leabaidh,
Cuimhnich gur h aithghearr an uine,
'S ma tha curain ort mu t anam,
Greas ort gu h ealadh is dean t urnaigh.

III.

Cha ni n urnaigh ghoirid f hiunnar,
Cuimhnuich a dhuine ni cuis dhuit,
Bheir a'n urnaigh ni dhuit buinig,
Ort gu'n guil thu air do shuilean.

IV.

Cha do chruinnich thu raimh do shalchar,
Do dh or na dh airgiod na dh iuntas,
Na ghabhar an eirig t anama,
Greas ort gu'n dearmad 's dean t urnaigh,

V.

Mu ni thu t urnaigh le creideamh,
Cha neil teagamh dhuit an eisdeachd,
Ruig le durachd an luchd teagaisg,
'S thoir freiteach nach dean thu eacoir.

VI.

Cuimhnuich air do mhoidean baisti,
Gur a fasta iad ga'n geill thu,
'S mur treig thu rathad a pheacai,
Glaisear thu'n ionad na peine.

VII.

Gu ionad na peine sheachnadh,
Bi gu faicleach air do ghiulan;
Cum na fainte is treig Gach cleachda,
Leis an robh m peacadh gad lubadh.

VIII.

Cuimhnich gach bliadhna chaidh seachad,
Gur h aobhar airsneil is tursa,
A bhi smuainteachadh mar thachair,
Thu bhi peacachadh le durachd.

IX.

Ach ge nach striochd thu 'n diu do riaghailt,
Le' d cheann labhara briathrach beulach,
Cha bheag a chuis eagail Dia dhuit,
Nuair thig t f hiachan air do bheuladh.

X.

A h uile ni bha e 'g iaraidh,
Bha thu diulta riamh a dheanadh,
Do chogais a togail fiadhnuis,
Leis gach gniomh a ni droch sgeul ort.

XI.

Ach cliu is moladh gu robh gu fioruidh,
D'ar Dia am bheil iochd gu saibhir,
Nuair nach b urra sinn 's na fiachan,
Gu do 'n thoilich Criost am paidheadh.

XII.

Ach tha ar n anmanna an cunnart,
'S aobhar mulaid dhuinn 'n drasta e,
Gu breitheamhnas bhi ga 'r cuireadh,
Sumanadh a teachd gun dail oirn.

XIII.

Mar tha an soisgeul fein aig teagasg,
'S aobhar eagail ann sgach ait e,
Gun tig breitheamhnas mhic De oirn,
Mar tha e fein aig raithin.

XIV.

'N ti dh fhuiling a chorp a cheusadh,
Sa reubadh le sleagh 's le tairnean,
Sa dhoirt fuil a thaoibh gu frasach,
Gu sinne a thoirt a steach gu Pharthas,

XV.

Thig e le fuathas cho sgreamhail,
'S nach feadar aithris mar dh eireas,
Treigidh muir is tir is talamh,
Dubhaidh a ghealach sna reulta.

XVI.

Dubhaidh a ghrian tha na coinnil,
Gu'u deid teine ris na fleitibh,
'S thig ar slanui' fhear 's na h aingil,
Chumail coinnidh ann 's na speura.

XVII.

Duisgear an sin sluagh na cruinne,
Theid an cruinnachadh le trompaid,
'S laidir cumhachdach an urra,
A bheir iad uile a dh iunsaidh cuntais.

XVIII.

Sa chuireas ri cheile na cuirp sin,
Tha nan dus air falbh 's nan smurach,
Sa chuireas anam ann 's gach coluinn,
Tha air cnamh nan torrabh urach.

XIX.

Liubhraidh an talamh uile,
Corp gach duine fhuair e fein dhiubh,
Is bheir an fhairge cunntas buileach.
As gach duine mar an ceudna.

XX.

Cruinnichidh uisge is gaoth na sgap iad,
Dheth gach carcais fad o cheile,
'S theid an ceangal suas gu doigheil,
Eadar fhuil is fheoil is fheithean.

XXI.

Bheir am breitheamh laidir smachdail,
Fraodharc do gach neach air eacoir,
Peacainibh diomhair gu folluis,
'S gach aon-chron soilleir na'n eudainn.

XXII.

Nuair thig iad air beula barra,
Bidhi an t anam a toirt reusain,
Gu 'n robh an spiorad neimh lochdach,
Nuair a thruaill an corp e cheud uair.

XXIII.

An corp cuir ciont air na suilean,
Gun do lub iad e gu farmad,
'S gur iad a bha deanadh iul da,
Ann 's gach turn an robh e ainmeil.

XXIV.

An t suil a cuir ciont air na lamhan,
A bha deanadh gach gnothach falaichidh,
Gaid sa braid na dh fhaod iad fhaighinn,
Spuille thaighean murt is marbhadh.

XXV.

Na lamhan cuir cionnt air na casan,
A bha air astar falbh gu siubhlach,
'G iaraidh co'throm fad is farsuing,
Air na daoine ceart a spuilleadh.

XXVI.

Dh aindeoin na tha ri 'gh raitin,
Tha 'n drasta na aobhar dhuinne,
Cha deanadh iad sin a mheairle,
Mar a biodh cach ga'n giulan,

XXVII.

'S cha n e na casan bu choireach,
Ach an croidhe foilleil falsa,
Ga chuir a ghaid cuid gach duine,
Ge d' b' ann bhar mullach nam beann e.

XXVIII.

Tha'n saoghal dorcha gun bhi soilleir,
Tha e lan do thoinneadh mealta,
Tha e ' g iaruidh a Dh iunsaidh a bharachd,
Tha e lubach carach sanntach.

XXIX.

Bidhi' Criost air cathair a cheartais,
A dioladh ris gach neach mur bha iad,
Gu h araid bho 'n d' fhuair e masladh,
Sa bha le tailceas ga aicheadh.

XXX.

'S mur a chuala sinn bho thoiseach,
Nuair theid gach olc o 's n aird orr,
Cuirear iad air an laimh thoisgeil,
Aig an nochdar iad ri namhaid,

XXXI.

Gheibh an lamh dheis ordagh gluasaid,
I bhi tarruing suas gu laraich,
S bheirear flaith'neas mar dhuais doibh,
'S cluinntear guth an uain aig radh.

XXXII.

A mhuintir a rinn an ceartas,
Gluaiseadh iad a steach gu Pharthas,
Do 'n rioghachd sin a dhorduich Dia dhoibh,
Far am bi iad gu dilinn sabhailt.

XXXIII.

Sa 'n lamh thoisgeil bho nach fiach i,
Sgiursar iad gu riasladh graineil,
'S mar a bhas-a 'g inse riamh doibh,
Liubhrar le Dia iad do Shatan.

XXXIV.

Is bithi' iad an Ifrin ga 'm pianadh,
Losgadh gach ial is nach cnamh iad,
Sgreadail is diosganaich f hiacla,
Gun solus na soilse na fardach.

XXXV.

Nois builichibh gu diadhaidh.
Am fuigheal tha gun triall gar laithibh,
Gluaisibh ann an solus Chriost,
Cho fada sa ni a ghrian oirbh dearsa.

XXXVI.

Bho n se fein a phaidh 'ur fiachan,
Na diochui'nichibh a chairdeas,
Mu 'n tilg e do dh Ifrin sios sibh,
Beannachd Dhia dhuibh 's tiunndaibh tra ris.

---

ORAN *a rinneadh do dh* Uilliam brathair Mhic Leoid *na* Hearradh.

I.

SORAIDH na dha le durachd uam,
Gu cuirteir deas a cheoil.

II.

Gu guala threin nan luirichean,
'S na m brattach curaidh sroil.

III.

Gu marcaich cursach pilleineach,
Le 'n gluais a 'n cinneadh mor.

IV.
Se an mac so dh fhag an t Alastair,
Glac gheal a mhalairt oir.

V.
'N t Uilliam so chuala sibh,
Air am bheil na buaidhean cor.

VI.
'S tapaidh gasda cruadalach,
T aigni uaibhreach mhor.

VII.
Air an d fhas 'n cul suiomhanach,
Nach brist a chir 's nach leon.

VIII.
Gur fada bachlach dualach,
Tha camalt gruaig an 't seoid.

IX.
Mar tharruing theudean chlarsaichean,
Bui' cleachdach air dhreach oir.

X.
Gruaidh is ro mhaith sioladh,
'M bheil fuil nan rioghraidh mor.

XI.
Tha fuil chlann Riogh Lochlain ann,
Ma 's fior mo thoiseach sgeoil,

XII.
Sa 'n fhuil uasal 'Lea'anach,
Nach traigh mar a bhuinne mhor.

XIII.
Tha do chairdeas dilis,
Ann am Fiunn-leitir nan cleoc.

XIV.
Gur a farsuing fiughantach,
Do phairt ri Dughall og.

XV.
Chaidh a chliu thair dhuchanna,
'S be sud bu duchas dho.

XVI.
Le luchd falbh na h Eirionn,
Ga 'm bi na teudan ceoil.

XVII.
'M fear liath tha an Loch-airceig,
Gur h ait leis thu bhi beo.

XVIII.
'S càraid Mhac Neil Bhàrra ù,
Gun f hear a thoibheum beo.

XIX.
'S carraid do 'n Iarla Ileach thu,
So rinn a miosta mor.

XX.
Mharbhadh riogh fear mhuile leis,
'S cha d'rinn sud bùinig do.

XXI.
'Sguiribh do na cùlagaibh,
Is glachdaibh fiùran og.

XXII.
Mac na craoibhe sasunnaich,
Gu neart-mhor ann na dhorn.

XXIII.
Na bhuantagh 's na bharranta,
Nach tarruing duin' tha beo.

XXIV.
'M bheil maise agus riomha,
Sa dhears mar ghris an rois.

XXV.
Beithe direach earr na shionadh,
Ceir is sioda gorm.

XXVI.
Bàr fiodha dòsrach gun chron lochdraidh,
Sreang le 'm prosnadh toir.

XXVII.
Cuiliobhair spainteach cinteach dha sud,
Thilgeadh grainn 'm feol.

XXVIII.

Bho bhois luthair ri còsg fudair,
Dh aimiseadh suil an eoin.

---

ORAN *do'n* Ollamh Shasganach, *le* duine uasál araidh *Air fonn*, Alastair dubh a Gleanngaradh.

I.

AN * t ollamh thainig a' Sasgan,
'N coinneadh ri masladh thoirt do dh' Alba;
Ge d' f huair e suairceas da chleachdadh
Na asdar air feadh na'n garbh-chrioch;
Cha luaithe ràinig e dha-chaidh
Gu garaidh altrum an t sean-bhruic;
Na rug an truileach an asaid,
Do bhreugan as-caoin 's do shalachar.

II.

Ach 's è 'n donas fein a spor thu,
Thug an toil dhuit gun a chàileachd;
Ba chomhartaich dhuit ris a ghealaich,
Bhi tabhunn ri Clannabh na'n Gaidheal:
'S olc a thnu nach tug an aire
Ma'n robh thu cho labhara, dhàna;
Nach é 'n cu is cruaidhe dealann,
Is doimhne a ghearras a nàmhaid.

III.

'S dearbha nach fiach leam it' isleir,
A spioladh na tharuing a balg dhuit,
'S math a dh' f hoghnas leam a gheadhach †
Shliom, ghlas, laghach, ga' d' mharbhadh:

* *A Doctor.*
† *A goose quill.*

Ceapog bhog chaltain gun chorran,
  Gun ghuin, gun oirin, gun chalg orr,
A lotas do theanga 's do cholunn;
  Chomh bog ri toran a mhealgan.

IV.

Cha 'n'eil mi creidsinn ga rìreadh,
  Gur Iaineach friamh na beiste,
'S ann a f huaradh e le mhàthair
  Ri coigrich le nadur *Venus*,
Balach gun mhogh, lomlan miosguinn,
  Traill neo-mheasail air fein e
'S tusa an f heoil a chuaidh a dholaidh;
  A dhubail boladh air breinead.

V.

Ach cha 'n eil coille gun a crionach,
  'S bithidh clamh-eoin lionar sna seocabh
'S anndh ri f haotainn magh cruineachd,
  Gun bhuilgeir ann gun f hotas,
Tha coi-measg re f haighinn gu minig,
  Ann sna * geinichin is boiche,
S cha 'n iunadh thusa bhi ad thrustar,
  A'd thàir, 's ad ghusgull do d' sheòrsa.

VI.

Gur tu an losgunn shleamhain tar-bhuidh,
  'S tu màigein tairgneach na'n digean,
Gur tu dearc-luachrach a chàthair,
  Ri snàg 's ri magaran milteach,
'S tu bratag sgreataidh an f hàsaich,
  'S tu 'n t sheilcheag ghranda bhog litheach,
S tu 'n cartan nach f hurasta thàruing,
  'Uait na thàras tu na 'd ingnin.

VII.

Gur tu 'n sgonnach gollach, sgallach,
  'S tu tramasgal salach gach fas-phoir,

* i. e. *geineamhuinnin.*

'S tu soplach a's moll na fasgnaig,
Ann àn siol reachdar a chàthadh,
'S tu tom-odhar an tombaca,
Gur tu stad feachda o bhlarabh,
Gur tu croman-luch' na h ealtainn,
'S tu nois mir-cagnaidh nam Bàrdan.

VIII.

Gur tu fuidheagan an aodaich,
Gur tu cno-chaoch an f hir t hàsag,
'S tu a' madadh-allaidh air chonf hadh
Gur tu meas toirmisgt' a ghàraidh.
'S mor tha do bheusan a bhalaich,
A bhruid air carnadh ad-nàdur,
Cha 'n iunadh ge d' tha u sgreamhail,
'S an f hail ann san san deachaidh t àrach.

IX.

Cha ba tu'n dreathunn na'n cuileann,
Na n t iubhar fulangach làidir
Cha 'n eil mir annad do'n darach,
No do sheileach dearg na'm blàran,
Tha chuid is mo dhiot do chrithionn,
Ingin sgithich 's lamhan fearna,
Tha do cheann gu leir do leamhan.
Gu h araidh do theanga 's do chàirein.

X.

Ceann puinnsein a chinnich na f hasaich,
Do'n * f hailbhe 's do'n àileadh lom lan,
Gann urad † maighdeige traghad,
Do dh' eanachainn nàdur ad throm cheann,
Cha n iunadh ge d' thigeadh toth gràineil,
O dheudach bearnach do ronnachraois,
'S do chom gun chroidhe gun ainean,
Ach urad maileid do dhomlas.

* *Emptiness.*

† *A very small kind of Wilk without any meat in it.*

XI.

A measg na'n iasg s tu'n dallag mhurlaich,
A bhiast mhugach sin Mac Lamhaich,
'S tu'n t isein a' meadhan na breine,
Am brochd sa shron na cheir tri raidhean
A mhial chaorach dha'n ainm an seillein,
Salach an spreidh tha dhuit cairdeach,
'S mar bhithe nach toigh leam ainm eisge,
Gun duraichdinn fein do sgrailleadh.

XII.

Ach ni mi nois a bhrigh do sgornail.
Glomhar ad bheul mor a sparadh,
Nach deilich riut fhad 's a's beo thu,
Gach aon deireadh lo ga theannadh,
Bharachd air na gheibh thu do riasladh,
Air * ballan stiallach ga d' spannadh,
B' fhearr dhuit nach beirte bho thos u,
Ach ad mharbh laogh bo gun anam.

---

* *A kind of pillory anciently used in the Highlands, for punishing all liars and despicable offenders: It was a sort of frame erected on a pillar, on which the offender was fastened with a rope about his oxters, by which he hung exposed to the scoffs and ridicule of the spectators, who pelted him with rotten eggs, &c.*

ORAN *le fear* Ardnabidh, *do* dh Alastair Mac Dhomhnuill.

I.

A Cheud diluain do 'n bhlia'na so,
Gur riaraichte bha m intinn deth,
'N ti mu 'n robh mi iargaineach,
Bha iartais ro chinnteach dha,
Do shlainte bhi gun deireas,
Bho 'n la dheilich mi san tir-sa riut,
An deigh gach cuis a bhuadhachadh,
Do m' cluasabh 's duais ro f hirinneach.

II.

'S mi thoilicheadh bhi soilleir ann,
Ge doilleir libh tus m' intrigidh,
Gur neoneach lium mar cualadh sibh,
Co chnuasaich buaidh gach piobaireachd,
Gun n hol e cheart cho inealt i,
'S gur fileachd uile dh inse dhuibh,
Le prosnachadh an cuideachda,
'S fear tubaist nach biodh intinneach.

III.

Bu leannan prois do mhoraig thu,
'S bu sholasach an ceile i,
'S ge nach robh e ordaichte,
Bu deonach leis gu'n geilleadh i,
Ach nuair thuig e a caileachdainn,
'S gum b'aobhar grain do cheudabh i,
Gun thiuntaidh e gu fuathach ri,
Ge be chual' a duais 's neo eibhinn e.

IV.

Na n riaraicheadh mo smaointin mi,
Sa naonar a chomh-gheilleachdainn,

Gur mise bhiodh aontachail,
  Air daonnan a bhi g eisteachd riut;
Bho 'n 's riaghailt do gach ughdair thu,
  Sgur tu iuchair chiuil nan teudf heara,
Gu n tug thu bar air Homar,
  Ge d' b' e ard f hear ceol na Greige e.

V.

Gur lionmhor fear le solas,
  Bhios do chaint air bhord na mhanran doibh,
Bithi' Ulliam grinn air thos aca,
  Am por le gloir ro ardanach;
Sa nuair thig na fineachan
  'N tus giorag, 's pilleadh namhaid iad,
Gun dearmud air na bodaiche,
  'S fior shoganach ri naistinn iad.

VI.

Ca n' eil bard na filidh,
  Fear iùngnaidh, na luchd sgeulachdan,
Leis nach miann bhi 'd chuideachdsa,
  'S do shusbaint bhi ga eisteachd leo,
Am foghlum 'us am fiosrachadh,
  An ard thuigse tha thu eufachdach,
'Stu Righ nan laoidh snan orana,
  Leam fein gur bosd gu 'n d' eigheadh sud.

VII.

Nuair thig an teachdaire,
  Gur neimh sheachantach air saradh e;
S iomad fear bhios dubhach,
  Gur neimh shubhach leis na cairdean e,
Cha chuala riamh do dheanadas,
  A breugnacha mo ghraitinnse,
Na *miusas* bithi' gu galach,
  Nuair ni Alastair am fagailsean.

VIII.

Cha n'eil sruthan, alt no aimhnaichhean,
  Srath, no gleann, no reulannabh,

Nach bi gu bronach tursanach,
  Le durdail mhuchtai eisleineach,
'N eunlai bithi' gu craiteach dheth,
  Cha chluintear ard san cheitein iad,
Gach luibh tha 'n coill na 'n gàrainean.
  Am blath san cail air geilleachdainn.

IX.

Am bradan leis 'm bu taîtneach,
  Tighin gu grad gun stad do n t saile sin,
Gun do threig a shnag is astar e,
  Gur h airsnealach a shnamhas e;
Gun d' f has e ceart co truime
  Ceapadh chuileag aluinne,
Gu 'n tug e grund na tuinne air,
  Le tursa dhuilich phramhanach.

X.

'S beag iungnadh sud a dh eiridh dhoibh,
  'S nach leir dhomh fui' na duilinse,
Aon ti cho' cheart gu leughadh dhuínn,
  Gach ceutfaidh a dh eigheadh cliutach orra;
Cha dean mi tuille inse duibh,
  'S fearr seanchas Ault-an t siùcair air,
'M fad bhios muir a lionadh,
  Cha deid diochuimhn air na thuradh leat.

XI.

An t soraidh so gun bhlaisbheum,
  Bho d' dhault ga t f haicinn sabhailte;
Mo leithsgeulsa bhi gaibhte,
  'O nach snasar beachd na bardachd so;
Se sud a dh f hag cho leanaibidh mi,
  'S mo sheanachas dobh chaileachdainn;
Ach an toil bhi n aite ghniomh,
  Cupa lionta dhiol do shlaintise.

## IORAM.

I.

THA sgriob dibhe orm na 's leoir,
'S i tighin gu foil,
Ghaoil cha chuirinn an stoip ri cheannach i.

II.

Tha sgriob do phoige na deigh,
'S i ri tighin gu reidh,
Shaoil mi ghraidh nach robh breug ad ghealladh dhòmh.

III.

Ge do theireadh cach rium
Nach bu leannan domh thu,
Luaidh cha d fhuair mi do shugradh aineolach.

IV.

Chunnacás bruadar an raoir,
Thu bhi sinte ri m thaobh,
Chum sud tamull du n oidhch' am chairis mi.

V.

Sann air rudha Tigh-làir,
Ghabh mi ceid dhiot diamairt,
Bhuail mi mulad 's cha b aill leam aithneachadh.

VI.

Suil gan tug mise 'uam,
As do dheigh 's tu sa chuan,
Lion mulad bochd truagh 's droch bharail mi.

VII.

Mhic ud Eachuinn nan srol,
Tha thu d' sgiobair leam og,
Ge d' tha misneach is mor'ail chean' ionnad.

VIII.

Bhiodh aig t athair 's bu dual,
Sgiob a chaitheadh a chuain,
Nuair a dh'eireadh i suas na marranamh.

IX.

Mu sann le ardan clann Neil,
Dh f halbh thu m freasdal nan ramh,
Mac Mhuire a chuir sabhaìlt calamh ort.

X.

Nuair theid thu air stiuir,
Na leig claonadh ad shuil,
Eagal aomaidh a ghaoil ghil thairis di.

XI.

'S nuair a chi u muir mhor,
Si tighin le croic,
Feach an 'iar thu ga coir lc leannanachd.

XII.

Smath thig cota nan eang,
Air a chumadh ort teann,
Fhir nach d'f hoghlum sgraing ach ceanaltachd,

XIII.

Ach na 'm bithinn sa bhuth,
Sna h airm ann a b f hiu,
Dheanainn raogha gun diù a cheannach dhuit.

XIV.

Sar chlaimhe math geur,
'S gunna snaip air dheagh ghleus,
'S i f hreasdladh gu t f heum air bhealaichean.

XV.

Ach mu tha sibh nar deis,
Ann an Glascho gu tinn,
Ri gu n cluineam deagh sgeul bhi fallain oirbh.

XVI.

Measg chlanna nan gall,
Far nach tuig iad 'ur caint,
'S nach h idir neach ann 'ur nan-shochdair.

ORAN *le* Iain *lom do Shir* Domhnull Shleite

I.

'S CIAN 's gur fad tha mi 'm thamh,
'S trom leam 'm aigne fo phramh,
Snach cadal dhomh seimh 's tim eiridh.

II.

Luidh an aois orm gach uair,
Dreach an aog air mo ghruaidh,
'S rinn e fèudail bhochd thruagh dha fein diom.

III.

Tha liùnn dùbh orm gach la,
'S e ga m thaoghal a ghna,
Air mo chuise cha rà-sgeul bhreug e.

IV.

Tha gach urra dol diom,
Bho'm faighinn furan le miagh,
Coig ùrrad sa b' f hiach mi dh eirig.

V.

Chaill mi armuinn mo stuic,
Mo sgiath laidir 's mo phruip,
Iad ri aiteach 'n t sluic is feur orra.

VI.

Fàth mo mhire 's mo cholg,
Thaobh gach iomairt so dhalbh,
Luath's 'ur 'n iomachd air lòrg a cheile.

VII.

Mhùch mo mheaghail 's mo mheas,
Na daoil bhi claoghach 'ur slios,
Chaidh mo raoghainn fui lìc do leugaibh.

VIII.

Bhuail an t earrach orm spott,
'S trom a dh airich mi lott,
Chuir e n lùghad mo thoirt 's beag m' f heum air.

IX.

Bas Shir Domhnuill bho 'n chaol,
Chuir mo chomhnaidh 'o sgaoil,
Dh f hàg mi 'm aonar sa 'n aois ga 'm l'athadh.

X.

Sann riut a labhruinn mo mhiann
Gu dana ladarna dian,
Ge do bhithinn da thrian sa 'n eacoir.

XI.

Tha iomad smuainte bochd truagh,
Tiachd air 'm aire s gach uair,
Bho 'n la chaochail air snuagh fir t eugaisg.

XII.

Leoghunn fireachail ard,
Muinte spioradail garg,
Umhall iriosal feardha treubhach.

XIII.

Leug na 'n arm is na 'n each,
Reumail airceil gun airc,
Dh eug u 'n Armadail ghlas nan deideag.

XIV.

Bha do chinneadh fo phramh,
Do thuath 's go phaidherean mail,
Uaislin t f hearuinn sgach lan f hear feusaig.

XV.

Bha mnai bheul dearg gheala bhruit,
Ri càll 'n ceille sa 'm fuilt,
Cach aig eideadh do chuirp air deile.

XVI.

Moch sa mhaduinn diardaoin,
Thog iad tàsgaidh mo ghaoil,
'N deigh a phasgadh gu caol sna leintean.

XVII.

'N ciste ghiubhais na 'm bord,
'N truaill chumhainn na 's leoir,
'N deigh a dubhadh fo an t srol air speicean.

XVIII.

Gu eaglais Shleite nan stuadh,
Chost thu fein ra cuir suas,
Ge d' nach d f huirich thu buan ri sclèatadh.

XIX.

Dh f halbh na spealpan a nunn,
Bha fial farsuing nan grund,
Cha b' iad na fachaich gun rùm gun leud iad.

XX.

Domhnull gorm bu ghlan gnuis,
Fear bu mhine do'n triur,
Cha bu chorraicheann thu 'n cuirt Ri Searlas.

XXI.

Chunnaic mis u air an tri'ar,
'S cha bu ghna leat bhi crion,
'S gum bu nollaig le fion do reithlein.

XXII.

Cha bu bhola pathaidh do mhiann
'N am dhoibh falbh ūait gu dian,
Chois na traghad gun lionta-reidh leat.

XXIII.

Do dh uisgebeatha 's do bheoir,
'S iad a gabhail na 's leoir,
Mur a thoilicheadh beoil gu eabhachd.

XXIV.

Mu bhord gun tioma guu ghruaim,
Le ol le iomairt 's le sluaigh,
'S ceol bu bhinne na chuach 's a cheitein.

XXV.

Fhuair thu deannal na dho,
Dh f hag do phannal fo bhron,
Gum bu ghearran a leon mu 'n eigheadh.

XXVI.

Air Raon Ruaidhri nan strachd,
Far na bhuadhaich thu blar,
Chaill thu t uaislean s' t armuinn ghleusta.

XXVII.

Air an talamh chrion chruaidh,
Nach falaicheadh gearrag a cluas,
Fhuair sibh deannal na luaithe leatha.

XXVIII.

Bu neimh chraoibhidh na seoid,
Fhuair sa chaonnaig an leon,
B' ann diu Raonul 's Eoin is Seumas.

XXIX.

Cha dean mi run ach gu foil,
Do n' al ur 's th air teachd oirn,
Bho nach duisgear le ceol Sir Seumas.

XXX.

Dh f halbh u fein 's do cheud mhac,
Mo la geur sibh gun neart,
'S fada bho cheile fo cheapabh reisg sibh.

XXXI.

'S blàth an leab' air 'ur ceann,
Seach daormain thaisgeadh na suinn,
Sibh bu scapach air buinn le feileadh.

XXXII.

Thuirt mi'n urad ud ribh,
Tha mi m' urainn ga dhiol,
Slan ar muineil gum pill sibh breug orm.

*Do dh* Inghean *fir thir na Dris, le* Mac *fir* Dhail'neas.

I.

THA mise so 'm laidhe,
'N leabaidh chumhainn chaoil chlaraidh,
Tha mò cheann air a lionadh,
Le fiabhras mio-nadur,
Cha 'n fhuachd is cha teas dhomh,
Cha neil fios ciod is cradh dhomh,
'S ann tha toiseach mo ghalair,
Mu m' sgamhan 's mu m' airnean.

II.

Beir mo shoraidhse thairis,
Do m' leannan do n bhraidhe,
'S nuair chluinneas i n aithris,
Cha mhaith le mar tha mi,
Mi gun sugradh gun aiteas,
'S gur e chleachd mi bhi 'g abhachd,
'S e cumha do phoige,
A leon thun a bhais mi.

III.

Geb u shochdair mo leaba,
Cha do chaidil mi 'n raoir,
'S nach d fhuaras tu agam,
Ann an taice ri m' thaobh,
'N am dhomh dusga sa mhaduinn,
Bha thu fada 'o m' ghlaodh,
'S mor a b' fheairde mi agam,
Aon aiteal do m' ghaol.

IV.

Cha n è ro-mhiad do nithe,
Tha mise aig iargain,

Ach mi m' laidhe so m' aonar,
Ri smaontinean diamhain,
Gheibhinn bean ann 's an tir so,
'G a bheil ni 'do shiol Diarmaid,
'S aig na thug mi do ghradh dhuit,
Ga m bi dail aice am bliadhna.

V.

Tha mise fuidh sprochd,
A ghaoil o thoiseach mo cheist ort,
'S deir gach aon neach do m' sheorsa,
Nach bu ghoraiche bheag sin,
Mar gabh laigse na feola,
'S an oige mo leithsgeul,
Gur tri nith thig gun iaraidh,
Gaol, iad agus eagal.

VI.

Gur mise th'air mo leonadh,
Mu mhnaoi oig a chuil duinn,
'S tu dheanadh mi slan,
Ge do tha mi gu tinn,
Tha do ghruaidh mar na caorainn,
Do shlios mar f haoilinn air tuinn,
'Se bhi sealltuinn a' t aodunn,
A b' aobhaiche leom.

VII.

'S truagh nach robh mi 's mo leannan,
Ann sa ghleannan an uaigneas,
No sa bhadan bheag choille,
Far an goireadh na cuachabh,
Thu sinte ann m' bhreacan,
Dluth paisgt ann m' shuanaich,
Gu m faighinn le deon,
A ghaoil do phog is cha b' f huathach.

VIII.

Gur diom-buitheach mi 't athair,
Da luchd taighe 's do d chairdean.

Le an litrichibh brèige,
  Mar a threig iad do ghradh orm;
Bha 'n dream dheth 'n robh sinne,
  Lan toil agus ardain,
'S e ar cumail o cheile,
  Dh fhag fuidh eislein gu brath mi.

---

*Am freagradh.*

I.

GE do chuaidh mo phosadh,
  Cha bu deonach mi fèin air,
Nuair dh' amhairc mi 'm dheighidh,
  'S e mo raoghuinn a threig mi,
Og ùr a chuil ghasta,
  Bu tu mo thaitneachduinn ceile,
'S truagh a ghaoil gun mi mar-riut,
  Fuidh sparadh na deile.

II.

Ge d' thig fear mo thaighe,
  Dha-thighe cha dean mi ris fàilte,
Cha dean mi ris cridhealas,
  Bruithinn no gaire,
Tha e nochd sa cheann iosal,
  Fear nach do dhireadh air faillinn,
Dh fhag sud mise fuidh eislein,
  Fad mo rè is mo laithean.

III.

Tha mo chion do 'n fhleasgach,
  Dhonn leadanach bhoidheach,
Do n fhine nach striochda,
  Do fhion-fhuil chlann Domhnuill,
'S ann a ghabb mi mo chead diot,
  Aig an Eaglais Diadomhnaich,

'S ge nach d' fhaod mi bhi caint riut,
Bha shant na bu leoir orm.

IV.

Gur a truagh nach robh mise,
Gun fhios air do chulthaobh,
'N am togbhail na lice,
Agus briste na h urach,
Cha n iaruinn do chiste,
Ach 'mo shlios a bhi dluth riut,
Sgeul a sgath as mo cheudfaidh,
'S ann do n eug thug thu cuntas.

---

ORAN a Gheamhraidh.

Tune, *Tweed side.*

I.

THaruing grian righ na'm planad 's nan reull',
Gu sign chancer diaceadaoin go beachd,
A riaghlas comhthrom ma 'n criochnaich e thriall,
Da-mhios-deug na bliaghna ma seach;
Ach gur h e an darra, Diasathurn na dheigh,
A ghrianstad-shamhraidh, aondeug, an la's faid;
'S an sin tiuntaidh e chursa gu seamh,
Go ses-ghrian a gheamhraidh gun stad.

II.

'S o dh' imich e 'nois uainn mancuairt,
Gu 'm bi fuachd oirn go 'm pill e air ais,
Bi'd gach aon la dol an giorrad gu feim,
'S gach oiche da reir dol am fad:
Struithidh luibhean, is coill, agus feur,
Na fais-bheo crion-euguidh iad as:
Teichidh snodhach gu friobhach na 'n crann,
Suighfidh glaoghain an suigh-bheatha a steach.

III.

Seachdaidh geugan glan cubhrai na'n crann,
  Bha 's an t samhradh trom-straichte le meas,
Gu 'n toirleim an toradh gu lar,
  Gu 'n sgriosar am bar bhar gach lios.
Guilidh feadain is creachain na'm beann,
  Srtuthain chriostail na'n gleann le trom sprochd,
Caoi' na fuarain ri meacuinn gu'n cluinn:
  Deoch-shunta nam maoiseach 's na 'm boc'.

IV.

Luidhidh bron air an talamh gu leir,
  Gu 'n aognaich na sleibhte 's na cnoic,
Grad dubhaidh caoin-uachdar na 'm blar,
  Fal-ruisgte, 's iad faillinneach bochd.
Na h eoin bhuchullach bhreac-iteach, ghrinn,
  Sheinneadh baisgeanta, binn, am barr dhos,
Gu 'n teid a ghlas-ghoib ar am beul,
  Gun bhodha, gun teud, is iad nan tost.

V.

Sguiridh buirdeisich sgiathach na speir,
  D' an ceileiribh grianach car treis,
Cha seinn iad a maighdinne' gu h ard,
  Na feasgairean-crabhach 's an phreas:
Cadal cluthor gu'n dean anns gach cos,
  Gabhail fasgaidh ann frogamh na'n creag';
'S iad ri iuntrainn na 'n gathanan bla,
  Bhiodh ri dealradh o sgaileadh do theas.

VI.

Cuirear daltachan frian-bhui nan ros,
  Bhar mhin-chiach na 'n oir-dhithein beag,
Sinin gucagach lille nan lon,
  Nan fluran, 's gheal neoinein na 'n eug;
Cha deobhlar le beachainn na m bruach,
  Croghaidh fuarachd car cuairt iad nan sgeap;
'S cha mho chruinnicheas, seillein a mhal,
  'S thair gheal-ur-ros chrann garraidh cha streap.

VII.

Tearnaidh bradan, is sgadan, 's gach iasg,
O t iarguinn go fiaghrunt na'n loch;
'S gu 'm fan ann san aigen dubh-dhonn,
Ann an doimhneachd nam fonn is nan slochd;
Na bric thar-ghealach, earr-ghobhloch shliom,
Leumadh mearradha, ri usgraichean chop,
Nan cairtealamh geamhraidh gu 'n tamh,
Meirbh, sabhach o thamh u fa 'n ghlob.

VIII.

Chas is ghreannaich gach tulach, 's gach tom,
'S doite lom chinn gach fireach, 's gach glac;
Go'n dobhrach na sithein' feoir,
Bu lusanach feoirneineach brat:
Thiormaich monainnean, 'a ruaghaich gach fonn
Bheic an f hairge 's ro thonn-ghreannach gart;
'S gu 'n sgreitich an duldachd gach long,
'S theid an camhlach nan long-phort a steach.

IX.

Nealaich paircean is midear gu bas,
Thuit gach fasach, 's gach aite fo bhruid;
Chiaraich monaidh nan iosail 's nan aird:
Theirig dathanan grasar gach luig:
Dh' f halbh a faileadh, bha taitneach, 's a fonn;
Dh' f halbh a maise far lombar gach buig;
Chaidh an eanlai go caoithearan truagh,
Uiseag, smeorach, is cuach, agus druid.

X.

A f hraoich bhadanaich, ghaganaich uir,
D' am b' ola 's d' am b' f hudar a mhil,
B' e bhla ghrian do thabhachd 's gach uair,
Gu giollachd do ghruaige le sgil;
'S am mhaidin iuchair 'nuair bhoisgeadh a ghnuis,
Air bhuidhinnin driuchdach na 'n dril,
B' f hior chubhrai 's gu'm b' eibhinn an smuid,
So dh' eireadh bhar chuirnein gach bil.

XI.

Gu 'n do theirig sugh tal'mhuinn na'm bruach;
  Dh' fhalbh an cruasachd le'n trom-lubabh slat,
Thuit an t ubhull, an t siris, 's a pheur,
  Chuireadh bodha ar a gheig anns a bhad.
Dh' fhalbh am bainne o'n eallach air chùl,
  Mu 'm bi leanaba ri ciucharan bochd,
'S gu'm pill a ghrian gu sign thaurus nam buadh,
  'S treun a bhuadhaicheas, fuachd, agus gort.

XII.

Theid a ghrian air a thurus mancuairt,
  Do thropic chapricorn ghruamaich gun stad,
O'n tig far-shion chruinn, mheallanach, luath,
  Bheir a mullach na'n cruaitichean sad;
Thig tein'-adhair, thig torunn na dhèigh,
  Thig gailliunn, thig èireoth, nach lag,
'S cinnidh uisge na ghlaineachan cruaidh,
  'S na ghlas-lèugan, min, fuar-licneach rag.

XIII.

A mios nuaranta, garbh-fhrasach dorch',
  Shneachdach, cholgura, stoirm-shionach bith;
Dhisleach, dhall-chùrach, chathach, fhliuch, chruaidh
  Bhiorach, bhuaghara, 's tuathghaothach cith;
Dheigheach, liath-reotach, ghlibshleamhain garbh,
  Chuireas sgiobairean fairge nan ruith;
Fhluichneach, phuntuinneach, ghuineach gun tlàs,
  Cuiridh t anail gach càileachd air chrith.

XIV.

A mios crattanach, casadach, lom,
  A bhio's trom air an t sonnbhrochan dubh;
Churruiceach, chasogach, lachdunn is dhonn,
  Bhrìsneach, stocainneach, chom-chochlach, thiugh,
Bhrõgach, mhiottagach, pheiteagach bhàn,
  Iomacach, aranach, chaiseach, gun ghruth,

Le miann bruthaiste, mairt-f heoil is càl;
'S ma bhios blath nach dean tair air gnè stuth.

XV.

A mios brottagach, toitteinach sòigh;
Ghionach, stròthail, f hior gheocail ga muic;
Litich, làganach, chabaisteach chor,
Phoiteach ròmasach, ròiceil gu sult:
'S an taobh-amuigh ge do thugh sinn ar com,
Air an f hàileadh gheur-tholtach gun tlus,
'S feadar dram 'ol mar lìnnigé clèimh,
A ghrad f hadas tein'-eibhinn 's an uchd.

XVI.

Bithi' greann dubh air cuid mhor dò 'n Roinn-eorp,
O lagaich sgiamh òrdha do theas,
Do sholus ba sholas ro mhor,
Air fradharc air lòchrann geal deas;
Ach 'nuair thig e go geinmni a rìs,
'S a lainnir 's gach rioghachd gu 'n cuir,
'S buidhe soilsein na 'n coirein 's na meall,
'S riochdaìl fiamh na'n or mheall air an mhuir.

XVII.

'S theid gach salmadair ball-mhaiseach ùr,
An crannaig chubhrai chraobh-dlùdhuilleach cas,
Le'n seol fein a sheinn hymns 's a thoirt cliu,
Chiunu a phlanaids' a chursadh air ais:
Gu'm bi coisir air leith anns gach gèig,
An dasgabh èibhinn air reidh-shlios na 'n slat,
A toirt lag ìobairt le 'n ceileir' d' an triath,
Air chaol chorrabh an sgiath anns gach glaic.

XVIII.

Cha bhi crèatair fo chupan na speir,
'N sin nach tiuntaidh ri speurad 's ri 'n dreach,
'S gu 'n toir Phèbus le buaghan a bhlàis,
Anam-f às doibh is càileachdain ceart;
'S ni iad aiseiridh choitcheann a 'n uaigh,
Far na mhiotach am fuachd iad a steach,

'S deir iad (guiliog-doro-hidola-hann,
Dh' fhalbh an geamhradh 's tha 'n samhradh air teachd.)

---

ORAN *a rinn duine uasal airid, do dhuine uasal eile.*

I.

THA sgeula ri airis,
Cha 'n anaid ri luaidh e,
Chùnnacas thu Ruairidh,
Deanadh suairceas ri mnaoi,
Ri cailin ro fhionalt,
Air a lionadh le h' uaisle,
Rinn i do mhealladh le sealladh,
Fo mhàla gun ghruaman,
Tha beul mar chùthag,
'S glan rùtha a gruaidhean,
Gur maiseach 's gur a cuachach,
Cuir dhualach a cinn.

II.

Tha 'm oganach gasda,
Mar ghasan do luachair,
Na'm direadh a chruadhlaich,
Bu luath u sa'n fhri,
Nuair theid u air t uilinn,
Bheir u fuil air damh croice,
Lòttar sa cheir e,
Cha'n fheadar leis leum air a mhointich,
Na'm gleusadh na file,
Bhiodh do rilidh an' ordagh,
Air bhara' na 'n ordag,
Gu h' eolach 's gu grinn.

III.

Mur dean iad dhiot pàrsan,
  Ni u spalpaire diùmhlaich,
Mar a cùirear an gun ort,
  Gheibh u cuinne bho an Righ,
Gu 'n coisin do mhisneach,
  Aite miosail o Dheorsa,
Frangaich is spainteach mo lamhsa,
  Gu'm basaich na's leoir leat,
Mur ceanglar an t sìth,
Gum bi mi-sta na t fheolach,
Le spionnadh do dhorn,
  Gu 'n deid moran diubh dhith.

IV.

Se aobhar an chlisgidh,
  Mu bhios meas air do chruadal,
Mu theid u air chuantaibh,
  Bidhi' gruagaichean tinn,
Bidhi' luaithe nan criodhe,
  Do bhruidhinn a leon iad,
'G iunntrain a cheanail,
  Thigeadh eallant bho smeallas nam pogan,
Cha tòg iad n intinn,
  Gus 'am pill u le h ordagh,
Cha 'n eisd iad ri h' oran,
  Na ri ceol a bhios binn.

ORAN *leis an duine uasal cheudna* Gabhail, *a chead do'n eilein-sgiathanach 's ga chairdean.*

I.

MI am shuidhe an deireadh bàta,
Ga'm iomain leis a bharlainn,
Cha 'n iad na tonnadh arda,
So dh àraich domh bròn,
Sheachdùin gusa màireach,
Do phasgadh linn 'n cabull,
Nuair chunnaic mi Blà-bheìnn,
Ga'm f hagail san cheo,
Mile sorraidh slàn,
Do na h' eidear leitir Mhàrsgo,
Gu ruige rutha 'n oigich,
Far an 'n saraichte na ròin.

II.

Slionar iad na h' armuinn,
Shliochd Olaghair agus mhaghuis,
Bu mhaith gu seasamh larach,
Air faithne mhic Leoid,
Beusan tha comh-f has ribh,
Bhi cruadalach ra'r namhaid,
'S gu h' iriosal baidheil,
Ri tràillen gun 'n treoir,
'N robh rioghalachd is cairdeas,
Is fiughantas ri arai,
Ghleidh 'ur fearrunn sàbhailt,
Mar chàireadh e 'n coir.

III.

'B ait liom a bhi laimh riut,
A * Choirnileir na'm bla' shul,

* *MacLeod of Tralasgair.*

Nuair shuidheadh tu gu statail,
'Sa lan mun a bhord,
Bhiodh a chuilm ga càradh,
Le ceile na 'n rosg bana,
Cur snas air n ardaich,
'M bi manran is ceol,
'S tearc iad bheireadh bàr oirbh,
Ann a' modh sa 'n caileachd,
Gur a lionmhor aite,
M bi 'ur slainte ga 'h òl.

IV.

'S ann aig cois na tràghad,
Tha sean'air nam paistean,
A dh fhuadaich fada o chàch mi.
Gu aras nan seol,
Seirbhaiseach ro stàthail,
Le foighidinn is tabhachd,
Ann a 'n iomairt Thearlaich,
Le gàbhadh ro mhor,
'S lionar iad ri 'n airibh,
Liughad fear tha 'g ràitin,
Gun tug neart do ghairdein,
Am bàs do luchd chleoc.

V.

Air dearmad cha 'n fhag mi,
'M fear bu tric 's na blara,
Ga maith ga 'n tig an scarlait,
Is laisdibh do 'n òr,
A comhrag do namhaid,
Fhuair u cosnadh làrach,
Ach tha u 'n diu air maruinn,
Lan shabhailt bho 'n leon,
Frangaich is Spainteach,
Agus luchd na 'n aodainn granda,
Le toradh do lamhaich,
Bha lan diubh gun deo.

ORAN *le* Eachunn MacNeil *fear* Bhatarsa *ann 'n* Eilein Bhàrra *do* Bhailli *na tire sin fein.*

LUINNEAG.

*Mor Chalum, Mor dhubh Chalum,*
*Mor Chalum, Mor dhubh Chalum,*
*Mor Chalum, Mor dhubh Chalum,*
*Luidh cuide ri Moir Challum.*

I.

BU tu marbhadair a gheoidh,
Lacha na 'n òb is na h' eala,
Marbhadair beist ann an càrn,
Db fhoghnadh do lamh ga cùr thairis,
Gach ni dhiubh sud tha mi 'g ràthin,
Chinneadh e le Bàilli Bharra,
Le tòrradh 't ùrachrach a Dhomhnuill,
Stadadh na roin air an 'n fheamuinn.
*Mor Challum, &c.*

II.

Smairg ga nochdadh tu do mhiorun,
Nuair nach siochainte bu mhaith leat,
Nuair a rùisgeadh tu an 't arm liobhaidh,
Làn cheann Ileach ann 'n spàrradh,
Gu 'm fasadh do namhaid fiamhach,
Nuair a shìneadh tu do gheal-lamh,
Cha 'b iunadh sgu 'm be fath an fhuathais,
Bhi tarruing riut suas gu carraid.
*Mor Challum, &c.*

III.

'S gasda thig dhuit an t eideadh
Eile agus osain ghearra,
Spainteach gheur chùil air do chruachainn,
Leis an deantar smuais a ghearradh,

Dàgaibh breac agus crios guaille,
  Isneach thig bho ghual 's o gheannair,
Smairg a chasadh ort le fuathas,
  Nuair chràthadh tu chruaidh lann thana.
    *Mor Challum*, &c.

IV.

Gad bhiodh muir an aite sgoid,
  'B aithne dhomhsa fear ga caitheadh,
Nuair a chiosnuicheadh na ròin,
  Mucan màra mor a gromhail,
Bhiodh tu 't fhear clis air h urlar,
  Gu tric a cuir sùgh na bàllaibh,
Thoimhseadh tu troidh is dorn gulbann,
  A mach bho urachagan a daraich.
    *Mor Challum*, &c.

V.

Tha mo cheist air an duin uasal,
  Dhireas an cruachan sa 'n gleannan,
Le ghunna snaipe nach diulta,
  Dh fhagadh ultach gu'n anam,
Mur sin is eilid na 'm beann,
  Ga d' ruitheadh i deann gu h' ealamh,
Bhiodh do pheileir air a toir,
  Leis an doirteadh fùil gu talamh,

LUINNEAG.

*Mor Challum Mor dhubh Challum,*
  *Mor Challum Mor dhubh Chalum,*
*Mor Challum Mor dhubh Chalum,*
  *Luidh cuide ri Moir Chalum.*

ORAN *gaisgidh seilge do* Bhailli Bharra *le fear* Bhattarsa.

LUINNEAG.

*Ho ro mo run an 't uasal,*
*A dhireas suas ri cruach nan ard bheann,*
*Ho ro mo run an 't uasal.*

I.

CHAIDH mi leat do n eilein fhiadhach,
Mu chaidh bu bheag ar miosta,
Mar mhith u fein 's beul na * firinn,
Bhiodh buidhinn na frithe sabhailt.
*Ho ro mo*, &c.

II.

Chuir u 'n spainteach air an 't shorchan,
Chaog u an 't suil 's bi suil an 't sealgair,
Dhalbh a † ghreagh nuair chual i 'n urachair,
Ach air mo laimh gu an d' f huirich pairt dhiubh.
*Ho ro mo*, &c.

III.

Sin an 'n urachair a bha smiorail,
Rinn i tàirneineach is tòiriunn,
Ghluais creagan is mointeach Bhara,
Chaidh crith air fearrunn chlann Raonaill.
*Ho ro mo*, &c.

IV.

Bha mi latha leat air àstar,
Gun ghùnnadh gun chuiliobhair aguinn,
Chunnaic sinn treiseag 'bh uainn baidnein,
Mur gu 'm biodh gaisgich am blàr ann.
*Ho ro mo*, &c.

* *His gun.* † *A flock of deer.*

V.

Nuair a thainig sinn ga'n iunnsaidh,
Bha'n so na feidh ann sa bhuireadh,
Thug iad iunnad 's thug u iunnta,
'S bha buidhinn nan stuc cheann craiteach.
*Ho ro mo*, &c.

VI.

Ach air mo laimhse 's air mo phaidir,
Na saoilibh gur breug tha agam,
Seachd daimh 'o 'n do spion u na càbair,
A mullach an claignibh àrda.
*Ho ro mo*, &c.

VII.

Gu'm be sin a chulaidh eagaill,
Ri càth a lèinidh's a peiteig,
Dheanadh e a bhogan do chreagan,
'S na croic na 'n eabar fo shailtean.

VIII.

An chuid bha beo gun thàr iad as uait,
Air an dalladh thuit le sgealpuibh,
Gun d' att an suilean fo 'n rasguibh,
Le slachd bhuillean bras a bhailli.

Luinneag.

*Ho ro mo run an 't uasal,*
*A dhireas suas ri cruach nan ard bheann,*
*Ho ro mo run an 't uasal.*

ORAN *gaoil le* Mac Cailein *do ninghean* Mhic Dhonuill Ile, *nuair bha e chomhuuidh ann Dunnaomhaig.*

I.

MAIRTHIONN uainn gu dun nan naomh-gheal
Aol-chlach eibhinn na'n struth fionn,
Cuirtibh Ri is cuan na'n glan-traigh,
'S e 'm bruth eibhinn 's banntrachd ann o.

II.

O! 's tursach leinne bhi ga t fhagail,
Arois nan cuach amulach oir,
Osna ga d' ruigheachd, fa d' mhoir-mhaiseachd,
Toirfear uainn le frasaibh deoir o.

III.

An cuimhne leatsa bheil-dearg mhalla?
Mo riochd fhein uait na ad ghar,
Mar shamhailte Bran air ghlan-leug,
A ghraidh gun aon bhreug riut ni'm scar o.

IV.

Mi ga d' fheitheamh air srath sean-chuain,
Gun iul puirt, gun chal' bhi fo'm,
Am buinne fairge tonn thair thaobh oirn,
Clar mo luinge toirfear uam o.

V.

Is eibhinn dhuitse mhadai bhric o,
(Mo run riut 's na h abair e),
Far an caidil thu gun toir o,
A thi nuair nach caidlinn fein o.

VI.

Is eibhinn dhuit 'n tra luidheas cach o,
A bhi 'n caidreamh mna na'n rosg mall;
Ge do chuirte mi ri croich o,
Is truagh a nochd nach mis' a bh' ann o.

VII.

Gu dun na'm buagh,
Thoir uamsa soraidh no dho,
Gus an Rioghainn shuairc,
A chuach-f huilt f hada gu' broig.

VIII.

Guidheam's air Criosd,
'S a ris air Peadair 's air Pol,
Nach robh mi leat sinte,
Sios air leabai do 'n t srol o.

---

MARBH-RANN. air Sir Dughall Achanambreac.

'S uaigneach a nochd Cathair Dhughaill,
Chuaidh dunadh ri ceol 's ri aighear,
Am bruth sith amhluidh ghoraich;
Gun seirm, gun choisir gun tathaich.
Gun chlarsach bhinn do'n fhiogh churaidh,
Gun seanchaidh gun f nilidh labhara,
Gun f hear-dan' ann sa bhruth oirdheirc,
Gun mhnai bhinn-cheol gun leigh cobhair.
A Dhughaill oig mhic Dhonnchaidh chliutich
'S i do chuis bu mhor ra h iomradh,
B sraich bhan fuidh gharaich leanaba,
'S truagh an bannal ud mud' thimchioll.

ORAN *a rinn 'm Bard* Mac Mhathain, *do'n* Iarla Thuathach *Triath* Chlann Choinnich.

I.

DEOCH slainte 'n Iarla Thuathaich,
A thriall 'n de air chuaintin uainn,
Le sgioba laidir luasganach,
Nach pilleadh cas na fuathas iad,
Muir gairich air gach guallain dhiubh,
Air clar do luingeadh luaithe,
Ghabh mi cead dhiot is fhuair mi an't or.

II.

Gu 'n cumadh Dia bho bhaoghail u,
Bho charraid cuain 's bho chaolannaibh,
Bho charraig fhuair gun chaomhalachd,
Seachd beannachd tuath is daonnachd dhuit,
Buaidh larach re do shaoghail ort,
Fhir ghaoil gu 't fhaicinn beo.

III.

Gur gaoth a deas a'dh eighinn duit,
Gun chruas gun tais a sheideadh ri,
Fear beairte beachdail geurchuiseach,
Gu sanntach bras neimh eisleineach,
Bhi fuasgladh pailteas eadach dhi,
Ga bhreideadh air gach bord.

IV.

Gu n' insinn gniomh do stiuradair,
Fear cuimhneach ciallach curamach,
Dh aithnicheadh fiamh a chulanaich,
A chuireadh srian ra cursaireachd,
Mu m bristeadh trìan a chuirnein orra,
A mhuchadh i fo a bord.

V.

T fhear eolais laidir fraodharcach,
Deas labhrach, gaireach, gleotharach,

Mion chinnteach seolta faoighidneach,
Crann * geatha 'na 'd laimh aodhairtich,
Mac Samhail rasg mhic fraodhairc,
Sud mar thaoghinn dhuit na seoid.

VI.

Mu chaidh tu nunn thar chuantainean,
Air darach naomh a ghluaiseadh tu,
Fior bhuille saoir a 'dh fhuaigheas i,
Bidhidh barrantas dhaoin uaisle leat,
Bidhidh beannachd bochd is tuath dhuit,
Cha 'n eagal baoghail fuadaich dhuit,
Bidhidh Dia ma 'n cuairt gad sheol.

VII.

Mu sheol thu barc air fairge uainn,
Thu fein 's do choirneal Calamanach,
Fhuair cliu 'n cuirt na 'n Alabannach,
Gur 'h iomad turn a dhearbhadh leat,
Be sud an leoghunn ainmeil,
Bu mhor seanachus air gach bord.

VIII.

Gur taghadh cala dh insinn duit,
'N deigh na marra Shiophortaich,
Thu thighin gu fallain firinneach,
Do thearnadh bho lintichean,
Bithidh roiseol gheala is teinntinnean,
Aig fir 's aig mnai 's toilintinn orra,
Ri linn thu theachd gu 'n cors.

IX.

Gur 'h iomad sruthan firinneach,
Tha 'n liunntainean a 't Siophortaich,
Tha triath na h Earra dileas dhuit,
Le 'n conspain fhearail innsgineach,
A Lochlainn thig na miltean,
Air chuan sgith gu teach mhic Leoid.

* *A pole.*

X.

Nuair chruinnicheas na Sailich leat,
'S do chinneadh neartmhor tabhachdach,
Bidhidh mire 's cluich is gaireachdaich,
Sa'n ionad ann san tharladh sibh,
Cha 'n iungnadh thu bhi ardanach,
Sa liudhad fion fhuil aluinn,
Tha cairdeach do d' phòr.

XI.

Bidhi' Tormaid og na shiubhal leat,
Siol Leoid nan roiseol uigheamach,
Fir stolta chomhnart shuidhichte,
Bidhi' ol gu leoir nam suidhe dhoibh,
Bidhi' fion is beoir le subhachas,
Ann 'm piosaibh bùidhe do 'n òr.

---

IORAM *a rinn te ga leannan 'n deigh, dha bean eile phosadh.*

I.

SE mo rùn do chul boidheach,
Leom bu deonach bhi 't fhaicinn.

II.

Cas a dhìreadh a mhùllaich,
'S do ghunnadh fo 't achlais.

III.

Bhiodh am boc as an 'n fhireach,
Air do ghilean tighin dàchaidh.

IV.

Bhiodh an ruadhag sa ghlaodhaich,
Aig mo ghaolsa na bhreachdan.

V.

Thig ort aodharc bhreac riomhach,
Sreang do 't sioda ga fasdadh.

VI.

Agus paidhir mhaith phiostal,
Air chrios na'm bàll daidhte.

VII.

Stu ruith an daimh mhullaich,
Shileadh fuil gu gle fhrasach.

VIII.

Smaith thig boineid mhaith dhu ghorm,
Air cul a'n fhuilt chleachdaich.

IX.

Agus cota do 'n aodach,
Chomh daor sa ta n sasunn.

X.

Gur maith thig dhuit leine,
Fo eile sar bhreacan.

XI.

Sin is triubhas math lia-ghorm,
Air fhiaradh mu 'd chasan.

XII.

Brog bhileach gun ghuag orr,
Cha bu shuarach cur bhalt ri.

XIII.

Agus gartanan riomhach,
Be mo mhiann bhi gan pasgadh,

XIV.

Se do ghruaidh bu ghlan rutha,
Mar ubhal na slaite.

XV.

Se do dheud a'b fhearr snaighe,
Mac Samhail na cailce.

XVI.

Beul meachair air uachdar,
Bho neimh bhruaidleineach facal.

XVII.

Bha do chairdeas gu direach,
Ris na Righridh bh' air sasunn.

XVIII.
Mar a deachai mi mearrachd,
Gur a car' thu shiol Ailpin.
XIX.
'Sgur car u chlann Domhnuill,
Luchd na roiseol 's nam brattach.
XX.
Gur car thu Mhac Dhughail,
Bho thur na clach snaite.
XXI.
Gur car thu 'n Iarla Ileach,
Bhuidhneadh cis ann sna baitail.
XXII.
Gur car' thu Mhac Coinnich,
Bho na 'h eileinibh farsuing.
XXIII.
'Sguiridh mise gad shloinneadh,
Leom is comadh mar thachair.
XXIV.
Bho 'n la sheachainn thu n Fhaothail,
'S nach do thaoghail thu 'm f haicinn.
XXV.
Tha do ghaol aig mnai eile,
Cia, mu 'n ceilinn f hein 'm f hacall.
XXVI.
O 'n là chuir thu do chul rium,
Tha fuil bhruite fo 'm aisnibh.
XXVII.
O 'n là chuir thu an 't snuim ruithinn,
Gur tric snithe air mo rasgaibh.
XXVIII.
Ach do bhean o nach fiu i,
Cuir ga dùthaich i dhachaidh.
XXIX.
Liughad maighdean uchd sholluis,
Ciochan corrach is f huilt chleachdaich.

XXX.

Leis 'm bu mhiannach bhi 'n deigh ort,
La feille is clachain.

ORAN *do mhac* Dhonnachaidh Ionmharatha. *Air fonn,* Oran Muirt Ghlinne-comhann.

I.

GUR mis' 'th air mo lagadh,
'S mi coimhead na faichidh ud thàll,
'S nach d' f huair mi mar chleachd mi;
Daoin' uaisle ga 'm glachdail air laimh;
A dheagh mhic Dhonnachaidh nam brattach,
Fhuair cliu ann am pailteas thair chach,
Gur a buan leam do chadal,
'S tu gun ghluasad bho mhaduin diamairt.

II.

'S olc leam aobhar do cheile,
'S i na laidhe fo eislein gach là,
Mu chridhe na feile,
Nach do glac bonn do 'n eacoir mar ghna;
Mhic an fhir bu mhaith alladh,
Choisinn cliu nam càrraid na'm blàr,
Gheibhte clarsach ad thalla,
Ceol piob agus fàrrum air chlàr.

III.

Nuair a bhiodh tu 's tigh osda,
S do chairdean a 'd choir mar bu dual,
Ard cheannas a mhoid u,
A cumail cothrom is coir ris an tuath;
Cha b ann ri togail dhiubh ulaidh,
Dhuit fein a chur cuinnidh a suas,
'Slionmhor fear a bha tùrsach,
Nam do thogail air ghiulan an 't sluaigh.

IV.

Na'm bu ghunna na claimhe,
  A 'dh fhagadh tu 'd laidhe gu n deo,
Gur 'h iomadh òg gasda,
  A 'dh eireadh amach air do thoir,
Gu 'm biodh togail air mhartabh,
  Agus iomain air chreachaibh gu leoir,
Siomad mac bhiodh gun athair,
  Agus bean gun fhear tighe fo bhròn.

V.

Ge be ga'm 'b aithne do sheanachas,
  Gur lionmhor do ranntaidh 's gur pailt,
Gur cairdeach thu Dhomhnull,
  Ga'n robh corr is lèath Alba fo smachd,
Sin 's do dh oighre Dhùn Tuilm thu,
  Sàr mharcaich nan cursanabh bras,
Gur ogha thu do Dhughall,
  Rinn caimp aig an Ruta le fheachd.

VI.

'S car' thu Ridrigh Bhealaich,
  'Stric a choisinn buaidh chairrium le arm,
Do dh'fhuil direach mhic Cailein,
  Shlioc Diarmuid bha tamull san Fhraing,
Cha d fhuair sibh riamh sgainnill,
  Gad bu mhiann libh bhi n carraid nan lann,
Ri h'am togbhail do lice,
  Slionmhor uaislean bha an misneach air chall.

VII.

Gur h'iomadh fuil phriseil,
  Tha air sochdadh 's air sioladh ad ghruaidh,
'S car thu Dhonnacha nan caisteal,
  Mhac Intoisich tha mach 's taobh tuath,
'S do mhac Coinnich Chinntaile,
  A bheireadh do bhardaibh an duais,
Mhorair Drumadach gallach,
  Bha sud dhuit na charaid da uair.

VIII.

Dh eireadh oighre Lochabar,
  Ann ad t aobhar le bhrattach 's bu choir,
Tighearn og Lochnaneala,
  Mac Aonghais bho charraig nan seòl,
Mac Dhonnachai a Ghlinne,
  Ceann-feadhnaidh na gillean gu ol,
'S iomadh Iarla is fear fearruinn,
  Bhios a 'g urachadh t allaidh ri'm beo.

IX.

Mhic an fhir bho Bhunatha,
  Bho gharadh na n abhul 's na m peur,
Far an taoghladh luchd rathaid,
  Sa 'm faigheadh iad aighear nan teud,
Nam nan corn ga n cuir seachad,
  Bhiodh do choillean air lasadh do cheir,
Thainig creach oirn bho n'urraidh,
  Gur a deachdair dhuinn fuireach ad dheigh.

X.

Tha sinn gorach na'r barail,
  Nuair tha sinn gad ghearan cho mor,
S gur e ard Riogh nun aingeal,
  Ghabh liubhairt nar barranta sloigh,
Gu eibhneas 's gu aighear,
  Bhi ga eisteachd na chathair le gloir,
Gu 'n gleadhadh Dia dhuinn Gilleasbuig,
  As do dheoghaidh gar seasadh sa choir.

XI.

Gur h e aobhar mo chaoinidh,
  Na dh'aisig na daoine th air sail,
Thu bhi n cruiste an Aird chattan,
  Gun mo dhuil ri d' theachd dhachaidh gu brath,
Fhir a leughadh an soisgeul,
  Sa bheireadh as tuigse do chach,
Gum bu treun an cul neart thu,
  'S lionar saoidh a bha g' achdain do bhais.

## ORAN *do* Shir Eoghan Camaron.

I.

'S TIOM dhomh dusgadh a'm chadal,
Cha do mhuth sud air 'm aigne,
'S mi bhi bruadar mun ghaisgeach,
Ga'm bu dualchas Lochabar an coir.

II.

Slat gun ghathan an garadh,
Cha bu chrionach bho n d fhas thu,
Ach craobh dhireach a b airde,
Dhiult u siochaint 'o 'd namhaid,
A Laoich cha 'b fhiach leat gun aicheadh tu choir.

III.

Nuair a chìte do bhrattach,
Sin 's do phiob air an fhaiche,
Gu'm bu lionmhor og maiseach,
Reachadh dian leat gun ghealtachd,
Eidear crioch Dhochanasich,
Agus shios bun Lochabar,
Braidh Loch Iall leat 's Loch-airceig 'n fheoir.

IV.

Nam gairm do chrois-taradh,
'S lionmhor curraidh treuu laidir,
Eidear Caolas Mhic Phadruig,
Agus leitir mhic Mhairtein,
A Ghlacadh lann spainteach,
Is bhiodh sgiath mhin-dearg air gairdein gach seoid.

V.

Na fir uasal dheas fhlathail,
Bu mhaith snuagh ri droch latha,
Bu neimh dhìblidh ar gabhail,
Fhuair sibh claoidh leis a chlaimhe,

Cha bu leir dhomh 'u samhailt,
Ann an Albainn ri f haighin,
Bho 'n a dh f halbh clann Illeain nan srol,

VI.

Na fir acf huinneach ghleusda,
Shuntach aigeantach speiseil,
Cha bu ghealtachd a leugh sibh,
Latha batail na n ceudan,
Gum bu lionmhor corp gle gheal,
Bha na laidhe gun eiridh,
Le faobhar sgaiteach na geur lann cruaidh gorm.

VII.

Riogh mhoir bi 'd chul taice,
Air sgiath ur na m fear gasda,
Chaidh a nunn air chuan farsaing,
'S ar sciobair neimh lappach,
Gu 'n tileadh Dia u gu 't aitim,
Oig phriseil gu'm b' aite leam do ghloir.

# TRANSLATION

OF SOME OF THE

# FOREGOING POEMS.

---

## THE AGED BARD's WISH. [P. 1.]

INTRODUCTION.

FROM this Poem it may easily be perceived that the doctrines of Christianity were unknown to the Poet. The Elysium of Bards upon Ardven, the departure of the Poet's shad to the hall of Ossian and Daol, his last wish of laying by his side a harp, a shell full of liquor, and his ancestors' shield, are incompatible with the Christian notion of a future state.

From the Poem itself it is evident, that the Bard who composed it lived in times later than those of Ossian, and at a period when the manners of the Caledonians had undergone a considerable change.

In Ossian's Poems there is not a passage which alludes to the pastoral state. Hunting and war were the sole occupations of Fingal and his people. The art of taming cattle was not cultivated in the days of Ossian; the pastoral life was

unknown to him. Our aged Bard, however, was acquainted with pastoral life, he lived in that state of society, which many Poets have, or rather ought to have made the subject of that species of Poetry denominated Pastoral.

Many Poets and Critics seem to distinguish the pastoral from every other species of poetry, in a particular manner. They entertain a notion that this species of poetry never had existence in pastoral life, but that it is a picture of the golden age, as fancied by Poets living in a civilized state of society, and describing what may be supposed to have existed, rather than what had actually existed: So that in pastoral poetry, shepherds are not to be described as shepherds at this day really are, but as they may be conceived to have been. This notion does not seem to be altogether just.

In times when there is great disparity in the conditions of men, when mankind are denominated high or low, great or small, elevated or mean, according to the abundance or scantiness of their wealth, when notions of superiority and inferiority arising from such source, are constantly inculcated and firmly established; there are ranged on the side of wealth, haughtiness, vanity, and pride; on the side of poverty, meanness, servility, and contempt, fertile sources of corruption; and sure prognostics of the decay of those feelings and sentiments which truly ennoble the human mind, and dignify men.

In this state, the condition of a shepherd is low and despicable. His education is suited to the meanness of his condition, his manner of life is unfavourable to the exertions of generous affections, and his own consciousness of the contemptibleness of his own situation, all conspire to distress his

spirit, and to humble his conceptions: So far then the notion of the critics seem to be well founded. but the proposition, that a pastoral people never produced pastoral poetry, or that this species of poetry has only existed in civilized times, seems to have been rashly advanced.

In those times when the occupations of society are pastoral, the chief care of the tribe is directed towards the preservation of their herds and flocks; their object is in its nature simple, and their duty is easily performed; their care is not embittered by those innumerable anxieties and fearful apprehensions produced by the vicissitudes to which the great and complicated machine of civilized society is liable.

In that state of society, where the goods of fortune are infinitely divided, and where every individual exerts his industry and ingenuity to appropriate to himself as great a share of the general mass as he can draw within the vortex of his power, mankind are really and essentially waging perpetual war with each other. Such a state is surely unfavourable to the exertions of the amiable affections of the mind; it is difficult for the noble effusions of poetical fancy to preserve their purity, and flow uncontaminated by the influence of vitious taste: *Formosum pastor Corydon ardebat Alexin.*

The early states of society are highly favourable to the exertion of noble and generous actions. While the goods of fortune are enjoyed in common; while the manner of life, the education and occupation of each individual are upon a level; while men know no other distinctions but those derived from personal qualifications, the affections of the soul will appear in their native dignity. The human mind is not yet bound up in the fet-

ters which the vices of civilized society have framed for it: it is not borne down by these iron chains, which the establishment of property, and its unequal division, have fixed upon it; conscious of no ties but those of nature, it displays its affections with freedom, its generous effusions flow in a full and clear stream.

Our aged bard exhibits tender scenes; he describes happy situations; he feels the beauties of nature, and he expresses his feelings in poetical numbers; his style is nervous, his manner chaste; his fancy wears the native garb of purity and simplicity, and true taste will recognize his composition as the genuine offspring of nature.

The poet has enumerated those rural occupations which afforded him delight in the vigour of life; he has arranged and drawn forth to view rural objects, attended by those circumstances which had made the most pleasant impressions upon his mind; and it is evident that he was highly sensible of the beauties of nature, and capable of those delicate strokes of fancy, which are the test of poetical merit—Pastoral poetry must be confined to rural imagery; in this view, the poem before us is pastoral. But whatever name it may merit, or under whatever class of poetical composition it is to be ranked, it is a curious and valuable relict of antiquity. It proves that men leading a pastoral life are capable of feeling the most delicate sentiments of the mind, and of exerting the best affections of the heart: it is valuable, as it proves that, posterior to the times of Ossian, after the Caledonians had acquired the art of taming cattle, the Christian religion was not yet established among them. It further confirms, that it was the notion of the Caledonians that the soul was an

airy substance, which lived in a separate state of existence from the body; and that it enjoyed, in the region of the clouds, those agreeable occupations which gave it pleasure upon earth.

## TRANSLATION.

I.

O PLACE me near the brooks, which slowly move with gentle steps; under the shade of the shooting branches lay my head, and be thou, O Sun, in kindness with me.

II.

At ease lay my side on the grass, upon the bank of flowers and soft zephyrs—my feet bathed in the wandering stream that slowly winds along the plain.

III.

Let the primrose pale, of grateful hue, and the little daisy surround my mount, greenest when bedewed; my hand gently inclined, and the St John's-wort at my ear in its freshness.

IV.

Say, since my eye has failed, O wind, where does the reed reside with its mournful sound? by its side the little fishes, whose wings never felt the wind's soft breath, maintain their sportive conflict.

V.

Along the lofty sides of my valley, let there be bending boughs clad in blossom, and the children of the bushes making the aged rocks re-echo their songs of love.

VI.

Be thou by the summits of the mountains, the mournful tale of thy love in thy mouth, O swan, who has travelled from the land of

waves, and may I listen to thy music in the heights of heaven.

VII.

Let the fresh fountain burst with hollow murmur from the ivy covered rock, and let the son of the rock* re-echo every music *that is heard* by the side of the hoarse sounding wave.

VIII.

Let the voice of the round hillocks and extended heaths re-echo the pleasant noise of the joyous herd, then shall a thousand lowings be heard all around.

IX.

Poured on the wing of the gentle breeze, let the pleasant voice of lambs come to my ear; then, when the mother flock hear their young, they run towards them, answering to their call.

X.

Let the frisking of calves be in my view, by the side of a stream, or upon the declivity of a hill; and let the wanton kid, tired of its gambols, rest with its innocence on my bosom.

XI.

O my soul, behold the beautiful young virgin under the shade of the oak, king of the forest! her snowy hand half hid in golden locks supports her head, and her mildly rolling eye is towards the youth of her love.

XII.

He sings by her side—She is silent. Her heart pants, and swims in his music; love flies from eye to eye, deers stop their course on the extended heath.

XIII.

Now the sound has ceased; her smooth white breast heaves to the breast of her love, and her lips,

* *Hall.*

fresh as the untainted rose, are pressed close to the lips of her love.

XIV.

Happiness without end to the gentle pair who have awaked in my soul a gleam of that happy joy that shall not return! Happiness to thy soul, lovely virgin of the curling locks!

XV.

O let me hear the hunter's step, with the sound of his darts and the noise of his dogs, upon the wide extended heaths; then youth shall beam on my cheek, when the voice of hunting the deer shall arise.

XVI.

The marrow of my bones shall awake when I hear the noise of horns, of dogs, and of bow-strings; and when the cry is heard, *The stag is fallen*, my heels leap in joy along the heights of the mountains.

XVII.

Then methinks I see the hound who attended me early and late; the hills which I was fond of haunting, and the rocks that were wont to re-echo the lofty horn.

XVIII.

I see the cave that often hospitably received our steps from night cheerfulness awaked at the warmth of her trees, and in the joys of her cups there was much mirth.

XIX.

There the smoke of the feast of deer arose; our drink from Treig*, and the wave our music; tho' ghosts should shriek, and mountains roar, reclined in the cave undisturbed was our rest.

* *A River.*

XX.

I see Scur-eilt upon the side of the valley, where the cuckow first raises her soft voice; and the beautiful green hill of the thousand firs, of herbs, of roes, and of elks.

XXI.

I see the lake of the woody isle, and the mountain ash bending over the wave.

* * * * * * * *
* * * * * * *

XXII.

I see Beinard of beautiful curve, chief of a thousand hills; the dreams of stags are in her locks, her head is the bed of clouds.

XXIII.

Hast thou forsaken me, happy dream? Return yet —one little glimse return: Thou wilt not hear me; alas! I am sad. O mountains of my love, farewel!

XXIV.

Adieu! sweet companions of my youth, and beautiful virgins, adieu! I cannot see you: Yours is the joy of summer, my winter is everlasting.

XXV.

O place me before the sun at noon, under the shade, upon the clover and the daisy, where the elk does pass. Will the dreams of youth approach me?

XXVI.

Let a harp and a brimful shell be by my side, and the shield that covered my forefathers in battle. Open the hall where Ossian and Daol reside. The evening will come, and the bard shall be no more.

XXVII.

But, ah! before it comes, a little while before my shade departs to the residence of bards upon Ardven, from whence there is no return, give me the harp and the shell for the road, and then, my beloved harp and shell, then farewel!

## *An* ODE *to* MAY. [Page 214.]

I.

AT the earliest dawn of morn, while the bushes are dropping with dew, while the day is clearing up, let us, from this low vale, make the pleasing voice of the pipe be heard, and make the echoes of the rocks answer to the cheerful notes.

II.

Let the fresh bushy birch breath its sweet odours on the stony heaps, and its leaves, wet with the mist of the morning, glitter with the beams of the sun.

III.

The buds of the branchy beech sprout out in the mists of May, the month favourable to the increase of the herd; their udders flow with milk, gaiety and love spread through the herd.

IV.

Let the verdure quickly spread over all the skirts of every secret grove. Let the juice ascend, Twisting through the veins of the lowest shrubs, till they send forth multitudes of blossoms.

V.

Against the evening the cuckow and the mavis shall utter their notes from the bushes. This

charming month blushes with a variety of hues, drops with dew, and is sweet as the roses he breeds in his bosom.

VI.

On every place that was unsightly before, he spreads an undefiled garment. He banishes the frost with all its army of snows from the surly tops of the highest mountains; and frightened at the warmer looks of the sun, every spot flies from the face of the sky.

VII.

This month clothes the earth with herbs and flowers, the trees with leaves and blossoms; descending dews and fostering showers drop fatness on the plain.

VIII.

The clustering bees swarm over the field, and gather honey from every blossom; all earth is clothed in its gayest apparel.

IX.

Soon as the sun gilds the pinnacles of the mountains, the early joy begins; the birds of various hues and tuneful voices, cheerful and gay, pour forth their notes on every sprig, in every valley, no dissonance to disturb the choral band.

X.

When the evening descends, again the music begins, the new-born sprouts resound with the pleasing sweet voiced concert that swiftful runs through all the various changes of music, a music not to be surpassed by the most finished instrument that artist can form.

XI.

Even the diminutive wren, sprightly, brisk, and lively, joins in the general joy of the woods, and hails the morning with his sweet shrill notes,

and the redbreast sports in the branches overhead.

XIII.

See the goldfinch on a bare branch of the blasted oak strain every muscle, and pour his notes from the skirt of the hill, quick and lively, answering to the various stops of the pipe.

XIV.

The most uncultivated wilds breathe a flavour like the smell of the vintage. Now the pipe cheers my heart, from below the shade of yon tall-stemmed tree, when the maids gayly advance to draw the milk from the folded cattle.

XV.

Hard by, the shapely salmon, with his silver scales, and oary fins, swiftly cleaves the waters, glittering as he moves along, then starts, and leaps, and snaps the unwary fly.

XVI.

Soft and sunny, flowing with milk, summer advances over the fertile flowery plains; the wild deer rejoice in the woods, and the swain is enriched with the increase of his herds and flocks.

XVII.

See the tender younglings of the herd of various hues; fearful, starting at every noise, wanton and wild; they gayly sport on the green, then separate, and swiftly answer to the call of the mother.

XVIII.

O thou sweet primrose, that with thy pleasing hue smilest so sweetly on the side of the hill, while other flowers are yet hidden, thou art the earliest jewel that glitters on the brows of the spring.

## M'LEOD's LAMENT. [Page 27.]

I.

NOW, solitary with the deep sound of ocean in my ears, what change from what I wont to be in former times?

II.

Then the pipe claimed the victory over all sorts of music, when Patrick's finger guided the stops.

III.

Woe to him that puts his confidence in a world that is subject to most wonderful changes!

IV.

They are more uncertain than the fall of dews, or showers in a morning of May.

V.

Never have I seen, under the sun, a man that could not apply this to himself.

VI.

Bear this from me to the hall where once the cheerful cup went round, where those that are now sad wont to resort.

VII.

To the hospitable house and stately halls, where once with joy I raised the cheerful song.

VIII.

Sir Norman! from the Norwegian shore, early elegance attended all thy paths.

IX.

Where are thy cheerful halls and hospitable welcome? Now thou art for ever inclosed in the silent grave.

X.

The sons of music shall long remember, and mark the dome where met the best of friends.

XI.

When I saw thy form, lovely was thy blooming cheek under the clustring ringlets of thy yellow hair.

XII.

Thy manners, like thy person, straight and strong, thy breast never harboured any envy nor unbecoming thought.

XIII.

No other chief excelled in nobility of descent the race of Roderick, renown'd in arms.

XIV.

No ornaments were to be found in a prince or hero, that did not adorn the person of my love.

XV.

In strength and swiftness, in merit, and in fame, in hospitality and modest grace.

XVI.

In action, and in hardy deeds, in wealth, in beauty and graceful mien.

XVII.

In earnestness to learn, and in excelling in nobleness of manners.

XVIII.

Thy tuneful string answered to thy songs of heroes; nature hid no part of knowledge from thee.

XIX.

'Twas here the saying was well applied, The fairest fruit upon the tallest tree.

XX.

M'Leod, my love! was a man renown'd, nor did the heroes of knighthood begin in him.

XXI.

Thy race was known when factions shook the throne of pious Charles.

XXII.

From Lochlane sprung the hardy race, descendants of the royal Magnus.

## A DREAM. [Page 146.]

I.

ON Monday last I fell asleep on a green hill, by the shore of the sea, and saw in a dream a beautiful maid dressed in a party coloured garment, and addressed her with mild words: Lovely maid, with the slow rolling eye! I wonder that you are thus alone in this wild solitary glen. She answered me, with a voice sweet as the Poet's song—Another nymph is by my side, and no youth yet can boast he gained our love.

II.

I gazed on them; such a pair as nature never formed before! My eyes were dazzled with the sight—Their eyes were blue, the rose blushed in their cheeks, and the brightest gold yielded to the colour of their yellow locks.—They stole my heart, while, with a look full of grace, they betrayed me into love. Their eyes, their shape, their bosoms whiter than the feathers of the swan, their graceful step and moving air,

where envy's self could find nothing to blame, made me cry with wonder, Are you here, goddess descended from the sky.—No, answered she, with most engaging smiles, I am the maid of the hill of storms, daughter of Hector of the golden cup—She is Flora of the flowry mountain, hill of the king, where sounds the highest voice of music.

## DESCRIPTION OF CUTHULLIN's SWORD.

HE seiz'd his sword, thick, broad, and long,
Well forg'd, well hammer'd, temper'd strong,
Polish'd, of purest metal made;
Like lightning blaz'd the shining blade;
Jagg'd like a saw, it tore, and hew'd,
Inur'd to slaughter, blood embru'd;
Dire horror and destructive fate,
On the fell edge attentive wait;
'Twas certain death, one blow to feel,
Strength withering, life devouring steel;
Even valiant foes, struck at the sight,
Durst hope no safety but from flight;
Their ranks wide scattering all abroad,
From hill to hill the hero strode.

FINIS.

ERRATA.

Page 37.—Note, for *Bag*, read *Bay*.

# BOOKS

## SOLD BY

## *JAMES DUNCAN, JUN.*

GÆLIC Bibles, Testaments, Psalm Books, Shorter Catechisms, Mother's ditto, Gælic and English; Allan's Alarm to the Unconverted; Campbell's Meditations on Christ's Sufferings; Ditto in English; Dougal Buchanan's Hymns; also M'Intyre's Gælic Songs; Alexander M'Donald's; with several other Song Books and Religious Publications in the Gælic language.

J. D. has always on hand a large assortment of English Books in Divinity, History, School Books, and Classics; likewise, Writing Papers, and Stationary of the Best kinds, and on the most reasonable terms; with a great variety of used Books, at low prices.



*D. M'Kenzie*, Printer,
154. Trongate.

